



Barail agus Comas Cànanain

Aithisg rannsachaidh airson Bòrd na Gàidhlig

2010



Barail agus Comas Cànanain

Aithisg Rannsachaidh airson Bòrd na Gàidhlig

Chaidh an rannsachadh a dhèanamh agus an aithisg a sgrìobhadh leis na leanas (ann an òrdugh nan caibideilean):

Mgr Iain Mac an Tàilleir, Sabhal Mòr Ostaig
Dr Gillian Rothach, Sabhal Mòr Ostaig
Dr Timothy Currie Armstrong, Sabhal Mòr Ostaig

Fhuair an sgioba rannsachaidh an tuilleadh taice mar a leanas:

Stiùireadh ùine agus comhairle: Dr Mike Cormack, Lèirsinn, Sabhal Mòr Ostaig
Sgrùdadh le prògram coimpiutaireachd SPSS: Brian MacDonald agus Maria Ruiseal, Lèirsinn, Sabhal Mòr Ostaig
Sgrùdadh tràth air litreachas, agus comhairle thràth: Dr Marsaili NicLeòid, Scottish Agricultural College

Buidheachas

Bu thoil leis a' bhuidhinn rannsachaidh taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine agus buidheann a leanas:

Malcolm Burr, Àrd-oifigear, Comhairle nan Eilean Siar.

Alasdair MacLeòid, Oifigear Leasachaidh Poileasaidh, Sgioba na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar.

Dolag NicLeòid, Sgioba na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar.

Evelyn Coull, Oifigear Conaltraidh Ghàidhlig, Sgioba na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar.

Kathleen Shirkey, Comhairle nan Eilean Siar.

David MacLeay, Co-òrdanaiche Coimhearsnachd, Comhairle nan Eilean Siar.

Agnes Rennie & Coinneach Moireach, Comhairlichean, Comhairle nan Eilean Siar.

Calum Iain MacLeòid, Comann na Gàidhlig, Steòrnabhagh.

Marina Mhoireach, Comann na Gàidhlig, Steòrnabhagh.

Donna Mhoireastan, Comann na Gàidhlig, Steòrnabhagh.

Magaidh NicAoidh, comataidh stiùiridh Iomairt (Iar Thuath Leòdhais).

Iain Gordon MacDhòmhnail, Sgoil Shiaboist.

Dina Mhoireach, Sgoil Shiaboist.

Dr Fionnlagh MacLeòid, Siabost.

Mr and Mrs Roddy Morrison, Siabost.

Mrs Murray, am Post Oifis, Siabost.

An t-Urramach C. MacLeòid.

Buill Fòram na Gàidhlig

An sgioba luchd-tadhail dhachannan: Màiri Smith, Colin George Morrison, Anne Marvin agus Innes MacSuain.

Iain agus Anna MacSuain agus an teaghlach.

M.A. NicLeòid, Steòrnabhagh.

Luchd-agallaimh eile ann an Siaboist.

Agus, dhan choimhearsnachd gu lèir ann an Siabost a lìon na ceisteachain. Cha phàigh taing sibh.

Clàr-innse

1. Ro-ràdh	td.5
2. A' Measadh Sgilean-Cànain	td.6
3. Barail & Comas Cànain sa Choimhearsnachd: Siabost.....	td. 14
4. Sgrùdadh Cànanach ann am Buidheann	td. 188
5. Pàipearan-taice.....	td. 240

1. Ro-ràdh

Chaidh trì pròiseactan rannsachaidh a chur an gnìomh, às leth Bòrd na Gàidhlig, fon tiotal ‘Barail agus Comas Cànanain’: A’ Measadh Sgilean Cànanain; Barail agus Comas Cànanain sa Choimhearsnachd: Siabost; agus Sgrùdadh Cànanach ann am Buidheann. Tha an aithisg seo a’ toirt na trì dhiubh còmhla. Aig toiseach gach caibideil, gheibhear geàrr-chunntas air na prìomh toraidhean, agus an uair sin na toraidhean slàn is na tùsain a chaidh a chleachdadh. Gheibhear na pàipearan-taice airson nan trì pròiseactan aig cùl na h-aithisg.

Bha gach pròiseact air a stiùireadh le prìomh rannsaiche às leth na buidhne, agus dheasbaid, chuidich agus dh’aontaich an sgioba gu lèir gach ceum, agus na toraidhean sgrìobhte. Sa chiad phròiseact, air a stiùireadh le Mgr Iain Mac an Tàilleir, chaidh sgèile fileantachd a chruthachadh airson inbhich; thathar a’ moladh gun gabh sgèile eile a chruthachadh airson clann agus airson inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. San dàrna pròiseact, air a stiùireadh le Dr Gillian Rothach, chaidh agallamhan a dhèanamh agus chaidh trì ceisteachain air comas, cleachdadh agus barail cànanain a chur an sàs ann an Siabost, far a bheil comas sa Ghàidhlig aig a’ mhòr-chuid. San treas pròiseact, air a stiùireadh le Dr Timothy C. Armstrong, chaidh sgrùdadh cànanach a dhèanamh le buidheann phoblach agus chaidh modal de sgrùdadh cànanain a dhealbhadh a ghabhas cleachdadh le buidhnean eile, nuair a thathas a’ measadh sgilean cànanain san àite-obrach.

Three research projects were undertaken on behalf of Bòrd na Gàidhlig Research Committee under the title ‘Language Ability and Attitudes’: Measuring Fluency; Language Ability and Attitudes in a Community: Shawbost; and An Agency Language Audit. This report brings these three research projects together. Each chapter begins with a summary of the main findings of the report, followed by a full account of the research process, results and bibliography. Appendices for the three chapters are presented together, at the end of the report.

Each project was led by a main researcher on behalf of the research team, and the research process and results were discussed, contributed to and agreed by the team as a whole. The first project, led by Mr Iain Taylor, culminated in the creation of a fluency scale; the report continues by recommending that a separate scale should be considered that would measure fluency among children and among adult Gaelic learners. In the second project, led by Dr Gillian Munro, interviews were conducted and three questionnaires were used to investigate ability, use and language attitudes in a Western Isles community where facility in Gaelic is dominant. In the third project, led by Dr Timothy C. Armstrong, a language audit was conducted in the offices of a public agency, and a language audit model was constructed that can be used by other agencies in assessing Gaelic language skills in the workplace.

2. A' measadh sgilean-cànain

Geàrr-chunntas/Summary

Mus deach tòiseachadh air a' phròiseact rannsachaidh air an làraich, b' fheudar dhan sgioba smaoineachadh air mar a b' fheàrr a ghabhadh fileantachd measadh no tomhas, agus mar a ghabhadh innleachd dealbhadh a chuidicheadh luchd-planaidh agus oifigearan cànain, air am biodh e mar fhiachaibh planaichean no poileasaidhean cànain a chur air dòigh, le sgilean-cànain buidhne, comainn no coimhearsnachd a mheasadh ann an ùine reusanta aithghearr agus ann an dòigh phractaigeach, gus am faigheadh luchd-planaidh dealbh fharsaing air sgilean-cànain na buidhne mus tòisicheadh iad air plana no poileasaidh a chur ri chèile. Chaidh an aire a thoirt do dheasbad a tha a' dol an-dràsta air nàdar na fileantachd anns an fharsaingeachd, oir thug e buaidh air beachdan an sgioba mu na tha 'fileantachd' a' ciallachadh. Chaidh sgèile deich ìrean a dhealbhadh gus inbhich a shònrachadh a rèir an sgilean-cànain sa Ghàidhlig. Thathar den bheachd gu bheil feum ann air sgèileachan eile do chlann agus do dh' inbhich a tha fhathast ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Prior to commencement of field research, the team considered how fluency might best be measured, and how a mechanism might be devised to assist language planners charged with the implementation of language plans or policies to assess language skills in any given group, in a timely and practical manner, in order to obtain a general picture of the group's language skills before devising a plan or policy. The team acknowledged the current debate on the nature of fluency in general which informed their views on what constitutes 'fluency'. A ten-point scale was devised to categorise adults as to their language skills, and it is felt that a further scale or scales would be useful for the categorisation of children and of adults learning Gaelic.

2.1 Co-theagsa

Mus deach tòiseachadh air a' phròiseact rannsachaidh air an làraich, b' fheudar dhan sgioba smaoineachadh air mar a b' fheàrr a ghabhadh fileantachd measadh no tomhas, agus mar a ghabhadh innleachd dealbhadh a chuidicheadh luchd-planaidh, oifigearan cànain agus luchd-rannsachaidh, air am biodh e mar fhiachaibh planaichean no poileasaidhean cànain a chur air dòigh, le sgilean-cànain buill buidhne, comainn no coimhearsnachd a mheasadh ann an ùine reusanta aithghearr agus ann an dòigh phractaigeach, gus an gabhadh dealbh fharsaing faighinn air sgilean-cànain na buidhne mus rachadh tòisicheadh air plana no poileasaidh a chur ri chèile.

Feumar dèanamh soilleir gu bheil an sgèile seo a' freagairt anns a' chiad dol a-mach air inbhich a thogadh ann an coimhearsnachdan no teaghlaichean far an robh a' Ghàidhlig ga cleachdadh gu ìre air choreigin, agus nach eil e ag amas air daoine a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig nan inbhich, ged a thathar ag aideachadh gum freagrach an sgèile air grunn daoine den dàrna seòrsa.

Chaidh an aire a thoirt do dheasbad a tha a' dol an-dràsta air nàdar na fileantachd anns an fharsaingeachd, agus b' fhiach beagan phuingean a thogail à sgrìobhaidhean sgoilearach mun deasbad seo, oir thug e buaidh air beachdan an sgioba mu na tha 'fileantachd' a' ciallachadh.

Coltach ri sgoilearan eile, tha Bialystock (2001: 10-11) a' cur cùl ris an fhacal 'fileantachd', 's i a' faighneachd:

"But what is the norm for language competence? What do we mean by language proficiency? What are its components and what is the range of acceptable variation? Although these questions may seem prior to any use of language as a research instrument or conclusions about language ability in individuals, they rarely if ever are explicitly addressed."

Tha Chambers (1997: 536) den bheachd nach ionnan fileantachd agus comas cànan, 's i ag ràdh:

"The non-technical use of the word [fileantachd] is often synonymous with overall linguistic proficiency rather than with strictly restricted aspects of delivery in oral production."

A bharrachd air an amharas theòiriceil a th' ann mu fhileantachd anns an fharsaingeachd, tha a' Ghàidhlig ann an suidheachadh nach eil co-ionnan ri mòr-chànanan mar a' Bheurla, mar a tha Martin-Jones is Romaine (1987: 33) ag ràdh:

"... where bilingualism exists at either the societal or individual level, [...] the two languages are functionally differentiated and coexist in a diglossic relationship. In such situations, the 'same' competence does not develop in both varieties/languages, although together they bear the same functional load as one language does in a monolingual community."

Air sàilleabh suidheachadh dà-theangach na Gàidhlig agus sìor-leudachadh na Beurla, b' fheudar an aire a thoirt do Mhartin-Jones is Romaine (1987: 33) a-rithist a thaobh sgilean cànan nan ginealaichean as òige:

"Language contact situations are usually characterised by considerable inter-generational variation in patterns of language use and often quite rapid change in communicative repertoires."

'S ann anns a' cho-theagsa seo a dh'fheuch an sgioba rannsachaidh ri innleachd mheasaidh a dhealbhadh a bhiodh stèidhte air teòiric sheasmhach agus a ghabhadh cur gu feum ann an dòigh phractaigeach.

2.2 Dòigh-obrach

A bharrachd air na sgrìobhaidhean teòiriceil air an do rinneadh iomradh gu h-àrd, chaidh an Common European Framework of Reference for Languages [CEFR] (Council of Europe, 2001) a chur gu feum [sgèilichean CEFR ann am Pàipear-taice 5.1] mar bhunait freagarrach air an gabhadh sgèile sgilean-cànan stèidheachadh. Chaidh obair Schneider is North (2000) [liostaichean measaidh ann am Pàipear-taice 5.2] a chur gu feum cuideachd; 's e seo leudachadh air CEFR air a dhealbhadh airson a chleachdadh anns an Eilbheis. Bhathar den bheachd cuideachd gum freagradh na liostaichean measaidh seo na b' fheàrr air daoine a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig, no a tha fhathast ga h-ionnsachadh, nan inbhich, agus mòran dhiubh sin ann an suidheachadh eadar-dhealaichte bho na bha fa-near don phròiseact rannsachaidh.

A thuilleadh air na puingeann gu h-àrd a thaobh nan liostaichean measaidh, bhathar den bheachd gun robh cnap-starra eile nan cois, agus b' e sin gu bheil iad stèidhte air fèin-mheasadh. B' fheudar dhan sgioba a bhith mothachail dha na tha Dorian (1981: 157-160) ag ràdh mu dhaoine a bhith buailteach na sgilean-cànain aca a mheasadh ro àrd, gu h-àraidh: "... the amount of such over-estimation is quite considerable." (Dorian, 1981: 159). A thuilleadh air sin, bha na liostaichean measaidh car mionaideach agus iarrtach air ùine nach bitheadh air luchd-planaidh cànain ach tearc, nam biodh iad an dùil conaltradh a dhèanamh ri buill na buidhne, a' chomainn no na coimhearsnachd uile.

Air an làimh eile, chan eil CEFR fhèin a' sònrachadh ach sia ìrean de chomasan-cànain, agus bhathar den bheachd nach robh sin buileach a' freagairt air suidheachadh na Gàidhlig. Ri linn nam puingeann aig Martin-Jones is Romaine (1987) gu h-àrd mu dhà-theangachas agus suathadh cànain, chaidh sgèile deich ìrean a dhealbhadh, agus tha mìneachadh air an sgèile agus na h-ìrean na bhroinn anns an earrainn a leanas.

Fhad 's a bhathar ag obair air an sgèile, bhathar mothachail gur e obair theòiriceil a th' ann a tha feumach air a leudachadh no a mhìneachadh mus gabhadh a chur gu feum practaigeach, agus gheibhear sin seo shìos.

2.3 Toraidhean

Chaidh an sgèile a dhealbhadh airson sgilean-cànain a mheasadh ann am buidheann, comann no coimhearsnachd bheag far am faigheadh luchd-planaidh, oifigearan cànain no luchd-rannsachaidh cothrom bruidhinn ris a h-uile duine, gus dealbh shlàn fhaighinn air raon nan sgilean a th' ann. 'S e a' chiad cheum a th' ann ann am measadh sgilean-cànain, agus chan eilear a' moladh gun rachadh a chleachdadh an àite cheisteachan no agallamhan nas mionaidiche.

Le bhith a' cur an sgèile seo gu feum gabhaidh daoine sònrachadh a rèir far a bheil iad air an sgèile. Thèid barrachd a ràdh a-rithist mu chur an gnìomh an sgèile. An-dràsta, chan eil ann ach an sgèile fhèin ach rè ùine bhite an dòchas gum biodh e air a leudachadh gus dòighean no stuthan teagaisg/ionnsachaidh a chomharrachadh mu choinneimh gach ìre airson na daoine aig an ìre sin a thoirt a-nuas dhan ath ìre. Bhite an dòchas gun tachradh seo air an aon dòigh 's a chaidh gnìomhan a chomharrachadh le Reyhner (1999) airson feum practaigeach a dhèanamh den Sgèile Cheumnaichte Chrìonaidh Eadar-ghinealach a dhealbh Fishman (1991).

Chaidh Sgèile Sgilean-cànain Gàidhlig fheuchainn gu neo-fhoirmeil le buidheann de dhaoine aig diofar ìrean sgil, agus cha robh duilgheadasan ann daoine a shònrachadh aig an ìre fhreagarraich.

Chithear gu bheil loidhne eadar ìrean 4 's 5. Os cionn an loidhne tha a' Ghàidhlig nas treasa na a' Bheurla, no a' cheart cho làidir rithe, agus fodha tha a' Bheurla nas treasa.

Sgèile Sgilean-cànain Gàidhlig

1. *Aon-chànanach sa Ghàidhlig*
2. *Fìor shiubhlach sa Ghàidhlig*

Taghadh farsaing de bhriathrachas agus de cho-fhacail, de structaran gràmair agus de ghnàthasan-cainnte sa Ghàidhlig; eòlach air briathrachas sònraichte is ùr, agus deònach a chleachdadh ann an raointean is suidheachaidhean nach robh àbhaisteach sa Ghàidhlig.
3. *Nas siubhlaiche sa Ghàidhlig*

Taghadh farsaing de bhriathrachas agus de cho-fhacail, de structaran gràmair agus de ghnàthasan-cainnte sa Ghàidhlig; gun eòlas air briathrachas sònraichte no ùr. Raointean cleachdaidh tradaiseanta glè làidir.
4. *Dà-chànanach*

Cofhurtail agus comasach anns an dà chànan ann an diofar shuidheachaidhean; taghadh farsaing de bhriathrachas agus de cho-fhacail, de structaran gràmair agus de ghnàthasan-cainnte anns an dà chànan, a rèir an t-suidheachaidh.

5. *Nas siubhlaiche sa Bheurla*

Taghadh reusanta de bhriathrachas agus de structaran gràmair sa Ghàidhlig, ach easbhaidhean ann an raointean cleachdaidh no reimeannan sònraichte a thaobh briathrachais is ghnàthasan-cainnte. Chan eil easbhaidhean den t-seòrsa seo a' nochdadh sa Bheurla.
6. *Fìor shiubhlach sa Bheurla*

Eòlach air structaran gràmair bunaiteach (m.e. òrdugh fhacal); taghadh cuingealaichte de bhriathrachas (m.e. dìth cho-fhacal) sa Ghàidhlig. Eu-comasach air bruidhinn (no smaoineachadh) gu pongail no mionaideach sa Ghàidhlig gus fiosrachadh mionaideach a chom-pàrteachadh; structaran gràmair agus gnàthasan-cainnte gu mòr fo bhuaidh na Beurla.
7. *Tuigse dhà-chànanach*

A' tuigsinn na Gàidhlig labhairtich air cuspairean làitheil; briathrachas cuingealaichte sa Ghàidhlig, 's dòcha aig ìre pàiste sgoile; blas nàdarra ionadail air a' Ghàidhlig labhairtich. Dìth ghnàthasan-cainnte agus sùbailteachd ann an structaran gràmair.
8. *Tuigse bhunaiteach*

A' tuigsinn na Gàidhlig labhairtich air cuspairean làitheil nuair nach eil fiosrachadh mionaideach ga chom-pàrteachadh; comasach air abairtean is clichés a chur an cèill; blas reusanta ionadail air a' Ghàidhlig.
9. *Tuigse chuingealaichte*

A' tuigsinn na Gàidhlig labhairtich air cuspairean làitheil nuair nach eil fiosrachadh mionaideach ga chom-pàrteachadh.
10. *Aon-chànanach sa Bheurla*

Leis mar nach eil na h-ìrean a rèir CEFR, tha iad air am mìneachadh an seo. Ged a tha an sgèile ag ainmeachadh dà chànan, 's ann air sgilean Gàidhlig a tha an cuideam anns an sgèile.

1. Aon-chànanach sa Ghàidhlig

Thathar mothachail nach eil mòran daoine ann tuilleadh ann an Alba aig an ìre seo, ach chaidh aontachadh an ìre seo a chumail leis mar a dh'fhaodadh a leithid de dhaoine a bhith ann.

2. Fada nas siubhlaiche sa Ghàidhlig

Tha an ìre seo a' gabhail a-steach dhaoine a tha a' cleachdadh na Gàidhlig nan cuid obrach no aig a bheil eòlas air briathrachas sònraichte teignigeach ùr. Tha daoine aig an ìre seo deònach an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean is raointean nach eil àbhaisteach no tradaiseanta sa Ghàidhlig agus comasach air sin.

3. Nas siubhlaiche sa Ghàidhlig

Aig an ìre seo thathar a' gabhail a-steach dhaoine nach bi a' cleachdadh an cuid Gàidhlig air taobh a-muigh shuidheachaidhean is raointean tradaiseanta, 's dòcha a chionn 's nach eil am briathrachas aca a fhreagras air suidheachaidhean no raointean 'ùra', 's dòcha air adhbharan misneachd.

4. Dà-chànanach

Leis na tha Martin-Jones is Romaine (1987) ag ràdh mu dhà-theangachas ann an coimhearsnachdan dà-chànanach, thathar a' sònrachadh dhaoine aig an ìre seo a tha cofhurtail is siubhlach anns an dà chànan ann an diofar shuidheachaidhean.

5. Nas siubhlaiche sa Bheurla

Tha an ìre seo eadar-dhealaichte bho ìre 4 leis mar a tha easbhaidhean anns a' Ghàidhlig nach eil am follais sa Bheurla, gu h-àraidh a thaobh briathrachais is ghnàthasan-cainnte, nach eil co-cheangailte ri suidheachaidhean is raointean 'ùra'.

6. Fada nas siubhlaiche sa Bheurla

Tha eòlas air structaran bunaiteach na Gàidhlig aig na daoine aig an ìre seo, ach tha e nochdte gu bheil beàrnann anns a' bhriathrachas àbhaisteach, mar eisimpleir dìth cho-fhacal, dìth bhuaidhairean. Aig an ìre seo tha structaran gràmair is gnàthasan-cainnte gu mòr fo bhuidh na Beurla agus cainnt nan daoine gu mòr an eisimeil air calques.

7. Tuigse dhà-chànanach

Tha an ìre seo stèidhte air 'passive bilinguals' (Dorian, 1982). Tha daoine aig an ìre seo a' tuigsinn còmhradh sa Ghàidhlig air cuspairean àbhaisteach làitheil, ach tha beàrnann is easbhaidhean nan cuid briathrachais, structaran is gnàthasan-cainnte. Ged a tha blas nàdarra ionadail air an cuid Gàidhlig, tha na beàrnann is easbhaidhean agus an dìth sùbailteachd ann an structaran gràmair a' fàgail an cuid còmhradh coltach ris na bhiodh aig clann-sgoile. Tha an cuid Beurla a rèir na h-aois a tha iad.

8. Tuigse bhunaiteach

Tha an ìre seo stèidhte air 'latent speakers' (Basham & Fathman, 2008) leis mar a tha na daoine aig an ìre seo a' tuigsinn còmhraidh sa Ghàidhlig nach eil ro mhionaideach no toinnte agus comasach air clichés is abairtean cumanta a ràdh ann an co-theagsa freagarrach. Tha blas reusanta ionadail air an cuid Gàidhlig, 's dòcha a chionn 's gun do thogadh iad ann an sgìre far an robh cuid den choimhearsnachd a' bruidhinn Gàidhlig.

9. Tuigse chuingealaichte

Aig an ìre seo tha daoine a' tuigsinn an aon seòrsa Gàidhlig ris na daoine aig ìre 8, ach cha bhruidhinn iad idir i, 's dòcha air sàilleabh dìth misneachd no cleachdaidh.

10. Aon-chànanach sa Bheurla

Chan eil Gàidhlig idir aig na daoine aig an ìre seo.

Am measg nam molaidhean seo shìos thathar a' soilleireachadh mar a ghabhadh an sgèile cur gu feum le luchd-planaidh, oifigear cànanain no luchd-rannsachaidh.

2.4 Deasbad

- Tha an sgèile agus an rannsachadh eile a chaidh a ghabhail os làimh a' leigeil fhaicinn gu bheil easbhaidhean anns a' bhriathrachas a tha ga chleachdadh an dà chuid anns a' Ghàidhlig agus sa Bheurla gus luchd-labhairt agus luchd-tuigsinn na Gàidhlig a shònrachadh. Chan eil briathrachas mar 'fileantaich', 'luchd-ionnsachaidh', 'native speakers' agus 'learners' tuilleadh feumail ann a bhith a' comharrachadh sgilean-cànain, agus bhiodh e iomchaidh briathrachas ùr a lorg.
- Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, chan eil anns an sgèile mar a tha e ach nì a dh'innseas far a bheil daoine a rèir nan sgilean-cànain aca. Feumar an tuilleadh obrach (cleas Reyhner, 1999) airson innleachdan teagaisg is ionnsachaidh a shònrachadh air gach ìre a chuidicheas daoine leis na sgilean aca a thoirt am feabhas.
- Ged-thà, thathar den bheachd gu bheil an sgèile na innleachd fheumail mar a tha e do luchd-planaidh a tha airson sgilean-cànain buidhne, comainn no coimhearsnachd a sgrùdadh ann an dòigh nach iarradh cus ùine. Mus rachadh plana no poileasaidh a chur air dòigh 's an gnìomh, dh'fheumadh luchd-planaidh fios a bhith aca air sgilean nan daoine air a bheil iad ag amas, agus ghabhadh an sgèile seo cur gu feum an cois chòmhradh goirid.

2.5 Molaidhean

- Leis cho pearsanta 's a tha sgilean-cànain agus cho frionasach 's a dh'fhaodadh daoine a bhith man deidhinn, thathar a' moladh gun cumadh luchd-rannsachaidh/planaidh an sgèile dìomhair agus nach cleachdadh iad an cois còmhradh e ach às dèidh làimhe.
- Cha b' fhuilear do luchd-rannsachaidh an sgèile fheuchainn ro làimh, 's dòcha le bhith ag èisteachd ri clàraidhean luchd-labhairt, airson mion-eòlas a chur air ìrean an sgèile, gu h-àraidh far a bheil ìrean car faisg air a chèile, mar eisimpleir eadar ìrean 7 agus 8.
- Aon uair 's gum biodh luchd-rannsachaidh air eòlas a chur air na h-ìrean, ghabhadh an sgèile a chur gu feum le bhith a' cumail còmhraidh sa Ghàidhlig, agus a' sònrachadh na h-ìre aig a

- Leis mar a tha coimhearsnachdan tradaiseanta a' sìor-atharrachadh agus in-imrich a' sìor-fhàs cumanta, cha toireadh an sgèile seo dealbh iomlan do luchd-rannsachaidh no luchd-planaidh de sgilean-cànain na coimhearsnachd air fad, agus mar sin thathar a' moladh sgèile fa leth a dhealbhadh do dhaoine a thog a' Ghàidhlig, no a tha fhathast ga togail, mar chànan coigreach, 's iad nan inbhich.
- Thathar a' moladh, às dèidh ainmean nan cànanan atharrachadh, gun gabhadh an sgèile seo cleachdadh an cois mhion-chànanan eile a tha beò ann an suidheachadh dà-theangach còmhla ri mòr-chànan, agus dh'fhaodadh Bòrd na Gàidhlig an sgèile a sholarachadh do bhuidhnean mhion-chànanan eile a bhiodh an sàs ann an rannsachadh sgilean aig mion-ìre. Tha an sgèile air eadar-theangachadh gu Beurla ann am pàipear-taice 5.3.

2.6 Tùsan

- Basham, C & Fathman, A K. (2008) "The Latent Speaker: Attaining Adult Fluency in an Endangered Language." *The International Journal of Bilingual Education and Bilingualism* 11(5), 577-597.
- Bialystok, E. (2001). *Bilingualism in Development; Language, Literacy and Cognition*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Chambers, F. (1997). "What do we mean by fluency?" *System* 25(4), 535-544.
- Council of Europe (2001). *Common European Framework of Reference for Languages: Learning, Teaching, Assessment*. Cambridge: Cambridge University Press
- Dorian, N C. (1981). *Language Death, the Lifecycle of a Scottish Gaelic Dialect*. Philadelphia: University of Pennsylvania Press
- Dorian, N C. (1982). "Defining the speech community to include its working margins." Ann an: Romaine, S. (deas.) *Sociolinguistic Variation in Speech Communities*. Lunnainn: Edward Arnold
- Fishman, J. (1991). *Reversing Language Shift: Theoretical and Empirical Foundations of Assistance to Threatened Languages*. Clevedon: Multilingual Matters
- Martin-Jones, M & Romaine, S. (1986). "Semilingualism: A Half-Baked Theory of Communicative Competence." *Applied Linguistics* 7(1), 26-38.
- Reyhner, J. (1999). "Some Basics of Indigenous Language Revitalization". Ann an: Reyhner, J, et al. (deas.) *Revitalizing Indigenous Languages*. Flagstaff: Northern Arizona University. v-xx
- Schneider, G. & North, B. (2000): *Fremdsprachen können – was heisst das?* Chur/Zürich: Rüegger.

Pàipearan-taice (ri fhaighinn bho td.238)

- 5.1: Common European Framework of Reference for Languages: Learning, Teaching, Assessment; Structured overview of all CEFR scales.
- 5.2: Self-assessment checklists from the Swiss version of the European Language Portfolio
- 5.3: Minority language skills scale

3. Barail agus Comas Cànain sa Choimhearsnachd: Siabost

Geàrr-chunntas [full English translation of Summary available in Chapter 5.4, Appendices]

“The foundation of language reversal is the family and community link”

(Dauenhauer & Dauenhauer 1998: 97)

Dh'iarradh le Bòrd na Gàidhlig rannsachadh a dhèanamh air comasan agus barail air a' Ghàidhlig ann an coimhearsnachd 'far a bheil comasan sa Ghàidhlig aig a' mhòir-chuid'. Chaidh Siabost, Leòdhas, a thaghadh, as dèidh sgrùdadh a dhèanamh air fianais agus as dèidh comhairle fhaighinn bho eòlaichean cànain sna h-Eileanan Siar agus Inbhir Nis. San rannsachadh, bhathas a' sireadh bheachdan bho mhuinntir Shiaboist air an cuid comasan agus barail air a' Ghàidhlig. Gus iad seo fhaighinn a-mach, chaidh trì ceisteachain a sgoileadh le sgioba de cheathrar luchd-tadhal dhachannan: ceisteachan A mu gach dachaigh ann an Siabost, ceisteachan B mu gach inbheach, agus ceisteachan C mu gach pàiste fo aois 16 ann an Siabost. Mar sin, chaidh cunntas slàn a dhèanamh air gach dachaigh is gach duine ann an Siabost. Chruinnicheadh bun-fhiosrachadh mu dhaoine anns gach dachaigh anns a' cheisteachan-dachaigh; dh'iarradh fiosrachadh pearsanta, fèin-mheasadh air comasan cànain, cleachdadh cànain ann an Siabost, agus barail air a' Ghàidhlig anns a' cheisteachan do dh'inbhich. Fhuair eadhon fiosrachadh pearsanta, measaidhean air comasan cànain, agus cleachdadh cànain aig a' chloinn bho phàrantan anns a' cheisteachan mun chloinn.

Bha muinntir Shiaboist air leth cuideachail agus taiceil don obair, agus sheall iad ùidh mhòr sa chuspair. Thilleadh **99% dhe na ceisteachain dachaigh; 82% dhe na ceisteachain inbhich; agus 66% dhe na ceisteachain cloinne**. Rinneadh tuilleadh sgrùdaidh agus fhuair eadhon a-mach gun robh na freagairtean airson inbhich agus cloinne riochdachail dhen t-sluagh gu lèir (a rèir Ceisteachan A) a thaobh gnè, aoise agus buntanais. Thathas an dùil gu bheil na toraidhean rannsachaidh earbsach.

Cuideachd, rinneadh agallamhan le eòlaichean leasachadh cànain ann an Leòdhas, agus le eòlaichean leasachaidh san sgìre fhèin, gus dealbh nas fharsainge fhaighinn air co-theacsa an rannsachaidh. Chaidh fhaighneachd mu shuidheachadh na Gàidhlig san sgìre ann an eachdraidh agus an-diugh, mun eaconamaidh ionadail, mu leasachaidhean cànain, agus mu cho-obrachadh san sgìre, oir bha an sgioba-rannsachaidh am beachd gun gabhadh an rannsachadh acadaimigeach a chur gu feum leis a' choimhearsnachd as dèidh dha na toraidhean a thighinn a-mach.

1. An sluagh Tha sluagh Shiaboist air crìonadh le 15%, bho 2001-2010. Cuideachd, tha an sluagh mar bhuidheann a' fàs nas sine: tha 75% dhen t-sluagh os cionn 34 bliadhna a dh'aois. Chan eil ach 64 duine-cloinne eadar 0-15 bliadhna a dh'aois, agus chan eil ach 35 duine eadar 16-34 [na h-aoisean as cudromaiche a thaobh cothroman air clann a bhith aca sna bliadhnaichean ri teachd].

2. Prìomh cànan an dachaigh. Ged a fhreagair 57% gur i a' Ghàidhlig a-mhàin no a' Ghàidhlig as trice a bhios iad a' bruidhinn mar prìomh cànan an dachaigh, fhuair eadh a-mach nach robh ach duine no dìthis sna dachaighean seo; far an robh triùir no barrachd, bha barrachd dhaoine a' cleachdadh Beurla a-mhàin/ Beurla mar as trice na bha a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin/mar as trice. Tha an sgrùdadh cuideachd a' sealltainn nach i a' Ghàidhlig prìomh cànan an dachaigh airson daoine nas òige na 50 bliadhna a dh'aois.

3. Buntanas sluagh Shiaboist. Buinidh 86% dhen t-sluagh gu lèir do Shiabost fhèin, no do dh'àiteachan eile ann an Leòdhas; tha seo fìor cuideachd airson nam pàrantan agus seann-phàrantan aca. Tha dualchas na Gàidhlig agus tar-chur na Gàidhlig eadar nan ginealachdan air a bhith air leth làidir.

Le na h-inbhich (gu h-àraidh an fheadhainn os cionn 50 bliadhna a dh'aois), am pàrantan agus seann-phàrantan, tha Gàidhlig air a bhith aig a' mhòr-chuid mar am prìomh cànan. Ged-thà, tha **gluasad cànan** (Fishman 1991) ri fhaicinn, bho Ghàidhlig gu Beurla, agus bho fhileantachd sa Ghàidhlig gu fileantachd sa Bheurla, agus tha e air a bhith a' tachairt bho chionn timcheall air dà fhichead bliadhna, ga cluinntinn, shaoil luchd-agallaimh, nuair a thòisich clann air a bhith a' cleachdadh Beurla nam measg fhèin. Tha seo air leudachadh gu sònraichte am measg na cloinne an-diugh, on a tha a' chlann a' cleachdadh Beurla mar as trice/a-mhàin ris a' mhòr-chuid de dhaoine agus anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean. Is ann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus an Sgoil Shiaboist, agus le seann-phàrantan, a bhios a' mhòr-chuid dhen chloinn a' cleachdadh an cuid Gàidhlig.

Dh'fheumte cruth-atharrachadh a thoirt ann am beachdan agus gnìomhan cleachdadh cànan am measg a h-uile duine, ach gu sònraichte am measg cloinne, gus am pàtran gluasad-cànan atharrachadh gu fileantachd san dà chànan.

4. Fileantachd agus buidhnean aoise. Tha fileantachd sa Ghàidhlig (ann am fèin-mheasaidhean air comasan bruidhinn sa Ghàidhlig, an dà ìre as àirde a thaobh comais) ri lorg, san fharsaingeachd, am measg dhaoine a tha aois 50 agus nas sine; ach cuideachd, tha e glè chudromach a ràdh gu bheil a' Ghàidhlig cuideachd gu fileanta aig cuid mhath de na buidhnean-aoise nas òige, am measg nan inbheach agus cloinne: aoisean 4-5 (50%), 6-11 (45%), 25-34 (38.5%) agus 35-49 (49%). Bu chòir a bhith mothachail gun robh na h-àireamhan airson nan trì ciad àireamhan gu h-àrd glè bheag [agus mar sin, gu statistigeach, cha bu chòir a bhith a' cleachdadh %]; tha an aon rud fìor mu na trì àireamhan gu h-ìosal cuideachd.

Cha robh fileantachd sa Ghàidhlig cho cumanta sna buidhnean-aoise: 0-3 (22.2%), 12-15 (23%) agus 16-24 (13%). Chan eil tar-chur cànan a' soirbheachadh am measg na h-òigridh seo, agus tha seo air a daingneachadh le bhith a' coimhead air àiteachan far am bi an òigridh gu lèir san rannsachadh a' cleachdadh na Gàidhlig (faicibh gu h-ìosal). San fharsaingeachd, bha barrachd Beurla na fileantachd sa Ghàidhlig aig daoine òga fo 35 bliadhna a dh'aois.

Ach, tha co-dhiù beagan Gàidhlig aig cha mhòr a h-uile pàiste agus tha fileantachd sa Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid de dh' inbhich.

5. Fèin mheasaidhean air comasan cànan. Dh'iarradh air inbhich (bho aois 16 air adhart) fèin-mheasadh a dhèanamh air na comasan cànan aca sa Ghàidhlig, a thaobh tuigsinn, bruidhinn, leughadh agus sgrìobhadh na Ghàidhlig, agus dh'iarradh air pàrantan/inbhich seo a dhèanamh airson gach duine-cloinne, aois 0-15, sna dachaighean aca. San sgrùdadh, air sàillimh is nach bìte an dùil ri làn chomasan cànan ann an clann fìor òg (0-3), chaidh coimhead air aoisean 4-15 amhàin.

Bu chòir a bhith mothachail gu bheil an rannsachadh stèidhichte air fèin-mheasaidhean cànan, agus mar sin tha seans gun robh cuid beagan diùid agus le cion mhisneachd nuair a rinn iad measadh air an cuid chomasan sa Ghàidhlig (mhothaicheadh gun robh cuid a dhaoine iriseal agus gun cus mhisneachd sa Ghàidhlig aca, ann an cuid de shuidheachaidhean, mar suidheachadh na h-obrach).

5a. Tuigsinn na Ghàidhlig

Inbhich. Tha 73% de dh'inbhich a' tuigsinn na Ghàidhlig gu fileanta.

Clann. *Cha robh e comasach àireamhan às a' cheud a chleachdadh airson clann Shiaboist, bhon a bha na h-àireamhan cloinne sna ceisteachain, agus ann an Siabost gu lèir, ìosal. Cleachdar àireamhan:*

Bha 8 à 35 cloinne a' tuigsinn gu fileanta còmhraidhean Ghàidhlig aig astar àbhaisteach; bha 5 à 35 a' tuigsinn gu fileanta a' Ghàidhlig a th' air a bruidhinn sa chlas air cuspairean sgoile; tha seo a' sealltainn gu bheil còrr is aon trian dhen chloinn aois 4-15 fileanta a thaobh tuigsinn na Ghàidhlig.

Tha 7 à 35 a' tuigsinn còmhraidhean sa Ghàidhlig ma bhruidhneas daoine gu slaodach; bha 6 à 35 a' tuigsinn còmhraidhean sìmplidh; bha 7 à 35 a' tuigsinn beannachdan sìmplidh; agus cha robh ach 2 pàiste ann a bha gun Ghàidhlig sam bith.

5b. Bruidhinn na Ghàidhlig

Inbhich. Tha 66% fileanta gu bhith a' bruidhinn na Ghàidhlig; ach tha an fhileantachd am measg dhaoine a tha aois 50+ cha mhòr dà uiread nas motha na am measg dhaoine aoisean 16-49.

Clann. Tha cha mhòr aon pàiste às gach ceathrar a' bruidhinn na Ghàidhlig gu fileanta. A bharrachd air seo, tha cha mhòr aon pàiste às gach còignear comasach air bruidhinn air a' mhòrchuid de chuspairean sa Ghàidhlig. Chan eil ach dithis ann, eadar aois 4-15, a tha gun Ghàidhlig sam bith.

Is e am pàtran as bitheanta gu bheil **beagan Ghàidhlig aig clann**, seach iad a bhith fileanta no a bhith gun fhacal Ghàidhlig.

5c. Leughadh na Ghàidhlig

Inbhich. Tha 64% de dh'inbhich fileanta ann a bhith a' leughadh na Ghàidhlig.

Clann. Tha aon pàiste às an deichnear comasach air a' Ghàidhlig a leughadh gu fileanta, ach bu chòir a bhith faiceallach bhon a tha a' chlann seo òg a thaobh sgilean leughaidh. Sna toraidhean

air na meadhanan Gàidhlig a tha clann a' cleachdadh, chunnacas na h-àireamhan as àirde mu choinneimh a bhith a' leughadh nobhailean agus stuthan-leughaidh eile.

5d. Sgrìobhadh na Gàidhlig

Inblich. Bha 21% fileanta ann an sgrìobhadh na Gàidhlig; bha 32% de dh'inblich gun comas sam bith a bhith a' sgrìobhadh na Gàidhlig.

Clann. Bha cha mhòr aon cairteal dhen chloinn fileanta ann an sgrìobhadh na Gàidhlig – sgil, is e as coltaiche, a thog a' chlann an Sgoil Shiaboist, tro Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha an còrr dhen chloinn aig na trì ìrean as ìsle de dh'fhileantachd a thaobh sgrìobhadh na Gàidhlig.

Ghabhadh sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh na cloinne a leasachadh san sgoil agus san dachaigh le iomairtean cànan a bha stèidhichte air taic a thoirt do phàrantan (a thaobh, mar eisimpleir, obair dachaigh na cloinne) agus do thidsearan agus don chloinn fhèin.

6. Factaran a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig aig luchd-freagairt. Rinneadh rannsachadh air factaran a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air fileantachd sa Ghàidhlig aig inblich agus clann.

Inblich. Airson inblich, **bha e na bu choltaiche gum biodh neach fileanta** ma bha: co-dhiù aon phàrant aca le Gàidhlig, mas ann à Siabost no Leòdhas a bha na pàrantan aca, agus ma bha co-dhiù aon seann-phàrant le Gàidhlig aca. **Cha robh e coltach gum biodh iad fileanta:** mura robh pàrant sam bith le Gàidhlig aca, ma bha aon no dithis phàrant aca nach robh nan eileanaich, ma bha iad gun seann-phàrant sam bith aig an robh Gàidhlig, agus ma bha dithis no barrachd sheann-phàrantan neo-eileanach aca.

In-imrichean (inblich). Aig a' cheart àm, bha 'beagan Gàidhlig' aig an dàrna leth de dh'in-imrichean a bha gun phàrant, gun sheann-phàrant no gun buntanas dha na h-Eileanan.

Clann. Ged a bu chòir a bhith faiceallach a bhith a' dèanamh cus dhe na toraidhean, bhon a bha an àireamh de chloinn beag, **bha e na bu choltaiche gum biodh a' chlann fileanta** ma bha: co-dhiù aon phàrant le Gàidhlig aca [agus bha cuid mhath le 'beagan Gàidhlig' – pàtran nach robh cho cumanta le na h-inblich], dithis phàrant aca bho na h-eileanan [ach an seo cha robh ach mu chairteal dhen chloinn fileanta], ma bha co-dhiù aon seann-phàrant le Gàidhlig aca, ma bha ceathrar no triùir sheann-phàrantan aca às na h-eileanan [ach cha robh ach eadar aon cairteal/aon trian dhiubh fileanta, fhad's a bha cha mhòr an aon àireamh le 'beagan Gàidhlig']. **Cha robh e coltach gum biodh a' chlann fileanta** ma bha iad: gun pàrant sam bith le Gàidhlig, ma bha aon no dithis phàrant aca nach robh na (h-)eileanach, ma bha iad gun gin de sheann-phàrantan le Gàidhlig [bha mu aon chairteal fileanta aig an robh fiù's aon seann-phàrant]; cha robh gin dhen chloinn fileanta aig an robh dithis no barrachd sheann-phàrantan neo-eileanach [ach bha an dàrna leth dhen chloinn, aig an robh ceathrar seann-phàrantan às na h-eileanan, neo-fhileanta].

Gu soilleir, tha tar-chur cànan ann an teaghlaichean, dualchas na Gàidhlig a bhith aig teaghlaichean, agus cleachdadh na Gàidhlig mar bu trice/a-mhàin air a bhith glè chudromach ann a bhith a' mìneachadh carson a fhuair daoine fileantachd sa Ghàidhlig gu seo.

7. Tar-chur cànan eadar nan ginealachdan. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air tar-chur cànan eadar inbhich Shiaboist agus am pàrantan, agus eadar inbhich agus an cuid cloinne an-diugh (fo 16 bliadhna).

7a. A’ cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice eadar luchd-fhreagairt inbheach agus am pàrantan. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na prìomh cànan a chleachd pàrantan agus luchd-fhreagairt ri chèile nuair a bha an luchd-fhreagairt a’ fàs suas. Bhruidhinn timcheall air dithis a-mach às gach triùir de phàrantan an luchd-fhreagairt Gàidhlig a-mhàin/Gàidhlig mar bu trice riutha, agus bha an àireamh de luchd-fhreagairt a bhruidhinn Gàidhlig a-mhàin no Gàidhlig mar bu trice ri am pàrantan cha mhòr a’ cheart cho àrd.

Ach rinneadh tuilleadh sgrùdaidh air buaidh aois an neach-fhreagairt, agus chunnacas an aon sgaradh is a chunnacas roimhe: airson luchd-fhreagairt aois 50+, bha Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice ga bruidhinn le trì cairtealan de luchd-fhreagairt agus de na pàrantan aca; airson luchd-fhreagairt aoisean 35-49, bhiodh beagan nas lugha na leth de luchd-fhreagairt agus am pàrantan a’ cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice; airson luchd-fhreagairt aois 25-34, bha eadar aon cairteal agus aon trian a’ cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice; agus airson luchd-fhreagairt aois 16-24, cha robh ach aon duine às gach còig duine deug, suas gu aon duine às gach ochdnar, de luchd-fhreagairt no am pàrantan a’ cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/Gàidhlig mar bu trice.

Nuair a rinneadh sgrùdadh air an aon chuspair le seann-phàrantan agus luchd-fhreagairt, chunnacas na h-aon seòrsa phàtranan, ach gun robh Gàidhlig ga cleachdadh na bu trice: tha na figearan mu 10% nas àirde airson gach buidheann-aoise le seann-phàrantan na bha iad airson luchd-fhreagairt agus am pàrantan.

7b. Cleachdadh cànan eadar pàrantan agus clann an-diugh. Tha na h-àireamhan de chlann ann an Siabost, agus sna toraidhean rannsachaidh, beag. Ach bha an sampall seo a’ sealltainn gu bheil na pàrantan a’ dèanamh oidhirp nas motha na tha a’ chlann a bhith a’ bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin/mar as trice; ach tha faisg air an aon àireimh de phàrantan is clann a’ cleachdadh an dà chànan chun na h-aon ìre ri chèile. Tha barrachd cloinne na pàrantan a’ cleachdadh Beurla mar as trice/Beurla a-mhàin ri am pàrantan na tha am pàrantan riuthasan. Ach is e Beurla mar as trice/a-mhàin a bhios 62% de phàrantan a’ cleachdadh leis a’ chloinn, agus tha 74% dhen chloinn a’ cleachdadh Beurla mar as trice/a-mhàin le am pàrantan. Thathas a’ moladh gu bheil feum air taic do phàrantan san dachaigh, tro bhith a’ comhairleachadh, a’ neartachadh agus a’ daingneachadh cho cudromach is a tha cunbhalachd cleachdadh na Gàidhlig eadar buill teaghlaich.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh cuideachd air cànan eadar clann agus seann-phàrantan, agus tha còrr is leth de sheann-phàrantan a’ cleachdadh Beurla mar as trice/a-mhàin ris a’ chloinn. Tha mu aon seann-phàrant às gach còignear a’ cleachdadh an dà chànan chun na h-aon ìre – àireamh às a’ cheud a tha mu thrì puingean nas àirde na an àireamh às a’ cheud airson pàrantan ri clann agus clann ri pàrantan. Tha a’ cheist ag èirigh, carson nach eil seann-phàrantan, aig a bheil an cànan gu fileanta, a’ bruidhinn barrachd Gàidhlig ri oghaichean? Chaidh a ràdh sna h-agallamhan nach eil seann-phàrantan no daoine nas sine airson clann a nàrachadh; chan eil iad an dùil, mar as trice, gu bheil a’ Ghàidhlig aig a’ chloinn; agus tha na seann-phàrantan agus daoine nas sine airson a bhith “ann an tow” leis a’ chloinn.

Ghabhadh tar-chur cànan eadar seann-phàrant agus pàiste a bhrosnachadh le iomairtean cànan san teaghlach agus sa choimhearsnachd; dh'ainmich daoine seo sna molaidhean aca air dè ghabhas dèanamh ann an Siabost; thogadh e càirdeas, thogadh e sgilean cànan sa chloinn, agus thogadh e is dòcha pròis san dualchas/sa chànan. Tha fìor dheagh eisimpleir ri fhaicinn air co-obrachadh eadar òigridh agus seann dhaoine san obair aig an oifigeir leasachadh cànan aig *Iomairt*, far an deach DVD a dhèanamh air dualchas an àite.

Tha seo a' daingneachadh cho cudromach is tha daoine nas sine gu iomairtean cànan sa choimhearsnachd, air diofar adhbharan - gu bheil daoine nas buailtiche a' Ghàidhlig a chleachdadh le daoine nas sine, tha daoine nas sine mar riochdairean dhen dualchas, do chuid a dhaoine co-dhiù, agus tha na sgilean cànan aca gam meas aig ìre nas àirde mar as trice na sgilean cànan daoine nas òige.

Gàidhlig le peathraichean is bràithrean. Bha 34 à 39 cloinne (87%) a' bruidhinn Beurla mar as trice/a-mhàin ri peathraichean agus bràithrean. Bha còignear (13%) a' bruidhinn an dà chànan chun na h-aon ìre, ach cha robh duine aca a' bruidhinn Gàidhlig mar as trice/a-mhàin ri peathraichean/bràithrean. Is i a' Bheurla am mòr-cànan/an aon chànan aig a' mhòr-chuid de chlann le bràithrean is peathraichean.

8. Cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig

Chaidh coimhead air cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig agus rinneadh sgrùdadh air cleachdadh nan inbheach agus cleachdadh na cloinne.

8a. Inbhich. Bha aois cudromach ann am pàtran cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig. Bha daoine aois 50+ a' dèanamh mòran a bharrachd feum air seirbheisean sa Ghàidhlig na bha inbhich nas òige. Bha a' mhòr-chuid de dhaoine aois 16-44 a' cleachdadh nam meadhanan sa Bheurla mar as trice, ach aig a' cheart àm, tha cuid mhath a' cleachdadh an TV agus rèidio san dà chànan chun na h-aon ìre. Tha ceithir uiread de dhaoine aois 50+ a' dèanamh feum de TV agus dhen rèidio anns a' Ghàidhlig mar as trice na tha daoine nas òige.

8b. Clann. Bha na h-àireamhan gu math beag, ach bidh clann Shiaboist a' cleachdadh nam meadhanan tron Bheurla mar as trice. Chan eil fiù's dà-chànanas – cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig agus sa Bheurla chun na h-aon ìre - ri fhaicinn gu ìre mhòr sam bith airson clann aois 0-3 no 4-15. Far a bheil clann a' cur feum air meadhanan sa Ghàidhlig, is ann a tha e a' tachairt an lùib leughadh nobhailean is leughadh eile, agus beagan a thaobh coimhead telebhisein.

9. Ionnsachadh na Gàidhlig ann an Siabost

A rèir nam freagairtean, tha/bha cha mhòr aon duine às gach deichnear ag ionnsachadh na Gàidhlig. Cha robh aon dòigh cumanta ann air an cànan ionnsachadh.

10. Cleachdadh na Gàidhlig ann an Siabost. Cha deach seo iarraidh mar phàirt dhen phròiseact agus shaoil an sgioba rannsachaidh gu bheil cleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean riatanach gum faicear dealbh air na comasan agus barail an gnìomh ann an cleachdadh;

cuideachd, tha cothroman pragtaigeach ann togail air na toraidhean seo le daoine ann an Siabost le beachdachadh air càite agus ciamar a b' urrainn oidhirpean gus Gàidhlig a bhruidhinn nas cunbhalaiche a chur an sàs ann an Siabost.

10a. Cleachdadh ann an Siabost: Inbhich. Bha inbhich fileanta sa Ghàidhlig buailteach a' **Ghàidhlig** a chleachdadh le teaghlach (le le pàrantan/seann-phàrantan agus oghaichean, le cèile) san dachaigh agus air a' fòn; le nàbaidhean; agus bidh iad ga cleachdadh san eaglais, aig a' Chomann Eachdraidh, agus le nursaichean agus eu-slàintich eile aig an ionad-slàinte. Cuideachd, bhathas a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhaing, leis a' cheannard-sgoile, tidsearan agus clann-sgoile; aig a' Chròileagan, le luchd-taic dhachannan, agus le comataidh na Seann Sgoil.

Chaidh a ràdh sna h-agallamhan nach eil cha mhòr cothrom sam bith ann an-diugh Gàidhlig a chleachdadh aig coinneamhan no buidhnean sa choimhearsnachd, air egal is nach tuig a h-uile duine a' Ghàidhlig. Tha cothrom an seo a bhith a' soillearachadh poileasaidh cànan agus a bhith a' cur taic ri daoine aig nach eil Gàidhlig gu fileanta, tro chlasaichean agus chothroman ionnsachaidh, agus tro, is dòcha, geàrr-chunntasan Beurla no seirbheis eadar-theangachaidh.

Bha fileantaich (sa Ghàidhlig) buailteach **Beurla** a chleachdadh: le pàrantan eile aig a' Chròileagan; san obair aca le customers agus le am manaidsearan aig an obair; aig an ionad-fàilte agus leis an dòtair aig an ionad-slàinte; sa sgoil; san taigh-bìdh; agus aig a' phost-oifis.

A rèir seo, is iad na raointean cleachdaidh cudromach airson Gàidhlig a chleachdadh: an dachaigh is an teaghlach le daoine nas sine san teaghlach agus le cèile; san eaglais agus aig buidhnean co-cheangailte ri dualchas agus le daoine nas sine: an Comann Eachdraidh agus Comataidh na Seann Sgoil, agus aig an fhaing. Chithear pàtran nas measgaichte a thaobh cleachdadh na Beurla: aig a' Chròileagan, san obair aig daoine leis an dà chuid manaidsearan agus customers; agus aig an ionad-slàinte le cuid dhen luchd-obrach.

Chithear pàtran nas measgaichte a thaobh cleachdadh na Beurla le fileantaich sa Ghàidhlig: tha iad dualtach Beurla a bhruidhinn: aig a' Chròileagan, san obair aca leis an dà chuid manaidsearan agus customers; agus an ionad-slàinte le cuid dhen luchd-obrach.

10b. Cleachdadh ann an Siabost: Clann. Bha clann a tha fileanta sa Ghàidhlig a' **cleachdadh Gàidhlig** anns na suidheachaidhean a leanas: le seann-phàrantan, pàrantan agus luchd-obrach sa sgoil.

Bidh clann fhileanta a' **cleachdadh Beurla mar as trice**, no **Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre** le: clann eile, nàbaidhean, càirdean eile san teaghlach (ach le pàrantan agus seann-phàrantan), agus aig a' Chlub Òigridh is Youth Fellowship.

Tha na toraidhean seo ag innse **cho cudromach is a tha an sgoil agus inbhich san teaghlach (pàrantan agus seann-phàrantan)** gu bhith a' brosnachadh bruidhinn na Gàidhlig.

Tha an sgoil is dòcha gu sònraichte cudromach bhon a tha aithneachadh agus inbhe aig Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gu h-oifigeil, bhon a tha riaghailtean airson cleachdadh na Gàidhlig soilleir, agus bhon a tha Gàidhlig aig mòran dhe na tidsearan agus aig ceannard na sgoile.

10c. FMG agus FMB: Coimeasan eatorra a thaobh cleachdadh na Gàidhlig sa Choimhearsnachd. Rinneadh tuilleadh sgrùdaidh agus coimeasan air cleachdadh na Gàidhlig aig clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Tro Mheadhan na Beurla. **Tha clann FMG nas buailtiche Gàidhlig (agus Beurla chun na h-aon ìre) a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean sa choimhearsnachd na tha clann FMB,** nach bi san fharsaingeachd a' cleachdadh an cuid Gàidhlig ach le seann-phàrantan. Aig an ìre as fheàrr, chan eil ach triùir chloinne à sia duine deug ann am FMB a' cleachdadh Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre, agus is ann còmhla ri seann-phàrantan a-mhàin a tha seo; is ann sa Bheurla as motha/a-mhàin a bhios clann FMB a' bruidhinn anns a h-uile suidheachadh sa choimhearsnachd. A rèir nam freagairtean a fhuair, tha e coltach gu bheil clann FMG ann an Sgoil Shiaboist a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd, ach chan eil clann FMB.

11. Barail Cànain. Rinneadh sgrùdadh air barail cànain nan inbeach, a' leantainn ceistean rannsachaidh Euromosaic (2000). Chleachdadh Sgèile Likert mar bu trice. San fharsaingeachd, **bha a' mhòr-chuid taiceil don Ghàidhlig agus bha miann mòr ann gum bi Gàidhlig aig a' chloinn,** agus **gum bi Gàidhlig ga bruidhinn anns na h-Eileanan agus ann an Siabost san àm ri teachd.** Is urrainn a ràdh nach robh na h-àireamhan às a' cheud a thaobh taic buileach cho àrd, sa chumantas, is a bha na h-àireamhan às a' cheud airson rannsachadh Euromosaic, ach chan eilear a' bruidhinn ach air, mar as trice, timcheall air còig às a' cheud de dh'ìsleachadh.

11a. Ag aontachadh/a' dol an aghaidh abairtean mun Ghàidhlig. Bha aontachadh làidir ann a thaobh na leanas gu sònraichte: gus am fèin-aithne a ghlèidheadh, feumaidh na h-Eileanan luchd na Gàidhlig (89%); gur e deagh rud a th' ann gun cùm comhairlean taic ris a' Ghàidhlig (chaidh an àireamh suas bho 83.5% ann an Euromosaic gu 91% ann an Siabost); gu bheil e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig an cànain ris a' chloinn san dachaigh (84%); gu bheil e deatamach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan a' Ghàidhlig (78%); gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig daoine a tha ag obair san roinn phoblaich ann an sgìrean Gàidhlig (67%).

Cha robh aon phàtran taiceil no neo-thaiceil ri fhaicinn air na barail a leanas: gu bheil a' Ghàidhlig a' bàsachadh (32% na aghaidh, 37% ag aontachadh, 25% aig nach robh beachd làidir); gum bu chòir Gàidhlig a bhith deatamach ann am barrachd obraichean poblach (29% ag aontachadh, 24% na aghaidh, 34% gun bheachd taobh seach taobh); gum bu chòir luchd in-imrich feuchainn ris a' Ghàidhlig ionnsachadh (7.6% na aghaidh, 40.8% coma, 41.2% ag aontachadh); gum faigh thu air adhart nad dhreuchd sna h-Eileanan ma tha a' Ghàidhlig agad (24% ag aontachadh, 25% na aghaidh, 40% gun bheachd air taobh seach taobh); gu bheil cànain nas fheumaile na a' Ghàidhlig airson adhartas a dhèanamh san t-saoghal (36% ag aontachadh, 31% na aghaidh, 33% gun bheachd làidir taobh seach taobh).

Cha robh daoine taiceil do na barail a leanas: gu bheil daoine dhen bheachd gu bheil rud sam bith Gàidhealach seann-fhasanta (50% na aghaidh 20% ag aontachadh, 28% gun bheachd làidir taobh seach taobh) gum faigh thu air adhart nad dhreuchd an Alba ma tha Gàidhlig agad (43% na aghaidh, 11% ag aontachadh, 43% gun bheachd taobh seach taobh); gur e cànain chroitearan a tha sa Ghàidhlig (56% na aghaidh, 16% ag aontachadh, 24% gun bheachd taobh seach taobh); nach eil àite anns an t-saoghal san latha an-diugh dhan Ghàidhlig (80% na aghaidh, 5% ag aontachadh, 14% gun bheachd taobh seach taobh); agus nach eil Gàidhlig freagarrach airson

gnìomhachais agus saidheans (60% na aghaidh, 15% ag aontachadh, 25% gun bheachd taobh seach taobh).

Ann an co-dhùnadh, shaoil luchd-freagairt gu bheil e deatamach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan a' Ghàidhlig; cuideachd, shaoil iad gu bheil feum aig na h-Eileanan air luchd-bruidhinn na Gàidhlig aca gun glèidheadh na h-Eileanan am fèin-aithne; shaoil iad gum bu chòir do dhaoine ann an obraichean poblach sna sgìrean Gàidhlig a bhith comasach air Gàidhlig a bhruidhinn; shaoil iad gu bheil e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig Gàidlig ris a' chloinn aca. Bha luchd-freagairt gu làidir am beachd gu bheil e math ma chumas Comhairlean taic ris a' Ghàidhlig.

Gu soilleir, tha deagh rùn ann dhan Ghàidhlig, ged a tha na toraidhean air cleachdadh agus comas a' sealltainn nach eilear ga cleachdadh cho tric is a b' urrainn agus nach eil ìrean àrda fileantachd air tighinn troimhe gu ginealachd na h-òigridh an-diugh. Cuideachd, chithear, ged a tha a' mhòr-chuid ag ràdh gu bheil a' Ghàidhlig a' cheart cho freagarrach dhan t-saoghal an latha an-diugh is a bha i roimhe, a thaobh cleachdaidh, chan eil i ga bruidhinn ro thrì aig obair le manaidsèaran no le customers; tha nas lugha na an dàrna leth de phàrantan a' cur an cuid chloinne gu FMG; agus chan eilear ga cleachdadh sa choimhearsnachd cho tric ach aig cur-seachadan traidiseanta.

11b. Measadh air cò tha taiceil don Ghàidhlig. Ann am measadh air barail muinntir Shiaboist air cò tha taiceil don Ghàidhlig, mheas daoine iad seo mar daoine agus buidhnean taiceil: iad fhèin, gu sònraichte fileantaich eile san sgìre. Shaoil iad cuideachd gu bheil a' Chomhairle, an caraidean, na meadhanan agus na h-eaglaisean taiceil. Cha robh beachd làidir aca a thaobh dè cho taiceil is a tha Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach mar an NHS agus am poileas, gnìomhachasan prìobhaideach no muinntir an àite a tha gun Ghàidhlig.

Shaoil iad nach eil na leanas taiceil don Ghàidhlig: in-imrichean agus Riaghaltas Bhreatainn [ach sheall an rannsachadh le ceisteachain gu bheil beagan Gàidhlig aig an dàrna leth de dh'in-imrichean do Shiabost].

A thaobh Gàidhlig ann an Siabost, shaoil 80% gu bheil fèin-aithne Gàidhlig làidir aig Siabost, shaoil 64% gu bheil i air fàs beagan no mòran nas laige sna deich bliadhna a dh'fhalbh, agus shaoil 56% gum bi i beagan/mòran nas laige ann an deich bliadhna eile, 2020. Shaoil 31% gum bi a' Ghàidhlig an aon rud ann an deich bliadhna eile is a tha i an-dràsta – ged a bha luchd-agallaimh dhen bheachd nach robh mòran Gàidhlig idir aig a' chloinn an-diugh.

12. Beachdan agus co-theacsa bho agallamhan. Chaidh beachdan agus ceistean cudromach an togail le luchd-agallaimh, ged nach do rinneadh agallamhan gu leòr ann an dòigh rianail gu leòr a bhith a' measadh nam beachdan agus ceistean seo mar rudan a bha riochdachail dhan t-sluagh gu lèir; ach tha iad cudromach a thaobh co-theacsa agus airson a bhith a' tarraing air cuspairean rannsachaidh agus leasachaidh anns an àm ri teachd. Chaidh innse sna h-agallamhan gun robhar riamh agus an-diugh teagmhach mu dè cho feumail is a tha Gàidhlig gus obair fhaighinn (dh'fhreagair 36% ged-thà gun robh Gàidhlig cudromach san obair aca ach cha robh i air ainmeachadh sna tuairisgeulan-obrach ach aig 7%). Thuirt luchd-agallaimh gun robhar tric an dùil obair fhaighinn an àite eile is nach biodh feum air a' chànan; cuideachd, bhathar teagmhach

mu bhuannachd sam bith ma tha Gàidhlig agad, ach ma tha thu ag obair airson ‘saoghal na Gàidhlig’.

Bha ùidh aig grunn dhen luchd-agallaimh ann a bhith a’ togail mothachadh cànanain san àite-obrach, an dà chuid ann an Siabost agus an Steòrnabhagh; bha ùidh aca ann a bhith a’ dèanamh luachadh agus a’ cur meas air sgilean sa Ghàidhlig san àite-obrach; agus bha ùidh aig daoine ann a bhith a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann am margaideachd agus le cothroman trànaidh ann an sgilean Gàidhlig. Bha ùidh aig cuid a tha an sàs ann an stiùireadh àiteachan obrach gum bum hath leotha barrachd fiosrachaidh air an t-suidheachadh laghail a thaobh co-ionannachd chothroman agus brosnachadh na Gàidhlig ann an obraichean agus san àite-obrach.

Chunnacas nach robh luchd-obrach an còmhnaidh fiosrach air cò aig a tha a’ Ghàidhlig timcheall orra san àite-obrach; ghabhadh àrainneachd Ghàidhlig nas fhosgailte a chruthachadh ann an suidheachadh mar seo, agus ghabhadh sgrùdaidhean bliadhnail air comasan agus feumalachdan trànaidh cànanain a dhèanamh cuideachd. Tha an rannsachadh a’ sealltainn gu bheil mòran ann an obraichean clèireach, rianachd an-diugh; agus thog seo ceist mu comhfhuirteachd, agus eòlas air briathrachas ùr agus air dualchainntean Gàidhlig eile.

Tha an Eaglais Shaor ann an Siabost cuideachd taiceil agus glè dheònach barrachd chòmhradh a dhèanamh gus taic a chumail ris a’ Ghàidhlig. Tha muinntir Shiaboist air a bhith air leth dìcheallach agus math air co-obrachadh, gu maith na coimhearsnachd, tro ghnìomhan traidiseanta mar chroitreachd, ach cuideachd ann an bhith a’ leasachadh ghoireasan coimhearsnachd, mar Ionad na Seann Sgoil. Tha fianais ann air miann sa choimhearsnachd a bhith a’ co-obrachadh air pròiseactan. Tha goireasan mar Ionad na Seann Sgoil agus Sgoil Shiaboist glè fhreagarrach airson iomairtean ùra, mar eisimpleir clasaichean Gàidhlig do dhaoine dhe gach aois, no clubaichean Gàidhlig don òigridh. Bha miann ann gum biodh barrachd dhen òigridh a’ gabhail pàirt sna clubaichean, comataidhean agus leasachaidhean ann an Siabost fhèin, an àite a bhith a’ falbh a Steòrnabhagh airson cur-seachadan.

Chualas am moladh gu bheil feum air luchd-leasachaidh na Gàidhlig a bhith stèidhichte agus ag obair ann an Siabost, mar ‘leasachadh bho na freumhan’. Thugadh beachd seachad gum biodh sgioba òigridh a dhith gus seo a dhèanamh, a bhiodh ag obair sa choimhearsnachd làn-ùine, thar ùine fhada, air leasachaidhean a thogadh mothachadh, pròis, ùidh agus leasachaidhean sa Ghàidhlig.

13. Na Ceisteachain: molaidhean muinntir Shiaboist air leasachadh na Gàidhlig ann an Siabost. Thugadh tòrr bheachdan seachad sna cheisteachain air na rudan a bu chòir leasachadh airson bruidhinn na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Siabost. Is iad as cudromaichte, agus as cumanta: tar-chur cànanain eadar nan ginealachdan a bhrosnachadh (bruidhinn ris a’ chloinn ann an Gàidhlig nas trice agus nas cunbhalaiche – le pàrantan san dachaigh, le seann-phàrantan, le teaghlach agus nàbaidhean, msaa); leasachadh chothroman bruidhinn agus ionnsachaidh (clasaichean aig diofar amannan, gum bruidhinn fileantaich Gàidhlig ri luchd-ionnsachaidh, agus gun cleachd daoine le Gàidhlig a’ Ghàidhlig nas trice); cleachdadh na th’ agaibh de Ghàidhlig aig a h-uile cothrom; agus margaideachd, gus pròis agus adhbhar bruidhinn mion-cànain a mhìneachadh. Ach cuideachd, shaoileadh gu bheil na leanas cudromach: gum bi barrachd cloinne a’ faighinn Gàidhlig san sgoil; gum bi barrachd chuideam air Gàidhlig sna h-obraichean, agus gum bi barrachd phrògraman Gàidhlig ri fhaighinn sna meadhanan.

14. Molaidhean bhon luchd-rannsachaidh

Ma tha Gàidhlig gu bhith beò agus air bilean na cloinne san àm ri teachd tha bailtean sna h-eileanan mar Siabost - far a bheil bruidhinn na Gàidhlig cho làidir san dualchas – cianail fhèin cudromach. Mar a mhìnich Dauenhauer & Dauenhauer (1998: 81), ‘Languages can be learned by individuals, but they are transmitted by groups’. Ann an eachdraidh, tha Gàidhlig air tighinn beò ann an coimhearsnachdan far an robh tar-chur cànan a’ tachairt ann an teaghlaichean agus coimhearsnachdan.

A thaobh dualchas is cleachdadh na Gàidhlig, tha an luchd-rannsachaidh an dùil gu bheil Siabost cho beairteach ri coimhearsnachd sam bith ann an Leòdhas, agus fiùs sna h-Eileanan Siar. Leis cho fileanta is a tha a’ Ghàidhlig aig a’ mhòr-chuid, le dualchas Gàidhlig air an cùlaibh, leis mar a tha in-imrichean air beagan Gàidhlig a thogail, agus leis mar a tha a’ mhòr-chuid a’ nochdadh deagh rùn dhan Ghàidhlig, tha bonn-stèidh fìor mhath ann an Siabost, airson a bhith a’ togail leasachaidhean cànan a thogail.

Ach tha e glè shoilleir bhon aithisg seo gu bheil *gluasad cànan* (Fishman 1991) a’ tachairt ann an Siabost, bho fhileantachd sa Ghàidhlig agus sa Bheurla – dà-chànanas - gu fileantachd sa Bheurla a-mhàin am measg mòran dhen òigridh; cuideachd, am measg na h-òigridh, tha gluasad ri fhaicinn gu cleachdadh na Beurla mar as trice/a-mhàin anns cha mhòr a h-uile suidheachadh san teaghlach agus gu sòisealta ann an Siabost. Chan eil na pàtran fileantachd agus cleachdadh airson inbhich cho eu-coltach ris an fheadhainn airson cloinne, agus tha an luchd-rannsachaidh dhen bheachd, ged a tha mòran (gu seachd àraid inbhich) fileanta sa Ghàidhlig gu bheil gluasad cànan mòr a’ gabhail àite ann an Siabost, air falbh bho chleachdadh na Gàidhlig, agus air falbh bho fhileantachd sa Ghàidhlig.

A rèir nan toraidhean san aithisg seo, tha e coltach gum bi clann ann an Siabost san àm ri teachd nas dualtaiche a bhith nas fhileanta sa Bheurla a-mhàin seach fileanta san dà chànan. Tha a’ chlann an-diugh a’ cleachdadh barrachd Beurla na Gàidhlig, agus mar sin tha a’ Bheurla na mòr-cànan aca. Mar sin, tha agus bidh e nas duilghe do chloinn a bhith gu tur fileanta san dà chànan na bha e riamh roimhe, mur an atharraich am pàtran a thaobh cleachdadh na Gàidhlig.

Tha pàtran cleachdadh na Gàidhlig am measg nan inbheach ag atharrachadh cuideachd a rèir choltais, agus tha bruidhinn na Beurla a’ fàs nas cumanta; tha am pàtran seo a’ sior fhàs. Thuirte cuid dhen luchd-agallaimh nach mòr gu bheil suidheachadh sòisealta ann a-nis ann an Siabost far an urrainn a’ Ghàidhlig a chleachdadh mar mòr-cànan: tha cleachdadh na Gàidhlig gu sòisealta a’ crìonadh, agus tha e a’ crìonadh anns an teaghlach cuideachd, gu h-àraidh far a bheil inbhich nas òige na 50.

Tha cleachdadh agus comas ceangailte gu dlùth. Mura cleachd duine a’ Ghàidhlig, tha e glè choltach gun caillear comas is misneachd sa chànan le ùine; agus mar an ceudna, mura bheil daoine cho comasach no cho misneachail sna sgìlean cànan aca, tha e coltach nach bi iad ga cleachdadh cho tric. Dh’fheumar cothroman a leasachadh airson togail air sgìlean, misneachd agus comas cànan, ma bha daoine airson is gum bi muinntir Shiaboist dà-chànanach san àm ri teachd.

Tha an luchd-rannsachaidh a’ moladh gu bheil feum air planadh cànan, airson agus le daoine fa leth, teaghlaichean, buidhnean sòisealta agus coimhearsnachdan, gus a bhith a’ cruthachadh no ag ath-stèidheachadh cothroman agus taice gus am bi a’ Ghàidhlig air a cleachdadh mar an cànan àbhaisteach bho latha gu latha. Bu chòir dà-chànanas a bhith mar amas, ach tha a h-uile

seans nach mair am mion-cànan, a' Ghàidhlig, mar cànan a tha ga bhruidhinn gu fileanta ann an Siabost, gun planadh cànan. Dh'fheumadh a' Ghàidhlig a bhith air a brosnachadh, agus gu dearbh, air a h-ath-stèidheachadh (Armstrong 2010), mar am prìomh cànan ga bhruidhinn ann an caochladh shuidheachaidhean san teaghlach agus aig obair. Dh'fheumadh an t-amas agus dòighean obrach a bhith air an deasbad leis a' choimhearsnachd, anns gach suidheachadh.

Dh'iarr Bòrd na Gàidhlig an rannsachadh seo, agus gu cinnteach, bu chòir am feum as fheàrr a dhèanamh dheth. Is e am miann agus an obair aig Bòrd na Gàidhlig, Gàidhlig a leasachadh ann an coimpàirteachas le coimhearsnachd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig 2007: 6). Ach am bi an rannsachadh seo feumail, agus inntinneach, do mhuinntir Shiaboist, agus a bheil muinntir Shiaboist cuideachd ag iarraidh Gàidhlig ann an Siabost a leasachadh?

A' leantainn Fishman (1991), tha na Dauenhauers (1998) ag ràdh, mus tòisich air ath-leasachadh mion-cànain, feumar a bhith soilleir: a bheil ag iarraidh ath-leasachadh cànan? Fhuair an luchd-rannsachaidh pàirt de fhreagairt ann an Siabost. Anns na ceistean air barail cànan, thuirt a' mhòr-chuid gun robh iad taceil dhan Ghàidhlig agus ag iarraidh gum bi i aig an ath ghinealach ann an Siabost agus sna h-Eileanan. Ach, ann an Siabost (agus, tha e glè choltach, coimhearsnachdan Gàidhlig eile) tha beàrn ann eadar **deagh rùn** dhan Ghàidhlig agus **cleachdaidhean cànan** a chumas beò i san àm ri teachd – tar chur-cànain eadar nan ginealachdan, agus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd (*cf.* Dauenhauer & Dauenhauer 1998: 63). Faodaidh deagh rùn a bhith ann, gun daoine a' creidsinn gu bheil feum sa Ghàidhlig an-diugh no san àm ri teachd. Nar beachd-ne co-dhiù, cha chùm deagh rùn a-mhàin a' Ghàidhlig beò.

Chaidh a' mhòr-chuid de mhuinntir Shiaboist an aghaidh a' bheachd gu bheil Gàidhlig a' bàsachadh. Ach tha na toraidhean bho na ceisteachain gu math draghail a thaobh fallaineachd na Gàidhlig. Chanadh na Dauenhauers gur dòcha gur e 'false consciousness' a tha seo, no 'avoidance strategy' (Dauenhauer & Dauenhauer, 1998), nach eilear ag aideachadh gu bheil fileantachd [sa Ghàidhlig] a' crìonadh agus gu bheil an cànan, tha e coltach, a' bàsachadh; agus a' leanntainn nan Dauenhauers fhathast, chanadh iad gur e na daoine iad fhèin agus na cleachdaidhean cànan aca, gu ìre, as coireach.

Tha an luchd-rannsachaidh ged-thà mothachail dha na buaidhean mòra farsaing a tha air buaidh a thoirt air fileantachd agus cleachdadh na Gàidhlig. Aig cùl an deagh rùn a nochd sna ceisteachain, anns na h-agallamhan goirid a chaidh a dhèanamh, gheibhear dealbh air sgeulachdan brònach, uaireannan feargach, teagmhach mu eachdraidh na Gàidhlig agus a bheil spèis aig daoine eile don Ghàidhlig; cluinnear teagamhan aig luchd-bruidhinn mun fheum a tha sa Ghàidhlig an-diugh agus san àm ri teachd; cluinnear mì-chinnt mun fheum a' Ghàidhlig a bhith agad, mura bheil i cudromach airson obair no eile; agus cluinnear neo-shoillearachd mu bhuannachdan dà-chànanaid, gu sònraichte a thaobh a bhith fileanta sa Ghàidhlig is a bhith a' toirt Gàidhlig, agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, don chloinn.

Tha an sgioba rannsachaidh a' moladh gun tèid toraidhean an rannsachaidh seo a thoirt do mhuinntir Shiaboist agus do na buidhnean poblach agus gnìomhachasan prìobhaiteach air a bheil dleasdanas a bhith a' co-obrachadh le muinntir Shiaboist, no a tha a' co-obrachadh le muinntir Shiaboist. Thathas a' moladh gum faigh gach dachaigh/teaghlach ann an Siabost lethbhreac dhen aithisg.

Cuideachd, bu chòir a h-uile cothrom a ghabhail gus **na toraidhean a thaisbeanadh agus a dheasbad le muinntir Shiaboist, aig cuirmean sòisealta, coinneamhan, buidhnean mar an**

Cròileagan agus Comann nam Pàrant, le luchd-teagaisg agus sgoilearan sa sgoil, le luchd-fastaidh ann an Siabost, le oifigearan na Comhairle agus nam buidhnean Gàidhlig, agus le buidhnean eile sa choimhearsnachd, mar an West Side Development Partnership. Gheibhear a-mach na tha na toraidhean seo a' ciallachadh do mhuintir Shiaboist agus do na daoine agus bhuidhnean eile a tha iad a' suathachadh ris nam beatha ann an Siabost. Gheibhear a-mach a bheil daoine airson piseach a thoirt air na toraidhean san aithisg. Tha an luchd-rannsachaidh gu math dòchasach, nuair a thèid toraidhean an rannsachaidh a thaisbeanadh don t-sluagh ann an Siabost, gum bi e comasach le seo toiseach tòiseachaidh a dhèanamh air planadh cànan ann an Siabost, agus gum bi deagh rùn dhan Ghàidhlig agus taic don Ghàidhlig a' tighinn nas fhaisge.

Bha e na iongnadh agus na thlachd do mhuintir Shiaboist gun robh Bòrd na Gàidhlig aig na dorsan aca a' faighneachd airson am beachdan. Tha an luchd-rannsachaidh am beachd gu bheil còir aig na buidhnean a bhith aig na dorsan nas trice, oir tha e a' togail ùidh agus spiorad coim-pàirteachais ann a bhith a' sgrùdadh chùisean agus a' lorg rathad air adhart.

Tha an luchd-rannsachaidh cuideachd dhen bheachd gum bu chòir na h-obraichean, na poileasaidhean agus an taic airson Gàidhlig a bhith stèidhichte gu soilleir anns na coimhearsnachdan beaga seo, chan ann a-mhàin sna bailtean mòra: feumaidh an làn Gàidhlig agus na cothroman na lùib tighinn a-steach a-rithist chun nam bailtean beaga seo, far a bheil Gàidhlig fhathast beò. Bheireadh seo misneachd do dhaoine sa chànan agus bhiodh barrachd creideis aig muinntir Shiaboist is àiteachan eile sna h-oidhirpean aig na buidhnean, ann an coimhearsnachdan far nach fheum thu, is iongantach, Gàidhlig airson obair fhaighinn, agus far nach eil sgilean sa Ghàidhlig a' toirt mòran cliù dhut. Le bhith a' stèidheachadh obraichean poblach mar seo sna coimhearsnachdan bhiodh e gu pragtaigeach a' freagairt na ceist air ciamar as urrainn taic a thoirt don Ghàidhlig sa choimhearsnachd: bhiodh obraichean ann, bhiodh dearbhadh ann air cho feumail is a tha e Gàidhlig agus an cultar sin a bhith agad. Agus chruthaicheadh e lìonraidhean taice a chuireadh neart ri oidhirpean gus tar-chur cànan eadar nan ginealachdan a bhrosnachadh agus ann an cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd.

Tha sinn a' moladh gum feum luchd-leasachaidh a bhith an làthair làn-ùine ann an coimhearsnachdan mar Shiabost, bho latha gu latha, airson a bhith a' brosnachadh deasbad sa choimhearsnachd mun Ghàidhlig agus airson leasachaidhean Gàidhlig ùra a dheasbad le muinntir an àite. Is dòcha gum biodh feum air Oifigear Planadh Cànan, no grunn luchd-leasachaidh a' tadhal gu tric is gu cunnbhalach, a bhiodh ag obair le daoine fa leth agus le buidhnean airson m.e. brosnachadh na Gàidhlig san dachaigh, a' margaideachd FMG, a' brosnachadh agus a' margaideachd chothroman ionnsachaidh agus tighinn còmhla eadar fileantaich is daoine eile, a' brosnachadh iomairtean cànan leis an òigridh, agus msaa.

Dh'fhaodadh buidhnean ionadal a tha ann mar-thà obair co-òrdanachaidh a dhèanamh eadar iomairtean, ach tha sinne a' moladh gu bheil feum air co-òrdanachadh, luachadh adhartais agus taic le buidheann, mar phàirt de phlana cànan. Dh'fheumar mothachadh dhan obair a thogail sa choimhearsnachd no sa sgìre. Tha Plana Cànan nan Eilean Siar (2006) ag ràdh gu bheil feum air planaichean cànan a tha air an sgrìobhadh leis na coimhearsnachdan fhèin (2006: 4-5), ach gu mì-fhortanach, cha deach am moladh seo a chur an gnìomh fhathast le na buidhnean no leis na coimhearsnachdan.

Tha e cuideachd cudromach gluasad air falbh bho leasachadh aon chuspair (m.e. na meadhanan Gàidhlig, no FMG) gu leasachadh a tha a' co-òrdanachadh nan diofar iomairtean mar phàirt dhen

phlana cànan. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh a' Chomhairle, còmhla ris a' bhuidhinn leasachaidh ionadal aig HIE, a bhith a' toirt fainear dhan buaidh aig leasachaidhean eaconomach air bruidhinn na Gàidhlig sa choimhearsnachd; dh'fhaodadh iad diofar sheòrsachan taic, bho chomhairle air, m.e., laghan obrach agus riatanas sgilean Gàidhlig a bhith aig tagraichean, gu sgrùdaidhean air buaidh phròiseactan msaa air a' Ghàidhlig (Gaelic proofing of policies/actions – coltach ri 'rural proofing' a chleachd Riaghaltas na h-Alba airson a bhith a' sgrùdadh buaidh iomairtean is poileasaidhean air àiteachan iomallach/dùthchail).

Dh'fhaodadh còmhraidhean air a' Ghàidhlig san àm ri teachd ann an Siabost a bhith a' gabhail a-steach na buannachdan a tha daoine a' smaoinichadh a thig an lùib a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig. Tha sinne dhen bheachd nach eil bruidhinn gu leòr ga dhèanamh ma dheidhinn seo (an 'soillearachadh ideòlach' air carson a tha Gàidhlig cudromach). Cuideachd, tha an luchd-rannsachaidh am beachd nach eilear soilleir air dè th' ann an dà-chànanas is chan eileas soilleir mu mar a tha daoine ga thuigsinn. Ciamar a tha daoine a' smaoinichadh a gheibh daoine gu bhith fìor chomasach air Gàidhlig, nuair a tha a' Bheurla nas làidire na am mion-cànan (Gàidhlig) anns cha mhòr a h-uile suidheachadh a th' ann? A bheil daoine an dùil gum bi daoine dà-chànanach gu nàdarra, mar a thachair roimhe sna coimhearsnachdan, gun planadh? A bheil daoine deònach a bhith a' planadh cleachdadh cànan san teaghlach agus sa choimhearsnachd, gus bruidhinn air suidheachaidhean cànan agus stiùireadh air cleachdadh cànan – mar eisimpleir, ma tha e nas duilghe a bhith fileanta sa Ghàidhlig, ciamar an nithear cinnteach gu bheil na cothroman ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig, aig a' Chròileagan mar eisimpleir, no sa sgoil, no aig tachartasan sa choimhearsnachd?

Ghabhadh barrachd rannsachaidh a dhèanamh air dè cho èifeachdach is a tha na h-iomairtean cànan a th' ann an-dràsta; mar eisimpleir, ciamar a tha pàrantan a' tuigsinn nan ceanglaichean eadar cleachdadh na Gàidhlig le clann san dachaigh agus an adhartas ann am FMG? Is dòcha gu bheil pàrantan an dùil ri cus – fileantachd – bho FMG; no is dòcha gu bheil pàrantan draghail nach bi Beurla gu leòr aig a' chloinn ma tha iad ann am FMG, agus is dòcha gu bheil seo a' toirt orra a bhith a' bruidhinn barrachd Beurla aig an taigh? (cf O hIfearnain 2010). Cuideachd, a bheil eisimpleirean agus taic gu leòr ann do phàrantan san dachaigh a tha a' feuchainn ri bruidhinn na Gàidhlig san dachaigh a bhrosnachadh ach a tha cuideachd am measg dhaoine eile san dachaigh le diofar chomasan agus barail cànan (cf Jones & Morris 2005)?

Chualas mì-chinnt ann an agallamhan agus còmhraidhean ann an Siabost mu carson nach eil iomairtean Gàidhlig ann an Siabost a' soirbheachadh. Uaireannan, bha beachd ann nach bu chòir dhut a bhith a' sparadh Gàidhlig air duine sam bith, nach bu chòir a bhith a' feuchainn ri innse do dhaoine na bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh. Bu chòir am beachd seo a leasachadh, far a bheil an dragh seo aig daoine: ma dh'fhaoidte gu bheil feum air barrachd trèanaidh air a' chuspair seo airson luchd-leasachaidh na Gàidhlig, ma dh'fhaoidte gu bheil feum air barrachd mhargaideachd gus am bi a' Ghàidhlig ga faicinn mar chothrom, mar chànan agus chultar a tha inntinneach agus luachmhòr, mar dìleab agus còir cànan aig cuid agus don fheadhainn a tha ag iarraidh gum bi i aca. Dhèanadh e dragh do chuid nam feuchadh iad ris an cànan a tha iad an-dràsta a' cleachdadh le cuideigin eile atharrachadh, bho Bheurla gu Gàidhlig. Ma dh'fhaoidte gum biodh cuid a' faireachdainn gum biodh e mì-mhodhail agus nàir a bhith ag atharrachadh a' chànan-conaltraidh, le caraid no le cuideigin san teaghlach. Bhiodh feum air planaichean cànan pearsanta agus sòisealta mar seo airson a bhith a' dèiligeadh ri suidheachaidhean pearsanta agus sòisealta, gu h-àraidh nam biodh cunnart ann gun dèanadh e buaradh.

Tha eisimpleirean ann air deagh chleachdaidhean agus ghabhadh iad seo an leasachadh. Thuir cuid ann an Siabost nach robh fios aig daoine dè dhèanadh iad gus Gàidhlig a bhrosnachadh san dachaigh le clann, is nach robh fios aca air ciamar a bhrosnaicheadh iad cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd. Ach tha an rannsachadh a' sealltainn gu bheil àrd-chomasan aig mòran ann an Siabost: ghabhadh na comasan seo a chur gu feum airson a bhith a' teagasg Gàidhlig do dhaoine eile agus airson a bhith a' brosnachadh tar-chur cànan eadar nan ginealachdan. Cuideachd, dh'fhaodar còmhraidhean a chumail eadar muinntir Shiaboist agus luchd-leasachaidh air prionsapalan/poileasaidhean cleachdadh cànan ann an diofar shuidheachaidhean agus eisimpleirean pragtaigeach no dòighean air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha mòran eisimpleirean fìor mhath ann an, mar eisimpleir, *Ginealach Ùr na Gàidhlig* (2010) agus ann am *Plana Cànan nan Eilean Siar* (2006).

Dh'fhaodadh buaidhean Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig, agus carson as fhiach e tuilleadh Gàidhlig a bhruidhinn, a dhèanamh mòran nas soilleire. Tha mòran taice a dhith a thaobh a bhith a' cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh le, mar eisimpleir, a' brosnachadh phàrantan a bhith a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig, le bhith a' toirt taic do phàrantan a thaobh misneachd, m.e. ann a bhith a' cuideachadh na cloinne le obair-dachaigh sa Ghàidhlig; le bhith a' a' cuideachadh le 'ro-innleachd cànan' a chleachdadh iad airson a bhith a' cur taic ris na cleachdaidhean cànan cunnbhalach a tha iad ag iarraidh san dachaigh; agus le bhith a' brosnachadh bruidhinn na Gàidhlig le seann-phàrantan, càirdean eile san teaghlach, agus le daoine nas sine sa choimhearsnachd.

Tha a' Ghàidhlig na mion-cànan sna h-Eileanan Siar, agus gun a bhith a' planadh cleachdadh agus ionnsachadh cànan le daoine fa leth, teaghlaichean agus coimhearsnachdan ann an sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig làidir gu leòr fhathast a bhith mar chànan làitheil eadar dhaoine, bidh aon aon phàtran atharrachadh cànan a tha ri fhaicinn an-dràsta gu sònraichte am measg òigridh –aon-chànanas, ann am Beurla a-mhàin – a' sìor fhàs. Sgrìobh Dauenhauer & Dauenhauer “The foundation of language reversal is the family and community link”. Feumaidh iomairtean Gàidhlig ann an Siabost a bhith ag obair gu bhith a' brosnachadh tar-chur cànan (Gàidhlig) eadar nan ginealachdan, cleachdadh na Gàidhlig gach latha mar an cànan àbhaisteach ann an grunn dhiofar shuidheachaidhean, agus air diofar chothroman gus a bhith ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig.

Tha na Dauenhauers (ibid) ag aithneachadh, ma thathas gu bhith an sàs ann an ath-bheothachadh cànan, gu bheil feum air atharraichean mòra ann am beatha nan daoine, agus feumaidh daoine cumail ris san fhad-ùine. Cha bhi e soirbh a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig mar an cànan àbhaisteach gach latha, no a bhith ag ath-bheothachadh no ag ath-steidheachadh mion-cànan (cf. Armstrong 2010). Chan eil fios aig an luchd-rannsachaidh seo an gabh Gàidhlig ath-bheothachadh ann an Siabost sna dachaighean agus sa choimhearsnachd. Ach tha sinn ag aontachadh le faclan neach-agallaimh: ma nì a' choimhearsnachd agus na buidhnean “oidhirp neo-thimcheall gheàrrte”, tha na sgilean cànan nam pailteas anns a' choimhearsnachd fhathast, agus tha iad nam fìor dheagh bhonn-stèidh airson iomairt agus plana cànan coimhearsnachd ann an Siabost.

Barail agus Comas Cànanain sa Choimhearsnachd: Siabost

“The foundation of language reversal is the family and community link”

(Dauenhauer & Dauenhauer 1998: 97)



Dealbh 1: Siabost, Leòdhas

3.1. RO-RÀDH

Dh’iarr Bòrd na Gàidhlig air sgioba luchd-rannsachaidh stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig rannsachadh a dhèanamh air Barail agus Comas Cànanain ann an coimhearsnachd Ghàidhlig. Bha Bòrd na Gàidhlig a’ sireadh:

1. Fèin-mheasaidhean air ìrean fileantachd ann an Gàidhlig sa choimhearsnachd;
2. Dealbh air barail dhaoine ann an aon coimhearsnachd air a’ Ghàidhlig;
3. Eisimpleir bhon aon coimhearsnachd air ìrean fileantachd (“actual levels”) ann am bruidhinn is sgrìobhadh am measg an t-sluaigh.

Sa chaibideil seo, Caibideil 3, thèid coimhead air **puingean 1 agus 2**; chaidh puing 3 a sgrùdadh ann an Caibideil 2.

Dh’iarr Bòrd na Gàidhlig am pìos rannsachaidh a stèidheachadh ann an sgìre no coimhearsnachd (“locality”) far a bheil comas sa Ghàidhlig nas cumanta, no far a bheilear comasach air Gàidhlig a chleachdadh, no far a bheilear a’ cleachdadh na Gàidhlig, nas trice na a’ Bheurla (“in a selected locality in which **facility** in Gaelic is *dominant*” [ar cuideam fhèin air ‘facility’ agus

‘dominant’]). Dh’iarradh air an sgioba-rannsachaidh an obair a dhèanamh anns na h-Eileanan Siar.

Bha an sgioba mothachail gum biodh an rannsachadh a’ cur ri rannsachadh eile air comas agus barail cànanain sna h-Eileanan Siar. Tha *Barail agus Comas Cànanain* a’ togail air rannsachadh a rinneadh roimhe ann an sgìrean dùthchasach na Gàidhlig, gu sònraichte an rannsachadh a rinn Kenneth MacKinnon (m.e.1991, 1987, 1971), rannsachadh a chaidh a dhèanamh airson *Plana Cànanain nan Eilean Siar* (2004), agus rannsachadh *Euromosaic* (1994), agus thugadh fa-near dha na ceistean agus dòighean-obrach a chaidh a chleachdadh san rannsachadh sin. Bha sgioba *Barail agus Comas Cànanain* ag iarraidh gum biodh leantainneachd rannsachaidh agus fiosrachaidh ann thar nam bliadhnaichean, bho *Euromosaic* (1994) gu *Pròiseact Plana Cànanain nan Eilean Siar* (2004) gu *Barail agus Comas Cànanain*, agus gum biodh cothrom ann coimeas a dhèanamh eadar toraidhean, ged a tha diofaran cudromach ann eadar *meudachd* agus *gnè* nan sgìrean a chaidh a rannsachadh anns gach pròiseact.

San tairgse-rannsachaidh, cha robh am pàirt seo de rannsachadh *Barail agus Comas Cànanain* ceangailte dìreach ri aon raon, prìomhachas no pròiseact sa *Phlana Nàiseanta*, mar a bha na pròiseactan rannsachaidh eile. Ach bha e soilleir gum biodh toraidhean an rannsachaidh feumail airson neartan is laigsean agus cothroman is dùbhlain leasachadh cànanain a thuigsinn, tro aon eisimpleir de choimhearsnachd Ghàidhlig san latha an-diugh. Bhathar ag iarraidh, bu dòcha, dealbh air comas agus barail air a’ Ghàidhlig a riochdaicheadh doimhneachd na tobrach, no a bheireadh sealladh air comasan agus barail air a’ Ghàidhlig san fharsaingeachd ann an coimhearsnachdan Gàidhlig nan Eilean Siar.

Bha an sgioba-rannsachaidh teagmhach an gabhadh seo dèanamh gu furasta oir, mar a fhuair eadh a-mach bho bhith a’ bruidhinn ri oifigearan a’ dèiligeadh ri cànan ann an Leòdhas, chan eil fios aig daoine càite a bheil ‘am meadhan’, an ìre chumanta airson bruidhinn is cleachdadh cànanain anns na coimhearsnachdan Gàidhlig. 'S e as coireach, thuirt iad, gu bheil diofar fhactaran air bualadh air coimhearsnachdan beaga fa leth, fiù 's san aon sgìre agus anns an aon eilean. Tha seo a’ ciallachadh gum feumadh iomairtean cànanain a bhith sùbailte agus freagarrach dha na factaran seo. Thuirt aon oifigear cànanain:

Chan eil aon template ag obair sa h-uile àite. Feumar sealltainn air sgìrean eadar-dhealaichte agus faighinn air ais dhan choimhearsnachd, is taic a chur ris na h-iarrtasan a th’ aca fhèin a thaobh Gàidhlig.

Bha beachd aig oifigear cànanain eile ged-thà gu bheil feum air modalan leasachadh cànanain sa choimhearsnachd a ghabhas cleachdadh, ged a bhathar ag aideachadh gum feumadh na modalan a bhith freagarrach agus sùbailte dha na feumannan aig a’ choimhearsnachd.

Chun a’ phròiseict rannsachaidh seo, cha robh fiosrachadh ann aig ìre cho mionaideach, ionadail air ceistean mar ìrean fileantachd sa Ghàidhlig, factaran ann an comas agus cleachdadh cànanain, barail no pàtran cleachdadh na Gàidhlig. Ged a bha toraidhean *Euromosaic* (1994) agus *Pròiseact Plana Cànanain nan Eilean Siar* (2004) ann, chan fhaighear bho Chunntas-sluaigh 2001 ach fiosrachadh glè bhunaiteach, agus tha am fiosrachadh sin ann an Cunntas-sluaigh 2001 lom agus sean ann an 2010. Molar gu bheil feum air rannsachadh air na ceistean gu h-àrd **anns a h-uile sgìre agus coimhearsnachd**, gu h-àraidh ma thathar airson planaichean cànanain baile no planaichean cànanain coimhearsnachd a chruthachadh agus a chur an gnìomh. 'S fhiach is dòcha

beachdachadh air eisimpleir na h-Èireann, far am bithear a' cumail cunntas-sluaigh gach còig bliadhna. Gun fhios aig duine dè an suidheachadh a th' ann an dà-rìribh a thaobh comais, cleachdaidh, barail, no fhactaran mar eaconomaidh agus cothroman-obrach san àite, cha bhi na ro-innleachdan cho èifeachdach no cho freagarrach 's a dh'fheumar.

Tha iomadh buannachd air tighinn an cois toraidhean an rannsachaidh seo sa choimhearsnachd, a bharrachd air na toraidhean air comas agus barail air a' Ghàidhlig anns a' choimhearsnachd. Chan e dìreach gu bheil toraidhean rannsachaidh a' phìos seo den phròiseact a' toirt seachad eisimpleir de chomasan agus de bharrail cànanan an-diugh, tha an rannsachadh:

- a' toirt dealbh mhionaideach, dhomhain seachad air an t-suidheachadh (comasan agus barail cànanan) ann an aon sgìre agus aon bhaile – **ìre nach deach a rannsachadh cho domhainn riamh**;
- air fiosrachadh a bharrachd a chruinneachadh 's a sgrùdadh air **cleachdadh** a' chànain sa choimhearsnachd, m.e. ann an àiteachan poblach – fios nach deach iarraidh sa chuireadh rannsachaidh, ach a tha cudromach do luchd-gnìomha a dh'fheuchas ri cothroman cleachdaidh a leudachadh sa choimhearsnachd;
- air eisimpleir fìor inntinneach a thoirt seachad air **dòighean-obrach rannsachaidh** airson toiseach tòiseachaidh a dhèanamh air brosnachadh plana cànanan ann an coimhearsnachd bheag;
- air ceist glè chudromach a thogail: gu dè cho freagarrach agus feumail 's a tha aon bhaile no aon choimhearsnachd fhiosaigeach mar thoiseach tòiseachaidh airson a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus **plana Gàidhlig baile** a stèidheachadh?

Ged nach deach iarraidh air an sgioba-rannsachaidh an dà phuing mu dheireadh a dheasbad, dh'èirich iad gu nàdarra às an rannsachadh sa choimhearsnachd, oir bhathar mothachail gum bu chòir do choimhearsnachdan buannachdan fhaighinn à rannsachadh coimhearsnachd, nam biodh iad gu bhith a' gabhail pàirt ann an rannsachadh a-rithist a chuidicheadh le *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* (2007) agus *Ginealach Ùr na Gàidhlig* (2010), agus ma tha *am Plana Nàiseanta* gu bhith soirbheachail aig ìre nan coimhearsnachdan cànanan far a bheil a' Ghàidhlig fhathast làidir aig cuid. Ged nach biodh anns na bailtean beaga ach aon phàirt de phlana agus structar leasachadh na Gàidhlig, thathar den bheachd gu bheil na bailtean beaga fìor chudromach ann an ath-bheothachadh a' chànain tro lìonraidhean de dhiofar sheòrsachan, mar fhoghlam no dualchas no eaconomaidhean ionadail. Feumar rannsachadh, mar sin, a chruthachadh, a chur an sàs, agus a chleachdadh còmhla ris a' choimhearsnachd no ris a' bhaile.

Tha structaran agus feallsanachd air cùl iomadach raon leasachaidh eile a thaobh na Gàidhlig - ann am foghlam agus anns na meadhanan, mar eisimpleir. Ach chan eil ach beagan iomairtean ann a tha a' brosnachadh co-obrachadh agus planadh cànanan anns na coimhearsnachdan beaga mar Shiabost. Tha am Bòrd air a bhith a' brosnachadh sgìrean iomairt a tha caran coltach ris na Mentrau Iaith sa Chuimrigh (*Plana Nàiseanta na Gàidhlig*, td. 23). Chaidh sgìrean a thaghadh mar phàirt de phròiseact *Iomairt*, a tha air a libhrigeadh le Comann na Gàidhlig, agus tha tè de na h-iomairtean, ann an iar-thuath Leòdhais, a' gabhail a-steach sgìre mhòr eadar Nis is Càrlabhaigh. Thuige seo, tha na h-iomairtean ionadail fo *Iomairt* air a bhith ag obair aig ìre fharsaing, thairis air sgìrean fada nas motha na baile Shiaboist.

Tha an rannsachadh seo a' cumail a-mach gu bheil cothroman cudromach ann aig ìre nan coimhearsnachdan beaga, mar Shiabost, a bhith a' measadh sgilean, chothroman agus dhùbhlan, aig ìre fìor ionadail, a chuidicheadh le bhith a' togail na Gàidhlig sa choimhearsnachd. Bhiodh seo mar bhonn-stèidh air cruthachadh plana cànan baile/coimhearsnachd, agus co-òrdanachadh leasachadh cànan anns a' choimhearsnachd, le taic bho na buidhnean Gàidhlig agus eile.

Tha atharrachaidhean mòra air tighinn air na daoine, na dàimhean agus a' chultar anns na coimhearsnachdan traidiseanta a chùim a' dol a' bruidhinn na Gàidhlig suas chun an latha an-diugh. Ach anns na coimhearsnachdan cànan seo, tha na ceanglaichean, na dàimhean, na modhan agus an ùidh sa chànan ann fhathast gu diofar ìrean, 's tha an sgioba-rannsachaidh seo an dùil gur dòcha gu bheil **miann anns a' choimhearsnachd**, ge b' oil leis a h-uile bruthadh eaconomach is sòisealta is cultarach, gun gabh a' Ghàidhlig neartachadh sa choimhearsnachd. Tha seo ri fhaicinn san rannsachadh ann an Siabost, ged nach eil am pròiseas conaltraidh mu na toraidhean ach air tòiseachadh.

Nochd muinntir Shiaboist ùidh mhòr anns an rannsachadh. À 161 taighean anns a bheil daoine a' fuireach làn-ùine, fhuair eadhon freagairtean bho 160 taighean. Cha do dhiùlt ach aon taigh (le aon duine) pàirt a ghabhail san rannsachadh, agus cha b' ann air adhbhar an rannsachaidh, cleachdadh cànan, a dhiùlt e (2). Chaidh gnogadh air a h-uile doras ann an Siabost; sgaioleadh trì ceisteachain, agus fhuair eadhon air ais na leanas:

Ceisteachan A (bun-fhiosrachadh mun taigh agus mun teaghlach) **99.8%**

Ceisteachan B (fios mionaideach air comas, cleachdadh agus barail cànan inbhich) **82%**

Ceisteachan C (fios bho inbhich mun chloinn, a thaobh cleachdaidh agus comais) **66%**

Tha an àireamh de fhreagairtean a' sealltainn co-dhiù deagh ghean dhan phròiseact rannsachaidh/leasachaidh, agus tha e cuideachd a' sealltainn spiorad co-obrachaidh eadar an sgioba-rannsachaidh agus muinntir na coimhearsnachd; ma dh'fhaoite cuideachd gun robh e na chuideachadh gun robh fios aig nàbaidhean is teaghlachan gun robh aig gach taigh/duine ri ceisteachain a lìonadh, agus bhiodh iad a' bruidhinn orra.

Tha an àireamh fhreagairtean à Siabost glè mhath a thaobh earbsachd nan toraidhean: ann an sgrùdaidhean cànan eile fhuair eadhon toraidhean faisg air an aon rud: fhuair an Surbhaidh air Cleachdadh Cànan sna h-Eileanan Siar 68% de cheisteachain air ais (*Pròiseact Plana Cànan nan Eilean Siar* (2004) td. 14), agus ann an sgrùdadh air Cuimris, fhuair eadhon 58.2% (inbhich) agus 50% (clann) (*Bòrd na Cuimris* (2004) td. 45).

3. 2. CO-THEAGSA

Chan eil teagamh gu bheil dìth fiosrachaidh fìor mhionaideach air cleachdadh agus barail air a' Ghàidhlig, an dà chuid aig ìre nan coimhearsnachdan agus beachdan pearsanta dhaoine fa leth.

Ged is e tùs feumail agus inntinneach air staid na Gàidhlig a tha sna cunntasan-sluaigh gach deich bliadhna (www.scrol.gov.uk), chan eilear a' faighinn fiosrachadh mionaideach, susbainteach no ùr gu leòr eadar na bliadhnaichean sin, no, dh'fhaodte a ràdh, fiù 's aig an àm a thig na toraidhean a-mach, oir chan eil ceistean goirid a' toirt seachad ach fhreagar-tean goirid.

Ged-thà, tha tùsan eile ann a tha air dealbh nas ioma-fhillte a thoirt air beachdan air a' chànan, cò tha ga chleachdadh, agus càite a bheilear ga chleachdadh. Chaidh *Pròiseact Plana Cànan nan Eilean Siar* a chur air chois ann an 2003, fo stiùir *Fòram Cànan agus Cultar nan Eilean*, a bha a' toirt stiùir do *Chom-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd* (Community Planning Partnership) air brosnachadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar.

Ann am *Pròiseact Plana Cànan nan Eilean Siar*, chaidh dà cheisteachan a chleachdadh: chaidh aonan mu chleachdadh cànan gu inbhich, agus fear eile gu luchd-còmhnaidh ùra a bha air tighinn a dh'fhuireach dha na h-Eileanan Siar air na deich bliadhna a dh'fhalbh. Chaidh 611 ceisteachain a sgaoileadh air feadh nan Eilean Siar, le ceisteachan a' dol chun a h-uile 35mh ainm air clàr an luchd-bhòtaidh. Fhuair 68% de na ceisteachain air ais – àireamh glè àrd a bha 's dòcha cho àrd air sàilleabh cho freagarrach dhan choimhearsnachd 's a bha na dòighean-obrach: chaidh buidheann de luchd-tadhail dhachaighean – fileantaich às na h-eileanan - chun nan dorsan leis na ceisteachain, agus gheall iad tilleadh an ceann latha na dhà airson an togail. Shoirbhich leotha.

Nochd na toraidhean ann an 2004 (*Pròiseact Plana Cànan nan Eilean Siar: Rannsachadh agus Toraidhean Ìre 1 dhen Phròiseact, Aithisg Dheireannach*). Chaidh co-labhairt a chumail aig Colaisde a' Chaisteil leis na buidhnean poblach sna h-Eileanan Siar an làthair, gus bruidhinn air an t-slighe air adhart. Chaidh ochd ro-innleachdan a stèidheachadh air na toraidhean. An-diugh, 's e 's dòcha an ro-innleachd as soirbheachaile bhon cho-labhairt an Ro-Innleachd Ionnsachadh Cànan (fios pearsanta bho sgioba Plana Cànan nan Eilean Siar) – ro-innleachd a bhios glè fhreagarrach ri linn raointean gnìomha 1-3 gu sònraichte sa phlana-ghnìomha, *Ginealach Ùr na Gàidhlig* (tdd. 9-11). Chaidh dà rud a mholadh san aithisg dheireannaich:

- “cur ri chèile planaichean cànan aig ìre coimhearsnachd ag obair còmhla ri fòraman beaga sa choimhearsnachd”; agus
- “stèidheachadh Plana Cànan nan Eilean Siar” (td. 51).

Chaidh an dàrna plana a dhèanamh, ach cha deach a' chiad mholadh a chur an sàs fhathast. **Tha a' chuid rannsachaidh seo de *Bharail agus Comas Cànan* a' moladh cuideachd gum bu chòir planaichean cànan aig ìre nan coimhearsnachdan a bhith ann – planaichean cànan baile, no planaichean cànan coimhearsnachd,** ma tha beagan bhailtean còmhla.

Tha an *Aithisg Dheireannach* a' toirt mòran fiosrachaidh seachad air cor na Gàidhlig sna h-Eileanan air fad, dealbh a tha farsaing agus fìor inntinneach le measgachadh de dh'àireamhan agus faclan nan daoine fhèin. Gu ìre mhòr, tha na toraidhean ann am *Barail agus Comas Cànan* glè fhaisg dhan dealbh a fhuair eadhon bho rannsachadh PCES.

A thaobh beachdan air a' Ghàidhlig, lean *Barail agus Comas Cànan* am pròiseact Eòrpach air mion-chànanan na h-Eòrpa: an *Euromosaic Project: Language Use Survey (1994)*, a bha a' faighneachd mu chleachdadh cànan. Bha e cudromach gun robh am Prof. Kenneth MacKinnon agus a' Bhean-phòsta Anna NicSuain an sàs anns an dà phròiseact gu h-àrd, agus sa phròiseact

rannsachaidh seo às leth Bòrd na Gàidhlig, oir chuir iad deagh chleachdaidhean fa chomhair an sgioba-rannsachaidh seo agus mhol iad leantainneachd rannsachaidh.

Tha an gainnead fiosrachaidh air comas, barail agus cleachdadh, ann am beachd an sgioba-rannsachaidh, na chnap-starra nuair a bhios coimhearsnachdan agus buidhnean leasachaidh a' cruthachadh phròiseactan agus thargaidean gus piseach a thoirt air a' Ghàidhlig, agus gun iad uaireannan stèidhichte air bun-fhiosrachadh mionaideach, ùr. Ach, mar a thathar a' sealltainn san rannsachadh seo, tha e furasta am fiosrachadh seo a thrusadh ann an iomairtean beaga sna coimhearsnachdan, le toil agus taic na coimhearsnachd.

3.3. MÌNEACHAIDHEAN AIR COMAS AGUS BARAIL CÀNAIN

3.3.1. Dè th' ann an comas-cànain agus dè th' ann am fileantachd?

But what is the norm for language competence? What do we mean by language proficiency? What are its components and what is the range of acceptable variation? Although these questions may seem prior to any use of language as a research instrument or conclusions about language ability in individuals, they rarely if ever are explicitly addressed.

(Bialystok 2001:10-11)

Tha mòran measaidh-chànain gan dèanamh, mar phàirt de dh'iomairtean ath-leasachaidh, gun tuigse mhath air dè thathar a' tomhas. Chan eil ceist ann gun tog luchd-rannsachaidh dàta na fheumaile ma thèid innealan-sgrùdaidh mar cheisteachain a sgrìobhadh gu faiceallach, ach fiù 's mus cuirear ceistean ri chèile, thathar am beachd gu bheil e riatanach gum mìnichear na thathar an dùil a mheasadh, gum mìnichear mar a thuigear fileantachd agus comas-cànain aig ìre theòiridheil. Gu tric, nuair a thathar a-mach air fileantachd, bidh beachd aig cùl na h-inntinn air dè seòrsa neach-labhairt a thèid a chleachdadh mar shlat-thomhais, agus gun fhiosta, gum bi samhla ann de 'shàr-fhileantach mas fhìor' a stiùireas am measadh a nithear air ar comas fhèin agus air comas dhaoine eile. Tha an sgioba rannsachaidh againn a' cumail a-mach gu bheil am beachd coitcheann seo na dhuilgheadas, gun cuir an sàr-fhileantach mas fhìor air iomrall sinn, ma thèid a chleachdadh mar shlat-thomhais ann an rannsachadh comas-cànain. Ann an cleachdadh co-dhiù, tha dà thuigse air nòisean na fileantachd: an tuigse choitcheann agus an tuigse theicnigeach chànanaich. Ann an cleachdadh coitcheann, thèid fileantachd a thuigsinn mar thomhas air comas-cànain air fad, ach ann an cànanaichas, thèid fileantachd a thuigsinn ann an dòigh nas cuingealaiche agus mar thomhas cruthach, àireamhail air ruith labhairt, m.e. tomhas air dè cho fad 's a bhruidhneas neach-labhairt eadar fosaidhean no dè cho fada 's a tha na fosaidhean sin. (Chambers 1997) Ann an Cànanaichas a-nis, nuair a thathas a-mach air comas-cànain air fad, is e 'comas-conaltraidh' (*communicative competence*) no 'comas-cànain' (*linguistic competence*) a thèid a chleachdadh seach 'fileantachd' (Paulston 1974). Anns an earrainn a leanas, mìnichear mar a thuigeas an sgioba-rannsachaidh comas-cànain agus comas-conaltraidh, mar a tha an tuigse sin a' toirt buaidh air na h-innealan-rannsachaidh a chaidh a chleachdadh, agus mu dheireadh, mar a rinneadh mìneachadh-rannsachaidh (*operationalization*) air nòisean na fileantachd.

Nuair a thèid duine an sàs ann an sgrùdadh cànain ann an cleachdadh anns an t-saoghal, tha e follaiseach nach e aon chomas-cànain a chithear, ach comasan, nach e a-mhàin gu bheil diofar ìrean de chomas aig diofar dhaoine ach gu bheil diofar seòrsa chomasan aig diofar dhaoine, agus gu bheil na comasan sin uile an eisimeil air suidheachadh. Mar eisimpleir den seo, faodar

meòrachadh air an diofar eadar na comasan Gàidhlig aig seann chroitear air aon làimh agus aig ogha air an làimh eile. Can gun deach an croitear a thogail ann an coimhearsnachd làn Gàidhlig, ann an teaghlach Gàidhlig agus gun cleachdadh e a' Ghàidhlig le a sheann charaidean na obair làitheil air a' chroit agus anns a' choimhearsnachd. Ach can gun deach ogha a thogail anns an aon choimhearsnachd, anns an aon dachaigh còmhla ri a sheanair, dachaigh far an robh a' Ghàidhlig ga bruidhinn, ach nach deach a cleachdadh leis a' bhalach bheag gu dìreach. Canar cuideachd gun deach am balach dhan aonad Ghàidhlig anns a' bhun-sgoil, gum b' e deagh sgoilear a bh' ann agus gun robh e na chomas a' Ghàidhlig a chleachdadh anns an sgoil, ach nach b' àbhaist dha a cleachdadh le a charaidean air an raon-chluiche. Bhite an dùil ri comasan Gàidhlig gu math eadar-dhealaichte aig an dithis seo. Bhite an dùil gum biodh briathrachas croitearachd tana aig an ogha an coimeas ri a sheanair, mar eisimpleir. Bhiodh e doirbh dhan bhalach Gàidhlig a bhruidhinn ann an corra shuidheachadh air a' chroit agus bhiodh e coltach gum biodh am balach balbh, no na neach-labhairt balbh (*passive speaker*), nan rachadh e an sàs ann an obair na croit le sean charaidean a sheanair. Cuideachd, a rèir aois, bhite an dùil nach biodh na h-aon structaran gràmarach traidiseanta aig a' bhalach a bhiodh aig a sheanair, agus gum biodh Gàidhlig a' bhalaich eadar-dhealaichte aig ìrean eile, a thaobh fon-eòlais agus a thaobh os-structaran, ghnàthasan-cainnte agus mhodhan-conaltraidh.

Tha an sgioba rannsachaidh am beachd gur e suidheachadh cumanta a tha san eisimpleir seo anns an latha an-diugh, agus gu coitcheann, tha e coltach gun cleachdadh cuid a dhaoine an seanair mar an t-slat-thomhais, mar an sàr fhileantach, agus an taca ris, gun canadh cuid gun robh Gàidhlig lapach aig a' bhalach. Ach aig ìre theòiridheil, am biodh e ceart gum measte an seann chroitear 'na b' fhileanta' na am balach, anns a h-uile dòigh agus anns a h-uile suidheachadh? Is cinnteach gum biodh suidheachaidhean ann far am biodh am balach na bu chofhurtaile bruidhinn ann an Gàidhlig na a sheanair, anns an sgoil no a' dèanamh obair-dhachaigh, suidheachaidhean far nach tuigeadh an seann chroitear a' Ghàidhlig agus e fhèin a' dol balbh. A bheil e ceart a ràdh gu bheil Gàidhlig na croite nas bunasaiche na Gàidhlig a' mhatamataig? Nam bruidhneadh am balach Gàidhlig gu cofhurtail agus gu siubhlach anns a' chlas, a bheil e gu diofar nach cleachdadh e an tuiséal ginideach cho tric 's a chleachdadh a sheanair, mar eisimpleir? Thathar a' cumail a-mach nach biodh comasan Gàidhlig a' bhalaich na b' fheàrr no na bu mhiosa na na comasan aig a sheanair, gu bunasach, ach gum biodh comasan an dithis de ghnèithean eadar-dhealaichte, agus gum biodh na comasan sin uile an eisimeil air suidheachadh.

'S e sgìre ioma-fhillte a th' anns a' Ghàidhealtachd anns an latha an-diugh, agus thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an mòran shuidheachaidhean eadar-dhealaichte, cuid a tha sean agus cuid a tha ùr, agus le mòran luchd-labhairt eadar-dhealaichte, cuid a tha traidiseanta agus cuid a tha nuadh. Thogadh am balach a dhealbhaicheadh gu h-àrd ann an dachaigh Gàidhlig, ged nach deach a' Ghàidhlig a bhruidhinn ris gu dìreach, agus bhiodh an suidheachadh seo cumanta gu leòr, ach tha e cuideachd a' sìor-fhàs nas cumanta gum bi clann a' dol a-steach dha na h-aonadan Gàidhlig bho theaghlaichean aona-chànanach Beurla, agus a' chlànn seo a' togail an cuid Gàidhlig air fad anns an sgoil. Is cinnteach gum bi Gàidhlig de ghnè eadar-dhealaichte aig an dream seo cuideachd. (Müller 2006) Agus mu dheireadh, bidh inbhich ag ionnsachadh na Gàidhlig mar dhàrna cànan agus tha fios gu bheil comasan-cànain luchd-ionnsachaidh àrd-chomasach gu math eadar-dhealaichte bho chomasan luchd-labhairt màthaireil. 'S urrainn do luchd-ionnsachaidh dàrna cànan a thogail chun na h-ìre 's gu bheil e doirbh an sgaradh bho luchd-labhairt màthaireil ann an còmhradh làitheil, 's gu bheil iad air am meas 'fileanta' le luchd-labhairt eile air a h-uile dòigh (Piller 2002), ach nuair a sgrùdadh an labhairt aig luchd-

ionnsachaidh àrd-chomasach gu mionaideach, lorgadh gun cleachdadh iad cànan a tha eadar-dhealaichte ann an structaran domhainn gràmarach bhon chànan a chleachdadh luchd-labhairt màthaireil. (Coppieters 1987) Tha e cumanta gum measar comas luchd-ionnsachaidh air sgèile an luchd-labhairt mhàthaireil, gun tèid am meas mar "*failed native speakers*," (Cook 1999: 185) ach tha an rannsachadh aig Piller agus aig Coppieters a' taisbeanadh gu bheil luchd-ionnsachaidh air sgèile comais gu tur eadar-dhealaichte, gum bi luchd-ionnsachaidh a' ruigsinn àrd-chomas eadar-dhealaichte bho comas an luchd-labhairt mhàthaireil, agus ann an dòigh, gum bi iad a' bruidhinn a' chànain aca fhèin.

Gu ruige seo, dhealbhaicheadh an suidheachadh gun iomradh ach air comas sa Ghàidhlig, ach 's e comann ioma-chànanach a th' anns a' Ghàidhealtachd o chionn fhada, agus tha an dealbh againn a' fàs nas iomadaiche fhathast nuair a chuirear cànanan eile ris. Tha Beurla aig a h-uile neach-labhairt Gàidhlig inbheach, agus tuigear, a thaobh luchd-labhairt dà-chànanaich, gu bheil an comasan anns an dàrna cànan daonnan ann an co-theagsa an cànan eile, gur e mearachd a th' ann nan tuigte daoine dà-chànanaich mar dhithis neach-labhairt aon-chànanaich anns an aon eanchainn. (Grosjean 1989) Tha luchd-labhairt dà-chànanaich air sgèile comais eadar-dhealaichte bho luchd-labhairt aon-chànanaich, agus a-rithist, bhiodh comasan luchd-labhairt dà-chànanaich an eisimeil air suidheachadh, ach air suidheachadh dà-chànanaich, agus mar sin, an eisimeil air na gnàthan-cànain a tha a' riaghladh cleachdadh an dà chànain anns gach suidheachadh. Agus a chionn 's gur e mion-chànan ann an cunnart a th' anns a' Ghàidhlig, chan eil an dealbh againn na tàmh, ach a' gluasad. Bha gluasad-cànain an gnìomh anns a' Ghaidhealtachd o chionn iomadh linn, agus an gluasad ag adhbharachadh diofar ìrean de chomas Gàidhlig eadar diofar luchd-labhairt traidiseanta, am "*Proficiency Continuum of Speakers*" a rannsaich Nancy Dorian. (1981: 114) Rè nam bliadhnachan, rinn grunn rannsachaidhean molaidhean air mar a rachadh an sgèile seo a sgaradh eadar diofar seòrsa luchd-labhairt. Dhealbhaich Dorian fhèin trì ìrean de chomas fon ìre fhileanta, "*semi-speakers*," "*near passive bilinguals*" agus "*passive bilinguals*." (Dorian 1982) Mhol Lenore A. Grenoble agus Lindsay J. Whaley ceithir ìrean sònraichte air an sgèile: "*fluent speakers - highly proficient speakers - semi-speakers - non-speakers*." (2006: 163) Agus o chionn ghoirid, bheachdaich Charlotte Basham agus Ann Fathman gu bheil blas breithneachail air a' bhriathar, *semi-speaker*, agus mhol iad "*latent speaker*" na àite. (2008: 578)

Airson an sgrùdadh seo, dh'fheumte seòrsa de rian a dhèanamh às na bun-bheachdan ceòthach gu h-àrd, agus dh'fheumte teannachadh air mìneachadh deimhinn air nòisean na fileantachd gu sònraichte, mìneachadh a ghabhadh tomhas. Ann a bhith a' measadh comas-cànain, chleachdadh an stiùireadh bho Chomhairle na Roinn Eòrpa (2001), *The Common European Framework of Reference for Languages, Learning, Teaching, Assessment*. (Comhairle na Roinn-Eòrpa 2001) Gu mionaideach, chaidh comas-cànain a thomhas le cruth-ceist a chaidh a mholadh le Comhairle na Roinn Eòrpa, le ceistean a bh' anns an cruth, *is urrainn* ['*can do*']. Tha ceistean anns a' chruth seo gu sònraichte iomchaidh a chionn 's gun tomhais iad comas ann an dòigh dheimhinn shusbainteach, agus le iomradh air suidheachaidhean-labhairt no cleachdaidhean-cànain àraid. Airson cunbhalachd, chaidh na h-aon cheistean ann an Ceisteachan B a chleachdadh anns an In-sgrùdadh Chànanaich le roinn-obrach aig Comhairle nan Eilean Siar. [Thèid meòrachadh air buannachd nan ceistean 'is urrainn' ann an Caibideil 4.] Ann an Ceisteachan C, leasaicheadh na ceistean gus am freagradh iad air daoine òga, bho bhith a' bruidhinn air an àite-obrach gu bruidhinn air cùisean na goile. An uair sin, rinneadh mìneachadh-rannsachaidh air fileantachd,

agus sònrachadh na cuid anns an dà ìre de chomas a b' àirde mar luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a bhiodh 'fileanta'.

N.B. Anns an sgrùdadh a leanas, cleachdar am facal 'fileantaich' nuair a thathar a' bruidhinn air **a' Ghàidhlig** agus nuair a thathas a' ciallachadh **inbhich [toraidhean airson Ceisteachan B]** no **clann [toraidhean airson Ceisteachan C]** a tha a' bruidhinn na Gàidhlig aig an **dà ìre as comasaiche** (faicibh Toraidhean, Earrannan B&C: Comas Cànain).

3.3.2. Dè th' ann am barail cànain?

Bidh luchd-planaidh cànain gu tric a' sealltainn ùidh ann am barail cànain. Thathar an dùil gu bheil barail cànain dlùth-cheangailte ri taghaidhean cànain agus cleachdadh cànain; mar sin, ma thuigeas luchd-planaidh barail cànain, lorgar dòigh air barail agus cleachdadh cànain atharrachadh, gu maith a' chànain sin. Tha cuid dhen bheachd gum faicear barail cànain ann am freagairtean dhaoine ann an suidheachaidhean sònraichte (beachd aig cuid de shaic-eòlaichean sòisealta); tha cuid eile den bheachd gu bheil na baraillean a' tighinn am bàrr anns na tha iad a' dèanamh (luchd-inntinn, no mentalists). Ach tha e cuideachd fìor nach eil an aon bheachd aig duine fad an t-siubhail: bidh beachdan agus cleachdaidhean ag atharrachadh a rèir suidheachaidh agus fhactaran eile. 'S e sin as coireach gu bheil rannsachadh fad-ùine nas earbsaiche na rannsachadh goirid le ceisteachan no ceistean.

Cha robh e comasach mar sin rannsachadh fìor dhomhainn a ghabhail os làimh air barail cànain, cho math ris na pròiseactan eile fo 'Bharail agus Comas Cànain', oir dh'fheumte dòighean-obrach nas doimhne agus ùine gu math nas fhaide. Tha am beachd 'barail', a rèir chuspairean acadaimigeach mar shaic-eòlas agus sòisio-chànanachas, gu math toinnte co-dhiù a mhìneachadh, agus cha robh e comasach le coimhearsnachd cho mòr rannsachadh domhainn a dhèanamh air barail cànain. Ach gun teagamh, bhiodh rannsachadh domhainn air barail cànain glè inntinneach, gu h-àraidh nam bite airson cleachdadh agus barail atharrachadh, mar eisimpleir: a thaobh phàrantan a' taghadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig/Beurla, no a thaobh phàrantan agus sheann-phàrantan a' taghadh Gàidhlig/Beurla a bhruidhinn ris a' chloinn.

Lean an sgioba-rannsachaidh an obair a chaidh a dhèanamh fo Phròiseact Plana Cànain nan Eilean Siar air barail cànain agus chleachdadh na h-aon cheistean, le ceistean a bharrachd air Siabost fhèin. Bha na seòrsa cheistean sin sa chumantas a' tomhas fèin-aithne ceangailte ris a' Ghàidhlig, agus dìlseachd dhan Ghàidhlig (cf. MacKinnon 1997). Chaidh fèin-aithne Ghàidhlig, agus dìlseachd, a sgrùdadh, mu choinneimh aois, buntanais dhan àite, obrach agus gnè. Bha na ceistean 'farsaing' seach mionaideach agus bhathar ag amas mar sin air freagairtean farsaing (Cooper 1980), air coimhearsnachd shlàn. Cha robh an cothrom ann rannsachadh a dhèanamh le bhith 'a' coimhead' agus a' tomhas na tha daoine dha-rìribh a' dèanamh mar mheasadh air barail, seach le bhith a' faighneachd cheistean ann an dubh agus geal.

Bhiodh e inntinneach barrachd rannsachaidh a dhèanamh air barail cànain nuair a bhruidhneas an sgioba-rannsachaidh ris a' choimhearsnachd ann an Siabost mu thoraidhean a' phròiseict seo. Bhiodh e gu sònraichte inntinneach sgrùdadh a dhèanamh air beachdan na h-òigridh air toraidhean an rannsachaidh agus am barail air a' Ghàidhlig.

3.4 DÒIGHEAN-OBACH

3.4.1. Taghadh sgìre agus conaltradh

Dh'iarr Bòrd na Gàidhlig an rannsachadh a ghabhail os làimh ann an sgìre a bha air taobh a-staigh iomairt a' Bhùird le Comann na Gàidhlig, sgìre ris am biodh na buidhnean eile a' cur taic cuideachd. Mhol Bòrd na Gàidhlig a bhith ag obair sna h-Eileanan Siar, agus mhol iad àite a thaghadh air taobh siar Leòdhais, a bha air taobh a-staigh sgìre *Iomairt*. Mhol aon duine Siabost, ach chaidh an co-dhùnadh fhàgail aig an sgioba-rannsachaidh. Thuig am Bòrd a' bhuaidh a bhiodh aig toraidhean dubhach air misneachd iomairtean Gàidhlig, ach bhathar fosgailte ri seo cho math ri toraidhean a bhiodh dòchasach.

An toiseach, rinneadh oidhirp sgìre a shònrachadh far a bheil a' Ghàidhlig na mòr-chànan. Rinneadh sgrùdadh air toraidhean Cunntas-sluaigh 2001 airson diofar bhailtean ann an Leòdhas. Leis cho sean is a bha am fiosrachadh (ochd bliadhna bho chaidh am fiosrachadh a chruinneachadh do Chunntas-shluaigh 2001), bhathar mothachail gum biodh an àireamh às a' cheud airson neart na Gàidhlig air ìsleachadh, is dòcha gu mòr, ri linn bàs sheann daoine, theaghlaichean nas lugha aig na ginealaichean as òige, agus dhaoine gun Ghàidhlig ag imrich a-steach; ach cha robh dòigh ann air figear mar seo fhaighinn.



Dealbh 2: Siabost. Chithear cho creagach 's a tha na lotaichean, chithear an obair a rinn na ginealaichean a' trusadh nan creagan gus an talamh a chlioradh is ballachan a thogail le na clachan

Chaidh rannsachadh a dhèanamh air figearan a' chunntais-shluaigh mu dheireadh (2001) agus chuireadh dealbh ri chèile air diofar bhailtean agus ìrean fèin-mheasaidh de dh'fhileantachd sa Ghàidhlig (Mac an Tàilleir, 2008). Thaghadh bailtean a bha sa mheadhan agus bailtean a bha aig an ìre a b' àirde a thaobh cleachdadh cànan, a rèir cunntas-sluaigh 2001. Leis a' chiad fheadhainn, b' e an rùn dealbh fhaighinn air barail agus comas cànan a bha 'riochdachail'. B' e an smuain aig cùl taghadh baile aig an ìre a bu làidire, gun gabhadh obair dèanamh gus an ìre sin

a thaiceachadh agus a neartachadh; agus mar a bha tòrr de na bailtean seo air taobh siar Leòdhais, bha seo gu bhith a' ceangal ri *Iomairt* air taobh an iar-thuath Leòdhais.

Chaidh bruidhinn ri Sgioba na Gàidhlig (CnES), Comann na Gàidhlig ann an Steòrnabhagh, agus Ceann-suidhe Comataidh na Gàidhlig aig CnES mu na diofar thaghadh agus mar a bha na bailtean 's dòcha air atharrachadh. Bha daoine aig na diofar bhuidhnean a' faireachdainn gum biodh an àireamh às a' cheud na b' ìsle anns a h-uile coimhearsnachd bhon a chaidh Cunntas-sluaigh 2001 a dhèanamh, agus bha amharas ann gum biodh am meadhan gu math na b' ìsle na 58.5%; mhol iad uile bailtean a sheachnadh a bha timcheall air 58.5%, oir, ann am beachd cuid, chan e bailtean Gàidhlig a bhiodh annta tuilleadh.

Mhol na h-eòlaichean ann an Leòdhas gum biodh toraidhean mionaideach an rannsachaidh feumail dha na buidhnean an sàs ann an *Iomairt* air iar-thuath Leòdhais, agus gun gabhadh feum dèanamh den rannsachadh oir bha *Iomairt* ann mar-thà san sgìre. Chaidh na bailtean a b' àirde a dheasbad, agus chaidh Siabost a mholadh air diofar adhbharan: gun robh teaghlachan òga agus sgoil ann leis an dà chuid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla, gun robh Sgoil Shiaboist ann an sgìre na h-iomairt, gun robh cothroman obrach, gu h-àraidh obair nam muilnean, a bha air a bhith glè chudromach ann an eachdraidh na sgìre oir chumadh sluagh ann; nach robh an t-uabhas air imrich a-steach no a-mach bho chionn beagan bhliadhnaichean, an taca ri coimhearsnachdan eile; agus gun robh trì bailtean ann an Siabost, mar gum b' eadh: Siabost bho Thuath, Siabost bho Dheas agus Pàirc Shiaboist, a bha co-ionnan ri ceithir sgìrean fiosrachaidh ('output areas') ann an Cunntas-sluaigh 2001. Cuideachd, thuirt aon oifigear cànan gun robhar sgìth de dhroch naidheachd mun Ghàidhlig, agus gum biodh naidheachd sam bith eile na b' fheumaile a thaobh togail misneachd agus lorg shlighean air adhart.

A rèir Cunntas-sluaigh 2001, bha luchd-labhairt na Gàidhlig a' riochdachadh 73% de sgìre Shiaboist (*Pàipear-fiosrachaidh air taghadh sgìre ann an Leòdhas*, Mac an Tàilleir (2009)), agus cha robh ach aon àite na bu làidire ann an Leòdhas, Port Nis, aig 75.4%. A rèir Mhic an Tàilleir, chaidh an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig sìos **-23.12%** eadar 1991-2001 (*ibid*). Fhuair eadhon comhairle gun robh tòrr dhaoine na bu shine air caochladh ann an sgìre Nis bho 2001, agus bha mòran daoine gun Ghàidhlig air tighinn a dh'fhuireach sa sgìre; agus bhathar an dùil gun robh àireamh luchd-labhairt Nis air a dhol sìos gu mòr, 's nach biodh e na b' àirde na sgìre eile.

Bho nach robh briathran a' Chunntais-shluaigh 2001 mu chomasan sa Ghàidhlig soilleir, tha e doirbh coimeas dìreach a dhèanamh leis an rannsachadh seo a chaidh a dhèanamh ann an Siabost, ach, a rèir an rannsachaidh seo, chaidh an sluagh sìos 15%, agus is iongantach mura bi a' Ghàidhlig air a dhol sìos cuideachd.

Chan eil aithneachadh oifigeil air sgìrean no bailtean Gàidhlig ann an Alba – eu-coltach ris an t-suidheachadh ann an Èirinn, far a bheil Gaeltachtaí air an comharrachadh, le trì seòrsachan de sgìrean cànan ann a thaobh tricead bruidhinn na Gaeilge gu làitheil (faicibh, m.e., Ó Giollagáin & Mac Donnacha, 2007). Anns an aithisg aig Ó Giollagáin & Mac Donnacha, chan eil iad a' cleachdadh mìneachaidhean nan trì ìrean coimhearsnachd ris an deach gabhail san achd *Ministers and Secretaries (Amendment) Act, 1956* (td. 9). Tha iad fhèin a' cleachdadh mhìneachaidhean ùra dha na trì seòrsachan. Tha Seòrsa A a' comharrachadh coimhearsnachd cànan far a bheil còrr is 67% den t-sluagh os cionn 3 bliadhna a dh'aois a' bruidhinn Gaeilge gach latha (td. 13). Tha an rannsachadh ann an Siabost a' sealltainn gu bheil Gàidhlig fhileanta aig 66% de mhuinntir Shiaboist, as urrainn a cleachdadh gu fileanta ann am bruidhinn bho latha

gu latha. Tha an àireamh seo a' dol suas gu 71% ma ghabhar ris a' bhuidhinn a fhreagair gun urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean gach latha air a' mhòr-chuid de chuspairean – agus tha an abairt 'gach latha' is dòcha a' ciallachadh gum biodh e freagarrach ann an co-theagsa mìneachadh Seòrsa A (a' bruidhinn Gaeilge gach latha) a bhith a' gabhail ri 71%. Bhiodh a' chiad àireamh, 66%, a' measadh Shiaboist mar choimhearsnachd cànan Seòrsa B, a thaobh mìneachaidhean Gaeltachtaí aig Ó Giollagáin & Mac Donnacha, eadar 44-66%: far a bheil a' Bheurla na mòr-chànan, agus far a bheil lìonraidhean cànan na Gaeilge car làidir ann.

Thathar a' mìneachadh, ann an coimhearsnachdan seòrsa B, gu bheil an cànan (Gaeilge) ga chleachdadh mar chànan coimhearsnachd gu ìre, ach tha seo ceangailte ri aois, agus àiteachan sònraichte, agus/no lìonraidhean sòisealta. Mar sin, a rèir seòrsachan coimhearsnachd cànan na Gaeilge, tha Siabost coltach ri Seòrsa B.

Fhuair eadh fiathachadh bruidhinn air taghaidhean coimhearsnachd aig Fòram na Gàidhlig, leis na buidhnean poblach eile. Chaidh gabhail ris a' mholadh (Siabost) aig a' choinneimh seo, agus fhuair eadh gach brosnachadh, a bharrachd air fiathachadh tighinn air ais a bhruidhinn air na toraidhean.

Chaidh bruidhinn ri dithis chomhairlichean à sgìre Shiaboist mun rannsachadh sa Ghearran 2010, agus fhuair eadh brosnachadh agus ainmean dhaoine san sgìre a bhiodh cuideachail dhan rannsachadh. Chaidh bruidhinn an uair sin, aghaidh ri aghaidh, ri daoine eile a bha a' fuireach/ag obair ann an Siabost a bha an sàs ann an leasachadh san sgìre (cuid an sàs leis a' Ghàidhlig – ceannard Sgoil Shiaboist, mar eisimpleir) airson innse dhaibh mun phròiseact, agus fhuair eadh taic agus cothrom agallamhan a dhèanamh leotha a-rithist mun Ghàidhlig agus leasachadh san sgìre.

Bhathar a' saoilinn gun robh e glè chudromach bruidhinn mun rannsachadh airson dèanamh cinnteach gun robh daoine deònach gun tachradh e agus gun cuireadh iad an taic ris. Bhathar cuideachd den bheachd gun robhar a' togail mothachadh dhan rannsachadh a thogadh ceistean ann an inntinn dhaoine air na ghabhadh dèanamh airson na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd sin leis na toraidhean, gum biodh buaidh agus buannachdan, 's dòcha, dhan choimhearsnachd fhèin, a bharrachd air toraidhean rannsachaidh ann an aithisg.

Bha an obair seo uabhasach cudromach – còmhraidhean aghaidh ri aghaidh ri daoine fa leth, a' faighinn 'cead' agus co-obrachadh aig toiseach an rannsachaidh, agus bhathar a' togail ùidh agus cheistean ann an inntinn dhaoine air carson a bha an rannsachadh ga dhèanamh, agus air na dh'fhaodadh tighinn às:

Seall an-dràsta, tha ceathrar òigridh agad a' falbh timcheall a' bhaile a tha seo. Tha sin a' toirt ùrachadh do dhaoine mar-thà. Dh'fheumadh iad fhèin agus feadhainn eile a bhith ann fad na h-ùine. (fireannach aois 60+)

Leis an obair rannsachaidh, bhathar cuideachd a' dearbhadh dhan choimhearsnachd gu bheil ùidh aig buidhnean poblach, mar Bhòrd na Gàidhlig, ann am beachdan dhaoine sna coimhearsnachdan, gun tigeadh iad chun an dorais a dh'fhaighneachd mu chleachdadh agus barail air a' Ghàidhlig san sgìre. Bha daoine a' coimhead toilichte gun robh Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh co-obrachadh mar seo ann an coimhearsnachd bheag.

Mhòthaich an neach-rannsachaidh a chuir na ceisteachain an sàs ann an Siabost gun do thog am pròiseact ùidh/dòchas sa choimhearsnachd, am measg cuid, gun gabhadh rudan feumail dèanamh leis an fhiosrachadh, agus gum feumadh leantainneachd a bhith ann.

Chan eil ann an ceathrar a bhith a-miugh airson seachdain no dhà, ach dìreach... Cha mhòr gu bheil toiseach tòiseachaidh ann! Ach mhòthaicheadh tu mar-thà gu bheil daoine ag iarraidh a bhith a' còmhraidh is a' faicinn daoine de dh'aois eadar-dhealaichte, bhon a tha iomadach, tha uiread de rìghinn is de dh'adhbharan ann air an t-suidheachadh, eil fhios agad. (ibid.)

Bha mise a' smaoinichadh gun còrdadh e ri muinntir Shiaboist .. gur e rud math a bhiodh ann, beagan buzz. Ged nach eil ann ach ceathrar a' dol timcheall, tha e a' toirt beagan buzz, beagan còmhraidh dha daoine. Bhiodh iad a' bruidhinn ma dheidhinn seo agus thogadh e ìomhaigh na Gàidhlig. Chanadh iad rudeigin agus bhiodh e a' brosnachadh còmhraidh (oifigear leasachaidh na Gàidhlig).

Tha seo cuideachd a' soillearachadh puing mu dheidhinn rannsachaidh: ma tha e gu bhith feumail agus na phròiseact leasachadh cànan sa choimhearsnachd, feumar ùine a thoirt gus am faicear dè nì a' choimhearsnachd leis, agus feumaidh misneachd a bhith aig a' choimhearsnachd gu bheilear ann an dha-rìrimh ag obair aig ìre coimhearsnachd. Bhathar mothachail sa choimhearsnachd gun toireadh obair leasachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd ùine mhòr, agus cha bhiodh an obair furasta; a bharrachd air sin, dh'fheumadh poileasaidhean nàiseanta agus iomairtean ionadal a bhith a' fighe còmhla.

Dh'fheumadh iad [sgìoba leasachadh cànan sa choimhearsnachd] a bhith a' dèanamh diofar rudan agus *gun* iad a bhith a' sùileachadh gun robh tòrr mothachadh gu bhith air an obair a bha iad a' dèanamh.

Is e an toiseach, tuigse fhaighinn air cho iomadh-fhillte is cho iomadh eachdraidheil, is cho iomadh a h-uile rud is a tha an suidheachadh. Bhon, ma tha thu a' dol a thòiseachadh faighneachd ro thràth dè man a ghabhas leasachadh air, tha thu a' dol a leigeil [suas], tha thu a' dol a thoirt suas, tha thu dìreach a' dol a ràdh 'cha ghabh sin dèanamh', no 'chan eil mi ga thuigs', no eile. Neo, tha thu a' dol ga do mhealleadh fhèin, gu bheil thu a' dèanamh barrachd tha thu a' dèanamh!

Dh'fheumadh [iomairtean ath-bheothachadh cànan sa choimhearsnachd] a bhith beag is mòr. Chan eil mise a' smaoinichadh gun gabh iad dèanamh. Dh'fheumadh iad a bhith beag, gur ann ag obair aig ìre bheag timcheall bailtean mar seo... Ach dh'fheumadh iad an uair sin a bhith a' ceangal ri rudan a bha a' dol ann am bailtean eile. Dh'fheumadh e bhith a' fàs bho gu h-ìosal... Nam biodh fàs ann bho gu h-ìorach a' coinneachadh ris na bhathas a' dèanamh de dh'oidhirp gu foirmeil agus

gu poileataigeach...! Ach, gun na dhà, chan eil ann ach mealladh. (fireannach aois 60+)

3.4.2. Ceisteachain agus luchd-tadhail dhachannan (faicibh na Pàipearan-Taice)

Ceisteachain A, B & C

Chuireadh trì ceisteachain ri chèile (a bha a' tarraing air obair cheisteachain mar *Euromosaic* (1994), *Gaelic in Edinburgh* (2005) agus *Pròiseact Plana Cànain nan Eilean Siar* (2004)) agus chaidh dreachan a dheasbad le Bòrd na Gàidhlig, Sgioba na Gàidhlig, Comann na Gàidhlig ann an Steòrnabhagh, le dithis chomhairlichean ionadail, le eòlaichean leasachaidh a bha air a bhith an sàs ann an leasachadh ionadail roimhe, le riochdaire bho Phlanadh Eaconomach (CnES), agus leis a' Cho-òrdanaiche Choimhearsnachd san sgìre. Dh'iarradh beachdan agus molaidhean air atharrachaidhean, mar eisimpleir, ceistean eile a bhiodh feumail do ChnaG a bha ag obair san sgìre, agus chuireadh a h-uile moladh an sàs sna ceisteachain. Rinneadh lethbhreacan sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Bha ceisteachan A glè ghoirid: dà thaobh de A4, air an robhar ag iarraidh bun-fhiosrachadh air gach taigh, m.e. cò mheud duine a bha a' fuireach anns gach taigh, dè an aois a bha iad, càirdeas do cheann an teaghlaich, dè seòrsa taighe a bh' ann, agus an cànan/na cànanan bu mhotha a bhathar a' cleachdadh san dachaigh. Fhuair eadhon freagairt bhon a h-uile taigh anns an robh daoine a' fuireach; cha do dhiùlt ach aon duine seo a dhèanamh.

B' e Ceisteachan B an ceisteachan a bu mhotha agus a bu doimhne. B' ann do dh'inbhich a bha an ceisteachan seo, agus thugadh ceisteachan do gach inbheach ann an Siabost. Bha ceithir earrannan anns a' cheisteachan: A. fios mun duine, mu a c(h)ànanan agus a t(h)ogail, agus mu a p(h)àrantan/s(h)eann-phàrantan agus na cànanan a bhruidhneadh iad ri chèile; B. ceistean mu chomasan cànain (stèidhichte air a' cheisteachan a' measadh ìrean comas cànain airson bhuidhnean); C. cleachdadh cànain sa bhaile, san dachaigh, san sgoil, aig buidhnean chur-seachadan, sa phost-oifis, sa bhùth, air comataidhean agus aig coinneamhan; D. barail cànain, stèidhichte air rannsachadh *Pròiseact Plana Cànain nan Eilean Siar*, le beagan ceistean a bharrachd ceangailte ris a' Ghàidhlig ann an Siabost.

Bhathar a' tuigsinn nach biodh e soirbheachail iarraidh air clann òga ceisteachan a lionadh, ach bhathar fhathast ag iarraidh fiosrachadh air comasan agus cleachdadh. Cuideachd, bhathas mothachail gun robh obair chudromach le clann Sgoil Shiaboist a' dol air adhart fon sgeama Iomairt, agus cha robh an sgioba rannsachaidh airson a bhith a' cur cus air a' chloinn seo. Rinneadh co-dhùnadh iarraidh air pàrantan na cloinne san dachaigh fios a thoirt seachad air cleachdadh cànain a' phàiste, ann an Ceisteachan C. Cha deach faighneachd airson barail na cloinne bho nach robh e comasach a bhith ag obair gu dìreach leis a' chloinn; ach dhèanadh e pìos rannsachaidh inntinneach dha rìrimh a-rithist, is dòcha mar phàirt dhen phròiseas a bhith a' conaltradh ris a' choimhearsnachd ann an Siabost air ciall nan toraidhean dhaibh agus air na ghabhadh dèanamh gus fileantachd sa Ghàidhlig a bhrosnachadh. Tha na trì ceisteachain sna pàipearan-taice.

Bha na ceisteachain uile gun urra, oir bhathar a' faireachdainn gun toireadh e barrachd saorsa dha daoine. Bhathar a' tuigsinn nach biodh ceisteachan sa phost cho èifeachdach a thaobh àireamhan de fhreagairtean (comhairle bho luchd-obrach Plana Cànain nan Eilean Siar agus Lèirsinn). Cuideachd, bhathar a' saoil sinn gun togadh e barrachd ùidh ann an daoine, agus gun

sealladh e barrachd spèis dhaibh, nam biodh daoine le ceisteachain aig na dorsan ag iarraidh sa Ghàidhlig (ma bha Gàidhlig aca) cuideachadh, agus a' faighneachd mu an cuid bheachdan. **Bha làthaireachd samhlauchail, gun robh Bòrd na Gàidhlig agus an luchd-rannsachaidh a' tighinn thuca fhèin sna dachaighean aca fhèin, ag iarraidh conaltradh, aghaidh ri aghaidh, ri daoine.**

Eòlaiche anns an sgìre. Bha e cuideachd air leth cudromach gun robh eòlaiche ag obair aig a' phròiseact a bha a' fuireach ann an Siabost agus a bha eòlach air cò bha a' fuireach sna taighean. Fhuair Leabhar Fòn an Taobh Siar, le àireamh nan taighean agus lotaichean, agus ainmean dhaoine. Chaidh an neach-rannsachaidh agus an t-eòlaiche tro na h-ainmean agus lotaichean agus taighean gu lèir, a' comharrachadh far an robh ceist an e taigh-samhraidh a bh' ann gun duine a' fuireach ann, agus chaidh lotaichean bàna agus taighean ùra, bho chaidh an leabhar fhoillseachadh, a chomharrachadh. Chaidh ceistean a rannsachadh agus a fhreagairt gus an robh clàr slàn ann de thaighean anns an robh daoine a' fuireach.

Luchd-tadhail dhachannan. Lean an sgioba-rannsachaidh deagh chleachdaidhean Plana Cànain nan Eilean Siar, agus fhuair taic leis na ceisteachain sa choimhearsnachd bho dhaoine anns an sgìre. Chaidh ceathrar fhasadh aig an robh Gàidhlig bho thùs, agus a bha dòigheil, cofhartail agus math air bruidhinn ri daoine, airson a dhol timcheall nan taighean leis na ceisteachain. Bha iad uile eòlach air a bhith an lùib dhaoine sna coimhearsnachdan aca fhèin – bha aon duine air a bhith an sàs ann an taghaidhean ionadail agus bha e cleachdte ri bhith a' gnogadh air dorsan agus a' sireadh bheachdan; bha tè eile cleachdte ri bhith a' dol timcheall nan taighean le canastair a' togail airgid do charthannais; bha tè eile eòlach air a bhith ag obair le luchd-obrach saor-thoileach aig a' Chomann Eachdraidh; agus bha an ceathramh duine an sàs sa choimhearsnachd aige fhèin, tron eaglais. Bha e cuideachd cudromach gun robh càirdeas agus co-obrachadh eadar a' mhòr-chuid dhiubh roimhe: bha dithis air an aon chlas sa cholaiste; bhuineadh dithis dhan aon sgìre, Nis; agus bhiodh na balaich a' seinn san eaglais, a' dol gu co-fharpaisean a' Mhòid nuair a bha iad na b' òige, agus bha iad eòlach air coitheanalan a chèile agus coitheanal Eaglais Shaor Shiaboist.



Dealbh 3: Innes MacSuain, Anne Marvin, Màiri Nic a' Ghobhainn, agus Colin George Morrison, luchd-tadhail dhachannan.

Bha fios aig an neach-rannsachaidh ro làimh (tro eòlas pearsanta air cuid dhiubh agus tro chomhairle bho eòlaiche, Anna NicSuain, a bha eòlach orra uile) gun robh tuigse chultarach aca air modh, agus air mar a bhruidhneadh iad ri muinntir an àite mun Ghàidhlig agus mun Bheurla, ann an dòigh nach togadh connspaid, agus gun sealladh iad spèis do dhiofar bheachdan, ged nach biodh iad fhèin ag aontachadh ris na beachdan sin.

Bhathar a' saoilinn cuideachd gum biodh na daoine sna taighean san fharsaingeachd a' faireachdainn cofhartail a' bruidhinn ri cuideigin eile às an àite, gu h-àraidh nuair nach robhar ach a' faighneachd an lionadh iad ceisteachan gun urra san ùine aca fhèin.

Bha amas eile ann a bhith a' fastadh òigridh le Gàidhlig a bhuineadh dhan àite: bhathar cuideachd airson misneachd muinntir Shiaboist a thogail gun robh ùidh aig an òigridh seo an dà chuid sa Ghàidhlig, agus anns na beachdan aca air a' Ghàidhlig agus air a' Bheurla. Bhathar a' faireachdainn gun robh e na b' fheàrr gum biodh Gàidhlig bho thùs aig an luchd-tadhail, is gum biodh seo ag obair aig ìre dhomhainn fèin-mhisneachd agus bhiodh e samhachail gun robh iomairt chànanain sa choimhearsnachd ann an làmhnan dhaoine comasach, le Gàidhlig bho thùs.

Bhathar mothachail nach biodh a' Ghàidhlig aig a h-uile duine sna taighean, agus rinneadh cinnteach ro làimh leis an eòlaiche ionadail an gabhadh a' Ghàidhlig cleachdadh aig na dorsan; agus mura robh cuideigin le Gàidhlig deònach Gàidhlig a bhruidhinn riutha, gum bruidhneadh iad Beurla nam b' e sin a bu chofhartail leotha. Bhrosnaich an luchd-tadhail a h-uile duine, le agus gun Ghàidhlig, na beachdan aca a chlàradh sna ceisteachain.



Dealbh 4: Colin George Morrison agus Innes MacSuain, luchd-tadhail dhachais, le cupal à Siabost, Dolly Jane agus Murdo Gillies.

Bha an neach-rannsachaidh cuideachd a' creidsinn gum biodh iomairtean ùra sam bith a thigeadh às a' phròiseact feumach air daoine a bha cho eòlach san sgìre agus aig an robh ùidh agus eòlas ann an leasachadh cànan: tha dithis dhiubh a' dèanamh ceum ann an Gàidhlig agus Leasachadh aig Colaisde a' Chaisteil, agus tha ceum le urram aig tè eile, agus bidh ceum agus obair aig an duine eile a bheir buaidh air cleachdadh na Gàidhlig (san eaglais agus sa choimhearsnachd) san àm ri teachd.

Thuir luchd-tadhail nan dachannan gun robh a' mhòr-chuid ann an Siabost gu math toilichte na ceisteachain a lionadh agus nach robh duine sam bith diombach gun robhar a' faighneachd mu chleachdadh na Gàidhlig 's na Beurla, ged a bhiodh iad eu-dòchasach às na bha air tachairt dhan Ghàidhlig. Bha a' mhòr-chuid airson faighinn a-mach cò am bad de Leòdhas agus cò an teaghlach dham buineadh luchd-tadhail nan dachannan, agus an robh iad eòlach air daoine air an robh iad fhèin eòlach san sgìre sin. Bhruidhneadh iad air an t-side, air ball-coise no air rud sam bith air am bruidhneadh muinntir Shiaboist.

Bha seòrsa de chliù aig gach duine san sgioba ro làimh: bha a' mhòr-chuid eòlach air an eòlaiche a bhuineadh dhan bhaile; bha cuid ann an Siabost eòlach air an dithis bhalach bhon a bha iad an sàs san eaglais, agus bha cuid eòlach air a' cheathramh duine mar phàirt de theaghlach a b' aithne dhaibh tro a h-obair aig Comann Eachdraidh Nis. Bha an sgioba gu lèir gu math dòigheil, togarrach agus èibhinn, a bharrachd air modhail. Chuir seo gu mòr ri deagh ghean na h-obrach a' coinneachadh ri muinntir Shiaboist. Mar sin, bha eòlas san sgìre, aois, fileantachd sa Ghàidhlig, buntanas ri Leòdhas, deagh sgilean conaltraidh, deòin beagan ùine a chur seachad a' bruidhinn, sgilean co-obrachaidh, agus pearsa tlachmhor uabhasach cudromach do shoirbheachadh a' phròiseict, agus do shoirbheachadh tilleadh nan ceisteachan.

Ann an leabhar na fòn, bha Siabost air a roinn na shràidean, agus ged a bha na ceisteachain gun urra, chuireadh còd ann am bogsa aig bàrr gach ceisteachain, a' sònrachadh litrichean na sràide

(m.e. Sràid na h-Eaglaise: SNH) agus àireamh an taighe; gun seo, bha e air a bhith doirbh na diofar cheisteachan agus am fiosrachadh a cheangal ri chèile ann an sgrùdadh nan toraidhean.

Chaidh àite-obrach a chur air dòigh ann an Ionad na Seann Sgoil ann an Siabost, is e na ionad-coimhearsnachd (a ghabhadh cleachdadh mar oifis ann an iomairtean cànan a-rithist). Chaidh aontachadh pàigheadh airson nan uairean a bhathar ga chleachdadh, oir chuireadh seo beagan airgid ri pròiseact sa choimhearsnachd. Cuideachd, leis cho trang 's a bha an t-ionad – an cròileagan ann a h-uile latha, luchd-obrach a' Chomainn Eachdraidh a' tighinn 's a' falbh gu cunbhalach, Clann an Latha an-Dè (club airson sheann daoine) a' tighinn uair san t-seachdain, clasaichean ciùil cloinne – chitheadh daoine an obair agus an sgioba-rannsachaidh. Bha e cudromach cuideachd do luchd-tadhail nan dachannan gun robh àite blàth ann nuair a thilleadh iad bho obair nan ceisteachan, far am faigheadh iad cothrom air tì agus biadh, agus àite a bha coltach ri bhith ceangailte ri oifis. Bhiodh an neach-rannsachaidh an-còmhnaidh ann romhpa, le biadh, ceistean, brosnachadh agus taing.

Bha cothroman tighinn còmhla cudromach oir bhiodh an sgioba an uair sin a' bruidhinn air na bha a' tachairt a thaobh cànan sa choimhearsnachd agus air beachdan dhaoine san fharsaingeachd – bha e cudromach a bhith a' deasbad ciall na bhathar a' dèanamh agus a' sealltainn spèis dha na beachdan matha aig gach duine – gum faicte gun robh cothrom ann beachdachadh air brosnachadh cànan ann an dòighean ùra.

Air sàilleabh comhairle luchd-obrach Plana Cànan nan Eilean Siar agus làn-taic ceannard Sgioba na Gàidhlig aig CnES, fhuair an sgioba baidseachan le logo CnES, le an dealbh, an ainm agus an obair aca sa choimhearsnachd sgrìobhte air, gus am biodh fios aig daoine sa bhad cò iad. Chaidh madainn trànaidh a chur air dòigh mus do thòisich an obair, agus chaidh bruidhinn air: susbaint nan ceisteachan, dè chante ri - agus dè a dh'iarraite air - daoine, sàbhailteachd, làimhseachadh diofar bheachdan, làimhseachadh droch rùin, siostam airson sgaoileadh agus cruinneachadh nan ceisteachan, modh agus dòighean air daoine a chuideachadh a bha ag iarraidh cuideachadh leis na ceisteachain.

Chaidh bruidhinn ris na meadhanan agus chaidh sanas mun obair a-mach air Radio nan Gàidheal dìreach mus do thòisich an obair ann an Siabost. Bha tòrr fealla-dhà ann gun tuirteadh gun robh na boireannaich (seachad air deich air fhichead) 'òg', agus bha tòrr spòrs ann gun tuirteadh air an rèidio gum buineadh iad uile, fiù 's na Nisich, dhan Taobh Siar! Bha am fèin-aithne sgìreil na cuspair mòr fealla-dhà aig amannan, nam measg fhèin agus aig na dorsan ann an Siabost: ach bha seo uile gu lèir math do mhisneachd an sgioba agus na coimhearsnachd.

Thagh luchd-tadhail nan dachannan a bhith ag obair ann am paidhrichean (na boireannaich còmhla, agus na fireannaich còmhla), agus bha seo math airson misneachd a chèile a chumail a' dol, co-fharpais spòrsail a bhith ann, agus airson cumail an cuimhne a chèile mar sgioba na bha fhathast ri dhèanamh. Cuideachd, fhuair eadhon fios gu tric bhon eòlaiche san sgìre air suidheachadh gach taighe m.e. nam biodh duilgheadasan claisneachd aig duine is nach cluinneadh iad cuideigin a' gnogadh, no nam biodh ceist ann air cuin a bhiodh an duine air ais bho obair, no cò de na nàbaidhean eile/càirdean a b' urrainn ceisteachain a chumail airson taigh sònraichte.

Dh'obraich an sgioba uabhasach math còmhla agus bhruidhneadh iad air adhartas, duilgheadasan, agus beachdan dhaoine aig na dorsan aig àm dìnnearach/cofaidh ann an Ionad na Seann Sgoil; bha seo cudromach airson bruidhinn air fuasglaidhean do thrioblaidean, airson misneachd an sgioba a thogail, airson deasbad a thòiseachadh air an fharsaingeachd de

bheachdan a th' ann an coimhearsnachd agus na nithear gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh, agus airson fios a chumail dhan sgioba air soirbheachadh a' phròiseict, no a chaochladh.

Chaidh luchd-tadhail nan dachannan a phàigheadh a rèir cò mhead ceisteachan a chaidh a thilleadh, agus dh'obraich seo. Ach feumar aideachadh nach robh an dòigh seo, cho fad is a nithear a-mach, na bu tharraingiche dhaibh na a bhith pàighte a rèir nan uairean a rinn iad. Rinn an sgioba co-dhùnadh a bhith a' co-obrachadh agus a bhith a' co-roinn an airgid, agus thathar a' saòilsinn gun do chuir seo ri soirbheachas a' phròiseict gu mòr oir bha iad ag obair mar sgioba agus bha iad mothachail dhan bhuidhinn gu lèir agus dhan toradh rannsachaidh. Bha iad mothachail air suidheachadh a chèile, agus rinn iad uile oidhirp mhòr nuair a b' urrainn dhaibh, airson maith na buidhne seach maith an duine fhèin. Thog seo spiorad co-obrachaidh, a bhiodh cudromach, thathar den bheachd, ann an iomairt chànain fhad-ùine.

Chaidh an sgioba a-mach leis na ceisteachain air aon seachdain; lìon iad Ceisteachan A leis na daoine air an starsnaich sa bhad, agus dh'fhàg iad ceisteachain B agus C, a' gealltainn gun tilleadh iad an ceann seachdain eile, ma bha sin freagarrach. Thill iad mar a gheall iad an ath sheachdain, agus fhuair iad ceisteachain bho cha mhòr a h-uile taigh. Uaireannan chanadh daoine gum biodh iad air na ceisteachain aca fhàgail air a' bhòrd ma bha iad gu bhith a-muigh, agus chanadh iad tighinn a-staigh is an togail mura robh iad a-staigh, no dh'fhàg iad na ceisteachain aca le nàbaidh; ach chaidh bruidhinn a-rithist ris a' mhòr-chuid de dhaoine agus fhuair iad na ceisteachain. An fheadhainn nach robh air cothrom fhaighinn an lìonadh, thill a' mhòr-chuid dhiubh na ceisteachain gu taigh an eòlaiche ann an Siabost.

An uair sin, thàinig an sgioba còmhla agus rinneadh cunntas air àireamh de cheistean airson gach rathaid, chaidh bruidhinn air ceisteachain nach robh air tilleadh agus air mar a gheibhte iad fhathast, agus chaidh bruidhinn air a' phròiseas mar leasachadh coimhearsnachd agus is dòcha mar phròiseact a' leasachadh na Gàidhlig. Bhathar a' saòilsinn gun robh e cudromach gum biodh an òigridh seo a' beachdachadh air na chaidh fhaicinn is a chluinntinn, agus sheall iad ùidh anns an aithisg agus gu h-àraidh ann a bhith aig coinneamh mu na toraidhean ann an Siabost a-rithist. Thuirt iad uile gun do chòrd an obair riutha. Thuirt aon duine, aig nach robh an aon mhisneachd mu a chuid chomasan bruidhinn sa Ghàidhlig, ri cuideigin san teaghlach, saoil am faigheadh e obair sa Ghàidhlig; is iongantach mur an do thog an obair sa choimhearsnachd ùidh agus a mhisneachd sa chànain, agus sa choimhearsnachd.



Dealbh 5: Luchd-tadhail dhachannan a' cunntas nan ceisteachan agus a' bruidhinn air a' phròiseas as dèidh na ceisteachain a chruinneachadh

Bhathar a' saoilinn gum b' urrainn pròiseactan mar *Bharail agus Comas Cànan* ùidh ann an leasachadh na Gàidhlig a thogail an dà chuid sa choimhearsnachd agus leis an sgioba de luchd-tadhail dhachannan no de dh'òigridh.

3.4.3. Agallamhan

Chaidh agallamhan, aghaidh ri aghaidh, a chumail le oifigearan CnES bho Sgioba na Gàidhlig, An Roinn Eaconomach agus Taic do Ghnìomhachas, comhairliche sgìre Shiaboist, agus Co-òrdanaiche Coimhearsnachd, agus chumadh còmhraidhean cuideachd le comhairliche eile. Chaidh bruidhinn ris gach duine air mar a tha CnES, tro na diofar roinnean, ag obair anns an sgìre agus a' cur taic ri leasachadh ionadail ann an Siabost agus san sgìre timcheall. Bhathar a' bruidhinn air leasachaidhean ann an Siabost agus air an taic a gheibh buidheann a tha gan cur air dòigh no a tha a' sireadh taic mar mhaoineachadh. Chaidh bruidhinn air cho beothail agus brosnachail agus a tha comataidhean agus buidhnean ann an Siabost, an taca ri sgìrean eile, gus faighinn a-mach a bheil fianais ann air co-obrachadh agus earbsa ann (Putnam 1993), a bhiodh fìor chudromach mar bhonn-stèidh ann a bhith a' togail leasachaidhean Gàidhlig ùra.

Chaidh agallamhan a chumail le oifigear bho Chomann na Gàidhlig agus le neach-cathrach na buidhne-stiùiridh air iomairt an iar-thuath Leòdhais mun sgeama *Iomairt*. Chaidh agallamhan agus còmhraidhean a chumail air iarrtasan phàrantan air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Sgoil Shiaboist còmhla ri ceannard na sgoile agus ceannard na bun-sgoile.

Chaidh agallamhan eile a chumail le ceathrar a bha an sàs ann an leasachadh ionadail ann an Siabost agus a bha a' fuireach san sgìre mu dheidhinn structaran taice, pròiseactan cudromach, mar a tha comataidhean air an robh iad ag obair, agus buaidh phròiseactan leasachaidh air an sgìre. Chaidh bruidhinn riutha mu shuidheachadh na Gàidhlig sa bhaile agus mu am beachdan air neartan agus duilgheadasan.

Chaidh agallamhan a chumail cuideachd le dithis mhàthraichean le clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus chumadh còmhraidhean leis an luchd-agallaimh eile gu neo-fhoirmeil, ach cha deach gu leòr agallamhan a dhèanamh le sampail farsaing de bharailean a bhiodh a' riochdachadh beachdan a' mhòir-shluaigh. Ach, b'fhiach e na beachdan aca ainmeachadh an seo, gus ceistean a thogail, a ghabhadh rannsachadh ann an doimhneachd cheart a-rithist.

3.4.4. Sgrùdadh toraidhean nan ceisteachan

Chaidh *input framework* a thogail ann am prògram coimpiutaireachd, an Statistical Package for the Social Sciences (SPSS). Chruthaich eadhaidh faidhlichean fa leth airson toraidhean Ceisteachain A (bun-fhiosrachadh mun teaghlach agus mun taigh), Ceisteachain B (freagairtean nan inbheach air comas, cleachdadh agus barail cànan) agus airson Ceisteachain C (freagairtean phàrant às leth pàiste mu chleachdadh agus comas cànan). Fhuair eadhaidh toraidhean rannsachaidh bho bhith a' cur diofar fhactaran ri chèile ('cross-tabulations' ann am 'frequency runs'): mar eisimpleir, chuireadh factaran mar aois, gnè, cò às a bha daoine, comas sa Ghàidhlig aig pàrant agus seann-phàrant còmhla.



Dealbh 6: Brian MacDhòmhnail agus Maria Ruiseal, Lèirsinn, a làimhsich freagairtean cheisteachan ann am prògram coimpiutaireachd SPSS.

3.5 SIABOST: CÙL-FHIOSRACHADH



Dealbh 7: Màiri Nic a' Ghobhainn agus Mgr Caimbeul a' bruidhinn mu na ceisteachain, Rathad a' Chàrnain, Siabost.

3.5.1. Suidheachadh

Tha Siabost air Taobh Siar Leòdhais, ri taobh a' Chuain Siar. Tha e faisg air grunn bhailtean beaga eile a tha ceangailte le rathad mòr cearcallach, bho Steòrnabhagh gu Barbhas agus deas gu bailtean eile: Brù, Àrnol, Bràgar, Siabost, Dail Beag agus Dail Mòr, Càrlabhagh, Tolastadh a' Chaolais, Calanais, Gearraidh na h-Aibhne, agus bho seo an dàrna cuid dhan iar-dheas a dh'Ùig, no dhan ear, gu Liùrbost agus tuath gu Steòrnabhagh a-rithist. Is iad Bràgar agus Càrlabhagh na bailtean 'mòra' as fhaisge, 's iad le chèile dìreach dà mhìle bho Shiabost; agus ann an eachdraidh agus suas chun an latha an-diugh tha càirdeas agus co-obrachadh air a bhith gu math làidir (agallamh le fireannach aois 65+, 18.3.10). Tha seo cudromach nuair a thig e gu leasachadh cànan, oir tha cothrom ann a bhith a' togail cheanglaichean agus a' togail air neartan a chèile; cuideachd, uaireannan, nì farmad treabhadh ann an dòigh mhath.

Chan eil Steòrnabhagh ach mu 17 mìle à Siabost, is tha na rathaidean uile eadar na bailtean nan rathaidean dùbailte, ged a tha a' mhòr-chuid de na rathaidean beaga sna bailtean fhèin nan rathaidean singilte.

'S ann le Oighreachd Bharbhais a tha fearann Shiaboist bho Thuath agus Phàirc Shiaboist agus is ann le syndicate a tha an còrr dheth. Cha mhòr nach eil fearann Shiaboist uile air a roinn na chroitean, le dà chomataidh ionaltraidh, faingean rim faicinn air a' mhòintich, agus croitean air an comharrachadh le feansaichean is ballachan cloiche.



Dealbh 8: An rathad mòr a' dol a-steach a Shiabost bho Thuath; an eaglais air fàire, agus, nas fhaisge air làimh (clì), seann fhactaraidh fighe

Tha aon chomataidh air planaichean cumhachd ath-nuadhachail a chur an sàs, agus tha iad air companaidh a stèidheachadh (Horshader Community Development Company) airson cumhachd ath-nuadhachail a chruthachadh 's eile, agus tha seo samhlachail air obair, airgead agus neart co-cheangailte ri croitearachd agus leasachadh seasmhach.



Dealbh 9: Mgr Aonghas MacLeòid, a' buain na mònadh; thòisich e air seo a dhèanamh ri taobh an taighe gus an talamh fhalachadh de dh'uisge.

Tha a' mhòr-chuid de na taighean air an togail air croitean, agus tha obair croitearachd ri faicinn bho latha gu latha, le tractaran 's quads air an rathad gu cunbhalach, coin-chaorach aig dorsan

cuid de na taighean, caoraich agus beagan cruidh sna h-achannan, agus cruachan mònadh an siud 's an seo cuideachd. Tha cothrom aig cuid aig nach eil air croit (m.e. a tha a' fuireach sna taighean comhairle) mòine a bhuain gach bliadhna, mar gum biodh am mòine mar goireas coimhearsnachd.



Dealbh 10: cruachan mòna, a bhuineas dha na daoine a tha a' fuireach ann an taighean comhairle air Rathad Ghrinneabhat, Siabost bho Dheas

Mar a bhite an dùil, agus mar a tha an rannsachadh seo a' sealltainn, tha ceangal làidir ann eadar bruidhinn/cleachdadh na Gàidhlig aig an fhaing, seilbh air croitean is ballrachd air comataidh croitearachd ann an Siabost. Tha an talamh gu math creagach sa chumantas, agus bhon a tha tòrr dhith rèidh, tha i, air cuid de lotaichean, fliuch cuideachd. Is e feur as motha air a bheilear a' toirt fàs san latha an-diugh, is e a' biathachadh nan caorach airson pàirt den bhliadhna co-dhiù.



Dealbh 11: Caoraich gam biathadh air croit, rathad a' Chinn a-Staigh, Siabost

Suas chun nan 1960an, bha an t-iasgach cuideachd cudromach, a' toirt cosnadh agus biadh do mhòran theaghlaichean, ach tha an t-iasgach an-diugh air a dhol à bith mar dhòigh air cosnadh a dhèanamh sna bailtean beaga; ach anns t-samhradh bidh daoine a' dol a-mach ann an eathraichean beaga, agus bithear a' toirt seachad phrèasantan de dh'iasg do nàbaidhean is theaghlaichean (agallamh le fireannach aois 65+, 18.3.10).

Tha trì bailtean ann an Siabost: Siabost bho Thuath, Siabost bho Dheas, agus Pàirc Shiaboist. Tha Siabost bho Thuath agus bho Dheas a' sìneadh a-mach bhon rathad mhòr chun a' chladaich, le lotaichean air gach taobh de na rathaidean; ach tha Pàirc Shiaboist a' dol a-staigh dhan mhòintich; chaidh na lotaichean seo a chur a-mach san naoidheamh linn deug (Parman, 1990, td. 35).

3.5.2. Eachdraidh na Gàidhlig ann an Siabost bho na 1960an

Tha cliù aig Siabost, maille ri coimhearsnachdan eile air Taobh Siar Leòdhais, eadar Nis is Ùig, airson cleachdadh na Gàidhlig. Ach anns na h-agallamhan agus sna ceisteachain chunnacas gun robh mòran dhaoine draghail am bi Gàidhlig aig na ginealachdan as òige:

Well, tha – chan eil fhios agam – [tha] mi an dùil nach eil àiteachan eile anns an eilean nas làidire na seo. Saoilidh mise gu bheil Nis nas làidire na Siabost ..

Am beagan a th'ann de na daoine a rugadh is a thogadh anns an àite [Siabost], tha iad fhathast a' cleachdadh na Gàidhlig .. Ach tha e a' cur dragh ormsa am bi Gàidhlig aig an ghinealach? Well, mun a bi iad ga cleachdadh gu làitheil ann na teaghlaichean, chi bhi ... (fireannach, os cionn 60)

Chun an latha an-diugh, anns an eilean, tha daoine an dùil gum faighear barrachd Beurla sa phrìomh bhaile, Steòrnabhagh, agus barrachd Gàidhlig anns na bailtean air an dùthaich. Tha cuimhne aig inbhich Shiaboist air mar a thug cuid san sgoil ann an Steòrnabhagh 'na maws' air muinntir nam bailtean beaga, agus bha iad seo gu tric a' magadh air an dòigh-bheatha, a bha a' toirt a-steach bruidhinn na Gàidhlig. 'S dòcha gu bheil an suidheachadh seo, far a bheilear a' dèanamh dìmeas air cultar nam bailtean beaga air an dùthaich – bruidhinn na Gàidhlig na mheasg – ag atharrachadh, gu h-àraidh a thaobh cànan, le ionadan Gàidhlig anns na bun-sgoiltean ann an Steòrnabhagh fhèin; ach tha fios gun do dh'fhàg seo dìleab cion-mhisneachd agus teagamh mun fheum a tha sa Ghàidhlig. Mas urrainnear ceangal a dhèanamh eadar cleachdadh cànan agus an luach a tha aig daoine air cànan mar a' Ghàidhlig, tha e coltach, bho na taghaidhean cleachdadh cànan a chithear sna toraidhean nas fhaide air adhart, gu bheil barrachd luach ga chur air fileantachd sa Bheurla na sa Ghàidhlig. Ach, chan eil seo ri ràdh nach eil barrachd spèis ga thoirt an-diugh dhan Ghàidhlig, ri linn iomairtean cànan, aig ìre samhlachail co-dhiù. Thuirt neach-agallaimh:

There was a time there was a town-country barrier .. Maws and townies! Maybe that's changing .. Maybe there's less of that, because if Gaelic is getting more ...

There's more of a push for Gaelic and it's all on the telly. Maybe it's getting a bit more trendy, so maybe that kind of barrier is going. (màthair a tha eadar 30-40 bliadhna a dh'aois)

Bhruidhinn neach-agallamh a bha na 70an air mar a bha e fhèin agus co-aoisean a' bruidhinn Beurla sa chlas agus a' bruidhinn Gàidhlig taobh a-muigh a' chlas:

Freagairt: Nis, cha robh Gàidhlig againn anns an sgoil ann, cha robh Gàidhlig agamsa anns an sgoil a riamh. Bha French agam, ach cha robh Gàidhlig. Nis, cha robh càil againn a riamh anns a' phrimary, cha robh e idir, idir againn.

Ceist: Agus tha sibh ga cleachdadh a h-uile latha?

Freagairt: Ga chleachdadh a h-uile latha. Agus cha robh, an luchd-teagaisg a bh'againn fhìn, rugadh agus thogadh iad anns a' bhaile, agus cha bhruidhneadh iad facal Gàidhlig rinn anns a' chlassroom. Agus cho luath is a bha thu a' dol a-mach is e Gàidhlig a bhiodh tu a' bruidhinn. Ach nuair a dheidheadh tu dhan chlas, cha robh a' chòrr de Ghàidhlig ann.

Mar a tha toraidhean nan ceisteachain a' sealltainn, tha na h-àrd-comasan labhairt sa Ghàidhlig aig a' ghinealach seo gu h-àrd agus aig a' mhòr-chuid dhe gach ginealach os cionn 50 (faicibh Clàran 15 & 21). An-diugh, tha an fheadhainn a tha fileanta a' cleachdadh na Gàidhlig ann an caochladh àiteachan sa choimhearsnachd, agus tha seo aig cùl is dòcha nam beachdan gu bheil fèin-aithne Ghàidhlig làidir aig Siabost oir tha i aig cuid, an fheadhainn as sine mar as trice, agus cluinnear i gu tric (faicibh Clàr 44A). Air an làimh eile, tha cleachdadh agus fileantachd sa Ghàidhlig mòran nas laige am measg inbhich fo 50:

[Nuair a bha mi òg sna 1970an] You didn't speak it [Gaelic] to any of your peers or anything. Nobody did it. We all spoke English to each other. I don't know why. It's just, when you went to school, that's what you did, there was no Gaelic. I don't know if that's what it is, I don't know. I can't explain it, it's what everybody did.

.. And then once you start the habit, you can't get out of the habit. But there are some people round about my age, maybe they're slightly older ... who've got Gaelic who you do speak Gaelic to. It was a conscious effort probably.

If you don't [speak in English to your peer group] it's half and half, just a brochan of the two, you might say. One sentence might be Gaelic, and then the next sentence is English [laughs]. Which sounds really silly, but that's something you do as well (boireannach aois 30+)

Bheachdaich i fhèin air carson nach bhruidhneadh i ach Beurla ri a co-aoisean:

Once you start the habit, you can't get out of it .. But if you have always spoken English to somebody, then that's what you do. And if you have always spoken Gaelic to somebody, that's what you do. I don't know. I don't know why it is.

Dh'fhaighneachd an neach-rannsachaidh am b' urrainn dhi atharrachadh: an àite a bhith a' bruidhinn Beurla ri eòlaiche aig an robh Gàidhlig, gum bruidhneadh i Gàidhlig:

If I tried to speak it? I probably just wouldn't do it. But if I did, I don't know, it would probably just depend if they would answer me back in English, or if they answered me back in Gaelic. I don't know. I can't think of any circumstances where you would do it.

Nochd an aon seòrsa beachd, gum feum cànan a bhith na chleachdadh agus na aonta-cleachdaidh eadar dhaoine, ann an agallamhan eile. Cuideachd, tha dùil aig daoine nach bi feadhainn nas òige airson Gàidhlig a bhruidhinn/comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, gu h-àraidh an òigridh, agus, mar sin, chan eil daoine le Gàidhlig deònach feuchainn, air adhbharan gur dòcha nach tuig a' chlann iad, gum bi iad fhèin air an nàrachadh, agus gu bheil iad airson a bhith "a' coinneachadh na cloinne far an robh [bheil] iad":

Na seann dhaoine, is e Beurla a tha iad a' dol a bhruidhinn, bhon a tha diofar adhbharan ann. Tha iad a' smaoinichadh nach eil Gàidhlig aig an òigridh. Chan eil iad airson an òigridh a dhèanamh mì-chomhartail a' bruidhinn cànan riutha nach eil aca. Chan eil iad fhèin airson a bhith cho aosta agus nach eil iad ann an tow ri dè tha a' dol an-diugh! Tha iad fhèin ag iarraidh a bhith anns an latha an-diugh. (fireannach, 65+)

Maybe some people at work I would speak to in Gaelic, because you know they have it, so you do it. Younger people, probably not, as I think that's the thing, that as you go younger ... No, I probably wouldn't. (boireannach, aois 35+)

Shaoil cuid gum bi cuid de dhaoine, nuair a dh'fhàsas iad nas sine, a' gabhail aithreachais nach do rinn iad tuilleadh oidhirp Gàidhlig a bhruidhinn:

I think it's probably something though that, people change as they get older. I think, when I was younger, I don't think it ... I didn't see it as important as I do now. Maybe as people get older you realise that you should have been speaking it more and that you shouldn't have lost it .. I should have done more to keep it and to encourage it.

So I think that, as I got older, that's something that I wanted to do when I had the kids. I was quite determined that they were going to go to Gaelic Medium, in the

hope that they would be able to learn it, that they learn it properly, being able to read and being able to write it. Because I didn't have that.

.. That's a real issue, just getting them to speak, and to speak it all the time and to speak it to each other .. They don't do that, kids in Gaelic Medium aren't speaking Gaelic to each other ... I'm only saying what I see. They are just not speaking Gaelic to each other, and I kind of hoped that, if they went to Gaelic Medium, that .. they would be speaking Gaelic to each other.

If they are only going to be speaking it in the classroom - they aren't going to be speaking to each other – you wonder what's going to happen when they are working, or when they leave school. Who's going to be speaking it? And where are they going to be speaking it?

There will be plenty of areas, I'm sure, that it is, where people are doing it ...

Nuair a thuir an neach-agallaimh gu bheil i cinnteach gu bheil mòran àiteachan ann far a bheil clann a' cleachdadh na Gàidhlig, thuir i seo ged a thuir daoine eile agus i fhèin nach robh àiteachan nas fheàrr airson bruidhinn na Gàidhlig ann an Leòdhas na Siabost agus Nis. Thathar a' gabhail iongnadh a bheil an smuain no an dòchas seo cumanta ann an inntinn dhaoine, agus ma tha, a bheil cothrom ann barrachd shanasachd a dhèanamh air an t-suidheachadh ann an dhà-rìribh? Thèid seo a dheasbad a-rithist sna Co-dhùnaidhean.

Tha eachdraidh fhada ann de dh'atharrachadh cànan am measg òigridh ann an Siabost - bho fhileantachd ann an Gàidhlig, gu dà-chànanas, gu fileantachd ann am Beurla a-mhàin. Tha e buileach nochte am measg mòran dhe na daoine a tha nam pàrantan aig clann fo 16, agus am measg na cloinne fhèin, mar a chithear ann an toraidhean Ceisteachain B & C nas fhaide air adhart.

Thuir neach-agallaimh a bha mu 60 bliadhna a dh'aois gur ann anns na 1960an/1970an a mhothaich e dhan atharrachadh ann an cànan na cloinne nam measg fhèin, agus rinn e ceangal eadar seo agus na cur-seachadan ùra airson òigridh tro mheadhan na Beurla, gu h-àraidh sna meadhanan:

Bha taobh a-muigh a' chlas ag atharrachadh, feadhar an uair ud. Bha a' chlann a' tòiseachadh a' tionndadh gu bhith a' cleachdadh Beurla.

GR: Anns na h-eighties, no anns na seventies?

Sna seventies, oh anns na seventies. Cuimhnich, bha an telebhisean air a thighinn gu cumhachdach, agus gnothaichean eile: ceòl pop, a h-uile càil a bha a' toirt toileachas inntinn dha òigridh is clann-sgoile.

Tha iad a' faighinn toileachas inntinn mòr à saoghal na Beurla is às na bha Beurla a' tàbhachd orra tro na meadhanan is eile.

.. A thaobh na cloinne, bha iad ag obair ann an Gàidhlig agus ann am Beurla. Thoir an t-ainm a thogras tu air! Bhon àm sin, tha mi a’ creidsinn, na sixties, is e dà-chànanas is ciall dha na bha a’ tachairt.

Chan eil càil a mhath a bhith a’ crathadh nan cinn gu bheil saoghal na cloinne a’ dol a leantainn ... tro mheadhan na Gàidhlig. Tha dà chànan aca, is tha dà chultar aca, agus chan eil ann, nam shùilean-sa, ach mealladh, a bhith a’ smaoinichadh nach e dà-chànanachas a th’ ann.

Tha na beachdan aig an neach-agallaimh fìor inntinneach ann an iomadh dhòigh oir thathas a’ togail na ceist air dè thuigeas daoine leis an abairt ‘dà-chànanas’? Thathar an dùil gu bheil mòran diofar thuigsean ann an Siabost agus àiteachan eile, air dè th’ ann an dà-chànanas, agus air ciamar as fheàrr a nìhear clann ‘dà-chànanach’ agus air dè na comharraidhean a th’ ann air dà-chànanachas. Bha an agallamh gu h-àrd leis a’ bhoireannach aois 35+ na eisimpleir air an iarrrtas gum bi clann dà-chànanach le àrd-sgilean sa Ghàidhlig tro FMG, ach tha i fhèin a’ togail na ceist agus a’ gabhail dragh air a bheil a’ chlann aice gu bhith dà-chànanach agus a bheil iad gu bhith comasach gu àrd-ìre cleachdaidh ann an Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile. Bithear a’ bruidhinn air seo a-rithist sna co-dhùnaidhean.

Chaidh agallamh a chumail le boireannach na 30an a thogadh le Gàidhlig mar a’ chiad chànan aice, agus tha i an-diugh a’ togail na cloinne aice fhèin mar chlann dà-chànanach, a tha a’ faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh faighneachd dhi mu na cànanan a chleachd i nuair a bha i fhèin òg:

I was brought up in a Gaelic-speaking home. When we were at home, we always spoke Gaelic. It was the done thing, you had to. You spoke to your parents, your grandparents, your aunties and uncles [in Gaelic]. But I didn’t speak Gaelic to my brothers and sisters – that’s the way it happened. I think that’s part of the problem. And they’re [points to children], they’re doing the same thing. I know they’re doing the same thing! And I think that’s the cycle you have to break. I don’t know how you break that cycle.

[Today] I don’t speak to my brothers and sisters in Gaelic, but I would always speak to my parents in Gaelic and my grandparents. I mean, my granny would just go ‘B’àil leibh? Chan eil mi ga do thuigs’. And that would be it, you weren’t allowed, it just wasn’t done!

But of course we didn’t have any Gaelic in school ... Och, I can read, and I can struggle to write it, but I’ve never been taught Gaelic.

Bha seo na adhbhar dhan boireannach seo FMG a thaghadh dhan chloinn aice:

I wanted to make sure, although [my husband] doesn't have it, I was quite determined that they were going to Gaelic Medium .. that they learn it properly, being able to read and able to write it, because I didn't have that.

Bha beachd math aice air FMG agus cha robh i a' tuigsinn carson nach biodh pàrantan, gu h-àraidh feadhainn le Gàidhlig, a' cur an cuid chloinne gu FMG:

Chan eil mise a' faicinn gu bheil e a' dèanamh cron sam bith dhaibh a' dol dhan Ghàidhlig. Is tha iad a' faighinn tòrr rudan, barrachd ri dhèanamh cuideachd, a thaobh Mòd .. dràma is rudan mar sin, tòrr rudan aca, is ceòl – tha iad a' faighinn barrachd na clann eile, tha mise a' smaoinichadh.

Shaoil màthair òg gur dòcha gun robh pàrantan nach robh fileanta draghail nach b' urrainn dhaibh a' chlann aca a chuideachadh le obair-dachaigh:

Ma tha beagan Gàidhlig aca, chan eil iad a' smaoinichadh gum b' urrainn dhaibh an homework a dhèanamh, nach b' urrainn dhaibh a bhith a' toirt cuideachadh.

Ghabhadh barrachd fiosrachaidh, margaideachd agus taic a chur air dòigh is dòcha airson pàrantan aig a bheil na beachdan seo. Thèid seo a dheasbad a-rithist sna co-dhùnaidhean.

Bha pàiste timcheall air naodh bliadhna a dh'aois còmhla ris a' bhoireannach aig an agallaimh, agus thuirt am pàiste:

Màthair: Am bi sibhse a' bruidhinn sa Ghàidhlig, am bi?

Pàiste: Co?

Màthair: Duine agaibh?

Pàiste: Anns an sgoil? Chan eil, oir nuair a thèid sinn gu àm play airson play, tha na feadhainn Beurla ann, so feumaidh sinn bruidhinn Beurla an uair sin.

Thuirt am màthair nach bi i fhèin a' bruidhinn ri duine sam bith eile air na draghan seo no air na trioblaidean le bhith a' brosnachadh bruidhinn na Gàidhlig am measg na cloinne, agus thuirt i nach cuala i pàrantan eile a' bruidhinn air seo. Is iongantach mura bheil cothrom ann an seo a bhith a' bruidhinn ri pàrantan agus ri daoine a bhios nam pàrantan, air ciamar a b' urrainn dèiligeadh ri suidheachaidhean deuchainneil mar seo.

Tha na cuotaichean gu h-àrd agus toraidhean nan ceisteachain nan eisimpleirean air mar a tha clann ann an Siabost thar an dà fhichead bliadhna a dh'fhalbh air fàs suas dà-chànanach sa Ghàidhlig agus sa Bheurla agus gum feum iad an-diugh, fiù's ann an àrainneachd a tha taiceil don Ghàidhlig, a bhith a' sòisealachadh sa Bheurla. Bho chionn dà fhichead bliadhna, tha

barrachd is barrachd den chloinn fileanta ann am Beurla a-mhàin, agus tha àireamh nas lugha às a' cheud fileanta sa Ghàidhlig no san dà chuid, Beurla agus Gàidhlig. Mar a chithear nas fhaide air adhart, tha na raointean airson cleachdadh na Gàidhlig am measg cloinne air atharrachadh gu mòr, chun an t-suidheachaidh far a bheil barrachd *Gàidhlig ga cleachdadh sa chlas na ann an àite sam bith eile cha mhòr agus tha i a' sìor fhàs lag ann an teaghlaichean agus sa choimhearsnachd/ gu sòisealta* (faicibh Clàran 44A & 44B). Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air toraidhean fileantachd cànan na cloinne ann an Ceisteachain C nas fhaide air adhart.

3.5.3. Obraichean agus taigheadas

Tha an fheadhainn as sine ann an Siabost air tòrr atharraichean fhaicinn nam beatha a thaobh nan cothroman cosnaidh a tha ri fhaighinn sa sgìre agus san eilean, agus na dòighean beatha agus iarrtasan aig an t-sluagh; tha gach rud dhe seo a' bualadh air barail agus cleachdadh cànan. Nas fhaide shìos, bithear a' coimhead air na seòrsachan obrach a th' aig daoine an-diugh (fiosrachadh bho Cheisteachan B), ach mar co-theacsa, seo cuid dhe na beachdan a thug daoine seachad, daoine a bha os cionn 60 bliadhna a dh'aois. Tha na beachdan seo a' sealltainn mar a chùm obraichean ann an Siabost na daoine le Gàidhlig sa sgìre. Cuideachd, bhon a bha iad a' fuireach agus ag obair còmhla san aon bhaile/bhailtean, bha iad cleachte ri bhith a' co-obrachadh, agus bha seo cuideachd a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig.

Neach-agallaimh 1 (aois 65+): An t-annas a bu mhotha a bh'ann an Siabost is e gun robh daoine ann, nach robh aca ri dhol a dh'àite eile airson obair bhon a a bha muileann a' chlà ann agus daoine ag obair – chan ann a-mhàin dhan a' chlà ach aig an taigh a' breabadaireachd, mar a bha sna bailtean eile, ach gu sònraichte an seo; agus boireannaich aig an taigh, a' fuaigheal clòithead. Agus thug an clò – bha dà mhuileann air a bhith ann, ach bha tè air dùnadh, tè bheag air dùnadh an uair ud. Agus is e baile Gàidhlig, Gàidhealach a bh' ann.

[Anns na seventies] bha na bailtean ag atharrachadh. Ann an Siabost, bha council scheme ùr, agus an àite còigrich a thighinn ann, is iad cupail òga às a' bhaile gu ìre mhòr a thàinig, le clann òga ann .. Bha an cuid a bu mhotha aca ag obair anns a' mhuilinn, is ann ag obair air clò a bha iad. Cha b' ann ag obair air croitearachd a bha iad. So bha atharraichean dhen a h-uile seòrsa mar sin a' tighinn.

Neach-agallaimh 2 (aois 70+): Dh'fhàg mi an sgoil agus chaidh mi chun a' whaling .. Rinn mi sin airson còig bliadhna agus chaidh mi an uair sin dhan a' Mherchant Navy an dèidh sin airson sia bliadhna .. Bha mi aig an taigh air leave agus bha an fhear aig an robh a' mhuileann ann an Siabost, dh'fhaighnich e dhomh an tiginn a dh'obair dha, fhad's a bha mi aig an taigh .. Thòisich mi ag obair anns a' mhuilinn, agus chòrd e rium glè mhath.

GR: Tha fios gun robh a' mhuileann gu math cudromach dha na fireannaich is dha na teaghlaichean?

Bha, bha e mìorbhuileach math.

Dh'ainmich daoine eile obair croitearachd agus obair an iasgaich anns t-samhradh cuideachd, agus rinneadh puing fìor chudromach, gun robh daoine an eisimeil air a chèile airson taic le obair croite agus gun robh daoine cleachdte agus deònach mar sin a bhith ag obair còmhla; chuireadh seo ri cleachdadh na Gàidhlig.

Bha obraichean gu leòr ann [an Siabost] agus bha iad math air a bhith ag obrachadh còmhla ri chèile anns na bailtean gu lèir, ann an Siabost agus Bràgar. Bhiodh daoine ag obair air mòine, is air croitean agus air a h-uile càil. Bha community work ann. Bha community spirit math dha rìrimh ann a seo an uair sin, mun àm sin – tòrr nas fheàrr na tha e an-diugh. Chan eil daoine an urra ri chèile mar a bha iad an uair sin ann...

Bhiodh deichnear dhaoine, fireannaich, a' lìonadh an tractair, agus is dòcha gun dèanadh tu dà mhòine anns an latha no mar siud. Sin mar a bha iad, bha e ag obrachadh math dha rìrimh. An aon rud airson trusadh na caoraich agus an toirt a-steach chun a' faing, is a h-uile càil.

[An-diugh] chan eil uidhir de dhaoine ann, ach chan eil mòran de chaoraich ann co-dhiù agus chan eil iad gan cuir a-mach chun a' mhòinteach ann. Chan eil duine ag obrachadh mòine, tha sin air sguir, well, tha duine no dithis, tha iad a' dèanamh na h-uidhir... Bhiodh sinn a' dol a-mach leis an eathair is bhiodh a h-uile duine a' faighinn share dhen rud a bh'ann. Agus tha sin a' dol fhathast, an corra uair a tha sinn a' faighinn a-mach .. Nuair a thèid mise a-mach, bidh mi a' toirt iasg dha na nàbannan ma bhios mi a' faighinn tòrr iasg.

Chaidh bruidhinn ann an agallamh mu obraichean o chionn lethcheud bliadhna agus mar nach robh luach ga chur air a' chànan aig t'obair, mar a tha an-diugh, ann an cuid de dh'obraichean.

Well, bho chionn bliadhnaichean, bha daoine a' smaoinichadh 'dè am feum a th' ann an Gàidhlig? Dè am feum a th'ann a bhith ag ionnsachadh sin nuair nach eil daoine a' dol a dh'fhaighinn càil?' An uair ud, nuair a thòisich seo, cha robh duine a' faicinn gun robh iad a' toirt cosnadh sam bith seachad no dòigh sam bith, no gun robh feum sam bith innte.

Dh'fheumadh tu beòshlàinte. Is ann a-muigh ann an coimhearsnachd Bheurla a bhiodh tu nuair a dh'fhalbhadh tu à seo, agus tha mi a' smaoinichadh gur e sin aon dòigh air .. nam faigheadh tu tarsainn gu daoine gu bheil obraichean ann, agus gum faigheadh daoine obraichean fhad's a bhiodh a' Ghàidhlig aca, agus Gàidhlig a' dol.

Air an làimh eile, bha e aig mòran ri Siabost fhàgail airson obair, agus thug seo buaidh air mar a smaoinich daoine air luach na Gàidhlig dhaibh ann an saoghal na h-obrach. Chaidh an agallamh a leanas a dhèanamh le duine a bha ag obair aig buidheann phoblach. Chaidh na leanas a ràdh:

GR: Tha ceist no dhà eile againn [ann an Ceisteachan B]: “Speaking Gaelic helps you to get promoted the Islands”, agus ceist eile ann, “Speaking Gaelic helps you get promoted in Scotland”. A bheil thu a’ smaoinichadh gu bheil daoine a’ smaoinichadh air Gàidhlig anns an dòigh sin?

Neach-agallaimh: Chan eil .. Chan eil mise a’ smaoinichadh mar sin co-dhiù. Chan eil mi a’ faicinn ciamar, ach ma tha thu ag obair ann am buidhnean Ghàidhlig. Chan eil e a’ dol a dhèanamh feum [aig Buidheann X] ma tha thu a’ bruidhinn Ghàidhlig.

Chan fheum thu Gàidhlig airson an obair a dhèanamh. Bhiodh e nas fheàrr nan robh e agad, is gum b’ urrainn dhut a bruidhinn ri daoine. Thàinig cuideigin a-steach .. is e Beurla a bha sinn a’ bruidhinn. Nuair a chanas tu aon fhacal [sa Ghàidhlig] ... Thòisich esan a’ bruidhinn Ghàidhlig bhon a bha fhios aige an uair sin gun robh Gàidhlig agamsa.

Ach tha mi a’ creidsinn gur e sin an aon dòigh air a shon, is e a bhith ag ràdh gur i a’ Ghàidhlig a bha gu bhith agad, is a bhith ag ràdh gu bheil a h-uile duine aig [buidheann X] a’ bruidhinn Ghàidhlig is i a bhith aca. Ach airson feadhainn dhe na jobaichean chan eil e fearast daoine fhaighinn.

Ma dh’fhaoidte gu bheil mòran fhathast dhen bheachd nach eil luach a thaobh obraichean sa Ghàidhlig ach dha obraichean Ghàidhlig; mar sin, tha feum air margaideachd cho feumail is as urrainn Ghàidhlig a bhith san àite-obrach; agus aig an aon àm tha feum air poileasaidhean nas taiceil don Ghàidhlig ann an suidheachaidhean iomchaidh a dh’ aithnicheas sgilean sa Ghàidhlig mar sgilean cudromach no riatanach ann an sanasan agus tuairisgeulan obrach.

Chaidh fhaighneachd dhan aon neach-agallaimh dè a bheachd air daoine a bhith a’ faighinn àrdachadh pàighidh ma bha Gàidhlig aca is iad ga cleachdadh aig obair:

Cha bhithinnsa na aghaidh, cha bhiodh. Cha bhithinn an aghaidh càil sam bith ... faighinn Ghàidhlig, tuilleadh Ghàidhlig, no barrachd Ghàidhlig. Chan eil. Ach bhiodh gu leòr na h-aghaidh, tha mi a’ smaoinichadh. Chì sinn na thèid a dhèanamh.

Clàr 1: Obair

Inbhe Cosnaidh	Àireamh	%
Cosnadh làn-ùine	82	33.7
Cosnadh pàirt-ùine	22	9.1
Air an ceann fhèin	16	6.6
Oileanach	11	4.5
A' coimhead às dèidh dachaigh no teaghlach	8	3.3
Gun chosnadh	5	2.1
Air an dreuchd a leigeil dhiubh	92	37.9
Tinn no ciorramach rè ùine	7	2.9
Iomlan	243	100.0

A rèir toraidhean Clàr 1, tha tòrr ann a tha air an dreuchdan a leigeil dhiubh – barrachd na tha ann an cosnadh làn-ùine. Tha seo a’ freagairt air na toraidhean a thaobh aoisean dhaoine ann an Siabost, agus a’ mhòr-chuid den t-sluagh anns na h-aoisean as àirde air an sgèile.

Clàr 2: Obraichean ann an Siabost

Seòrsa Obrach	Àireamh	%
Croitearachd/Breabadaireachd	16	16.2
Proifeiseanta	19	19.2
Clèireach	23	23.2
Le an làmhnan	20	20.2
Obair na h-ola	8	8.1
Nursadh / Cùram	7	7.1
Eile	6	6.1
Iomlan	99	100.0

Tha co-dhiù 20 neach ag obair anns an roinn phoblaich an-dràsta.

Rinneadh sgrùdadh air na freagairtean bho dhaoine a tha an-dràsta ag obair, agus tha seo a’ sealltainn gu bheil obair oifisean glè chudromach: tha 42.4% ann an obraichean proifeiseanta no clèireach; tha 20% ag obair le an làmhnan, chan eil ach 16% ann an croitearachd no breabadaireachd (ged a tha muileann ann an Siabost), agus tha 8% a’ siubhal gu obair na h-ola. Tha obair altraim (nursadh no cùram sheann daoine agus cloinne) cudromach cuideachd, aig 7%.

Clàr 3: Àiteachan-obrach

Àite-obrach	Àireamh	%
Siabost	38	33.3
Càrlabagh	9	7.9
Steòrnabagh	51	44.7
Àite eile ann an Leòdhas	4	3.5
Air falbh bhon eilean	12	10.5
Iomlan	114	100.0

Chìthear ann an Clàr 3 gu bheil faisg air leth (41%) dhen luchd-obrach ag obair air an Taobh Siar. Tha e dualtach gun cluinn iad seo a' Ghàidhlig bho latha gu latha, agus gum biodh sgilean sa Ghàidhlig feumail do luchd-obrach, ged nach eil Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar as trice ann an sanasan no tuairisgeulan obrach. Chìthear gu bheil faisg air an aon àireimh ag obair ann an Steòrnabagh, agus chìthear nas fhaide air adhart gu bheil Gàidhlig aig mòran dhiubh, ach nach eilear ga cleachdadh aig obair.

Ionadan-Obrach ann an Siabost



Dealbhan 12 agus 13, gu h-àrd agus fodha: Harris Tweed Hebrides: am muileann clò.



Harris Tweed Hebrides. Thuirt Ceannard Leasachaidh Eaconomaich aig CnES gu bheil an clò mòr air a bhith na phrìomhachas leasachaidh do bhuidhnean leasachaidh sna h-Eileanan Siar thar nam bliadhnaichean, agus tha fhathast. Ged a tha obair a' chlà mhòir ann an Alba agus sna h-Eileanan Siar air seargadh, tha muileann *Harris Tweed Hebrides* ann an Siabost air cliù a chosnadh dhaibh fhèin: ann an 2009, bhuinig iad an tiotal *Textile Brand of the Year* aig The Scottish Fashion Awards, (<http://www.harristweed.org/latestnews.asp?id=68>).

Ann an còmhraidhean le oifigearan cànanain agus leasachaidh ann an Leòdhas mus do thòisich an rannsachadh, bhathar den bheachd gur e gun robh Muileann Shiaboist ann an Siabost a chùm obraichean ri muinntir an àite agus mar sin a chùm a' Ghàidhlig cho làidir ann an Siabost. Cha robh poileasaidh cànanain aig a' mhùileann riamh ach bhon a bha Gàidhlig aig cha mhòr a h-uile neach-obrach, agus bhon a bhiodh òigridh a' tighinn a-steach gu àrainneachd far an robh Gàidhlig fhileanta aig a h-uile duine eile, b' i a' Ghàidhlig a bhathar a' cleachdadh mar bu trice co-dhiù.

An-diugh, cha mhòr nach eil leth-cheud duine ag obair aig Harris Tweed Hebrides ann an Siabost, agus thòisich sianar luchd-obrach ùra fo aois 25 o chionn ghoirid. Chan eil poileasaidh Gàidhlig aig a' mhùileann fhathast, ged a tha ùidh na leithid. Chaidh a ràdh ris an neach-rannsachaidh gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh gu bitheanta agus gu tric bho latha gu latha sa mhùileann. Bhiodh ùidh aig luchd-stiùiridh ann a bhith a' dèanamh rannsachadh sa mhùileann air mar a tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh. Tha am mùileann a' dèanamh margaideachd ann an Gàidhlig agus Beurla, agus tha ùidh aig a' chompanaidh ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig ann an dòighean eile far an gabh seo dèanamh, mar eisimpleir le clasaichean cànanain airson luchd-obrach a tha gan iarraidh.

Consumer Direct



Dealbh 14: Consumer Direct air Rathad a' Chàrnain, Siabost

Dìreach ri taobh Harris Tweed Hebrides, tha ionad leis a' chomhairle anns a bheil a' bhuidheann *Consumer Direct*, a thòisich ann an 2004 le cùmhnant obrach chun a' Mhàirt 2011, agus a tha a' fastadh timcheall air 30 de luchd-obrach. Tha *Consumer Direct* a' tabhann seirbheis-fòn agus seirbheis làrach-lìn sa Bheurla do dhaoine a tha a' sireadh comhairle, tro Trading Standards aig na comhairlean, air duilgheadasan le bathar a cheannaich iad. Tha a' mhòr-chuid de luchd-obrach a' siubhal a Shiabost gach latha à coimhearsnachdan eile. Tha cùmhnant aig *Consumer Direct* leis an Dept for Trade and Industry gu deireadh a' Mhàirt, 2011; bidh fios an robhar

soirbheachail cùmhnant eile fhaighinn san Ògmhios, 2010. Ac bhuinig an t-ionad cliù mar ‘an Consumer Direct as Fheàrr’ ann am Breatainn anns t-earrach, 2010.

Tha mu 10-15% dhen luchd-obrach bhon Taobh Siar, le triùir à Siabost, dithis à Barbhas agus aon duine à Bràgar (fios bho CnES, an t-earrach 2010). An-diugh, air foirmichean iarrtasan-obrach, thathar a’ faighneachd mu na comasan aca air bruidhinn, sgrìobhadh agus leughadh na Gàidhlig, agus a bheil iad deònach Gàidhlig ionnsachadh; ma tha feum air trèanadh, is urrainn don Chomhairle clasaichean Gàidhlig a chur air dòigh. O chionn ghoirid, nuair a chaidh obair a shanasachadh, thuir na trì fichead tagraichean gun robh iad deònach Gàidhlig ionnsachadh. Ach chan fheum Gàidhlig a bhith aca airson an obair fhaighinn ann.

'S e seirbheis tro mheadhan na Beurla a tha Consumer Direct a’ tabhann. Chaidh a ràdh le oifigear na comhairle gu bheil buidheann anns a’ Chuimrigh coltach ri Consumer Direct ann an Siabost, le loidhne fòn fa leth, a’ tabhann seirbheis tro mheadhan na Cuimris; ach chan eil laghan ann an Alba fhathast far am feum seirbheis sa Ghàidhlig a bhith ann, ged a bhiodh an comas ann seo a dhèanamh ann an Siabost. Ged a thathar a’ faighneachd do dhaoine a’ sireadh obair aig Consumer Direct mu na comasan sa Ghàidhlig aca agus an deòin a bhith ga h-ionnsachadh, dh’fhaodadh gum bi daoine, a tha airson barrachd seans/àrdachadh a thoirt don Ghàidhlig, a’ fàs diùmbach le ùine: thuir neach-agallaimh sa choimhearsnachd:

A h-uile duine a thig an àrd [airson obair aig Consumer Direct], tha a h-uile duine deònach a’ Ghàidhlig ionnsachadh. Agus nuair a gheibh iad an obair, cha bhi a’ chòrr a’ ghuth air. Yeah, sin e.

Bha mise a’ cantainn, carson nach feuch sinne an aon rud [ri na Cuimrich, le seirbheis sa Ghàidhlig], gum bu chòir dhuinn feuchainn ri daoine fhaighinn a-steach ann an sin aig a bheil Gàidhlig. Agus bha mi a’ faighneachd cò mhead aig a bheil Gàidhlig, agus tha triùir, tha mi a’ smaoinachadh, a tha fileanta ann an Gàidhlig. Faodaidh sinn a bhith a’ freagairt nan ceistean ann an Gàidhlig ma tha daoine ag iarraidh seo a dhèanamh agus gur e seo dòigh air seo a chumail. Chan eil fhios agam. Bha iad fhèin ag ràdh, well, is dòcha gun gabh sinn ris a sin.

Chaidh bruidhinn an uair sin air a bhith a’ cur barrachd cuideam air sgilean cànan airson obair fhaighinn. Nochd tòrr mhì-chinnt, a tha is dòcha cumanta aig luchd-fastaidh agus aig an t-sluagh san fharsaingeachd:

[Airson gun cuir neach-fastaidh cuideam air sgilean sa Ghàidhlig] dh’fheumadh tu a bhith gu math discreet, oir dh’fhaodadh dhaibh t’fhaighinn air a sin anns a’ bhad. Chan eil e furasta a ràdh gum feum thu Gàidhlig. Ach chan eil fhios agam. An dùil a bheil sin ...? Am faod thu sin a dhèanamh an-diugh? (fireannach, os cionn 60)

Well, am b’ urrainn dhaibh sin ma bha iad a’ lorg cuideigin airson job, chan urrainn dhaibh sin a chur ann, gum feum Gàidhlig a bhith agad. Cha b’ urrainn dhaibh sin a dhèanamh. (boireannach, aois 30+)

Tha na puingeann aig an neach-agallaimh gu h-àrd fìor inntinneach, oir mura bheil fios aig luchd-fastaidh agus ma tha iad draghail a bhith a' cur barrachd phrìomhachas air sgilean sa Ghàidhlig, tha feum air stiùireadh bho bhuidhnean aig a bheil gnothach ri obraichean, airson a bhith a' soillearachadh agus a' toirt comhairle air ciamar a ghabhas Gàidhlig a bhrosnachadh san àite-obrach.

Ann an agallamh le oifigear cànan, chaidh a ràdh gun robh argamaid ann nach robh e math a bhith a' sparadh Gàidhlig air daoine agus air buidhnean no roinnean-obrach, gum feum iarrtas airson na Gàidhlig tighinn bho, mar eisimpleir, na pàrantan iad fhèin:

Is e na coimhearsnachdan fhèin a dh'fheumas a thighinn. Tha sinn deònach is comasach taic a thoirt dhaibh. Ach chan urrainn dhuinne a dhol a-steach a choimhearsnachdan, is, well, 'Feumaidh a h-uile leanabh ro-sgoil bruidhinn Gàidhlig!' Chan eil sin a' dol a dh'obrachadh. Feumaidh sin tighinn bhuapa fhèin, is sinne a' cur taic ris. Agus nuair a tha iarrtasan ann, air taobh ionmhais no taic oifigeil, tha sinne deònach sin a dhèanamh.

Ann an còmhradh le ceathrar luchd-obrach bho thrì àiteachan eadar-dhealaichte, is uallach-obrach airson na Gàidhlig aig a h-uile duine, fhuair eadairtean mar “Ma tha daoine a' faireachdainn làidir mu rudeigin, thig iad an còmhnaidh a' gnogadh aig doras XY”; “Tha mi a' smaoinichadh gu bheil a' choimhearsnachd mothachail gu bheil airgead ann ma tha pròiseactan ann”; “Bidh e a' tighinn bhuapa fhèin .. cò air a tha iad ag iarraidh fiosrachadh”. Is dòcha gum b' fhiach e coimhead air a bheil dòighean ann gus barrachd chuideam a chur air na buannachdan a thig an lùib gnothaichean sa Ghàidhlig, mar FMG, bruidhinn Gàidhlig sa choimhearsnachd, leasachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd.

Thog oifigearan ann an saoghal na Gàidhlig diofar thrioblaidean a tha an lùib a bhith a' ceangal obair ri sgilean sa Ghàidhlig. Thuirt triùir aca gun robh e doirbh luchd-obrach fhaighinn leis an dà chuid sgilean cànan agus sgilean eile airson na h-obrach. Nochd seo ann an còmhradh mu obraichean anns a' choimhearsnachd:

Tha community coordinators ann cuideachd .. Bha sinn an dùil gum biodh a h-uile duine aca le Gàidhlig, ach cha robh duine le Gàidhlig airson na dreuchdan a ghabhail! Is chan urrainn dhut a ràdh, well, 'Gaelic Essential'. Mur nach fhaigh thu duine le Gàidhlig, a bheil thu a' dol a dh'fhàghail an dreuchd bàn? Feumaidh cuideigin a bhith ann. Ann an saoghal nach eil againn, bhiodh e math nam biodh a h-uile duine ag obair ann an iomairtean coimhearsnachd le Gàidhlig, ach chan eil an sluagh ann.

Nach e sin aon dhe na duilgheadasan a th' ann, nach eil daoine ann? Ma tha, chan eil iad deònach an obair a ghabhail.

Chaidh a ràdh le oifigear Gàidhlig:

Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil sinn math air a bhith a' reic the end product: dreuchdan! Tha mise a' smaoinichadh gu bheil sinn, actually, mar gum biodh nàire oirnn, eil fhios agad, nuair a bhios daoine a' bruidhinn air cosg airgead air Gàidhlig, tha sinn a' cumail ar cinn sìos, and, hope it goes away, an àite a bhith ag èigheachd, le crìonadh an eaconomaidh, 'seo aon dhe na sectors far a bheil fàs!' Agus tha mise a' smaoinichadh gum bu chòir dhuinn a bhith a' reic sin ri pàrantan, agus a' chlànn a chur tro foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an-dràsta.

Thàinig e am follais ann an agallamhan, ged a bhiodh neach gu tur fileanta ann am bruidhinn, sean no òg, gu bheil an cuid misneachd lag agus tha iad cho iriseal nach eil meas aca air na sgilean a th' aca. Thuirteadh seo anns an agallaimh a leanas le fileantach:

Tha tè a tha ag obair còmhla rium, tha i ga h-ionnsachadh, is tha i a' dèanamh math dha rìrimh. Ach tha ise shìos ann an Uibhist .. Tha sinn an còmhnaidh ag argamaid – 'dè mar a chanas tu facal?', agus chan eil fhios cò às a tha am facal, is am bi daoine ag ràdh an aon rud. Chan eil fhios agam dè bha sinn a' bruidhinn ma dheidhinn: 'Oh no, chan e sin am facal a tha iad a' cleachdadh ann an Uibhist'. Sin an rud, chan eil iad a' cleachdadh an aon fhacail.

Chaidh fhaighneachd dhan aon bhoireannach, am bu chòir do dhaoine le Gàidhlig an cuid Gàidhlig a chleachdadh aig an obair aca. Chithear deagh rùn dhan Ghàidhlig, agus mì-chinnt aig an aon àm mu a cuid comasan cànanain ann an saoghal na h-obrach:

Bu chòir, tha mi a' creids'... Cha b' urrainn dhomh, cha b' urrainn dhomh a dhèanamh aig m'obair. Cha b' urrainn dhomh a dhèanamh. That's it, cha b' urrainn dhomh a dhèanamh. Chan eil agam ach fear a tha ga bhruidhinn aig an taigh agus is e rud a bhruidhneas tu aig an taigh. Chan e Gàidhlig ceart a th'agam, is e fear a bhitheas sinn a' bruidhinn aig an taigh.

GR: Ach nach e sin na bhiodh tu a' bruidhinn aig t'obair? Le faclan, is dòcha corra fhacal ùr?

Oh tha tòrr faclan ùra... tha thu a' bruidhinn mu dheidhinn "estimates" agus "projections". Cha bhiodh clue agamsa. Chan eil fhios agamsa dè na facail a th'ann agus mar a chanadh tu iad sa Ghàidhlig. Really. Bhiodh agam ri smaoinichadh air a h-uile facal a bha mi ag ràdh. Cha b' urrainn dhomh a dhèanamh!

Aig Comataidh cuideachd [Comataidh nan comhairlichean aig CnES]... tha Gàidhlig agam, is bha mi a' suidhe ag èisteachd riutha bhon a bha iad a' bruidhinn sa Ghàidhlig. Is uaireannan, chan eil e fearast dhomh, leis na faclan ...

Is uaireannan cuideachd, bha cuideigin à Uibhist ann is chan eil e ro fhearast ri bhith a' tuigs' a' Ghàidhlig acasan cuideachd, tha e cho eadar-dhealaichte. So

uaireannan, ma chluinneas mi dithis à Uibhist no Barraigh, well, for goodness sakes, foreign language!!

Tha e dualtach nach i an aon duine le Gàidhlig nach eil cinnteach ann an saoghal na h-obrach gu bheil an cànan a thog i aig an taigh freagarrach airson obair oifigeil; agus ma dh'fhaoite gu bheil beàrn an seo a thaobh trèanadh agus misneachadh luchd-obrach, airson a bhith a' cleachdadh a' chànan a th' aca agus a' togail dhualchainntean agus fhaclan ùra.

Nuair a chuireadh a' cheist nach b' urrainnear Gàidhlig a chleachdadh leis na daoine san oifis anns a bheil i, bha e soilleir bhon fhreagairt gu bheil cothrom ann airson luchd-fastaidh agus luchd-obrach a bhith nas mothachail agus nas adhartaiche a bhith a' cleachdadh a' chànan. Ach cuideachd, chithear am beachd sa loidhne mu dheireadh, mura bheil daoine comhartail agus a' faireachdainn comasach sa Ghàidhlig, agus mura bi iad air am brosnachadh is dòcha le poileasaidh agus neach-brosnachaidh san oifis a' Ghàidhlig a chleachdadh, cha chleachd iad i:

Oh it can be done, b' urrainn dhut a dhèanamh. Ach an uair sin bhiodh a h-uile duine timcheall ort is chan eil Gàidhlig aca timcheall ort. Chan eil Gàidhlig ach aig a dhà no trì. Tha aon duine san aon team againn, well, mi fhìn is e fhèin, is an uair sin, cò mheud eile? Tha a dhà no trì aca, is dòcha.

Tha i aig barrachd na shaoileadh tu .. Tha [i aig] tòrr a bharrachd na tha thu a' smaoinichadh cuideachd, tha mi a' creidsinn gur e sin an rud. Tha feadhainn ann a tha ga fhaighinn nas fhasa a bhith a' bruidhinn na Beurla: is e sin na tha a h-uile duine a' dèanamh co-dhiù!

B' urrainn do bhuidhnean a bhith a' gabhail barrachd suim ann am mar a tha oifisean agus bùird, sanasan msaa a' bualadh air cleachdadh no cion-cleachdadh cànan, mar a' Ghàidhlig. Le bhith a' cur buidheann bheag còmhla aig a bheil Gàidhlig, dh'fhaodar a bhith a' brosnachadh cleachdadh cànan fiù's dìreach am measg dithis.

Obair aig Sgoil Shiaboist. Tha Sgoil Shiaboist glè chudromach a thaobh na h-uimhir de dh'obraichean anns a' choimhearsnachd agus anns an sgìre, oir tha timcheall air 32 obraichean pàirt agus làn-ùine ann a tha ceangailte ri goireas na sgoile, le teagasg, spòrs, glanadh, còcaireachd, agus eile (fios bho Cheannard Sgoil Shiaboist). Chithear ann an Clàr 44 gu bheil an sgoil fìor chudromach do chleachdadh na Gàidhlig le inbhich agus le clann.

Clàr 4: Taigheadas

Seòrsa Taighe	Àireamh	%
Taigh croite air croit an teaghlach, nach eil air <i>feu</i>	89	60.1
Taigh croite air croit an teaghlach, a tha air <i>feu</i>	33	22.3
Taigh croite air màl bhon chroitear	1	0.7
Màl priobhaideach eile	0	0
Màl poblach	9	6.1
Leis an neach-chòmhnaidh	16	10.8
Iomlan	148	100.0

Tha Clàr 4 (stèidhichte air freagairtean Ceisteachain A) a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid (60%) de theaghlaichean (le aon duine no barrachd) a' fuireach ann an taigh air croit. Tha 22% eile a' fuireach air croit, ann an taigh air talamh a thugadh a-mach à croitearachd (bidh seo a' tachairt ri linn riaghailtean mhorgaidsean, mar as trice). Uile gu lèir, tha a' mhòr-chuid, 82%, de theaghlaichean ann an Siabost a' fuireach air croitean, agus tha seo cha mhòr co-ionnan leis na toraidhean bho na ceisteachain a tha a' sealltainn gum buin a' mhòr-chuid do Shiabost no do Leòdhas/dha na h-Eileanan Siar (84%). Tha naoi teaghlaichean a' fuireach ann an taighean air màl sa roinn phoblaich, ach bu chòir ainmeachadh gun deach timcheall air 22 taighean-comhairle a thogail ann an Siabost aig aon àm airson daoine a chumail ann, cuid dhiubh seo ag obair sna muilnean-clò, ach a rèir coltais chaidh cuid dhiubh a cheannach, agus tha iad sin a' nochdadh fo 'Leis an neach-chòmhnaidh'.

Bu chòir a bhith mothachail nach d' fhuair eadhon freagairt sam bith bho 13 taighean dhan cheist seo ann an Ceisteachan A. Tha e cudromach a ràdh, ann am beachd comhairliche na sgìre, gu bheil na taighean a thog a' Chomhairle air a bhith glè chudromach ann a bhith a' cumail muinntir an àite, agus na Gàidhlig, ann an Siabost.

Obair ann an Steòrnabhagh agus taobh a-muigh Shiaboist

Mar a chithear ann an Clàr 3 gu h-àrd, tha 45% dhen t-sluagh aig a bheil obair ag obair ann an Steòrnabhagh. Nuair a bhruidhneadh ri daoine ann an agallamhan mu bhith a' cleachdadh Gàidhlig ann an Steòrnabhagh, thugadh iomradh le daoine (co-dhiù an robh iad sean gu leòr a bhith air an dreuchd a leigeil dhiubh no daoine cho òg ri na 30an) gun robh Gàidhlig ceangailte sna smuaintean aig daoine ris na bailtean air an dùthaich, agus gun robh diofar inbhe aig daoine le Gàidhlig:

Tha tòrr aca, gu h-àraid timcheall Steòrnabhagh, bha iad mar gum biodh nàire oirre nam bruidhneadh iad [Gàidhlig], nan robh Gàidhlig aca. Ged a bhiodh Gàidhlig aca cha bhiodh iad ag iarraidh [a bruidhinn]. (fireannach os cionn 65)

Nuair a bha mise anns a' Nicolson, is e 'na Maws' a bh' aca oirnn agus bha iad a' coimhead sìos oirnn. An àite – man a bha mise a' canntainn riutha tric gu leòr – an àite a bhith a' coimhead suas ri duine, 'tha dà chànan agamsa agus chan eil agadsa ach aon', is e a tha iongantach gun robh iad a' smaoinichadh gun robh iad na b'fheàrr na an fheadhainn a bh'air an tuath, seach gur e seòrsa bloigh Gàidhlig, bloigh Beurla a bh'aca fhèin – chan e a h-uile duine a thuigeadh e. (ibid)

3.5.4. Seirbheisean poblach

Seirbheis na slàinte. Tha ionadan slàinte le dotairean, nursaichean agus eòlaichean meadaigeach spèisealta ann an Càrlabhagh (2 mhìle à Siabost) agus ann am Borgh (12 mìle), agus tha Ospadal nan Eilean ann an Steòrnabhagh. Tha Bòrd Slàinte nan Eilean Siar an-dràsta a' dèanamh sgrùdadh air toraidhean cheisteachan air comasan cànan an luchd-obrach; agus thathar ag obair air plana cànan cuideachd. Tha na soidhnichean air na togalaichean dà-chànanach. Tha an rannsachadh ann an Clàr 44 a tha a' sealltainn cleachdadh cànan le diofar dhaoine anns na h-

ionadan slàinte. Tha cothroman ann poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs bhon a tha Gàidhlig aig mòran dhe na h-eu-slàintich agus aig luchd-obrach.

Foghlam ro-sgoile. Tha cròileagan ga ruith ann an Ionad na Seann Sgoil gach latha sa mhadainn airson clann ro-sgoile. B' e cròileagan Gàidhlig a bh' ann gus an do dhùin cròileagan Beurla ann am Bràgar, agus bhon uair sin, 2006, tha clann le beagan/mòran Gàidhlig a' cluich còmhla san aon chròileagan. Ro 2006, bhathar a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin leis a' chloinn, agus nuair nach robh Gàidhlig aig pàiste, chleachdadh soidhnichean còmhla ri faclan sa Ghàidhlig. An-diugh, thathas a' cleachdadh an dà chànan. Tha e fìor gu bheil gach pàiste a' faighinn co-dhiù beagan Gàidhlig. Ach tha na toraidhean nas fhaide air adhart a' sealltainn nach eil a' chlann seo sa chumantas idir cho fileanta sa Ghàidhlig is a tha iad sa Bheurla, agus tha seo a' togail na ceist nach bu chòir a bhith a' togail nan sgilean aca sa Ghàidhlig, oir tha a' chlann a rèir choltais a' faighinn Beurla fhileanta ann an àiteachan eile?

Cha deach co-dhùnadh a dhèanamh fhathast am bi a' Chomhairle ag iarraidh gum bi cròileagan Shiaboist a' gluasad bho Ionad na Seann Sgoil gu àrainn Sgoil Shiaboist, ach tha cròileagan eile sna h-Eileanan Siar air seo a dhèanamh o chionn ghoirid. Bhiodh cothrom ann coimhead air ceist fileantachd sa Ghàidhlig agus mar a b' urrainn a' chlann a dheasachadh nas fheàrr le fileantachd sa Ghàidhlig mus tèid iad a-steach gu prìomh 1.



Dealbh 15: Sgoil Shiaboist

Sgoil Shiaboist. An-dràsta, tha clasaichean bun-sgoile bho phrìomh 1-7 rim faotainn an dàrna cuid tro mheadhan na Beurla (FMB) no tro mheadhan na Gàidhlig (FMG). Thòisich FMG ann an Siabost ann an 1984 agus mar sin tha e air a bhith a' ruith airson 24 bliadhna.

Tha foghlam àrd-sgoile ri fhaotainn cuideachd ann an Sgoil Shiaboist, aig ìrean S1 agus S2, tro mheadhan na Beurla no na Gàidhlig (tha teagasg tro FMG ga dhèanamh ann an còig cuspairean: Gàidhlig, Eachdraidh, Cruinn-eòlas, Teicnigeachd agus Banas-taighe). Mar sin, tha a' chlann ann an S1 agus S2 a' faighinn tòrr a bharrachd Gàidhlig agus leantainneachd churaiculuim bhon

bhunsgoil tron Ghàidhlig na gheibheadh iad nam falbhadh iad a Steòrnabhadh aig deireadh prìomh 7.

Tha taghadh aig na pàrantan eadar Beurla agus Gàidhlig. Chithear gu h-ìosal na figearan airson 2009-10 anns gach clas airson chlasaichean Beurla agus Gàidhlig:

Clàr 5: Àireamhan FMG agus FMB aig ìre bun-sgoile, Siabost, 2009-10

Clas sa Bhun-sgoil	Tro mheadhan na Gàidhlig	Tro mheadhan na Beurla
P1	1 bhalach	1 bhalach
P2	2 nighean	1 bhalach, 1 nighean
P3	2 bhalach	1 nighean
P4	2 bhalach, 1 nighean	2 bhalach, 2 nighean
P5	1 nighean	2 bhalach
P6	1 bhalach, 2 nighean	3 bhalach, 2 nighean
P7	2 nighean	4 nighean
Iomlan	14 (6 bhalach; 8 nighean)	19 (9 bhalach; 10 nighean)

*Bho chaidh an rannsachadh a dhèanamh, thòisich aon phàiste ann am FMG agus dithis ann am FMB ann am prìomh 1, 2010-11.

Tha beagan a bharrachd a' dèanamh FMB na tha ann am FMG aig ìre bun-sgoil; ach tha dà uiread a' dèanamh foghlam sa Bheurla aig ìrean S1&2, mar a chithear gu h-ìosal.

Clàr 6: Àireamhan clann àrd-sgoile, Siabost, 2009-10

Clas san Àrd-sgoil	Tro mheadhan na Gàidhlig	Tro mheadhan na Beurla
S1	5 nighean, 4 bhalach	2 nighean, 9 bhalach
S2	3 nighean, 3 bhalach	15 nigheanan, 6 bhalach
Iomlan	15 (8 nighean; 7 bhalach)	32 (17 nigheanan; 15 bhalach)

Tha an luchd-teagaisg draghail mun àireimh bhig de chlann a tha a' tighinn a-steach dhan bhunsgoil gach bliadhna, agus tha seo ceangailte ri crìonadh sluaigh san sgìre, gu h-àraidh am measg dhaoine nas òige aig an urrainn clann a bhith.

Bha sinn a' cunntadh an latha eile agus tha mise a' smaoinichadh gur e timcheall air dusan duine-cloinne fo aois sgoile a fhuair sinn eadar Siabost agus Bràgar ... bho 5 sìos gu .. Chan eil tòrr an sin idir. 'S e dithis a tha a' tighinn a-steach gu clas 1

am-bliadhna. Tha an dithis aca am-bliadhna a' tighinn dhan Bheurla, so is dòcha nach bi duine air clas a h-aon sa Ghàidhlig. Thachair sin ron seo, bho chionn timcheall air deich bliadhna air ais. Tha sin man a tha e, dìreach.

Tha an aon duilgheadas air nochdadh air feadh an Taoibh Siar: “anns na sia sgoiltean air Taobh Siar Leòdhais, cha bhi ach 22 sgoilearan a’ tòiseachadh air Prìomh 1”; agus “tha an suidheachadh airson Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig a’ coimhead dona. Cha bhi gin den t-seachdnar chloinne a tha a’ tòiseachadh ann an Lìonal, Nis, a’ dol a-steach gu FMG, agus ann an Siabost cha bhi ach dithis a’ tòiseachadh, is iad air Foghlam tro Mheadhan na Beurla a roghnachadh” (eadar-theangachadh bhon Bheurla, ‘*Three schools to have no P1 entrants*’, WHFP, 11.6.10).

Bho chaidh seo an clò, thòisich aon phàiste ann an FMG agus dithis ann am FMB.

Bha an luchd-agallaimh toilichte gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ag obair gu math san sgoil agus gu bheil gu leòr phàrantan a’ taghadh seo airson na cloinne aca:

So, tha e air a bhith a’ dol glè mhath, tha e air a bhith ag obrachdainn glè mhath. 'S tha clann a tha air a thighinn tron Ghàidhlig a’ dèanamh fìor mhath nam beatha bhon uair sin (MM, agallamh air 9.2.10).

A rèir tidsear bun-sgoile, bidh iarrtasan airson FMG a’ tighinn bho na pàrantan fhèin: bidh sanas sa phàipear mu chlàradh cloinne airson P1, agus ma tha ùidh aig pàrantan nuair a thig iad do Sgoil Shiaboist a chlàradh, gheibh iad a h-uile seòrsa fiosrachaidh as urrainn dha na tidsearan a thoirt seachad. 'S e an fheallsanachd, “Bidh e a’ tighinn bhuapa fhèin [na pàrantan]”. Dh’innis oifigear bho Sgioba na Gàidhlig aig CNES gum bi seiseanan fiosrachaidh, “Gàidhlig Fairs”, air an cumail sna h-eileanan airson a bhith a’ sanasachd FMG:

Bidh sinne ag obair le CnaG. Bidh sinne a’ cur trì làithean ann, mus tig deireadh na bliadhna, mus tig a’ chlàr ùra a-steach dhan sgoil aig teirm ùr, mar na Gàidhlig Fairs. Bidh sinn a’ toirt a h-uile buidheann Gàidhlig cruinn airson latha, is bidh tachartasan ann.

... Bidh uaireanan .. tha tòrr fiosrachadh a’ dol a-mach ro làimh, ag innse dha daoine, gu h-àraid pàrantan aig a bheil clann nach eil ann an sgoil fhathast, air na cothroman a th’ann, bho taobh foghlaim, na meadhanan, buidhnean leasachaidh na Gàidhlig... Is sinn ag iarraidh àrdachadh fhaighinn anns na tha a’ dol gu na h-ionadan Gàidhlig. Sin aon dhe na prìomh amasan aig a’ Chomhairle, aig Sgioba na Gàidhlig, is aig Roinn an Fhoghlaim. Is bidh sinn a’ co-obrachadh, is, dìreach, a bhith a’ reic a’ chànain ri pàrantan.

Chuir oifigear aig CnaG ris a’ phuing seo, a’ moladh gun urrainn FMG agus Gàidhlig san fharsaingeachd a reic nas motha na tha ga dhèanamh ann an Alba an-dràsta le bhith a’ sanasachd gu bheil cothroman obrach ann do dh’òigridh le Gàidhlig:

Bu chòir dhuinn a bhith a' reic sin ri pàrantan, agus a' chlann a chur tro foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an-dràsta. You know, ma chuireas sibh ar clann tro Ghàidhlig, tha dreuchdan, agus dreuchdan matha, ann aig a' cheann thall. Agus chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil sinn math air [sin a reic dhaibh] (agus faicibh 'Obraichean' gu h-àrd)

Le *Ginealach Ùr na Gàidhlig (2010)*, tha cothrom ann a bhith a' dol a-mach, a' margaideachd agus a' reic FMG do phàrantan, seach a bhith a' feitheamh ri iarrtasan bho phàrantan leis an dùil gu bheil a h-uile argamaid aca mu na cothroman, agus a bhith a' toirt dhaibh argamaidean soilleir air buannachdan FMG.

Chùm Comhairle nan Eilean Siar coinneamhan sa choimhearsnachd san Ògmhios 2010 airson coimhead air a' cheist am bi aca ri bun-sgoiltean Bhràgair agus Chàrlabhaigh a dhùnadh, agus a' chlann às na bun-sgoiltean sin a chur còmhla ri sgoilearan bun-sgoile ann an Sgoil Shiaboist.

'S dòcha, a-nis, tha iad air bruidhinn air, ach chan eil iad air ruigsinn co-dhùnadh sam bith. Ach bidh iad a' bruidhinn air gur dòcha, bhon a tha na h-àireamhan cho beag, gun tig Càrlabhaigh 's Bràgar 's Siabost còmhla, agus 's dòcha a-nise gun dèanadh sin feum. Airson bha aonad Gàidhlig an Càrlabhaigh agus tha mi a' smaoinichdainn gun deach na h-àireamhan sìos cho fada agus nach b' urrainn dhaibh 's dòcha cumail a' dol cho math 's a b' fheàrr, 's dòcha cho math 's a lùigeadh iad ... (tidsear sgoile).

Aig coinneamh phoblach air 18 Màrt 2010, coinneamh mu dhùnadh na ciad agus na dàrna bliadhna de dh'Àrd-sgoil Shiaboist, agus a' chlann a thoirt a dh'Àrd-sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh, thuir Ceannard an Fhoghlaim, Comhairle nan Eilean Siar, **mu fhoghlam Gàidhlig ann an Siabost: "Out of all the junior secondary schools, Shawbost probably does the most"**. Tha an abairt seo, agus an suidheachadh, gu math drùidhteach oir tha daoine sa choimhearsnachd draghail mu bhith a' toirt sgoilearan S1 agus S2 a-mach às a' choimhearsnachd agus a-mach à Sgoil Shiaboist a tha cho soirbheachail. Bho chaidh an rannsachadh a dhèanamh, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh leis a' Chomhairle, an aghaidh bheachdan nam pàrantan, S1 agus S2 a dhùnadh ann an Sgoil Shiaboist (an t-Samhain, 2010). Chan fhaigh sgoilearan S1 agus S2 na h-uiread de Ghàidhlig ann an Sgoil Mhic Neacail is a tha iad a' faighinn ann an Sgoil Shiaboist, agus bidh iad nas tràithe a' falbh gu àrainneachd far a bheil a' Bheurla na mòr-cànain: buaidh eile air mar a tha clann a' faicinn feum sa Ghàidhlig sa bheatha làitheil aca. Chan eilear an dùil gun neartaich seo na sgilean aig a' chloinn sa Ghàidhlig, agus ma dh'fhaoidte gun toir e droch bhuaidh air bruidhinn na Gàidhlig leis an òigridh sa choimhearsnachd ann an Siabost. Tha na toraidhean nas fhaide air adhart a' sealltainn gur ann an sa sgoil agus le seann-phàrantan as motha a tha clann a' cleachdadh na Gàidhlig aca; ma dh'fhalbhas iad a Steòrnabhagh gu S1 agus S2, bidh aon dhe na prìomh àiteachan far am bi òigridh a' cleachdadh na Gàidhlig (Sgoil Shiaboist) a' falbh uile gu lèir. Tha Clàr 15 nas fhaide air adhart a' sealltainn mar a tha an ceudad a tha fileanta sa Ghàidhlig a' tuiteam gu mòr eadar clann aois 6-11 agus clann nas sine aig ìrean

na h-àrd-sgoil; thathas an dùil nach neartaich e fileantachd sa Ghàidhlig aig clann aois na h-àrd-sgoile ma dhùnas S1 agus S2 ann an Siabost.

bharrachd air a bhith a' lagachadh ceangal cloinne ri sgìre agus a' lagachadh àrainneachd Ghàidhlig san sgoil agus sa choimhearsnachd, an àite a' chlann a bhith a' faighinn an aon uiread de Ghàidhlig anns a' chlas ann an Steòrnabhagh, tha CnES a' moladh, air adhbharan Curaicealaim airson Sàr-mhaitheis, gum faigh a' chlann 2 chlas an àite 3 clasaichean Gàidhlig san t-seachdain (duilleag fiosrachaidh a chaidh a sgaoileadh le CnES aig a' choinneimh).

3.5.5. Goireasan coimhearsnachd

Ionad na Seann Sgoil

Tha ionad shuas an siud, is chan eil fhios aig an ionad ud dè nì e leis fhèin! Ionad mìorbhuileach, goireas mìorbhuileach.

So chan e nach eil raon-cluich ann às am b' urrainn, far am b' urrainnear launchpad no springboard bhon urrainn dhut a h-uile seòrsa rud smaoinichail fheuchainn. (fireannach, aois 65+)

Dìreach mu choinneamh Sgoil Shiaboist, air taobh thall an rathaid, tha an seann sgoil, a tha a-nise na h-ionad coimhearsnachd, leis an ainm Ionad na Seann Sgoil, sgrìobhte ann an Gàidhlig air a' bhalla a-muigh. Chaidh a dhèanamh suas mar goireas coimhearsnachd ann an 2005 as dèidh don choimhearsnachd airgead fhaighinn bho iomadh buidheann. Tha Comataidh ann a tha a' coimhead às a dhèidh, TOSC: The Old School Committee. Na bhroinn, tha seòmar goireasan eacarsaich, talla airson spòrs, clasaichean ciùil don òigridh, taisbeanaidhean agus mar sin air adhart, cidsin, oifis, stòr agus taisbeanadh Comann Eachdraidh an Taoibh Siar, seòmar le bùird, agus seòmar-suidhe. Tha e air a chleachdadh gu tric, ged a chanadh cuid gum b' urrainn dha a bhith nas trainge. Mar a dh'ainmich an neach-agallaimh gu h-àrd, dhèanadh e ionad mìorbhuileach airson rudan ùra Gàidhlig fheuchainn, agus mar ionad airson oifigearan cànan ag obair sa choimhearsnachd. Thuirte neach-agallaimh eile nach robh an òigridh a' gabhail cus suim tuilleadh ann a bhith air comataidhean sa bhaile, mar comataidh TOSC, no a bhith a' cleachdadh nan goireasan aca fhèin ann an Siabost:

Bha Youth Club againn ann a sheo agus bha e airson daoine bho 12-18. Nis, cha robh daoine a' tighinn ann a bha na b' aosta na 14, mura robh aon no dithis. Bha an còrr den òigridh a' falbh a Steòrnabhagh is a' coiseachd na sràidean .. chan eil fios agam dè tha iad a' faighinn ... Ach bha iad a' coinneachadh ri daoine eile agus is e seo an rud a bha a' cunntadh, an àite an togalach mìorbhuileach a tha ann an siud airson daoine a chleachdadh. Agus chan eil iad ga chleachdadh ann. Nis, bha sinn ag iarraidh feadhainn [deugairean] na b' aosta gus am biodh iad fhèin a' ruith an rud gun daoine a' cur dragh orra, ach cha robh e furasta sin a dhèanamh oir bha rudan a' tighinn a-steach air a' chloinn, an fheadhainn òga a dh'fheumadh cuideigin a bhith a' coimhead orra...

Tha mi a' smoineachadh nach eil sin fhèin ann a-nis, gu bheil iad a' gabhail ùidh sam bith anns an rud, chan eil iad a' dèanamh committees no càil .. Bu chaomh

leam gun robh sinn air an òigridh a thoirt a-steach. Well, gun sin, cha bhi an t-àite a' dol ann!

Aig a' cheart àm, bhruidhinn an neach-agallaimh seo air an t-uamhas obrach a tha boireannaich a' dèanamh don Chomann Eachdraidh (agus eile), aig a bheil taigh-tasgaidh anns an talla.

Ach tha e furasta tuigsinn, ann an coimhearsnachd far a bheil dìth dhaoineachadh, far nach eil mòran òigridh, agus far a bheil co-obrachadh agus nàbaidheachd air a bhith cho cudromach, gum biodh daoine brònach nach biodh rudan a' tachairt do agus leis an òigridh. Ma thig e gu bith gum feum clann aois S1 agus S2 Siabost fhàgail airson Sgoil Mhic Neachail, cha bhi an t-àite ach nas sàmhaiche buileach, agus shaoilear gum bi e fiùs nas eu-coltaiche gum bi rudan sòisealta na cloinne a' tachairt ann an Siabost, agus bidh seo a' lagachadh nam freumhan a tha gan tarraing a bhith a' fuireach ann an Siabost.

Thuirte neach-agallaimh eile, às dèidh cruinneachaidhean de dh'òigridh fhaicinn timcheall Sgoil Mhic Neacail:

Nuair a chì mise ann am baile Steòrnabhaigh òigridh Sgoil Steòrnabhaigh shìos aig àm dinnearach no mar sin, tha, dìreach an t-ùrachadh is an comas a bhiodh ann, nam biodh iad air an togail gu bhith mothachail air far an robh iad agus dòigh a bhith ann air ùidh a bhith aca agus comas a bhith aca fuireach ann. Ach chì mi sruthadh a' falbh is a' falbh, mar a tha iad air a bhith a' falbh.



Dealbh 16: Ionad na Seann Sgoil, mu choinneamh Sgoil Shiaboist, ann an teis-meadhan Shiaboist bho Dheas

Tha e air a chleachdadh le diofar bhuidhnean agus dhaoine bhon choimhearsnachd: Clann an Latha an-Dè (club sheann daoine), an Cròileagan, luchd-teagaisg ciùil (fidheall, meur-chlàr), taisbeanaidhean a' Chomainn Eachdraidh, daoine a' gabhail eacarsaich, coinneamhan chlubaidhean eile, agus mar sin air adhart. Tha an t-Ionad dìreach ri taobh an rathaid mhòir, mu choinneamh na sgoil ùir, aig drochaid, agus tha e a' tarraing na sùla oir an-còmhnaidh bidh càraichean is daoine a' falbh is a' tighinn. Tha a' Ghàidhlig air na prìomh shoidhnichean aig an dà sgoil, agus cluinnear a' Ghàidhlig gu tric ann an Ionad na Seann Sgoil, gu h-àraidh aig luchd-obrach a' Chomainn Eachdraidh, Clann an Latha an-Dè agus aig a' Chròileagan. Nuair a rinn a' choimhearsnachd an gnothach air airgead fhaighinn gus an t-seann sgoil a dhèanamh suas, thog seo misneachd muinntir Shiaboist gu mòr, a rèir triùir a rinn agallamh a bha an sàs ann an leasachadh coimhearsnachd, agus shaoil aon duine gun do bhrosnaich an soirbheachas seo daoine gu bhith a' dèanamh rudan eile:

I think that these kind of developmental projects definitely do give people an awareness of how to go about things. I mean, they learn through experience and because of something as major as this, a project costing hundreds of thousands of pounds, they gained the skills and the attributes to initiate other projects perhaps (agallamh le DMcL).

Chuireadh Club Gàirnealairachd air dòigh dhan choimhearsnachd agus rinneadh an àird gàrradh na seann sgoile, a bhrosnaich co-obrachadh agus a thog spiorad coimhearsnachd (faicibh na sgrìobh daoine, ann am *Beachdan sa Choimhearsnachd*). Fhuair eadh cruinn-ghaoithe cuideachd a chumas dealan ris an ionad.



Dealbh 17: Am post-oifis, ri taobh an rathaid mhòir, Siabost

Post-oifis. 'S e àite trang a tha sa phost-oifis, eadar am post a' tighinn is ga chur ma sgaoil, agus daoine a' dol ann airson diofar seirbheisean puist. Tha cothrom ann cuideachd beagan bathair a

cheannach, mar phocanan tì is eile. Chan eil ach aon soidhne dearg ann le 'Post Office' sgrìobhte air sa Bheurla. Cuirear fàilte chridheil air a h-uile duine a thèid ann. Ged a tha cuid de na fileantaich Ghàidhlig a' cleachdadh na Gàidhlig sa phost-oifis, is i a' Bheurla as motha a tha ga bruidhinn ann le fileantaich sa Ghàidhlig, agus leis a h-uile duine nach eil fileanta (faicibh Clàr 44).



Dealbh 18: An Eaglais Shaor ann an Siabost

An Eaglais Shaor. 'S e an Eaglais Shaor an aon togalach eaglaise ann an Siabost anns am bi coitheanal a' tighinn còmhla; agus bidh beagan a' dol dhan 'Aonadh' (Eaglais na h-Alba) ann am Barbhas. Tha Gàidhlig aig a' mhinistear, an t-Urramach Callum MacLeòid, agus tha e glè thaiceil dhan chànan agus glè thoilichte a cleachdadh san eaglais agus sa choimhearsnachd; cuideachd, tha Gàidhlig gu fileanta aig na h-eildirean gu lèir, agus bidh iad a' cur fàilte air daoine dhan eaglais sa Ghàidhlig ach ma tha beachd aca nach eil a' Ghàidhlig aca. Tha seirbheis Ghàidhlig ann madainn latha na Sàbaid gach seachdain, le trì seirbheisean-maidne Ghàidhlig gach mìos agus aon seirbheis Bheurla sa mhadainn gach mìos, agus seirbheis Ghàidhlig ann am Bràgar air an latha a tha seirbheis-maidne Bheurla ann an Siabost. Tha còig seirbheisean Beurla ann gach mìos, agus tha a' mhòr-chuid dhiubh a' gabhail àite air an fheasgar. Thathar a' faighinn àireamhan beagan nas motha mar as trice air a' mhadainn a thathar a' cumail seirbheis Bheurla, oir tha e a' tarraing theaghlaichean aig nach eil a' Ghàidhlig:

San fharsaingeachd, nuair a tha seirbheis sa Bheurla ann, thig barrachd a-mach. Bidh mu 70 duine a' tighinn dhan t-seirbheis Ghàidhlig sa mhadainn, agus bidh mu 100 a' tighinn gu seirbheis sa Bheurla. 'S e diofar mòr a tha sin ann am frithealachd (agallamh le CMcL, 4.5.10).

Tha an Eaglais Shaor glè mhothachail gu bheil iarrtas ann air seirbheisean Ghàidhlig agus thathar glè fhosgailte gu bhith a' leudachadh air: "Mi fhìn, gu pearsanta, bhithinn ro thoilichte sin a

dhèanamh [barrachd sheirbheisean eaglaise tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh] nam biodh barrachd iarrtas ann air a shon”. Bhiodh am ministear toilichte Sgoil Shàbaid sa Ghàidhlig a chur air dòigh, mar eisimpleir, nam biodh iarrtas ann air a son. Tha an eaglais ann an Siabost air a bhith ann an conaltradh leis a’ Chomann Ghàidhealach mu dhòighean ann a bhith a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig san eaglais. Tha an t-Urramach MacLeòid a’ faicinn gum b’ urrainn dhan eaglais taic a chur ri pàrantan cloinne a tha a’ faighinn foghlam tro mheadhan an Gàidhlig, no pàrantan a tha a’ togail na cloinne le Gàidhlig, tro sheirbheisean don chloinn, agus a’ bruidhinn riutha ann an cànan a thuigeas a’ chlann: “Tha role aig an eaglais a bhith a’ cuideachadh [phàrantan] .. gus dèanamh cinnteach gu bheil a’ chlann fileanta. Agus tha fios agam gu bheil ceum mòr ann eadar sgoil agus seirbheis sa Ghàidhlig, ach gabhaidh atharraichean an dèanamh airson teaghlaichean a thig gu seirbheis sa Ghàidhlig”.

Thuir am ministear gum b’ urrainn don eaglais a bhith a’ cuideachadh na cloinne a thaobh fileantachd sa Ghàidhlig. Dh’fheumadh iarrtas a bhith ann air seo, bho na pàrantan agus an cuid cloinne, ach tha Gàidhlig aig a’ mhinistear agus aig tidsearan nan sgoiltean Sàbaid a tha an-dràsta a’ teagasg sa Bheurla.

Chithear ann an Clàr 44 gur e seo, beatha na h-eaglaise, aon de na cothroman as fheàrr agus as bitheanta ann an Siabost an-dràsta a bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig, ann an conaltradh le eildirean, leis a’ mhinistear no sa choitheanal. Tha na teagsaichean san eaglais uile sean agus tha an cànan annta sean agus doirbh do chuid sa choitheanal. Bidh am ministear a’ feuchainn ri Gàidhlig nas ùire a chleachdadh agus tha seo a’ còrdadh ri daoine sa choitheanal (agallamh le CMcL, 4.5.10). Aig assemblies san sgoil, is i a’ Bheurla a tha am ministear a’ cleachdadh gus an tuig a’ chlann an t-seirbheis. Tha mu leth de na tìodhlaighean sa Ghàidhlig, agus tha barrachd is barrachd theaghlaichean an-diugh ag iarraidh seirbheis aig an tìodhlaigeachd sa Bheurla bho nach eil Gàidhlig aig cuid sna teaghlaichean aca. Aig a’ Chròileagan, b’ àbhaist don mhinistear a bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig, ach o chionn ghoirid b’ fheadar dha Beurla a chleachdadh gus an tuigeadh a’ chlann e.

Nam biodh iarrtas air, nam biodh pàrantan agus stiùirichean foghlaim ag iarraidh gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh, thuir an t-Urramach MacLeòid gum biodh an eaglais ro dheònach a bhith ag obair còmhla, airson maith na Gàidhlig agus na h-eaglaise. Tha ùidh mhòr aig a’ mhinistear ann a bhith a’ coimhead air ceist cleachdadh cànan agus tha ùidh aige ann a bhith a’ brosnachadh dhaoine gus barrachd pàirt a ghabhail san eaglais mar phàirt den chultar.

Cothroman coinneachaidh/comataidhean/clubaichean.

Tha mòran chlubaichean agus chomataidhean is chothroman coinneachaidh poblach ann an Siabost, ged is e coimhearsnachd bheag a th’ innte. Chaidh Siabost a mholadh le Co-òrdanaiche Coimhearsnachd airson cho beòthail agus pailt is a tha na buidhnean air a bhith; agus tha a’ phuuing seo cudromach a thaobh eòlas agus neart sa choimhearsnachd gus iomairtean cànan a bhrosnachadh:

I think there’s probably 32 community groups within the Westside area ... runs from Barvas to Dalbeg. Specifically Shawbost, I would reckon there would probably be about 10.

I think Shawbost is a particularly active area, in my experience. They've achieved quite a lot in the past and are looking to do more. So they are active and well set up (agallamh, DM, 24.2.10).

Ged-thà, ged a tha seo fìor, thuir an Co-òrdanaiche na leanas:

In February 2007 we held a very successful Community Development Day. Over a hundred people present. We held workshops for the young people, economic, environmental and social development workshops. And in the overall development plan that came out of that day, Gaelic specifically wasn't mentioned. Now it may be that people perceived that Gaelic is well used in the community and therefore there is no need to address it. Or people didn't think of it on the day... It has to come from the community. The school came up and the retention of a 2 year secondary in Shawbost... Culture and heritage did come up, and it was significant. There is a very strong Comann Eachdraidh in the area... It was a wider comment about, you know, 'important to keep what we have'...

Air an làimh eile, cha robh mòran eisimpleirean ann ron seo air am faodadh daoine togail, air sgeamaichean beaga cànan, a bharrachd air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sna sgoiltean. Dh'fhaodte barrachd eisimpleirean agus modalan a chleachdadh/dheasbad, agus tha e fìor gu bheil ùidh mhòr aig clann Sgoil Shiaboist anns an iomairt chànan a tha oifigear leasachaidh Comunn na Gàidhlig, Marina Mhoireach, air cur an sàs.

Bidh fios mu na buidhnean agus na tha iad a' dèanamh bho sheachdain gu seachdain a' dol a-mach ann am post-dealain bho oifigear comhairle ann an Càrlabhadh gu cunbhalach, san *West Side Community Diary*. Bidh fios eile a' nochdadh air Radio nan Gàidheal, san Stornoway Gazette agus san iris aig Comann Eachdraidh an Taoibh Siar, *Fuaran*. Is e cuid de na buidhnean 's cothroman coinneachaidh: An Eaglais Shaor, an Sgoil Shàbaid, Clann an Latha an-Dè, An Comann Eachdraidh, An Club Gàirnealairachd, Clas Dannsaidh Albannaich, Club Òigridh, Comhairle na Coimhearsnachd, Bòrd na Sgoile, Club Ruith, Comataidh Ionad na Seann Sgoil, dà chomataidh ionaltraidh, aig an fhaing, coinneamhan an Horshader Community Development Project, agus san taigh-òsta, an *Inn Between*.

Mar a chithear anns an liosta de bhuidhnean gu h-àrd, tha tòrr chomataidhean ann an Siabost a tha a' ruith nam buidhnean seo. Chithear air Clàr 44 gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh anns na coinneamhan agus buidhnean, gu sònraichte: an **Club Gàirnealarachd, Clann an Latha an-Dè, aig an fhaing, agus san eaglais**. Gu seo, chan eil e mar fhiachaibh air gin de na buidhnean poileasaidh cànan a bhith aca agus dòighean-obrach tro mheadhan na Gàidhlig a bhith aca.

West Side Development Partnership (WSDP). Tha ministear Eaglais Shaor Shiaboist, an t-Urramach Callum MacLeòid, na cheann-suidhe air an West Side Development Partnership (WSDP), buidheann a tha a' riochdachadh na sgìre agus nan 30 buidhnean innte, ann a bhith a' brosnachadh leasachaidhean a tha a' choimhearsnachd ag iarraidh, agus ann a bhith a' dèiligeadh ri maoinachadh poblach agus a' co-òrdanachadh leasachadh sheirbheisean poblach san sgìre,

agus ag obair gu h-àraidh, mar sin, le Comhairle nan Eilean Siar. Chaill Siabost agus bailtean eile an Co-òrdanaiche Coimhearsnachd a bh' ann bho chionn ghoirid; cuideachd, dh'atharraich riaghailtean CnES airson pròiseas gus neach-leasachaidh fhaighinn. Bha e do-dhèanta dhan WSDP taic gu leòr fhaighinn bho na buill san WSDP airson cur a-steach airson neach-obrach a bhiodh ag obair sa choimhearsnachd gus leasachaidhean a thoirt air adhart. An-dràsta, tha beagan taic ri fhaighinn bho oifigear a tha stèidhichte ann an Nis, ach bhathar a' faireachdainn gun robh an taic bho oifigear mar Cho-òrdanaiche Coimhearsnachd, stèidhichte ann an Siabost/Barbhas, fada na b' èifeachdaiche nuair nach robh aig buidhnean ionadail ri dhol tron phròiseas a th' ann an-diugh. Bhathas a' faireachdainn gu bheil cus uallaich ga chur air buidhnean coimhearsnachd a thaobh a bhith a' fastadh oifigear leasachaidh.

Chaidh a ràdh le ministear Shiaboist gum biodh e gu math feumail dhan WSDP (agus dhan Eaglais Shaoir), nuair a tha iad a' smaoinichadh air buaidh leasachaidhean air a' Ghàidhlig no a' Ghàidhlig a leasachadh sna seirbheisean aca agus sa choimhearsnachd, nam biodh buidheann Ghàidhlig Shiaboist/sgìreil ann a riochdaicheadh a' Ghàidhlig.

Tha an Horshader Community Wind Development Project air £450,000 a bhuinig bho Mhaoin a' Chrannchuir Nàiseanta, 'maoin airgid airson a bhith a' toirt fàs air stòrais coimhearsnachd', airson einnsean gaoithe a leasachadh, agus thèid prothaidean a chleachdadh airson maith na choimhearsnachd (WHFP air 4.6.10, 'Lottery grants offer £1.9 million boost...'): ma dh'fhaodte gum biodh cothrom an seo beagan taice a chur ri pròiseactan Gàidhlig?

Iomairt

Thòisich *Iomairt* airson Gàidhlig a bhrosnachadh air Taobh Siar Leòdhais ann an 2009 fo sgèith Comunn na Gàidhlig. Tha *Iomairt* stèidhichte air modal nam Mentrau Iaith sa Chuimrigh. Tha an sgìre a' gabhail a-steach Nis gu Càrlabhadh; dh'atharraich na crìochan bhon chiad smuain - dìreach Nis fhèin - às dèidh comhairle fhaighinn bho Fhòram na Gàidhlig, agus mar sin tha an oifigeil ag obair air diofar phròiseactan sna h-àiteachan eadar-dhealaichte.

Sgap na crìochan gu bhith a' gabhail a-steach àrd-sgoiltean bho Lìonal gu Siabost, agus an uair sin gu bhith a' gabhail a-steach ionadan dhotairean, m.e. ann an Càrlabhadh. Nuair a chaidh an *Iomairt* a stèidheachadh chaidh ceisteachan a-mach mun t-seòrsa rudan a bha daoine ag iarraidh tachairt, agus tha an t-oifigear leasachaidh agus *Iomairt* air a bhith a' cur mòran taic ris an dòigh-obrach seo, a' leantainn molaidhean dhaoine agus gu h-àraidh òigridh san sgìre, agus a' leantainn molaidhean na Buidhne-Stiùiridh anns an sgìre:

Chaidh tòrr rannsachadh a dhèanamh anns an sgìre a dh'fhaicinn, a dh'fhaighinn a-mach mu diofar rudan – an ìre Ghàidhlig a bh' ann, dè na tachartasan a bha a' dol, dè an activity a bh' ann mu thràth. Agus bhathas a' faireachdainn gur ann air òigridh a bu chòir cuimseachadh nas motha... Is e òigridh a bh' aig a h-uile duine.

Chaidh oifigear leasachaidh làn-ùine fhadth agus tha i air a bhith a' cur prìomhachas air tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig airson na h-òigridh, feum a tha air leth cudromach oir tha an rannsachadh airson *Barail agus Comas Cànan* a' sealltainn gur e a' Bheurla am mòr-chànan a tha ga chleachdadh le clann ann an Siabost aig buidhnean òigridh, mar an Club Òigridh agus

Youth Fellowship. Cuideachd, tha an rannsachadh a' sealltainn gu bheil clann a' cleachdadh na Beurla mar as trice le peathraichean, bràithrean agus caraidean; agus mar sin tha an obair a tha an *Iomairt* a' dèanamh luachmhor ann a bhith a' toirt a' chothrom do dh'òigridh Gàidhlig a bhruidhinn nam measg fhèin. Tha an rannsachadh cuideachd a' sealltainn cho cudromach is a tha an sgoil mar raon-cleachdaidh na Gàidhlig le clann òga, ach mar a mhìnich Fishman (2001), cha chum àrainneachd foghlaim/sgoile fhèin cànan beò am measg òigridh agus tha cothroman sòisealta mar phròiseact *Iomairt* glè chudromach.

Mar phàirt dhen *Iomairt*, tha fòram de sgoilearan nas sine à Sgoil Shiaboist a' coinneachadh leis an oifigear gu cunbhalach agus bithear a' cur molaidhean na cloinne air cur-seachadan sa Ghàidhlig air chois dhaibh agus còmhla riutha fhèin is am pàrantan/luchd-cuideachaidh. Ann an Siabost, tha a' chlann air P6 gu S2 air a bhith ag obair leis a' Chomann Eachdraidh gus DVD de chlàraidhean air cuairtean le clann agus daoine nas sine a tha a' bruidhinn air àrainneachd Shiaboist (a' brosnachadh tar-chur cànan eadar ghinealaichean). Cuideachd, bidh seachdain de thachartasan (m.e. còcaireachd, dràma, ball-coise is spòrs) tro mheadhan na Gàidhlig a' gabhail àite ann an Siabost, agus ann an Nis, as t-samhradh 2010.

Leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd

Tha an *Iomairt* ag obair le buidhnean eile, mar CnES, Pròiseact nan Ealan agus eile airson gun gabh a h-uile buidheann pàirt anns an obair. Ged a tha *Iomairt* an ìre mhath a' faighinn làn-taic maoinneachaidh suas gu trì bliadhna, thathar an dòchas gun gabh a' choimhearsnachd thairis an iomairt chànain le bhith, mar eisimpleir, a' steidheachadh companaidh earranta san sgìre: mar sin, bidh leasachadh na Gàidhlig agus leasachadh coimhearsnachd fìchte ri chèile. Dh'fhaodadh seo uile a bhith mar phàirt de phlana cànan airson leithid Shiaboist, a bheireadh a-staigh feumalachdan agus cothroman fàis airson diofar aoisean agus shuidheachaidhean. Thuirt neach-agallaimh sa choimhearsnachd:

Lùghaigeadh iad [buidhnean Gàidhlig] rudeigin a dhèanamh anns a' choimhearsnachd. Tha fhios aca, mura dèan thu rud sa choimhearsnachd, chan eil rian is nach eil anns a' chòrr ach mealladh, agus, dìreach, a bhith ag èigheachd a-staigh dhan ghaoith.

Dh'iarradh e sgioba inntinneach, dìcheallach, a bhiodh ann tro thìde, gum biodh e seasmhach. Bhon a tha de rudan beaga a' tòiseachadh agus a' sgar. Is e an rud a bhith, eil fhios agad, leantainneach! Ach an rud a bhith leantainneach: tha e cosgail air ùine, tha e cosgail air daoine. Agus seo an rud le foghlam coimhearsnachd an còmhnaidh. Tha e tòrr nas doirbhe, tha e nas subversive, tha e anarchic aig a' cheann thall, dhomhsa. Le anarchic, nach eil e a' leantainn riaghailtean, no riaghailtean foirmeil, gu bheil e a' tòiseachadh a' cur an àrd an riaghailtean fhèin. Is an uair sin, thathas gam briseadh is a' dèanamh riaghailtean eile (fìreannach, 65+)

Chuir oifigear Gàidhlig aig buidheann am beachd air adhart gun robh feum air luchd-obrach Gàidhlig a bharrachd, ma bhathar ag iarraidh a bhith ag obair gu mionaideach agus gu domhainn air brosnachadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan. Cuideachd, thuirt an oifigear gum feum

sùbailteachd a bhith ann a thaobh dòighean freagarrach airson Gàidhlig a bhrosnachadh ann an diofar choimhearsnachdan, agus gun robhar a' coimhead air adhart ri faicinn ciamar a dh'obraicheadh an Iomairt:

Chan eil gu leòr oifigearan againn ri dhol a-mach gu gach coimhearsnachd. Ma tha a h-uile coimhearsnachd ag iarraidh iarrtais, dh'fheumadh roinn mòr [a bhith againn].

Thogadh ceist chosgaisean cuideachd, gu bheil iomairt sam bith gu bhith cosgail:

Chanainnsa gur e fear dhe na duilgheadasan a bhith a' faighinn [daoine a chuidicheas?] .. Tha e an urra ri daoine a bhith a' dèanamh obair gu saor-thoileach gu ìre, is fiùthas leis na Sradagan, you know .. bha duilgheadas aca comataidh a stèidheachadh, no comataidh pàrantan a ghabhadh uallach airson an rud. Tha e dìreach duilich, duilich daoine fhaighinn aig a bheil an ùine, no an ùidh is dòcha - an ùine agus an ùidh. Cosgaiean cuideachd – ge brith dè tha sibh a' dèanamh .. tha cosgaisean an lùib a h-uile càil, ma tha thu ag iarraidh obair mhath a dhèanamh dheth.

Chan eil an òigrìdh an-diugh mar a bha sinne ag èirigh suas .. Cha robh càil a dh'iarrainn ach bàla is chuireadh e seachad na h-uairean is na làithean dhuinn. Chan fhaigh thu às le sin an-diugh! Feumaidh tu a bhith ag obair le multi-media, feumaidh tu rudan anns a bheil ùidh aca.

Chanainn is dòcha gu bheil dùsgadh, dùsgadh air choireigin a dhith, beagan bùrach air a dhèanamh dheth.

Chaidh puing a thogail a bha air leth inntinneach: gun robh faireachainn aig cuid a tha an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig gun urrainn a bhith ag obair nas fheàrr le daoine ann am foghlam coimhearsnachd: chaidh seo a ràdh ann an dòigh uamhasach positive: “yeah, tha cothroman ann, tha cothroman ann!” Chaidh a ràdh cuideachd gun robh faireachdainn aig cuid gur “dòcha gu bheil beàrn eadar na talking shops agus na daoine a tha shìos air a' ghrunnd, mar gum biodh, a' dèanamh an obair. Is dòcha gu bheil beàrn an sin”.

Aig an àm a chaidh an rannsachadh a dhèanamh, bha moladh ann gum biodh barrachd oifigearan ag obair anns na coimhearsnachdan, eadar HIE agus na buidhnean eile, agus bhathas a' smaoinichadh gum biodh seo math dha na coimhearsnachdan: “Ma tha oifigear eile gu bhith aig HIE a-muigh siud, great!”

Bha daoine mothachail gum feumas a bhith ag obair le mion-eòlas air na tha a' dol anns gach coimhearsnachd, oir chan eil an aon iomairt a' dol a bhith a' freagairt air a h-uile coimhearsnachd:

Chan eil aon template a' dol a dh'obair sa h-uile àite. Feumar sealltainn air sgìrean eadar-dhealaichte .. faighinn air ais dhan choimhearsnachd is taic a chur ris na h-iarrtasan a th' aca fhèin a thaobh Gàidhlig. Tha sin cosgail. Agus feumaidh tu seòrsa de catalyst .. cuideigin a tha comasach, cuideigin a tha beò agus a chumas pròiseactan a' dol, a chuireas taic ri iarrtasan coimhearsnachd.

Chaidh a mholadh gum feumadh luchd na Gàidhlig buannachd fhaicinn ann – gur dòcha gum feum na buannachdan a thigeadh à leasachadh na Gàidhlig a mhìneachadh agus a mhargaideachd:

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil aon rud a dhìth anns an equation, saoilidh mi. Chan e tòrr dhen adhbhar, ach is e pàirt dhen adhbhar, gum bi daoine airson rud a dhèanamh: feumaidh buannachd air choreigin a bhith ann dhaibh. Is dòcha nach e buannachd airgead, ach buannachd air choreigin. Agus tha mi a' smaoinichadh gu bheil e fìor leis a' Ghàidhlig cuideachd.

Chaidh a mholadh gu bheil feum mòr air margaidheachd air a' Ghàidhlig, chan ann a-mhàin air a' Ghaidhealtachd ach ann an Alba air fad. Chaidh na leanas a ràdh le cuideigin a thuirte cuideachd “gu bheil an nàire oirnn, nuair a bhios daoine a' bruidhinn air cosg airgead air Gàidhlig, tha sinn a' cumail ar cinn sìos and hope it goes away, an àite a bhith ag èigheachd”:

Tha marketing mòr ri dhèanamh air a' Ghàidhlig cuideachd. Agus chanainn gur e role Bòrd na Gàidhlig a th' ann a bhith a' dol a-mach agus ag èigheachd. Tha an t-airgead, you know, cnap mòr airgead ri cosg, ge brith dè de dh'airgead a tha e a' dol a chosg – agus nam faigheadh iad daoine matha airson a dhèanamh. Thigeadh iad sìos air feadh Alba ag èigheachd mu na buannachdan a th'ann.

Chan eil sin a' dol a thachairt. Chan eil bit marketing a' dol air adhart a thaobh Gàidhlig aig ìre a' mhòir-shluaigh .. Is tha sin fada - saoghal air falbh à sgìre Shiaboist. Ach tha sin na phàirt dheth, you know: tha an dealbh mòr gu bhith ann, agus an dealbh beag.

Gàidhlig agus buidhnean/coinneamhan ann an Siabost

Well, 's e an duilgheadas a th'ann an-dràsta, chan urrainn dhuinn coinneamh a chumail ann an Gàidhlig ann an Siabost, ri linn is nach eil daoine na Beurla a' tuigs'...

Bho chionn dusan bliadhna, bhithinnsa a' cumail a h-uile coinneamh [ann an Gàidhlig], ach chan eil gin a choinneamh air an cumail ann an Gàidhlig an-diugh no bho chionn fhada.

Bhruidhneadh air diofar shuidheachaidhean agus carson nach fhaodar Gàidhlig a chleachdadh ann: nach eil Gàidhlig aig a h-uile duine; nach eil a h-uile duine fileanta gu leòr; nach eil Gàidhlig aig daoine a tha a' dèanamh na clèireachd aig coinneamhan ged a bhiodh i aig daoine eile; agus:

Tha Gàidhlig aca, ach cha bhruidhinn iad i.

Tha fios agam gu bheil Gàidhlig aca agus gun tuig iad a h-uile càil, is bruidhnidh iad bìdeagan an siud is an seo, ach tha e man.. chan eil Gàidhlig, chan eil Beurla... tha a h-uile càil a th' ann am measg a chèile. (fireannach, os cionn 65)

Bho chionn dusan bliadhna, bhithinnsa a' cumail a h-uile coinneamh air an robh mi .. is ann ann an Gàidhlig a bha a h-uile coinneamh. Ach chan eil gin a choinneamhan air an cumail ann an Gàidhlig an-diugh no bho chionn fhada .. Tha feadhainn dhen chomataidh is chan eil Gàidhlig aca. Tha Gàidhlig aca, ach cha bhruidhinn iad i. (ibid)

Bha mi aig coinneamh o chionn ghoirid, is thòisich cuideigin a' bruidhinn Gàidhlig. Is bha i a' bruidhinn treis. Ach an uair sin bha mi a' faireachdainn mì-chofhartail bhon a tha fios agad, leis gu bheil daoine eile san rùm is nach eil Gàidhlig aca, so cha robh iad a' tuigs' dè bha i ag ràdh. Sin an rud, chan eil e gu diofar càite an tèid thu a-nis, cha bhi thu ann an rùm far a bheil Gàidhlig aig a h-uile duine, chan eil sin a' dol a thachairt. Bidh an còmhnaidh cuideigin ann, well, bidh barrachd na a dhà na trì is Beurla aca. So dè mar a tha thu a' dol a chumail coinneamh ann an Gàidhlig mura bheil a h-uile duine a' dol a thuigs' dè tha thu a' dol a ràdh? .. So chan urrainn dhomhsa faicinn dè as urrainn dhut a dhèanamh! Feumaidh Dolag [Sgioba na Gàidhlig, CnES] a bhith ann airson eadar-theangachadh a dhèanamh! (boireannach eadar 30-40)

Gun teagamh, tha an suidheachadh cànan iomadh-fhillte le diofar chomasan agus diofar bheachdan aig daoine air na cànan a bhruidhneas iad, agus a bhruidhneas iad ann an diofar shuidheachaidhean. Sna h-agallamhan agus sna beachdan ann an Ceisteachan B, bha e follaiseach gu bheil daoine a' faireachdainn gu bheil e mì-mhodhail a bhith a' bruidhinn Gàidhlig nuair a tha duine ann gun fileantachd sa Ghàidhlig no gun Gàidhlig idir. Cuideachd, thuirteadh, aon uair is gu bheil cànan air a bhruidhinn eadar dithis no barrachd, tha e a' dol na chleachdadh, na 'aonta gun bruidhinn air', gur e sin an cànan/na cànan a thèid bruidhinn eatorra bho shin a-mach (faicibh *Eachdraidh an luchd-agallaimh agus cleachdadh cànan*).

3.5.6. Co-dhùnadh

Thathar air dealbh a thoirt seachd air Siabost mar choimhearsnachd a tha ceangailte ann an eachdraidh tro chàirdeas, croitearachd agus iasgach, cànan agus cultar na Gàidhlig. Tha an eaconomaidh air atharrachadh gu mòr bho chaidh an leabhar aig Parman a chur an clò (1990) agus an àite a bhith an crochadh air obair a' chlà agus croitearachd, an-diugh tha obraichean san roinn phoblaich agus obraichean oifis/cùraim nas bitheanta. Tha barrachd cuideachd a' fàgail Shiaboist gach madainn airson obair, ann an Steòrnabhagh glè thrìc. Ach tha gu leòr fhathast ag

obair ann an Siabost fhèin, eadar obraichean san Sgoil, sa mhuileann, ann an seirbheisean cùraim, agus airson cuid, aig Consumer Direct. Tha cothroman matha ann Gàidhlig a chleachdadh san sgoil, sa mhuileann agus ann an seirbheisean cùraim, mar chùram airson sheann daoine. Dh'fhaodate barrachd a dhèanamh gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh na bu trice anns a h-uile h-àite, agus tha ceist mhòr ann, an gabh poileasaidhean cleachdadh na Gàidhlig cur an sàs?

Tha seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig rim faighinn ann an Siabost sa chròileagan agus sa bhun-sgoil agus tha na seirbheisean seo gan ruith ri taobh seirbheis sa Bheurla.

3.6. TORAIDHEAN: SIABOST SAN FHARSAINGEACHD

3.6.1. Ro-ràdh

Ann an fo-chaibideilean 3.6-3.8, bithear a' sgrùdadh toraidhean cheisteachain a chaidh an cleachdadh ann an Siabost: Ceisteachan A, Ceisteachan B, agus Ceisteachan C. Bithear a' coimhead an toiseach, ann an 3.6, **Siabost san Fharsaingeachd**, air Siabost mar choimhearsnachd chànan a rèir toraidhean ceisteachain A gu sònraichte; ann an 3.7, **Inbhich Shiaboist**, bithear a' coimhead air toraidhean nan inbheach aois 16+; agus ann an 3.8, **Clann Shiaboist**, bithear a' sgrùdadh toraidhean na cloinne fo 16 bliadhna a dh'aois.

3.6.2. Na ceisteachain agus earbsachd thoraidhean

Rinneadh co-dhùnadh cunntas slàn a dhèanamh air fiosrachadh mun t-sluagh agus mu bheachdan muinntir Shiaboist air a' Ghàidhlig. Shaoileadh gun robh e cudromach cunntas slàn a dhèanamh airson dealbh fìor earbsach fhaighinn, oir, gun fios mionaideach air na neartan agus laigsean ann an ro-innleachdan brosnachadh agus cleachdadh na Gàidhlig, cha tuigear gu tur soilleir na cothroman agus na dùbhlain leasachaidh, agus cha bhithhear cho èifeachdach ann an leasachaidhean cànan aig ìre coimhearsnachd thraidiseanta, sgèireil.

Chithear ann an Clàr 7 fodha gun robhar glè shoirbheachail a' faighinn bun-fhiosrachadh mu gach taigh: fhuair 99% de Cheisteachan A air ais, àireamh fhreagairt glè mhath. Cha deach taighean-samhraidh a tha falamh a' mhòr-chuid den bhliadhna a chunntadh mar dhachaighean le daoine a tha a' gabhail pàirt ann an cleachdadh cànan bho latha gu latha ann an Siabost.

Clàr 7: Àireamh de fhreagairtean bho na ceisteachain

	Àireamh fhreagairtean a fhuair	Àireamh iomlan a b' urrainn faighinn (gun taighean-samhraidh)	Soirbheas ann an tilleadh nan ceisteachan (%)
Ceisteachan A (an dachaigh)	160	161	99%
Ceisteachan B (inbhich)	254	308	82%
Ceisteachan C (clann)	45	68	66%

Bhathar glè shoirbheachail, cuideachd, le Ceisteachan B (82%) agus Ceisteachan C (66%). Tha na h-àireamhan seo às a' cheud a' ciallachadh gu bheil seans mhath gu bheil na freagairtean a fhuair mar sgàthan air beachdan an t-sluaigh air fad ann an Siabost. Thathar mothachail gun robh àireamhan airson Ceisteachan C beag, an dà chuid air sàillibh is gu bheil glè bheag de chlann ann mar phàirt den t-sluagh gu lèir, ach tha an ìre de fhreagairtean a' ciallachadh gun urrainn a bhith cinnteach às na toraidhean sa chumantas.

3.6.3. Bun-fhiosrachadh mun t-sluagh

Rinneadh an rannsachadh seo ann an ceithir de na h-*output areas* ann an sgìre Shiaboist a bha ann an Cunntas-sluaigh 2001 (3). Bho 2001 gu 2010, tha an àireamh de thaighean ('households') **air tuiteam 14%**, bho **173 gu 161**. Tha cuideachd **16 taighean-samhraidh falamh** ann, a' riochdachadh faisg air **10% de thaighean Shiaboist**. A' sgrìobhadh mu dheidhinn Datazone Càrlabhadh gu Siabost (stèidhichte air *General Register Office Statistics Estimates*), bha a' Chomhairle am beachd gur e seo aon de na *datazones* leis an àireimh as àirde sna h-Eileanan de dhachaighean gun duine a' fuireach annta (fios bho CnES, Roinn Leasachaidh Eaconomaich agus Taic do Ghnìomhachas/Economic Development and Business Support).

A rèir an rannsachaidh seo, tha an sluagh air tighinn a-nuas **bho 441** ann an Cunntas-sluaigh 2001 **gu 376** ann an 2010 (stèidhichte air fios à Ceisteachan A) – **call de 65 daoine**. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an àireamh-shluaigh **15% nas ìsle** na bha i o chionn naoi bliadhna. A' coimhead air Clàr 8, chithear gu bheil **an àireamh às a' cheud de dhaoine òga anns na buidhnean aoise nas ìsle ann an 2010, anns cha mhòr a h-uile aois, ach gu sònraichte am measg òigridh 25-34**. Ach tha leudachadh car mòr anns an àireimh às a' cheud de dhaoine os cionn 65. Uile gu lèir, tha an sluagh, a rèir bhuidhnean agus àireimh às a' cheud, a' fàs nas sine, le **49%** den t-sluagh aig aois 50+.

Clàr 8: Buidhnean-Aois luchd-freagairt cheisteachan ann an Siabost

Luchd-freagairt Cheisteachan B & C			Ceisteachan A		Cunntas-sluaigh 2001	
Aois (bliadhnachan)	Àireamh	%	Àireamh	%	Àireamh	%
0 gu 3	10	3.4	12	3.3	16	3.6
4 gu 5	2	0.7	3	0.8	14	3.2
6 gu 11	20	6.8	30	8.3	33	7.5
12 gu 15	13	4.4	19	5.3	21	4.8
16 gu 24	15	5.1	20	5.5	30	6.8
25 gu 34	13	4.4	15	4.2	41	9.3
35 gu 49	65	22.0	85	23.5	90	20.4
50 gu 59	44	14.9	48	13.3	65	14.7
60 gu 64	24	8.1	29	8.0	37	8.4
65 agus nas sine	89	30.2	100	27.7	94	21.3
Iomlan	295	100.0	361	100.0	441	100.0

A thaobh àireimh às a' cheud, tha Clàr 8 a' sealltainn gu bheil am fiosrachadh air buidhnean a thaobh aoise ann an Ceisteachain B agus C a' co-chòrdadh le fiosrachadh ann an Ceisteachan A: mar sin, tha na toraidhean a' riochdachadh gu h-earbsach fiosrachadh agus beachdan muinntir Shiaboist.

Tha Clàr 8 cuideachd a' sealltainn gu bheil an sluagh gu lèir ann an 2010 nas sine na bha e ann an 2001: tha nas lugha de chlann ann agus nas lugha de dhaoine òga eadar 25-34. 'S iad seo, is dòcha, na ginealaichean as cudromaiche a thaobh seasmhachd an t-sluaigh/na Gàidhlig ann am beul an ath ghinealaich.

Chithear cuideachd nach do dh'fhàs àireamhan-sluaigh ann am buidheann-aoise sam bith ach àireamhan dhaoine aois 65+, bhon chunntas-shluaigh mu dheireadh. Chithear gun do dh'islich àireamhan dhaoine anns cha mhòr a h-uile buidheann-aoise eile.

Clàr 9: Fireann agus boireann

Luchd-freagairt Ceisteachan B & C			Ceisteachan A		Cunntas-sluaigh 2001	
Gnè	Àireamh	%	Àireamh	%	Àireamh	%
Fireann	136	46.6	182	50.7	214	48.5
Boireann	156	53.4	177	49.3	227	51.5
Iomlan	292	100.0	359	100.0	441	100.0

Tha Clàr 9 a' sealltainn gu bheil an àireamh de bhoireannaich agus de dh'fhireannaich le chèile nas ìsle ann an 2010 na bha iad ann an 2001. A thaobh % fireann/boireann, bha beagan a bharrachd de bhoireannaich ann an Siabost ann an 2001, ach an-diugh, ann an 2010 (faicibh Ceisteachan A), tha beagan a bharrachd de dh'fhireannaich ann (mar àireamh às a' cheud) na de bhoireannaich, ach tha an % de gach gnè cha mhòr co-ionnan an-diugh.

Chithear cuideachd gun do lìon beagan a bharrachd bhoireannach na fireannaich ceisteachan B. Ach fhathast, tha na h-àireamhan a thaobh gach gnè ann an Ceisteachain B agus C a' riochdachadh gu math na h-àireimh às a' cheud ann an Ceisteachan A.

Tha Clàr 9 cuideachd a' sealltainn gun robh beagan a bharrachd bhoireannach na fireannaich ann an 2001; agus ann an 2010, tha na h-àireamhan cha mhòr co-ionnan.


Aois agus Gnè ann an Siabost

Anns an dà ghraf ann an Clàr 10 fodha, chithear fiosrachadh air aois agus gnè muinntir Shiaboist. Sa chiad ghraf, chithear na toraidhean bho Ceisteachan A, an clàr as fhaisge air àireamhan agus gnè an t-sluaigh gu lèir (99% den t-sluaigh a tha a' fuireach ann). Chithear san dàrna graf aois agus gnè an luchd-fhreagairt airson Ceisteachain B (a' riochdachadh 82% den t-sluaigh). Tha an dà ghraf glè choltach ri chèile, agus mar sin gabhaidh a ràdh a-rithist gu bheil na toraidhean a thaobh aoise agus gnè ann an Ceisteachain B is C glè fhaisg air na h-aoisean agus gnè ann an Siabost gu lèir. Tha co-chòrdadh glè mhath eadar an dà ghraf agus mar sin tha freagairtean Ceisteachain B & C a' riochdachadh fiosrachadh agus beachdan na coimhearsnachd.


Tha graf Ceisteachain A a' sealltainn gu bheil **75% de mhuinntir Shiaboist nas sine na 34**. Tha cha mhòr leth den t-sluaigh, 49%, aig aoisean 50+, agus is ann am measg na feadhna seo as treasa a tha a' Ghàidhlig, gu h-àraidh a thaobh fileantachd ann am bruidhinn, a rèir an rannsachaidh seo.

Chan eil ach 9.5% eadar aoisean 16-34, na h-aoisean as cumanta airson teaghlach a thòiseachadh. Tha na figearan seo a' sealltainn gu bheil a' choimhearsnachd a' fàs sean agus a' truidseadh.

Clàr 10: Coimeas eadar an sluagh gu lèir agus àireamh fhreagairtean do Cheisteachan B



Piorramaid Sluagh Shiaboist (Luchd-freagairt Cheisteachan B & C)



Clàr 11: Buntanas muinntir Shiaboist

Buntanas muinntir Shiaboist

a' gabhail a-steach clann

Siabost	180
Na h-Eileanan Siar	58
Alba	25
Sasainn	14
Eile (Èirinn a Tuath, A' Ghearmailt)	1
Iomlan	278

Chaidh faighneachd càite an deach an togail nuair a bha/tha iad a' fàs suas. 'S ann à Siabost fhèin no às na h-Eileanan Siar (Leòdhas mar as trice) a tha 86% den t-sluagh ann an Siabost.

Cànan nan dachaighean

Tha Clàr 12 a' sealltainn a' phrìomh chànan/nam prìomh chànanan a tha gan cleachdadh anns gach taigh ann an Siabost. Fhuair eadhon freagairt bhon a h-uile dachaigh ach deich.

Clàr 12: Cànan an dachaigh

Cànan an dachaigh	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	50	33.1
Gàidhlig mar as trice	36	23.8
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	15	9.9
Beurla mar as trice	23	15.2
Beurla a-mhàin	27	17.9
Iomlan	151	100.0

Tha Clàr 12 a' sealltainn gu bheil 57% de thaighean ag ainmeachadh na Gàidhlig a-mhàin no na Gàidhlig mar as trice mar chiad chànan an dachaigh. Tha an àireamh seo a' coimhead àrd, ach tha a' mhòr-chuid de na daoine sna dachaighean a sgrìobh seo nas sine agus ann an dachaighean le aon duine/dithis, mar a chithear ann an Clàr 12.

Clàr 13: Prìomh chànan an dachaigh agus àireamh de dhaoine anns gach taigh

Cànan	Aonar san taigh	Dithis san taigh	Triùir san taigh	Ceathrar san taigh	Còignear san taigh	Sianar san taigh	Iomlan
	<i>Àireamh de dhachaighean</i>						
Gàidhlig a-mhàin	24	23	3	0	0	0	50
Gàidhlig mar as trice	15	10	6	2	2	1	36
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	1	4	3	4	2	1	15
Beurla mar as trice	0	10	7	1	4	1	23
Beurla a-mhàin	6	10	5	2	3	1	27
Iomlan	46	57	24	9	11	4	151

Tha Clàr 13 a' dearbhadh gu bheil a' Ghàidhlig a-mhàin no mar as trice ga cleachdadh ann an dachaighean le aonar no dithis a' còmhnaidh annta. Rinneadh tuilleadh rannsachaidh, agus chaidh a dhearbhadh gur e daoine nas sine a tha sna taighean seo.

Tha e soilleir bho Chlàr 13, mar as motha de dhaoine a tha san dachaigh, gur ann as lugha an t-seansa gum bithear a' bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin no mar as trice; tha seo ceangailte ri àireamh na cloinne a tha san taigh còmhla ri pàrantan.

Chithear gu bheil 'Gàidhlig a-mhàin' no 'Gàidhlig mar as trice' ga cleachdadh ann an 9 taighean far a bheil triùir; ann an 2 thaigh le ceathrar; ann an 2 thaigh le còignear; agus ann an 1 taigh le sianar.

San fharsaingeachd, chan i a' Ghàidhlig prìomh chànan an dachaigh tuilleadh airson daoine nas òige na 50.

Clàr 14: Aois agus % de dhaoine a bhruidhneas a' Ghàidhlig gu fileanta

Aois	Fileanta	Neo-fhileanta	% den aois a tha fileanta
	<i>(Àireamh de luchd-freagairt)</i>		
0 gu 3	2	7	22.2
4 gu 5	1	1	50.0
6 gu 11	9	11	45.0
12 gu 15	3	10	23.1
16 gu 24	2	13	13.3
25 gu 34	5	8	38.5
35 gu 49	32	33	49.2
50 gu 59	29	15	65.9
60 gu 64	15	9	62.5
65 agus nas sine	72	17	80.9
Iomlan	170	124	57.8


Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha àrd-chomasan labhairt nas cumanta am measg nam buidhnean as sine, agus chithear ann an Clàr 14 mar a tha an àireamh às a' cheud a' tuiteam le òige.

'S dòcha gu bheil ceist ri a togail mu choinneimh ceudad na fileantachd ann an aoisean 12-15: 23%, agus 16-24: 13.3% fileanta. Seo an ath ghinealach a bhios, anns an ath dheich bliadhna, comasach air clann a bhith aca agus clann a thogail. Mura bheil Gàidhlig ach aig **aon duine às gach ceathrar** a bhios eadar 22-25, agus aig **aon duine às gach seachdnar** a bhios aois 26-34, droch theansa gum bi iad a' toirt na Gàidhlig dhan chloinn aca san dachaigh, gun taic bho sheann-phàrantan, iompachadh ideòlas cànan, agus gun taic phractaigeach bho bhuidhnean foghlaim agus Gàidhlig.

Aoisean, àireamhan dhaoine agus fileantachd

Chuireadh ri chèile freagairtean bhon dà ìre as àirde a thaobh fileantachd ann am bruidhinn agus tuigsinn (ìrean 5 & 6) mar chomharra air fileantachd, agus chuireadh seo còmhla ri aois, airson dealbh fhaighinn air càite a bheil na fileantaich.

Clàr 15: Coimeas eadar aois agus fileantachd an luchd-fhreagairt



Airson àireamhan gach buidhne, faicibh an clàr gu h-ìosal ri taobh a' chlàir air comasan bruidhinn na Gàidhlig.

Faiceall: bu chòir a bhith faiceallach gun cus a dhèanamh de na toraidhean gu h-àrd airson aoisean 0-3, oir cha bhi iad ach air tòiseachadh air cànan (Gàidhlig/Beurla/an dà chànan) ionnsachadh.

Tha Clàr 15 a' sealltainn mar a tha a' Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid aig aois 35+, agus tha an ceudad ag àrdachadh le aois. Tha e cuideachd a' sealltainn gu bheil a' Bheurla fada nas bitheanta na a' Ghàidhlig fhileanta am measg dhaoine nas òige na 35, agus gu bheil am pàtran seo a' fàs nas làidire a thaobh àireamhan agus ceudaid mar as òige a tha an duine.

Feumar a bhith beagan faiceallach nuair a thathar a' sgrùdadh ciall nan toraidhean a thaobh cloinne (Ceisteachan C) oir tha an àireamh de chlann ann an Siabost gu math ìosal (68) agus cha d' fhuair ach 45 freagairtean – freagairtean bho phàrantan às leth na cloinne (ach fhathast, tha an àireamh às a' cheud de fhreagairtean glè àrd). 'S e sin, fhuair toraidhean airson dithis às gach triùir cloinne.

'S dòcha gu bheil an ìre de dh'fhileantachd airson aoisean 4-15 a' ceangal ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Sgoil Shiaboist. Ged a tha am fios air clann aois Àrd-sgoil MhicNeacail doirbh a thuigsinn gu soilleir sa ghraf gu h-àrd (oir tha iad a' nochdadh anns na roinnean 12-15 agus 16-24), tha e glè choltach gu bheil an ìre de dh'àrd-fhileantachd aig clann aoisean Àrd-sgoil MhicNeacail glè ìosal an taca ri ìrean fileantachd cloinne eile.

Tha na toraidhean gu h-àrd a' dearbhadh gu bheil clann a' bruidhinn Beurla nas cumanta na tha clann le Gàidhlig gu fileanta; tha seo fìor cuideachd mu inbhich a tha aig aois gum faod clann a bhith aca.

Tha toraidhean na feadhna a tha eadar 35-49 bliadhna a dh'aois inntinneach, oir tha an dàrna leth dhiubh (32 à 65 daoine) le Gàidhlig aig an dà ìre as àirde de dh'fhileantachd. Bidh cuid dhiubh seo a' togail cloinne fhathast, agus bidh cuid dhiubh faisg air aois a bhith nan seanairean/seanmhairean, nuair a ghabhadh buaidh a bhith aca air cànan nan oghaichean. A-rithist, tha seo a' togail na ceist air ciamar a thèid an cothrom seo air tar-chur cànan eadar na ginealaichean a bhrosnachadh ann an Siabost, a' leantainn molaidhean *Ginealach Ùr na Gàidhlig* (2010).

Chithear sa ghraf ann an Clàr 15 cuideachd gu bheil stad a' tighinn air àrd-chomasan sa Ghàidhlig (nuair a tha Gàidhlig fhileanta aig a' mhòr-chuid dhen bhuidhinn-aoise) eadar na buidhnean 35-49 agus 50-59.

Obraichean

Rinneadh rannsachadh air luchd-obrach ann an Siabost agus na seòrsa obraichean a bh'aca. Fhuair a-mach gu bheil 40% dhen t-sluagh air na dreuchdan aca a leigeil dhiubh; tha seo a' freagairt air toraidhean aoise sna Clàran 8 & 15, agus tha e na chomharra gu bheil sluagh Shiaboist san fharsaingeachd 'sean', agus tha e a' fàs nas sine. Tha 34% ann an obraichean làn-ùine, agus tha 9% eile ann an obraichean pàirt-ùine – tha 43% uile gu lèir a' cosnadh.

Sna toraidhean, cha robh ach 16% a' faighinn am beò-shlàinte à obair croitearachd/fighe. Tha 8% aig an ola, agus tha 20% ag obair le an làmhan (manual). Gu h-inntinneach, tha 19% nam proifeiseantaich agus tha 23% eile a' dèanamh obair clèireachd/rianachd; mar sin, tha an saoghal-obrach anns am bi Gàidhlig ga bruidhinn air atharrachadh bho chosnaidhean traidiseanta gu cosnaidhean oifis sa mhòr-chuid, agus mar a chunnachas gu h-àrd, chan eil e cho nàdarach do mhòran a' Ghàidhlig a chleachdadh ma tha faclan ùra agus bun-smuaintean obrach na Beurla mun cuairt orra. Dh'fheumar grunn iomairtean a bhith a' brosnachadh aithneachadh, mothachadh agus cleachdadh na Gàidhlig aig obair, gu h-àraid ann an obraichean neo-thraidiseanta gu faighinn seachad air cion cleachdaidh aig obair agus call misneachd ann an luach a' chàinain. Chithear sna Barail Cànan nas fhaide air adhart gu bheil daoine a' creidsinn gu bheil a' Ghàidhlig a' cheart cho freagarrach dhan t-saoghal an latha an-diugh sa bha i roimhe; ach tha e a' togail na ceist an e dìreach dòchas agus deagh rùn a th' ann, seach eòlas pearsanta no creideamh gu bheil Gàidhlig freagarrach agus iomchaidh an-diugh.

Fhuair a-mach cuideachd gu bheil an trian, 33%, de dhaoine ag obair ann an Siabost fhèin. Tha 8% eile ag obair ann an Càrlabhagh; leis an dà àireamh mu dheireadh, tha 41% de dhaoine ag obair ann an coimhearsachdan le Gàidhlig.

Tha 45% a' siubhal a Steòrnabhagh a dh'obair, agus tha 11% ag obair air falbh (ola); tha fios gu bheil an suidheachadh seo, cion-obraichean ann an sgìre Shiaboist, a' bualadh air an òigridh agus air an t-sealladh aca air dè cho feumail is a bhios a' Ghàidhlig aca anns an àite-obrach.

Tha an seòrsa taigheadais ann an Siabost mar a bhiodh dùil: tha a' mhòr-chuid a' fuireach air croitean (82%). Chan eil ach 6% a' fuireach ann an taighean comhairle, agus tha seo a' togail na ceist a bheil feum air barrachd taighean comhairle sa sgìre a chumadh òigridh is dòcha. Rinn neach-agallaimh ceangal eadar obair sa mhuilinn sna bliadhnaichean a dh'fhalbh agus gun robh cothrom aig teaghlaichean òga taigh comhairle fhaighinn ri taobh an cuid obrach sa mhuilinn.

3.7: TORAIDHEAN: INBHICH (AOIS 16+)

Tha a' mhòr-chuid de na toraidhean anns na trì caibideilean a' buntainn ri freagairtean inbheach agus freagairtean mun chloinn. Ann an Ceisteachain B agus C, chaidh coimhead air na leanas:

- Earrann A: Fios mar aois, gnè, buntanas, foghlam, càirdeas (gu h-àraidh pàrantan, seann-phàrantan agus an cànan), obair, agus na meadhanan a thathar a' cleachdadh
- Earrann B: Comasan cànan a thaobh comas bruidhinn, tuigsinn, leughaidh agus sgrìobhaidh
- Earrann C: Cleachdadh na Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean aig an taigh agus ann an togalaichean/clubaichean/cur-seachadan sa bhaile
- Earrann D: Barail Cànan (cha deach coimhead air seo ann an Ceisteachan C).

3.7.1. Cò às a tha muinntir Shiaboist?

Clàr 16: Buntanas

Buntanas ri Siabost	Àireamh	%
Ann fad am beatha no a' mhòr-chuid dhith	137	55.5
Air gluasad a-steach	110	44.5
Iomlan	247	100.0


Tha Clàr 16 a' sealltainn gu bheil còrr is leth an t-sluaigh (56%) air am beatha gu lèir no a' mhòr-chuid dhith a chur seachad ann an Siabost fhèin. Tha an àireamh de dhaoine a tha air imrich a dhèanamh a Shiabost a' coimhead àrd air a' chiad shealladh (45%), ach tha a' mhòr-chuid dhiubh air gluasad a Shiabost à àiteachan eile ann an Leòdhas, agus beagan à eileanan eile air taobh siar na h-Alba (faicibh Clàr 17).

Àite-togail

Tha an cearcall-paidh, Clàr 17, a' sealltainn gun deach 60%, triùir às gach còignear, a thogail ann an Siabost, coimhearsnachd Ghàidhlig; cuideachd, chaidh cha mhòr cairteal eile a thogail anns na h-Eileanan Siar (cha mhòr a h-uile duine ann an Leòdhas), agus tha e glè choltach gun robh comas aca sa Ghàidhlig. Tha e glè choltach gur e seo pàirt den adhbhar air cùl nan àireamhan àrda airson na Gàidhlig.

N.B. Bho seo a-mach, bithear a' cleachdadh na h-abairt 'eileanaich': bidh eileanaich a' ciallachadh dhaoine a bhuineas dha na h-Eileanan Siar no dha na h-eileanan air taobh siar na h-Alba; tuigear ged-thà gum buin cha mhòr a h-uile duine aca ri eilean Leòdhais.

Clàr 17: Àite-togail



Siabost	137
Na h-Eileanan Siar	56
Alba	24
Sasainn	11
Eile (Èirinn a Tuath, A' Ghearmailt)	2
Ùidhe	230

Clàr 18: In-imrichean: nuair a chaidh iad a dh'fhuireach ann an Siabost

An deichead nuair a ghluais na h-in-imrichean a Shiabost	Àireamh	%
2000an	35	34.3
1990an	16	15.7
1980an	15	14.7
1970an	19	18.6
1960an no roimhe	17	16.7
lamlan	102	100.0

Tha Clàr 18 a' sealltainn gun do dh'imrich còrr is aon duine às gach triùir in-imrichean a Shiabost anns na deich bliadhnaichean a dh'fhalbh, agus gu bheil am figear seo na dhà uiread ri àireamh nan 80/90an; ach, is dòcha, gun islich an àireamh seo fhathast ma tha daoine dualtach imrich taobh a-staigh deich bliadhna.

Tha an clàr cuideachd a' sealltainn gun do ghluais mu 41% de shluagh Shiaboist a Shiabost, agus gun robh a' mhòr-chuid dhiubh seo à sgìrean eile ann an Leòdhas.

3.7.2. Cò às a tha muinntir Shiaboist, agus an cuid fileantachd sa Ghàidhlig

Clàr 19: Buntanas agus Fileantachd

Luchd-freagairt: Buntanas is Fileantachd	Eileanach		Neo-eileanach	
	Àireamh	%	Àireamh	%
1. Gun Ghàidhlig idir no glè bheag	16	7.8	16	42.1
2. Beagan Gàidhlig	38	18.6	20	52.6
3. Fileanta sa Ghàidhlig	150	73.5	2	5.3
Iomlan	204	100.0	38	100.0

Fios air Clàr 19: tha àireamhan 1-3 sa chiad cholbh a thaobh fileantachd stèidhichte air COMAS BRUIDHINN NA GÀIDHLIG: fileantachd dhaoine a rèir nam freagairtean ann an earrann 3.7.3. Tha = an dà ìre as ìsle; 2=an dà ìre sa mheadhan; 3=an dà ìre comais as àirde.

Ann an Clàr 19 thathar a' dèanamh coimeas eadar fileantachd sa Ghàidhlig agus cò às a tha an luchd-freagairt. Chuireadh gach duine às na h-Eileanan Siar agus na h-eileanan eile còmhla mar 'eileanaich'. Tha e a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid, 74%, a bhuineas dha na h-eileanan fileanta, agus gu bheil 19% eile de na h-eileanaich le beagan comais sa Ghàidhlig.

Tha Clàr 19 a' sealltainn cuideachd nach eil Gàidhlig idir no glè bheag dhith aig 42% de dhaoine nach buin dha na h-eileanan; ach, gu h-inntinneach, tha beagan comais sa Ghàidhlig aig còrr is leth dhiubh, 53% (20) – a' sealltainn 's dòcha gu bheil iad seo air oidhirp a dhèanamh gus beagan Gàidhlig ionnsachadh. Fhreagair 15 gun robh iad ag ionnsachadh na Gàidhlig, no gun robh uaireigin; is dòcha gun robh beagan Gàidhlig aig 5 mus do dh'imrich iad a Shiabost.

3.7.3. Comasan sa Ghàidhlig: Tuigsinn, Bruidhinn, Leughadh agus Sgrìobhadh (bho aois 16+) Air adhbharan a chaidh a mhìneachadh ann an Caibideil 2, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh comasan cànan muintir Shiaboist a mheasadh le fèin-mheasaidhean, a' cleachdadh shlatan-tomhais stèidhichte air molaidhean Comhairle na h-Eòrpa, agus air ceistean 's urrainn' (faicibh mìneachadh nan sgèilean ann an Caibideil 4). Thathar mothachail nach bi an aon bheachd aig a h-uile duine air an cuid fileantachd fhèin, agus tha beagan cunnairt ann gu bheil na toraidhean ro àrd no ro ìosal (Mac an Tàilleir, 2010). Bhiodh na h-aon duilgheadasan ag èirigh le toraidhean a' chunntais-shluaigh (cuideachd stèidhichte air fèin-mheasadh).

COMAS TUIGSINN NA GÀIDHLIG

Airson gach clàir a leanas air comasan bruidhinn/tuigsinn/leughaidh/sgrìobhadh sa Ghàidhlig, tha an luchd-freagairt nas sine gu mòr nas fhileanta na daoine nas òige. Cuideachd, tha na toraidhean an seo cha mhòr an aon rud ri toraidhean Cunntais-sluaigh 2001.

Clàr 20: Tuigsinn na Gàidhlig

Comas Tuigsinn na Gàidhlig: Comasach air...	Àireamh	%
Tuigsinn fhileantach ann an suidheachaidhean obrach	82	34.5
Tuigsinn fhileantach (ann an suidheachaidhean àbhaisteach)	93	39.1
Tuigsinn chòmhradh àbhaisteach	10	4.2
Tuigsinn brìgh chòmhradh simplidh	14	5.9
Tuigsinn bheannachdan simplidh	24	10.1
Gun chomas air Gàidhlig a thuigsinn fhathast	15	6.3
lomlan	238	100.0

Tha Clàr 20 a' sealltainn gu bheil faisg air trì cairtealan de dhaoine (cha mhòr 73%) ann an Siabost gam meas fhèin mar dhaoine a tha a' tuigsinn na Gàidhlig aig an dà ìre as àirde de dh'fhileantachd.

COMAS BRUIDHINN NA GHÀIDHLIG

Clàr 21: Bruidhinn na Gàidhlig

Comas Bruidhinn na Gàidhlig: Comasach air...	Àireamh	%
Bruidhinn gu cofhartail ri fileantaich air cuspairean co-cheangailte ri obair	70	29.2
Bruidhinn gu cofhartail ri fileantaich ann an còmhradh àbhaisteach	87	36.3
Gabhail pàirt ann an còmhradh àbhaisteach air a' mhòr-chuid de chuspairean	12	5.0
Gabhail pàirt ann an còmhradh simplidh air cuspairean àbhaisteach	18	7.5
Cur an cèill bheannachdan simplidh	30	12.5
Gun chomas air Gàidhlig a bhruidhinn fhathast	23	9.6
lomlan	240	100.0

Tha Clàr 21 a' sealltainn gu bheil **66% gam meas fhèin comasach air Gàidhlig a bhruidhinn aig an dà ìre as àirde de dh'fhileantachd**. Ann an Cunntas-sluaigh 2001 bha 72% a' bruidhinn na Gàidhlig gu fileanta, ach bhon a bha a' cheist a chuireadh ann an Cunntas-sluaigh 2001 cho fosgailte, chan eil fhios nach robh an 72% a' gabhail a-steach cuid, ged nach robh ach beagan fhaclan aca, agus ged nach robh iad gan cleachdadh.

Ann gach suidheachadh, tha an t-àrd-chomas a thaobh tuigsinn glè choltach ris an àrd-chomas ann am bruidhinn na Gàidhlig aig an dà ìre fileantachd as àirde.

Feumar cuimhneachadh gun robh àireamhan mòra de dhaoine aois 50+ anns na toraidhean (agus anns an t-sluaigh fhèin) am measg nan daoine a b' fhileanta sa Ghàidhlig, a thaobh bruidhinn, tuigsinn, leughaidh agus sgrìobhaidh.

Tha Clàr 22 a' sealltainn nam fileantach anns gach buidhinn-aois, a rèir cò mheud aca a tha ann aig an aois sin, agus cò mheud dhiubh a tha fileanta.

Clàr 22: Aois agus Fileantachd

Luchd-freagairt: Aois is Fileantachd	Aois 16-49		Aois 50+	
	Àireamh	%	Àireamh	%
1. Gun Ghàidhlig idir no glè bheag	12	12.9	22	14.0
2. Beagan Gàidhlig	42	45.2	17	10.8
3. Fileanta sa Ghàidhlig	39	41.9	118	75.2
Iomlan	93	100.0	157	100.0

Iuchar Clàr 22: *tha àireamhan 1-3 sa chiad cholbh a thaobh fileantachd stèidhichte air COMAS BRUIDHINN NA GÀIDHLIG: fileantachd dhaoine a rèir nam freagairtean ann an earrann X. Tha 1= an dà ìre as isle; 2=an dà ìre sa mheadhan; 3=an dà ìre comais as àirde.*

Tha Clàr 22 a' dèanamh coimeas eadar daoine aois 16-49 agus 50+. Tha e a' sealltainn gun robh daoine aois 50+ cha mhòr dà uiread na bu choltaiche a bhith fileanta sa Ghàidhlig. Tha e cuideachd a' sealltainn gu bheil fad a bharrachd dhaoine ann le beagan Gàidhlig am measg na feadhna as òige, agus gu bheil an ceudad de dhaoine gun Ghàidhlig no le glè bheag dhith faisg air an aon rud eadar na buidhnean-aoise. Mar sin, tha a' choimhearsnachd chànain air gluasad bho fhileantachd sa choimhearsnachd sa chumantas, agus anns a' bhuidhinn-aoise as sine, gu leth-fhileantachd am measg na feadhna as òige. Tha an 'gluasad cànain' an-dràsta coltach ri gluasad air falbh bho fhileantachd sa Ghàidhlig gu beagan Gàidhlig a bhith a' fàs nas bitheanta.

COMAS LEUGHaidH SA GHàIDHLIG

Clàr 23: Leughadh na Gàidhlig

Comas Leughaidh na Gàidhlig: Comasach air...	Àireamh	%
Tuigsinn briathrachais Ghàidhlig co-cheangailte ri obair	34	14.7
Tuigsinn is leughadh leabhraichean no artagailean Ghàidhlig air an amas air inbhich	75	32.3
Tuigsinn is leughadh leabhraichean no artagailean Ghàidhlig le taic faclair	31	13.4
Tuigsinn nobhailean Ghàidhlig air an amas air òigridh le taic faclair	9	3.9
Tuigsinn leabhraichean cloinne Ghàidhlig le taic dhealbhan	12	5.2
Tuigsinn corra fhacal air soidhneachan le taic dhealbhan	28	12.1
Gun chomas air Ghàidhlig a leughadh fhathast	43	18.5
Iomlan	232	100.0

Tha Clàr 23 a' sealltainn gu bheil **comasan leughaidh aig na ceithir ìrean as àirde aig 64% dhen luchd-fhreagairt**. Tha seo a' coimhead reusanta àrd, gu h-àraidh bho nach d' fhuair a' mhòr-chuid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig; ach bhiodh a' mhòr-chuid, is dòcha, air eòlas fhaighinn air a' Bhìoball sa Ghàidhlig. Chan eil mòran cloinne no òigridh sa bhaile, agus mar sin chan eil na freagairtean mu choinneimh leughadh leabhraichean cloinne no òigridh cho ìosal 's a thathar a' coimhead air a' chiad shealladh.

COMAS SGRÌOBHAIDH SA GHàIDHLIG

Clàr 24: Sgrìobhadh na Gàidhlig

Comas Sgrìobhaidh na Gàidhlig: Comasach air...	Àireamh	%
Sgrìobhadh gun strì a' cleachdadh briathrachas Ghàidhlig co-cheangailte ri obair	18	7.7
Sgrìobhadh gun strì mun mhòr-chuid de chuspair àbhaisteach	30	12.9
Sgrìobhadh litir fhada gu caraid le taic faclair	30	12.9
Sgrìobhadh grunnan sheantansan sìmplidh ann am post-dealain gu caraid le taic faclair	39	16.7
Sgrìobhadh beannachd shìmplidh ann an nòta taingeachd no cairt cho-là-breith	41	17.6
Gun chomas air Ghàidhlig a sgrìobhadh fhathast	75	32.2
Iomlan	234	100.0

Ann an Clàr 24, tha ìrean nan comasan sgrìobhaidh sa Ghàidhlig mar a bhite an dùil, is dòcha. A rèir nan toraidhean, tha aonar às gach còignear (21%) fileanta ann an sgrìobhadh na Gàidhlig.

Tha am figear seo nas àirde na am figear a fhuair ann an rannsachadh PCES: 14% (PPCES, td. 20).


Tha an àireamh às a' cheud de dhaoine gun chomas air Gàidhlig a sgrìobhadh gu math àrd – aonar às gach triùir – ach, a-rithist, cha robh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn dhan mhòr-chuid – an fheadhainn as fhileanta ann am bruidhinn na Gàidhlig.

Cuideachd, chithear pàtran eadar-dhealaichte ann an comasan sgrìobhaidh a tha eadar-dhealaichte bho phàtrain bruidhinn, tuigsinn agus leughaidh. Tha am pàtran nas sgaapte agus chan eil na diofaran a thaobh àireamhan mu choinneimh gach ìre fileantachd ann an sgrìobhadh cho eadar-dhealaichte sa mhòr-chuid.

3.7.4. Factaran a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air cleachdadh cànan

San earrann seo, bithear a' coimhead air fiosrachadh mun neach-fhreagairt a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air comas cànan an neach-fhreagairt. Chaidh diofar pìosan fiosrachaidh (variables) a chur ri chèile gus pàtranan fhaicinn. Bu chòir a bhith faiceallach à bhith gu tur cinnteach gu bheil ceanglaichean eadar nam factaran; dh'fheumar bruidhinn ri agus coimhead ri gnìomhan luchd-freagairt ann an rannsachadh fad-ùine gus a bhith cinnteach (tro 'triangulation') às na toraidhean a leanas.

Clàr 25: Fileantachd an neach-fhreagairt agus àireamh dem phàrantan le Gàidhlig



N.B. Tha 'Pàrant Gàidhlig' a' gabhail a-steach dhaoine a bhruidhneas a' Ghàidhlig a-mhàin no mar as trice (ceistean A.19 agus A.24 ann an Ceisteachan B).

Tha Clàr 25 a' sealltainn, mura bi a' Ghàidhlig aig gin de phàrantan neach-fhreagairt, nach eil e coltach gum bi an duine fileanta sa Ghàidhlig – cha bhi ach aonar às gach ceathrar san t-suidheachadh seo fileanta. Ma bhios dìreach aon phàrant Gàidhlig aig duine, tha e mòran nas coltaiche gum bi Gàidhlig aige/aice, mar a tha an clàr gu h-àrd a' sealltainn. Nuair a bhios dithis phàrant Gàidhlig aig neach-fhreagairt, tha e glè choltach gum bi Gàidhlig fhileanta aca.

Rinneadh sgrùdadh air buaidh aois an neach-fhreagairt agus cha robh diofar mòr idir sa phàtran a thaobh aoise.

Clàr 26: Cò às a bha am pàrantan?

Buntanas nam Pàrantan	Màthair		Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Siabost	94	37.9	109	44.9
Àite eile: Leòdhas	102	41.1	89	36.6
Àite eile: na h-Eileanan Siar	8	3.2	7	2.9
Àite eile: Gàidhealtachd & Eileanan	3	1.2	4	1.6
Àite eile: Alba	28	11.3	20	8.2
Eile	13	5.2	14	5.8
Iomlan	248	100.0	243	100.0

Tha Clàr 26 a' sealltainn gu bheil màthair agus athair à Siabost, no à Leòdhas, aig 80% den luchd-fhreagairt. Tha pàrantan à tìr-mòr a' cunntadh mar timcheall air 17% de dh'àireamh nam pàrant.

Clàr 27: Ciad cànan nam Pàrantan

Ciad Cànan(an) nam Pàrantan	Màthair		Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	50	20.4	59	24.4
Gàidhlig mar as trice	94	38.4	88	36.4
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	49	20.0	50	20.7
Beurla mar as trice	11	4.5	4	1.7
Beurla a-mhàin	40	16.3	40	16.5
Eile	1	0.4	1	0.4
Iomlan	245	100.0	242	100.0

Tha Clàr 27 a' sealltainn gun dh'fhuair 59% de mhàthraichean agus 61% de dh'athraichean Gàidhlig a-mhàin no Gàidhlig mar bu trice mar an ciad cànan nuair a bha iad fhèin òg.

Bhruidhinn 20% de pàrantan an luchd-fhreagairt an dà chànan chun na h-aon ìre.

Bhruidhinn 20% de mhàthraichean agus 18% de dh'athraichean Beurla a-mhàin no mar bu trice mar an ciad chànan.

Clàr 28: Cànan a bhruidhinn pàrantan ris an luchd-fhreagairt

Cànan air a bhruidhinn RI Luchd-freagairt	leis a' Mhàthair		leis an Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	110	44.9	114	47.1
Gàidhlig mar as trice	51	20.8	50	20.7
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	18	7.3	19	7.9
Beurla mar as trice	19	7.8	13	5.4
Beurla a-mhàin	47	19.2	46	19.0
Iomlan	245	100.0	242	100.0

Tha Clàr 28 a' coimhead air na cànanan a bhruidhinn pàrantan ris an luchd-fhreagairt. Tha e a' sealltainn nach eil diofar cudromach ann idir eadar màthair no athair a thaobh nan cànanan a bhruidhinn iad ris an luchd-fhreagairt.

Tha e cuideachd a' sealltainn gun deach a' Ghàidhlig a chleachdadh aig an dà ìre as àirde a thaobh triceid le 65% de na màthraichean agus 68% de na h-athraichean.

Bhruidhinn 73% (màthraichean) agus 76% (athraichean) a' Ghàidhlig gu ìre air choreigin ris an luchd-fhreagairt.

Bhruidhinn còrr is cairteal nam pàrantan - 27% de màthraichean agus 24% de dh'athraichean - a' Bheurla a-mhàin no mar bu trice, ris an luchd-fhreagairt.

Tha diofar mòr ann cuideachd eadar bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin agus mar as trice anns na buidhnean aoise 25-34 agus 16-24: tha cleachdadh na Gàidhlig a' tuiteam gu grad le pàrantan na dàrna buidhne, aoisean 16-24.

Clàr 29: Cànan a bhruidhinn an luchd-freagairt ri am pàrantan

Cànan air a bhruidhinn LE Luchd-freagairt	ris a' Mhàthair		ris an Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	103	43.3	111	45.7
Gàidhlig mar as trice	45	18.9	47	19.3
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	15	6.3	13	5.3
Beurla mar as trice	24	10.1	18	7.4
Beurla a-mhàin	51	21.4	54	22.2
Iomlan	238	100.0	243	100.0

Tha Clàr 29 a' sgrùdadh nan cànan a bhruidhinn an luchd-freagairt nuair a bha iad òg ri am pàrantan. Tha e a' sealltainn gun deach a' Ghàidhlig a bhruidhinn le luchd-freagairt, aig an dà ìre as àirde, ri 62% de màthraichean, agus ri 65% de dh'athraichean.

Tha e' sealltainn cuideachd gun deach a' Bheurla a-mhàin mar bu trice a chleachdadh le luchd-freagairt ri am pàrantan mar a leanas: ri màthraichean: 32%; ri athraichean: 30%.

Ma nithear coimeas eadar an dà chlàr gu h-àrd, chithear nach robh diofar mòr eadar na cànanan a bhruidhinn pàrantan ri luchd-freagairt agus na bhruidhinn luchd-freagairt ri am pàrantan, nuair a bha iad a' fàs suas.

A thaobh conaltraidh eadar pàrantan agus luchd-freagairt, bha an fheadhainn aig aois 50+ na bu bhuailtiche a' Ghàidhlig a-mhàin no mar bu trice a bhruidhinn na an fheadhainn eadar 16-49.

Clàr 30: Buaidh aoise air na cànanan a bhruidhinn pàrantan agus clann ri chèile

Gàidhlig ri Pàrantan	Aois an Luchd-fhreagairt					
	16-24	25-34	35-49	50-59	60-64	65+
(Àireamh de Luchd-freagairt)	15	13	65	44	24	89
	Ceudad a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin no mar as trice					
Màthair a' bruidhinn ri neach-freagairt	6.7	53.8	45.3	73.8	73.9	86.9
Neach-freagairt a' bruidhinn ri màthair	0.0	30.8	41.3	75.0	72.7	85.2
Athair a' bruidhinn ri neach-freagairt	13.3	30.8	52.4	73.2	73.9	90.5
Neach-freagairt a' bruidhinn ri athair	13.3	23.1	47.6	73.2	73.9	87.1


Chithear ann an Clàr 30 mar a tha pàrantan agus luchd-freagairt air Gàidhlig a bhruidhinn ri chèile thar nam bliadhnaichean. Rinneadh sgrùdadh air buaidh na h-aoise air na figearan agus bha diofar glè shoilleir eadar luchd-freagairt aois 50+ agus an fheadhainn as òige. Bha pàtran glè shoilleir ann a rèir aoise agus a' chànain a chleachdadh. **Mar a b' òige a bha luchd-freagairt, is ann a b' ìsle a bha cleachdadh na Gàidhlig, le Beurla ag èirigh mar an cànan a bu bhitheanta.** Mar eisimpleir, le luchd-freagairt aois 65+, bha còrr is ochdnar às gach deichnear dhe am pàrantan a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin, no mar bu trice, leis an luchd-fhreagairt; tha seo air a dhol sìos an-diugh le daoine aois 16-24 gu aonar às gach ochdnar aig a' char as fheàrr; tha a' Bheurla, gu soilleir, glè bhitheanta. Bha an fheadhainn aois 50+ gu math na bu dualtaiche a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ri am pàrantan na bha an fheadhainn as òige.

Tha e soilleir gun do thuit bitheantas cleachdadh na Gàidhlig mar mhòr-chànan (a' Ghàidhlig a-mhàin no mar as trice) le pàrantan ris an luchd-fhreagairt eadar luchd-freagairt aois 50-59 agus aois 35-49: tha an àireamh às a' cheud, far a bheil a' Ghàidhlig na mòr-chànan, a' tuiteam bho na seachdadan gu na ceathradan (às a' cheud).

Tha e coltach gur ann timcheall air na 1960an a thòisich crìonadh mòr na Gàidhlig, far an robh a' Ghàidhlig na mòr-chànan, le pàrantan agus luchd-freagairt ann an Siabost.

Chithear tuiteam mòr eile, ann an Gàidhlig mar mhòr-chànan, eadar aoisean 25-34 agus 16-24. **Anns, agus bho, na 1980an, b' e dà-chànanas, Beurla mar as trice no a-mhàin, am pàtran a bu chumanta eadar pàrantan agus an cuid cloinne.**

Clàr 31: Fileantachd luchd-fhreagairt agus àireamh de phàrantan neo-eileanach



Tha an graf ann an Clàr 31 a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid (còrr is 75%) de luchd-freagairt le pàrantan às na h-eileanan fileanta sa Ghàidhlig. Tha an clàr gu h-àrd cuideachd a' sealltainn, far an robh dìreach aon phàrant aig neach-freagairt nach do bhuin dha na h-eileanan, gun robh e gu math eu-coltach gum biodh fileantachd aig an neach-fhreagairt. Tha an clàr cuideachd a' sealltainn gur beag dha-rìribh an teansa gum biodh neach-freagairt fileanta sa Ghàidhlig mura buineadh gin de na pàrantan dha na h-eileanan.

Cha robh neach-freagairt sam bith fileanta sa Ghàidhlig aig nach robh fiù's aon phàrant sam bith às na h-eileanan.

Clàr 32: In-imrichean agus pàrantan le Gàidhlig

IN-IMRICHEAN Neach-freagairt: Fileantachd agus àireamh de phàrantan le Gàidhlig	Gun Ghàidhlig no glè bheag	Beagan Gàidhlig	FILEANTA SA GHÀIDHLIG
	Àireamh de Luchd-freagairt		
Gun phàrantan le Gàidhlig	14	14	0
Aon phàrant le Gàidhlig	0	2	0
Dithis phàrant le Gàidhlig	0	1	1
Iomlan	14	17	1

Tha Clàr 32 a' sealltainn nach robh ach aon in-imriche à 32 fileanta sa Ghàidhlig; bha dithis phàrant le Gàidhlig fhileanta aig an neach seo, agus tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn gun robh ceathrar sheann-phàrantan le Gàidhlig fhileanta aige/aice cuideachd. Ged a bha 28 daoine ann gun phàrant le Gàidhlig, bha 14 ann, an dàrna leth cha mhòr den luchd-fhreagairt a bha nan in-imrichean, le 'Beagan Gàidhlig'.

Clàr 33: Buntanas nan seann-phàrantan

Buntanas nan Seann-phàrantan	Athair na Màthar		Màthair na Màthar		Athair an Athar		Màthair an Athar	
	Àireamh	%	Àireamh	%	Àireamh	%	Àireamh	%
Siabost	86	37.1	72	32.1	86	40.0	71	34.8
Àite eile: Leòdhas	100	43.1	107	47.8	87	40.5	86	42.2
Àite eile: Eil. Siar	6	2.6	7	3.1	6	2.8	9	4.4
Àite eile: Gàidhealt.	1	0.4	0	0.0	5	2.3	5	2.5
Àite eile: Alba	26	11.2	26	11.6	18	8.4	21	10.3
Eile	13	5.6	12	5.4	13	6.0	12	5.9
Iomlan	232	100.0	224	100.0	215	100.0	204	100.0

Tha Clàr 33 a' sealltainn gur ann à Siabost no Leòdhas a bha mu 80% de sheann-phàrantan an luchd-fhreagairt. Tha am figear mu choinneimh 'Àite eile: Alba' inntinneach: is dòcha gu bheil e a' sealltainn mar a dh'fhalbh daoine às a' Ghàidhealtachd a bhailtean mòra tìr-mòr, mar bu trice airson obair, far an do choinnich iad ri cèile agus a thàinig iad air ais a dh'fhuireach a Shiabost.

Clàr 34: Cànanan a chleachd seann-phàrantan ri luchd-freagairt nan òige

Cànan nan Seann-phàrantan ris an Neach-fhreagairt	Athair na Màthair		Màthair na Màthar		Athair an Athar		Màthair an Athar	
	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%
Gàidhlig a-mhàin	86	57.0	88	50.6	65	54.2	81	56.3
Gàidhlig mar as trice	21	13.9	31	17.8	14	11.7	16	11.1
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	11	7.3	13	7.5	7	5.8	10	6.9
Beurla mar as trice	6	4.0	7	4.0	5	4.2	6	4.2
Beurla a-mhàin	26	17.2	33	19.0	28	23.3	30	20.8
Eile	1	0.7	2	1.1	1	0.8	1	0.7
Iomlan	151	100.0	174	100.0	120	100.0	144	100.0

Tha Clàr 34 a' sealltainn gun deach a' Ghàidhlig a-mhàin a chleachdadh le 55% de sheann-phàrantan nuair a bha iad a' bruidhinn ri luchd-freagairt nan òige – 's coltach gum bi seo gu h-àraidh fìor airson nan daoine as sine am measg an luchd-fhreagairt.

Tha Clàr 34 cuideachd a' sealltainn nach robh diofar ann eadar seann-phàrantan taobh nam boireannach no nam fireannach. Bhruidhinn a' mhòr-chuid de sheann-phàrantan sa Ghàidhlig a-mhàin no mar bu trice ri luchd-freagairt; bha seann-phàrantan na bu dualtaiche a' Ghàidhlig a chleachdadh mar sin na bha pàrantan an luchd-fhreagairt nuair a bhathar a' bruidhinn ris an òigridh.

Mar sin, bhruidhinn 55% de sheann-phàrantan a' Ghàidhlig a-mhàin; bhruidhinn 14% a' Ghàidhlig mar bu trice; bhruidhinn 7% Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre; bhruidhinn 4% a' Bheurla mar bu trice; bhruidhinn 20% a' Bheurla a-mhàin ri luchd-freagairt nan òige.

Tha seo uile a' ciallachadh gun robh a' Ghàidhlig air a cleachdadh a-mhàin no mar bu trice le seachdnar às gach deichnear (69%) de sheann-phàrantan; agus chaidh a' Bheurla a-mhàin no mar bu trice a chleachdadh le còrr is aonar às gach ceathrar (24%) de na seann-phàrantan.


Clàr 35: Buaidh aois an luchd-fhreagairt air bruidhinn sa Ghàidhlig a-mhàin, no mar as trice, ri an seann-phàrantan

Gàidhlig ri Seann-phàrantan	Aois an Luchd-fhreagairt					
	16-24	25-34	35-49	50-59	60-64	65+
<i>(Àireamh de Luchd-freagairt)</i>	15	13	65	44	24	89
	Ceudad a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin no mar as trice					
Ri athair na màthar	16.7	75.0	54.1	73.9	83.3	90.1
Ri màthair na màthar	25.0	44.4	51.1	73.1	78.6	90.6
Ri athair an athar	0.0	50.0	48.4	71.4	70.0	90.1
Ri màthair an athar	20.0	66.7	50.0	71.4	66.7	90.2

Tha Clàr 35 a' sealltainn gu bheil diofar mòr ann eadar cleachdaidhean cànan ri seann-phàrantan le luchd-freagairt a tha fo 50 agus a tha os cionn 50. Bhiodh a' bhuidheann as sine a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin no Gàidhlig mar bu trice mòran na bu mhinige. Bhruidhinn naoinear às gach deichnear aois 65+ a' Ghàidhlig a-mhàin no mar bu trice ri an seann-phàrantan.


Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil na h-àireamhan de dhaoine òga fo 35 bliadhna a dh'aois ìosal ann an Siabost. Ged-thà, ged a tha na h-àireamhan seo ìosal, chithear gu bheil an òigridh nas buailtiche a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin no Gàidhlig mar as trice ri an seann-phàrantan na ri am pàrantan.

Clàr 36: Fileantachd neach-fhreagairt agus àireamh de sheann-phàrantan le Gàidhlig



Tha Clàr 36 a' sealltainn, far nach robh seann-phàrant le Gàidhlig aig ogha, nach robh ach aon ogha à deichnear san t-suidheachadh sin fileanta sa Ghàidhlig. Ach, nuair a bha dìreach aon seann-phàrant le Gàidhlig aig an ogha, bha e na bu choltaiche gum biodh Gàidhlig fhileanta aig an ogha. Far an robh ceathrar sheann-phàrantan le Gàidhlig aig ogha bha e glè choltach gum biodh a' Ghàidhlig aige/aice.

Clàr 37: Fileantachd agus àireamh de sheann-phàrantan neo-eileanach



Tha Clàr 37 a’ sealltainn, mas ann às na h-eileanan a bha a h-uile seann-phàrant aig neach-freagairt, gun robh e glè choltach gum biodh an neach-freagairt fileanta sa Ghàidhlig. Ma bha dìreach aon seann-phàrant nach buineadh dha na h-eileanan aig luchd-freagairt, cha robh ach mun dàrna leth de luchd-freagairt fileanta sa Ghàidhlig. Ma bha còrr is aon seann-phàrant aig neach-freagairt nach buineadh dha na h-eileanan, cha robh e idir coltach gum biodh e/i fileanta sa Ghàidhlig, mar a chithear anns na trì colbhan mu dheireadh.

Rinneadh tuilleadh sgrùdaidh ann an SPSS, a’ cleachdadh fiosrachadh air pàrantan agus air seann-phàrantan, agus ceangal ri fileantachd sa Ghàidhlig, mu choinneimh nan aoisean 16-49 agus 50+. Fhuair a-mach nach mòr gun robh diofar sam bith ann eadar toraidhean a thaobh aoise.

Mar sin, chan eil e gu diofar dè an aois a tha an neach-freagairt, bidh a c(h)uid fileantachd ceangailte ri cò mhead pàrant agus seann-phàrant, às na h-eileanan, le Gàidhlig, a tha aice/aige.

Clàr 38: Fileantachd in-imrichean agus àireamh de sheann-phàrantan le Gàidhlig

IN-IMRICHEAN Neach-freagairt: Fileantachd agus Àireamh de Sheann- phàrantan le Gàidhlig	Gun Ghàidhlig no glè bheag	Beagan Gàidhlig	FILEANTA SA GHÀIDHLIG
	<i>àireamh de luchd-freagairt</i>		
Gun Seann-phàrantan le Gàidhlig	13	13	0
Dithis Sheann-phàrantan le Gàidhlig	0	3	0
Ceathrar Sheann-phàrantan le Gàidhlig	0	0	1
Iomlan	13	16	1

Tha Clàr 38 a' sealltainn a-rithist gun robh mun dàrna leth de dh'in-imrichean, gun seann-phàrantan le Gàidhlig, air rud beag Ghàidhlig ionnsachadh uaireigin. Bha trìùir in-imrichean ann aig an robh dithis sheann-phàrant le Gàidhlig agus bha beagan Gàidhlig acasan.

3.7.5. A' Ghàidhlig aig an obair, agus ionnsachadh na Gàidhlig

Clàr 39: Cudromachd na Gàidhlig san obair

A' Ghàidhlig ann an obair làitheil?	Àireamh	%
Cudromach	42	35.9
Neo-chudromach	75	64.1
Iomlan	117	100.0

Tha Clàr 39 a' sealltainn gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do chòrr is aon trian den luchd-fhreagairt nan obair làitheil. Tha seo àrd an coimeas ri freagairtean san ath cheist.

Clàr 40: A' Ghàidhlig san tuairisgeul obrach

A' Ghàidhlig san tuairisgeul obrach?	Àireamh	%
Tha	8	7.3
Chan eil	101	92.7
Iomlan	109	100.0

Ann an Clàr 40, chithear nach eil a' Ghàidhlig 'riatanach' do dh'obair duine sam bith ach do 7% de luchd-freagairt. Is dòcha gu bheil ceist ag èirigh: carson a tha a' Ghàidhlig cudromach ann an obair làitheil na h-uiread (36%), ach nach eil i air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach ach ann an obair 7% den luchd-obrach air fad a fhreagair a' cheist?

Clàr 41: Ag ionnsachadh na Gàidhlig

Ag ionnsachadh na Gàidhlig	Àireamh	%
Tha	9	4.9
Chan eil	159	86.9
Ag ionnsachadh aig aon àm	6	3.3
Fileanta aig aon àm	9	4.9
Iomlan	183	100.0

Tha Clàr 41 a' sealltainn nach eil ach naoinear ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Siabost, agus gun robh sianar eile ag ionnsachadh aig aon àm.

Clàr 42: Dòighean-ionnsachaidh na Gàidhlig

Dòighean-ionnsachaidh na Gàidhlig	Àireamh	%
Ùlpan	1	
Clasaichean oidhche eile	1	
Gàidhlig (Àrd-ìre)	1	
A' còmhradh ri càirdean 's caraidean	2	
Iomlan	5	

Ged a sgrìobh naoinear gun robh iad ag ionnsachadh, cha d' fhuair eadhon freagairt bhon naoinear gu lèir air mar a tha iad ag ionnsachadh na Gàidhlig. Chan eil pàtran soilleir ag èirigh às na toraidhean ann an Clàr 42, ach nach eil aon dòigh cumanta ann air ionnsachadh na Gàidhlig.

3.7.6. A' Ghàidhlig agus Cleachdadh nam Meadhanan Gàidhlig

Clàr 43: Cleachdadh nam meadhanan

Cur-seachad <i>Aois</i>	Beurla mar as trice		Gàidhlig is Beurla		Gàidhlig mar as trice		Àireamh de Luchd-freagairt	
	16-44	50 +	16-44	50 +	16-44	50 +	16-44	50 +
	<i>(Ceudad anns gach aois)</i>							
A' coimhead air an telebhisean	67	36	32	59	1	5	93	137
Ag èisteachd ris an rèidio	64	18	31	57	6	26	91	136
A' coimhead air DVDan	98	78	2	16	0	5	83	74
A' cleachdadh an eadar-lìn	97	90	4	10	0	0	85	61
A' leughadh nobhailean	99	84	1	15	0	1	80	80
A' leughadh stuth eile	88	69	12	28	0	3	85	108

Tha Clàr 43 a' sealltainn thoraidhean airson inbheach ann an dà bhuidhinn-aoise. Chithear gu bheil ceithir uiread de dhaoine aois 50+ a' dèanamh feum de thelebhisean agus rèidio anns 'a' Ghàidhlig mar as trice' na feadhainn nas òige. Cuideachd, gu h-inntinneach, thuirtear còignear aois 50+ gum bi iad a' coimhead DVDan anns 'a' Ghàidhlig mar as trice', ach cha bhi daoine nas òige na 50 a' dèanamh seo.

De na daoine as òige, aois 16-44, bidh a' mhòr-chuid a' coimhead an telebhisein is DVDan, ag èisteachd ris an rèidio, a' cleachdadh an eadar-lìn agus a' leughadh nobhailean sa Bheurla mar as trice. Tha an dàrna leth a-rithist a' coimhead air an telebhisein agus ag èisteachd ris an rèidio san dà chànan chun na h-aon ìre. A-rithist, tha barrachd den fheadhainn aois 50+ a' coimhead DVDan agus a' cleachdadh an eadar-lìn, agus a' leughadh nobhailean anns an dà chànan chun na h-aon ìre, na tha de dhaoine nas òige.

San fharsaingeachd, tha daoine eadar 16-44 a' cleachdadh nam meadhanan sa Bheurla mar as trice, ach tha cuid mhath cuideachd a' cleachdadh an telebhisein agus an rèidio san dà chànan. A thaobh na feadhna aois 50+, tha am pàtran nas sgaoilte, ach tha barrachd dhiubh a' cleachdadh an rèidio sa Ghàidhlig mar as trice, agus an rèidio agus an telebhisein san dà chànan chun na h-aon ìre.

Ged nach eil e comasach coimeas dìreach a dhèanamh le rannsachadh PCES, tha an dealbh san fharsaingeachd glè choltach, ach gu bheil coimhead TV sa Ghàidhlig nas àirde an-diugh (is dòcha ri linn BBC Alba a bhith air a chur air bhog).

3.7.7. Cleachdadh na Gàidhlig ann an Siabost

Ann an Clàr 44 (A+B), chithear na taghaidhean cànan a tha an dà chuid fileantaich agus neo-fhileantaich sa Ghàidhlig a' cleachdadh. Chithear air an làimh dheis an àireamh de dhaoine a fhreagair a' cheist, agus iad ann an dà bhuidhinn: fileantaich agus neo-fhileantaich.

Chithear, mar sin, dà phàtran: na tha fileantaich a' bruidhinn, agus na tha neo-fhileantaich a' bruidhinn. Tha fileantaich air an riochdachadh le sgrìobhadh **gorm**, agus neo-fhileantaich le sgrìobhadh **dearg**.

Clàr 44A: Na cànanan a chleachdas fileantaich agus neo-fhileantaich ann an diofar shuidheachaidhean ann an Siabost

SUIDHEACHAIDHEAN	CEUDAD: CÀNANAN AIR AN CLEACHDADH LE FILEANTAICH AGUS NEO-FHILEANTAICH											
	Beurla a-mhàin		Beurla mar as trice		Na dhà co-ionnan		Gàidhlig mar as trice		Gàidhlig a-mhàin		Àireamh iomlan	
	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-
Aig Club Gàirnealaireachd		40		40	10	20	40		50		10	5
Aig Clann an La An-Dè		67	4	33	7		46		43		28	3
Aig an fhaing		20		40	15	40	60		25		40	5
Ri èildearan	1	40	5	52	14	8	51		29		120	25
Aig a' Chomann Eachdraidh		50		25	27	25	43		30		37	4
Ri nàbaidhean	4	55	2	38	24	6	47	1	23		133	69
Ris a' mhinistear	6	41	7	56	19	4	46		23		123	27
A' fònadh chun an teaghlaich	2	70	13	20	27	7	38	2	21	2	117	56
Thusa is inbhich eile aig an taigh	8	73	8	22	24	3	35		26	2	92	59
Ri buill a' choitheanail	1	40	2	56	33	4	49		13		120	25
Thu fhèin + cèile	10	68	13	28	19	4	39		18		99	57
Ri ceannard na sgoile		61	12	26	32	13	40		16		25	23
Cèile is clann	8	52	24	27	26	18	31		12	3	51	33
Seann-phàrant is clann	11	50	19	22	36	19	23	3	11	6	64	36
Ri tidsearan na sgoile		64	23	16	39	20	31		8		26	25
Ri luchd-ceannach sa Phost-oifis	3	66	8	24	54	9	29	2	7		118	59
Thu fhèin + clann	8	63	22	30	32	7	25		13		63	46
Ri luchd-ceannach Butt View Str.	2	68	5	28	57	4	27		9		44	25
Ri clann a' chròileagain	18	57	9	14	55	14	18	14			11	7
Ri nursaichean an ionaid-shlàinte	11	75	23	21	34	5	23		9		133	63
Ri euslaintich an ionaid-shlàinte		67	8	24	60	9	28		4		128	58
Ri buill Comhairle Coimhearsnachd	9	60	9	40	55		27				11	5
Ri luchd-obrach a' chròileagain		33	10	33	80	17	10	17			10	6
Ri neach-taice dachaigh		50		25	73	25	9		18		11	4

Clàr 44B: Na cànanan a chleachdas fileantaich agus neo-fhileantaich ann an diofar shuidheachaidhean ann an Siabost

PERCENTAGE: CEUDAD: CÀNANAN AIR AN CLEACHDADH LE FILEANTAICH AGUS NEO-FHILEANTAICH												
SUIDHEACHAIDHEAN	Beurla a-mhàin		Beurla mar as trice		Na dhà co-ionnan		Gàidhlig mar as trice		Gàidhlig a-mhàin		Àireamh iomlan	
	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-	Fil.	Neo-
Ri luchd-obrach Butt View Stores	20	88	11	8	49	4	9		11		45	25
Aig Comataidh Ionaltraidh	12	83	24	17	44		16		4		25	6
Ri manaidsèar aig an obair	48	84	13	11	26		11	3	2	3	54	38
Ri luchd-obrach a' Phost-oifis	19	79	37	16	29	3	12		3	1	127	62
Ri luchd-taice na sgoile	5	65	32	29	47	6	16				19	17
Clann nam measg fhèin	19	63	34	27	32	10	11		4		53	30
Ri ur manaidsèar	44	86	25	7	19	4	11	4			36	28
Ri luchd-cleachdaidh Inn Between	6	86	18	9	61	5	15				33	22
Ri neach-taice teagaisg san sgoil	18	68	31	16	38	16	13				16	19
Aig Horshader CDC	5	73	65	20	20	7	10				20	15
Ri luchd-obrach fodhad fhèin	40	81	30	13	20	6	10				10	16
Ri luchd-fàilte an ionaid-shlàinte	32	84	32	13	27	3	6		3		133	63
Ri co-luchd-obrach	14	67	29	23	52	8	5	3			63	39
Ri pàrantan sgoile		65	27	22	65	13	8				26	23
Ri òigridh a' Chlub Òigridh	7	67	60	33	27		7				15	9
Ri luchd-obrach an Inn	65	92	18	4	12	4	6				34	24
Ri luchd-cuideachaidh Club Òigridh		70	38	30	56		6				16	10
Ri clann aig an sgoil	21	76	25	16	50	8	4				24	25
Ri dotair an ionaid-shlàinte	73	92	18	6	8	2			1		131	63
Ri luchd-cleachdaidh aig an obair	17	55	26	38	57	7					35	29
Aig Dannsadh Albannach		50		38	100	13					4	8
Ri pàrantan a' Chròileagain		50	22	25	78	25					9	8
Ri òstairean an Inn	92	100	5		3						39	23
Aig Bòrd na Sgoile	11	86	33		56	14					9	7

nòta: tha figearan a' riochdachadh cheudadan

nòta: tha bocsaichean bàna a' riochdachadh neoni

Fios air fileantaich

A' coimhead air na h-àiteachan far am bi fileantaich **ann an àireamhan mòra** (am bogsa ann an **gorm** air an taobh dheis) a' cleachdadh an cuid Gàidhlig, chithear gu bheil na h-àiteachan no na cothroman seo fìor chudromach:

- ri nàbaidhean
- ri ministear agus èildearan
- air a' fòn chun an teaghlaich
- ri inbhich eile aig an taigh
- ri buill a' choitheanail
- ri cèile
- seann-phàrant le ogha
- sa phost-oifis
- ri nursaichean
- agus ri euslaintich eile aig ionad slàinte.

Ged a chleachdas àireamh mhòr de dh'fhileantaich seirbheisean an dotair 's ged a bhruidhneas iad ri neach-fàilte an ionaid-shlàinte, is i a' Bheurla gu mòr an cànan a chleachdar.

A' coimhead air suidheachaidhean far am faod àireamhan nas lugha de dh'fhileantaich a' Ghàidhlig a chleachdadh, chithear gu bheil na h-àiteachan seo fìor chudromach:

- aig an fhaing
- aig a' Chomann Eachdraidh
- ri ceannard na sgoile
- ri clann
- ri tidsearan na sgoile
- ri luchd-ceannach 's luchd-obrach Butt View Stores
- ri clann 's luchd-obrach a' Chròileagain
- le neach-taic dachaigh
- agus comataidh TOSC.

A' coimhead air na h-àiteachan far am bi fileantaich dualtach a' Bheurla a chleachdadh, is iad na h-àiteachan as cumanta:

- ri pàrantan a' chròileagain
- a' dannsadh
- ri luchd-cleachdaidh aig an obair

- ri daoine a tha iad a' stiùireadh aig obair
- ri dotair an ionaid-shlàinte
- ri daoine aig an ionad-fhàilte san ionad-slàinte
- ri òigridh is luchd-obrach a' Chlub Òigridh
- san sgoil ri pàrantan, clann, neach-taice teagaisg,
- aig an Inn Between
- sa Phost-oifis.

Fios air daoine nach eil fileanta sa Ghàidhlig

Is iad na h-àiteachan far am bi àireamhan mòra de dhaoine nach eil fileanta sa Ghàidhlig a' cleachdadh Beurla a-mhàin no mar as trice:

- ri nàbaidhean
- ri luchd-fàilte agus dotair an ionaid-shlàinte.

Tha àireamh mhòr cuideachd a' cleachdadh na Beurla:

- aig an Inn Between
- ri luchd-cleachdaidh aig an obair
- san sgoil ri clann, pàrantan agus luchd-taice
- ri co-luchd-obrach agus manaidsearan
- sa Phost-Oifis
- ri euslaintich is nursaichean aig an ionad-shlàinte
- aig a' chròileagan (gu mòr sa Bheurla a-mhàin).

Tha na h-àireamhan às a' cheud a chleachdas a' Bheurla glè àrd a thaobh a bhith a' bruidhinn:

- ri clann a' chròileagain
- aig Butt View Stores
- ri an cuid cloinne
- ri ceannard na sgoile
- ri inbhich eile aig an taigh
- a' fònadh chun an teaghlaich
- ri nàbaidhean
- aig a' Chomann Eachdraidh
- aig Clann an Latha an-Dè
- aig a' Chlub Gàirnealarachd.

Rinneadh rannsachadh air inbhich eadar aoisean 16-34 agus air an fheadhainn a chaidh gu FMG. Cha tuirt ach ceathrar gun deach iad gu FMG. Thuirt dithis dhiubh gun robh iad fileanta; thuirt aonar gun robh beagan Gàidhlig aige/aice, agus thuirt aon neach eile glè bheag de chomas no gun chomas sam bith aige/aice ann am bruidhinn.

3.8. TORAIDHEAN: CLANN (0-15)

Coimheadar air toraidhean nan ceisteachan a lìon pàrantan às leth cloinne a bha fo 16 bliadhna a dh'aois. Fhuair 66% de na ceisteachain airson cloinne air ais (45 à 68).

Bu chòir a bhith beagan faiceallach ann a bhith a' cleachdadh nan toraidhean oir: tha na h-àireamhan de chloinn ann an cuid de na mion-sgrùdaidhean seo shìos ìosal; uaireannan chan eilear a' cunntadh clann eadar 0-3, is uaireannan tha, a rèir a bheil e reusanta, a thaobh comais aig aois òg, an cunntadh. Chithear fiosrachadh air aoisean na cloinne a chaidh a chleachdadh fo gach clàr.

3.8.1. Gnè, aois agus àite-togail na cloinne

Clàr 45: Clann: Gnè an t-sampail

Clann: GNÈ	Ceisteachan C		Ceisteachan A	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Fireann	19	42.2	32	50.8
Boireann	26	57.8	31	49.2
Iomlan	45	100.0	63	100.0

Tha Clàr 45 a' sealltainn gu bheil barrachd nigheanan na balaich anns na freagairtean a fhuair 66% air Ceisteachan C. Tha seo riochdachail ged-thà air an àireimh às a' cheud airson nighean/bhalach ann an Ceisteachan A/Siabost gu lèir.

Clàr 46: Clann: Aois na cloinne san t-sampail

Clann: AOIS	Ceisteachan C		Ceisteachan A	
	Àireamh	%	Àireamh	%
0-3	10	22.2	12	18.8
4-5	2	4.4	3	4.7
6-11	20	44.4	30	46.9
12-15	13	28.9	19	29.7
Iomlan	45	100.0	64	100.0

Tha Clàr 46 a' sealltainn àireamhan na cloinne eadar 0-15 dhan d'fhuair 66% freagairtean cheisteachan. Chithear gu bheil na freagairtean a' riochdachadh gach buidhne-aoise gu math.

Ma nithear cunntas air an àireimh chloinne gach bliadhna, thathar an dùil ri 5 cloinne gach bliadhna den fheadhainn eadar 6-11. Chithear nach eil ach 2.5 cloinne ann airson nam bliadhnaichean eadar 0-5, thar na h-uile.

Clàr 47: Clann: Àite-togail

Clann: PRÌOMH ÀITE-TOGAIL	Àireamh	%
Siabost	40	88.9
Steòrnabhagh	2	4.4
Tìr-mòr Bhreatainn	3	6.7
Iomlan	45	100.0

Tha Clàr 47 a' sealltainn gun deach cha mhòr 93% den chloinn eadar 0-15 a thogail ann an Siabost no ann an Leòdhas. Mar sin, tha a h-uile cothrom aig cha mhòr a h-uile pàiste a bhith a' faighinn na Gàidhlig sa choimhearsnachd/dachaigh, agus a bhith a' faighinn cothrom air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa chròileagan agus san sgoil.

3.8.2. Togail agus cleachdadh cànan

Clàr 48: Clann: Buntanas am pàrant

Clann: BUNTANAS AM PÀRANT	Màthair		Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Siabost	17	37.8	18	42.9
Àite eile: Leòdhas	15	33.3	14	33.3
Àite eile: Na h-Eileanan Siar	1	2.2	2	4.8
Àite eile: A' Ghàidhealtachd	0	0	1	2.4
Àite eile: Alba	8	17.8	5	11.9
Eile	4	8.9	2	4.8
Iomlan	45	100.0	42	100.0

Tha Clàr 48 a' sealltainn gum buin a' mhòr-chuid de mhàthraichean (71%) agus athraichean (76%) na cloinne ri Siabost fhèin no ri Leòdhas. Bhuineadh a' mhòr-chuid den fheadhainn eile ri àiteachan eile ann an Alba.

Clàr 49: Clann: Cànan am pàrant

Clann: CÀNAN AM PÀRANT	Màthair		Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	1	2.2	0	0
Gàidhlig mar as trice	6	13.3	7	16.3
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	14	31.1	20	46.5
Beurla mar as trice	7	15.6	2	4.7
Beurla a-mhàin	17	37.8	14	32.6
Iomlan	45	100.0	43	100.0

Tha Clàr 49 a' mìneachadh nan cànan a bhruidhneas pàrantan na cloinne. B' iad na freagairtean airson mhàthraichean agus athraichean còmhla:

1.1% = Gàidhlig a-mhàin;

15% = Gàidhlig mar as trice;

39% = Gàidhlig is Beurla co-ionnan;

10% = Beurla mar as trice;

35% Beurla a-mhàin.

Tha Clàr 49 a' sealltainn gu bheil cha mhòr 40% de na pàrantan a' cleachdadh an dà chànan chun na h-aon ìre, agus tha 45% a' cleachdadh na Beurla mar as trice no a-mhàin. Tha seo ag innse gu bheil barrachd Beurla na Gàidhlig ga chleachdadh, agus far a bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh, nach eilear ga cleachdadh ach, mar as trice, ann an suidheachadh dà-chànanais.

Clàr 50: Clann: Na Cànanan a bhruidhneas pàrantan ris a' chloinn

Clann: Cànan air a bhruidhinn RIS a' phàiste	leis a' Mhàthair		leis an Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	4	8.9	1	2.4
Gàidhlig mar as trice	8	17.8	5	11.9
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	6	13.3	9	21.4
Beurla mar as trice	11	24.4	11	26.2
Beurla a-mhàin	16	35.6	16	38.1
Iomlan	45	100.0	42	100.0

Bithear a' bruidhinn air àireamhan às a' cheud anns a' chiad phàirt den mhìneachadh seo shìos; ach thathar ag aithneachadh gu bheil na h-àireamhan fhèin glè bheag, gu sònraichte a thaobh na Gàidhlig, agus mar sin, san dàrna pàirt, bithear a' sgrùdadh gu sònraichte àireamhan nam pàrant a bhruidhneas a' Ghàidhlig (a-mhàin/mar as trice), no a bhruidhneas a' Ghàidhlig is a' Bheurla (co-ionnan).

Tha Clàr 50 a' sealltainn gu bheil pàrantan (a' cur àireamhan màthar agus athar còmhla) a' bruidhinn nan cànanan a leanas ri an cuid cloinne:

Gàidhlig a-mhàin = 6%;

Gàidhlig mar as trice = 30%;

Gàidhlig is Beurla co-ionnan = 17%;

Beurla mar as trice = 25%;

Beurla a-mhàin = 37%.

Tha Clàr 50 a' sealltainn gu bheil 62%, cha mhòr dithis às gach triùir, de phàrantan a' cleachdadh na Beurla a-mhàin no mar as trice ri an cuid cloinne. Tha 17% a' cleachdadh na Gàidhlig is na Beurla chun na h-aon ìre.

Chan eil ach aon phàrant às gach còignear a' cleachdadh na Gàidhlig mar as trice no a-mhàin.

Tha Clàr 50 a' sealltainn cuideachd nach eil ach 4 màthraichean agus 1 athair a' bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin ris a' chloinn. Tha 8 màthraichean, agus 5 athraichean, a' bruidhinn na Gàidhlig mar as trice ris a' chloinn. A rèir seo, tha na màthraichean beagan nas dualtaiche na na h-athraichean a' Ghàidhlig a bhruidhinn ris a' chloinn.

Nuair a nithear coimeas eadar prìomh chànan nam pàrant nuair a bha iad fhèin a' fàs suas, agus na tha iad a-nise a' bruidhinn ri an cuid cloinne, tha e coltach gu bheil pàrantan a chaidh an togail le Gàidhlig is Beurla co-ionnan, buailteach an-diugh Beurla a bhruidhinn a' mhòr-chuid dhen ùine ri an cuid cloinne, seach ann am Beurla is Gàidhlig chun na h-aon ìre.

Tha e cuideachd inntinneach gu bheil beagan a bharrachd phàrantan an-diugh, nach d' fhuair a rèir coltais an togail fhèin anns a' Ghàidhlig a-mhàin, a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin ri an cuid cloinne (4 màthraichean agus 1 athair).

Clàr 51: Clann: Na cànanan a bhruidhneas a' chlann ri pàrantan

Clann: Cànan air a bhruidhinn LEIS a' phàiste ri pàrant	ris a' Mhàthair		ris an Athair	
	Àireamh	%	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	0	0	0	0
Gàidhlig mar as trice	5	11.6	3	7.7
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	6	14.0	7	17.9
Beurla mar as trice	13	30.2	10	25.6
Beurla a-mhàin	19	44.2	19	48.7
Iomlan	43	100.0	39	100.0

Tha Clàr 51 a' mìneachadh nan cànan a bhruidhneas a' chlann ri am màthraichean agus athraichean.

Chan eil pàiste sam bith fo 16 a' bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin ris na pàrantan.

Tha 5 a' bruidhinn na Gàidhlig mar as trice ri am màthraichean, agus tha 3 a' bruidhinn na Gàidhlig mar as trice ri an athraichean. Tha 6 a' bruidhinn Gàidhlig is Beurla ri am màthraichean, agus 7 a' bruidhinn Gàidhlig is Beurla ri an athraichean.

'S e am pàtran as cudromaiche agus am fasan as motha gu bheil 44% (19) den chloinn a' bruidhinn na Beurla a-mhàin ri am màthraichean, agus 49% (19) a' bruidhinn na Beurla ri an athraichean. An seo, chithear diofar beag, gu bheil a' chlann nas dualtaiche a' Bheurla a bhruidhinn ri an athraichean na ri am màthraichean. Ach nuair a choimheadar air cò mhead pàiste a chleachdas a' **Bheurla mar as trice** ri pàrant, chithear gu bheil barrachd, 30% (13), a' bruidhinn na Beurla mar as trice ris na màthraichean, agus bidh iad a' bruidhinn na Beurla mar as trice ri 26% (10) de na h-athraichean.

Mar sin, tha trì cairtealan den chloinn a' bruidhinn na Beurla a-mhàin no mar as trice ri am pàrantan.

Clàr 52: Clann: Na cànanan a bhruidhneas clann ri bràithrean is peathraichean

Clann: Cànan air a bhruidhinn LEIS a' phàiste ri bràithrean is peathraichean	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	0	0
Gàidhlig mar as trice	0	0
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	5	12.8
Beurla mar as trice	15	38.5
Beurla a-mhàin	19	48.7
Iomlan	39	100.0

Tha Clàr 52 a' sealltainn gu bheil an dàrna leth, 49% (19 à 39) den chloinn a' cleachdadh na Beurla a-mhàin ri am peathraichean/bràithrean, agus gu bheil 39% a' cleachdadh na Beurla mar as trice ri peathraichean agus bràithrean. Tha an dà àireamh seo a' ciallachadh gu bheil 88% den chloinn a' bruidhinn na Beurla a-mhàin no mar as trice ri peathraichean agus bràithrean – is e sin, cha mhòr 9nar às gach 10nar. Ged nach ionnan na ceistean an seo agus san rannsachadh airson PCES, sgrìobh luchd-rannsachaidh PCES “gur e a' Bheurla am prìomh no an t-aon chànan conaltraidh eadar 8 a-mach à 10 chloinne” (PPCES, td. 21). Is iongantach mura bheil bruidhinn na Gàidhlig a' cheart cho lag no fiù's nas laige bho chaidh rannsachadh PCES a dhèanamh sna h-Eileanan Siar.

Chan eil ach aon phàiste a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin no mar as trice ri peathraichean/bràithrean, agus tha còignear a' cleachdadh an dà chànan chun na h-aon ìre.

Clàr 53: Clann: A' chiad chànan a thog clann


Clann: A' CHIAD CHÀNAN A THOGADH	Àireamh	%
Gàidhlig a-mhàin	12	27.3
Gàidhlig mar as trice	1	2.3
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	6	13.6
Beurla mar as trice	8	18.2
Beurla a-mhàin	17	38.6
Iomlan	44	100.0

Tha Clàr 53 a' sealltainn gun do thog 30% den chloinn a' Ghàidhlig mar a' chiad agus an t-aon chànan, no mar a' chiad phrìomh chànan. Ach fhuair 57% den chloinn a' Bheurla a-mhàin no mar bu trice mar a' chiad chànan aca.

Fhuair 14% Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre. A rèir seo, chan eil 'dà-chànanas' na thaghadh cho bitheanta aig pàrantan cloinne fo 16: tha cùisean a' dol gu an dàrna cuid Beurla ('s e as cumanta) no gu Gàidhlig a-mhàin. A rèir a' chlàir seo, tha e cudromach a ràdh gun do rinn cuid de phàrantan oidhirp mhòr a' Ghàidhlig a-mhàin a bhruidhinn ri an cuid cloinne, ged nach bruidhinn a' chlann i nuair a dh'fhàsas iad nas sine.

3.8.3. Factaran a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air cànan na cloinne


Clàr 54: An Àireamh de Phàrantan le Gàidhlig agus Fileantachd na Cloinne



Tha an graf ann an Clàr 54 a' sealltainn, nuair nach robh pàrantan fileanta sa Ghàidhlig aig pàiste, nach robh a' mhòr-chuid de chloinn fileanta nas motha; a rèir a' phàtrain gu h-àrd, cha d' fhuair ach timcheall air aon phàiste às gach seachnar fileantachd.

Ach tha an graf ann an Clàr 54 cuideachd a' sealltainn: ma tha dìreach aon phàrant le Gàidhlig aig pàiste, tha e mòran nas coltaiche gun ruig am pàiste fileantachd.

Clàr 55: Clann: An Àireamh de phàrantan nach buin dha na h-eileanan agus fileantachd na Cloinne



Tha an graf gu h-àrd ann an Clàr 55 coltach ris a' ghraf air àireamh de phàrantan Gàidhlig agus fileantachd na cloinne: an seo, bha fada a bharrachd cothrom ann gum biodh Gàidhlig fhileanta aig pàiste nuair a bha aon no dà phàrant às na h-eileanan aca: bha 25% den chloinn seo fileanta sa Ghàidhlig.

Nuair nach robh pàrant sam bith aig pàiste a bhuineadh dha na h-eileanan, cha robh pàiste sam bith fileanta sa Ghàidhlig.

Clàr 56: Buntanas sheann-phàrantan na cloinne

Clann: Buntanas nan Seann-phàrantan	Athair na Màthar		Màthair na Màthar		Athair an Athar		Màthair an Athar	
	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%
Siabost	12	26.7	8	17.8	18	40.9	11	25.0
Àite eile: Leòdhas	22	48.9	18	40.0	11	25.0	22	50.0
Àite eile: Eileanan Siar	2	4.4	1	2.2	2	4.5	2	4.5
Àite eile: Gàidhealtachd	0	0	0	0	2	4.5	0	0
Àite eile: Alba	3	6.7	11	24.4	8	18.2	6	13.6
Eile	6	13.3	7	15.6	3	6.8	3	6.8
Iomlan	45	100.0	45	100.0	44	100.0	44	100.0

Tha Clàr 56 a' sealltainn gum buineadh mu 72% de na seann-phàrantan dha na h-eileanan, eadar Siabost, Leòdhas agus na h-Eileanan Siar. Bhuineadh 12% ri àiteachan eile ann an Alba ach ris Ghàidhealtachd, agus bhuineadh 11% eile ri 'Eile'; còmhla, rinn an dà bhuidhinn mu dheireadh 23% den t-sluagh – daoine aig nach biodh Gàidhlig, is coltach.

Clàr 57: Cànan a bhruidhneas seann-phàrantan ris a' chloinn

Clann: Cànanan a bhruidhneas seann-phàrantan ri cloinn	Athair na Màthar		Màthair na Màthar		Athair an Athar		Màthair an Athar	
	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%	Air.	%
Gàidhlig a-mhàin	5	12.5	5	12.2	3	8.1	1	2.4
Gàidhlig mar as trice	5	12.5	4	9.8	6	16.2	10	24.4
Gàidhlig is Beurla co-ionnan	8	20.0	12	29.3	7	18.9	8	19.5
Beurla mar as trice	6	15.0	5	12.2	7	18.9	7	17.1
Beurla a-mhàin	15	37.5	15	36.6	14	37.8	15	36.6
Eile	1	2.5	0	0	0	0	0	0
Iomlan	40	100.0	41	100.0	37	100.0	41	100.0

Ann an Clàr 57 chithear san fharsaingeachd gu bheil còrr is an dàrna leth de sheann-phàrantan a' bruidhinn na Beurla a-mhàin (mu 37%), no na Beurla mar as trice (16%) ri an oghaichean: mar sin, tha còrr is leth (53%) nan seann-phàrantan a' cleachdadh na Beurla a-mhàin no mar as trice le an oghaichean.


Tha aonar às gach còignear a' bruidhinn an dà chànain chun na h-aon ìre (22%) ris na h-oghaichean.

Chan eil ach 16% de sheann-phàrantan a' bruidhinn na Gàidhlig mar as trice ri an oghaichean; agus tha 9% a' bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin: còmhla, tha seo a' ciallachadh gu bheil 25% de sheann-phàrantan a' bruidhinn na Gàidhlig ri an oghaichean mar a' chiad chànain.

Ma nithear coimeas eadar cò às a tha na seann-phàrantan (73% às na h-eileanan) agus gu bheil 53% den t-sampall a' taghadh a' Bheurla a-mhàin no mar as trice a bhruidhinn ri an

oghaichean, tha e soilleir nach eil tar-chur cànan - mar dhà-chànanas no a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan - eadar na ginealaichean seo a' tachairt gu ìre mhòr sam bith.


Clàr 58: Àireamh de sheann-phàrantan le Gàidhlig fhileanta agus fileantachd nan oghaichean



Tha Clàr 58 a' sealltainn, nuair nach robh seann-phàrantan le Gàidhlig aig pàiste, nach robh ach aon phàiste fileanta sa Ghàidhlig. Nuair a bha aon seann-phàrant aig clann le Gàidhlig, bha dithis à sianar fileanta sa Ghàidhlig. Nuair a bha dithis no triùir sheann-phàrantan le Gàidhlig aig pàiste, cha mhòr nach robh iad uile fileanta sa Ghàidhlig.

A rèir nan toraidhean, mura bheil co-dhiù aon seann-phàrant le Gàidhlig aig pàiste, chan eil e idir coltach gu bi Gàidhlig fhileanta aige/aice. Ach, ma tha dìreach aon seann-phàrant aig pàiste, tha fada a bharrachd cothroim ann gum bi am pàiste fileanta.

Clàr 59: Àireamh de sheann-phàrantan nach buin dha na h-eileanan agus fileantachd nan oghaichean



Tha Clàr 59 a’ sealltainn, ma bha 2+ sheann-phàrantan aig pàiste nach buineadh dha na h-eileanan, nach robh duine den chloinn fileanta sa Ghàidhlig. Ach nuair a b’ e eileanach (Siabost/Leòdhas/eilean eile) a bha sa h-uile seann-phàrant aig ogha, no nam b’ e eileanach a bh’ ann an dìreach aon de na seann-phàrantan aig ogha, cha robh ach timcheall air 25% de na h-oghaichean seo fileanta sa Ghàidhlig, le cuibhreann bheag eile le beagan comais bruidhinn sa Ghàidhlig.

Clàr 60: Clann: cleachdadh nam meadhanan

Clann: Cur-seachad	Beurla mar as trice		Gàidhlig is Beurla		Gàidhlig mar as trice		Àireamh de luchd-freagairt		
	Aois	0-3	4-15	0-3	4-15	0-3	4-15	0-3	4-15
(Àireamh de chloinn)									
A' coimhead air an telebhisean		8	28	1	5	0	1	9	34
Ag èisteachd ris an rèidio		1	20	0	4	0	3	1	27
A' coimhead air DVDan		9	34	0	0	0	1	9	35
A' cleachdadh an eadar-lìn		1	32	0	2	0	1	1	35
A' leughadh nobhailean		3	23	1	9	0	2	4	34
A' leughadh stuth eile		2	23	0	4	0	1	2	28

Tha Clàr 60 a’ sealltainn gum bi clann Shiaboist a’ cleachdadh nam meadhanan tro mheadhan na Beurla mar as trice. 'S ann sa Bheurla mar as trice a bhios cha mhòr a h-uile pàiste (ochdnar) aig aois 0-3 a’ coimhead an telebhisein; chan eil ach aon pàiste a’ coimhead Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre; agus chan eil pàiste sam bith ga t(h)ogail le meadhanan

Gàidhlig mar as trice. Tha an aon rud fìor mu chlann eadar 4-15; chan eil dà-chànanas, Gàidhlig is Beurla co-ionnan, ri fhaicinn gu ìre mhòr sam bith idir aig na h-aoisean seo.

'S e glè bheag den òigridh (aoisean 4-15) a tha a' cur feum air na meadhanan sa Ghàidhlig, ach bidh feadhainn a' leughadh leabhraichean Gàidhlig, a' coimhead an telebhisein sa Ghàidhlig, agus bidh cuid ag èisteachd ri prògraman rèidio sa Ghàidhlig.

Clàr 61: Clann: Foghlam

Clann: Foghlam	Àireamh	%
	<i>(45 daoine ann gu h-iomlan)</i>	
Cròileagan	21	46.7
Cùram cloinne Beurla	3	6.7
Cùram cloinne Gàidhlig	2	4.4
Cùram cloinne Gàidhlig is Beurla	2	4.4
Bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig	16	35.6
Bun-sgoil tro mheadhan na Beurla	18	40.0
Cuspair àrd-sgoile sa Ghàidhlig	2	4.4

NB Dh'fhaodadh luchd-freagairt còrr is aon fhreagairt a thaghadh.

Tùs: Clann 0-15

Tha Clàr 61 a' sealltainn mar a tha cha mhòr an dàrna leth den chloinn air a dhol/a' dol dhan chròileagan, a tha ga ruith tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Chithear cuideachd gu bheil cha mhòr an aon àireamh de chloinn air a dhol/a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus a tha air a dhol/a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Beurla (stèidhichte air toraidhean Ceisteachain C). Ann an rannsachadh PCES, bha 27.3% air a dhol gu FMG (PPCES, td. 25). Is dòcha gu bheil FMG ann an Sgoil Shiaboist air barrachd chloinne a thàladh gu FMG na tha sgoiltean eile sna h-Eileanan Siar.

Chaidh ceathrar ann an Siabost gu luchd cùram-cloinne aig an robh co-dhiù beagan Gàidhlig.

Ciad chànan(an) nam pàrant agus taghadh FMG/FMB

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air ciad chànan(an) athraichean agus màthraichean na 45 cloinne dhan d' fhuair eadh freagairt ann an Ceisteachan C. Nuair a rinneadh sgrùdadh air ciad chànan(an) nam pàrantan agus cho dualtach 's a tha iad an cuid cloinne a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG):

- bha pàrantan **air an togail le Gàidhlig a-mhàin no mar bu trice** na bu bhualtiche an cuid cloinne a chur gu FMG: bha 7 màthraichean agus 7 athraichean ann, le seachdnar cloinne eadarra, agus chaidh sianar cloinne gu Foghlam tro Mheadhan an Gàidhlig, agus aon phàiste gu Foghlam tro Mheadhan na Beurla (FMB).

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air taghadh phàrantan a chaidh a thogail le Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre, agus le pàrantan le Beurla mar as trice no a-mhàin, agus bha aon aon phàtran ann anns gach buidhinn:

- bha a' mhòr-chuid den chloinn, **triùir às gach ceathrar**, air a dhol/a' dol gu Foghlam tro Mheadhan na Beurla.

Tha pàtran soilleir ri fhaicinn: pàrantan a bha fileanta bho thùs ann an Gàidhlig a-mhàin no mar bu trice nuair a bha iad a' fàs suas, chuir a' mhòr-chuid an cuid cloinne gu FMG; tha iad

uamhasach fhèin taiceil do Fhoghlam tro Mheadhan an Gàidhlig. Ach tha pàrantan gun no le beagan Ghàidhlig, agus pàrantan a tha a' cleachdadh an dà chanain chun na h-aon ìre, bha iad 75% buailteach an cuid cloinne a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Beurla; mar sin chan eil iad idir cho taiceil gu FMG.

Tha e a' coimhead coltach, ma thèid pàrant a t(h)ogail le Gàidhlig is Beurla co-ionnan, tha iad glè bhualteach a' chlann aca a chur gu foghlam tro mheadhan na Beurla.

Buntanas nam pàrant agus taghadh FMG no FMB

Nuair a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air cò às a bha na pàrantan agus an robh a' chlann aca a' dol gu FMG, cha robh am buntanas aca ro chudromach, ach bha eileanaich na bu bhualtiche a' chlann a chur gu FMG.

3.8.4 Comas sa Ghàidhlig: Tuigsinn, Bruidhinn, Sgrìobhadh & Leughadh (clann 0-15)

Clàr 62: Clann: Tuigsinn na Gàidhlig

Clann: Comas Tuigsinn na Gàidhlig: Comasach air...	Aois 4 gu 15		Aois 0 gu 3	
	Àir.	%	Àir.	%
Tuigsinn fhileantach Gàidhlig san sgoil a' bruidhinn air cuspairean sgoile spèisealaichte	5	14.3	0	
Tuigsinn fhileantach Gàidhlig a' còmhradh aig astar àbhaisteach	8	22.9	1	
Tuigsinn chòmhradhean àbhaisteach, mas slaodach soilleir iad	7	20.0	1	
Tuigsinn brìgh chòmhradhean sìmplidh	6	17.1	0	
Tuigsinn bheannachdan sìmplidh	7	20.0	3	
Gun chomas air Gàidhlig a thuigsinn fhathast	2	5.7	4	
Iomlan	35	100.0	9	

NB Ged is iseal na h-àireamhan, chaidh ceudadan a chleachdadh gus cuideachadh le coimeas a dhèanamh.

Tha Clàr 62 a' sgrùdadh ìrean tuigsinn na Gàidhlig aig clann eadar 4-15 agus 0-3. Thathar an dùil, le clann eadar 0-3, gu bheil e doirbh bruidhinn air sgilean cànan oir tha iad aig fìor thoiseach ionnsachadh cànan sam bith.

A rèir nam freagairtean, tha aon phàiste às gach triùir (13/35) eadar 4-15 aig ìre fhileanta sa Ghàidhlig (37%); tha an aon àireamh ann de chlann a thuigeas còmhradhean far a bheilear a' bruidhinn gu slaodach no gu sìmplidh. Tha 20% (7) dhiubh ann nach tuig ach beannachdan sìmplidh. Cha robh ach 6% (2) ann nach do thuig a' Ghàidhlig idir.

CLANN: COMAS BRUIDHINN NA GÀIDHLIG

Clàr 63: Clann: Bruidhinn na Gàidhlig

Clann: Comas Bruidhinn na Gàidhlig: Comasach air...	Aois 4 gu 15		Aois 0 gu 3	
	Àir.	%	Àir.	%
Bruidhinn ri fileantaich Ghàidhlig air cuspairean sgoile le briathrachas sònraichte	5	14.3	0	
Gabhail pàirt ann an còmhraidhean àbhaisteach ri fileantaich Ghàidhlig	3	8.6	1	
Gabhail pàirt ann an còmhraidhean àbhaisteach air a' mhòr-chuid de chuspairean	6	17.1	1	
Gabhail pàirt ann an còmhraidhean sìmplidh air cuspairean àbhaisteach	10	28.6	0	
Cur an cèill beannachdan sìmplidh	9	25.7	0	
Gun chomas air Gàidhlig a bhruidhinn fhathast	2	5.7	7	
Iomlan	35	100.0	9	

NB Ged is isèal na h-àireamhan, chaidh ceudadan a chleachdadh gus cuideachadh le coimeas a dhèanamh.

Clann eadar 4-15

Tha e beagan doirbh le clann aois 0-3 a bhith a' beachdachadh air mar a bha neach-fhreagairt a' cheisteachain a' tuigsinn na ceiste; mar sin cha tèid beachdachadh air clann 0-3.

Tha Clàr 63 a' sealltainn gu bheil nas lugha na aon phàiste às gach ceathrar (23%) a' bruidhinn na Gàidhlig aig an dà ìre as àirde. Tha 17% (6) eile comasach air bruidhinn air a' mhòr-chuid de chuspairean àbhaisteach.

Cha mhòr nach eil aon phàiste às gach triùir (29%) comasach air bruidhinn ann an còmhraidhean sìmplidh mu chuspairean àbhaisteach, agus tha aonar às gach ceathrar (26%) comasach dìreach air beannachdan sìmplidh a chur an cèill.

Chan eil Gàidhlig sam bith aig 6% den chloinn - 2 à 35 cloinne. Mar sin, cha mhòr nach eil beagan Gàidhlig aig a h-uile pàiste eadar 4 is 15; bidh a' mhòr-chuid air a dhol dhan chròileagan far am faighear a' Gàidhlig is a' Bheurla.

COMAS LEUGHaidH SA GHàIDHLIG

Clàr 64: Clann: Leughadh na Gàidhlig

Clann: Comas Leughaidh na Gàidhlig: Comasach air...	Aois 4 gu 15		Aois 0 gu 3	
	Àir.	%	Àir.	%
Tuigsinn cuspair sgoile spèisealaichte sa Ghàidhlig	2	5.9	0	
Tuigsinn is leughadh leabhraichean no artagailean Gàidhlig ag amas air inbhich	1	2.9	0	
Tuigsinn nohailean Gàidhlig ag amas air deugairean	7	20.6	0	
Tuigsinn leabhraichean cloinne Gàidhlig gun chuideachadh	8	23.5	0	
Tuigsinn leabhraichean cloinne Gàidhlig le cuideachadh phàrantan	7	20.6	0	
Gun chomas air Gàidhlig a leughadh fhathast	9	26.5	8	
Iomlan	34	100.0	8	

NB Ged is ìseal na h-àireamhan, chaidh ceudadan a chleachdadh gus cuideachadh le coimeas a dhèanamh.

NB: Cha tèid beachdachadh air clann aois 0-3 an seo, ach an ath thuras ann an rannsachadh dhe leithid seo, bhiodh e inntinneach faighinn a-mach a bheil pàrantan a' leughadh Gàidhlig dhan chuid cloinne.

Clann 4-15

Chan eil ach 9% (3 à 34), comasach air Gàidhlig a leughadh aig an dà ìre as àirde, ach feumar a ràdh gu bheil an dàrna ìre stèidhichte air comasan nach biodh aig clann fìor òg san t-sampall: cha bhite an dùil gun leughadh pàiste mòran nas òige na 15 leabhraichean a tha ag amas air inbhich.

Tha e cudromach aithneachadh gu bheil diofar sgilean leughaidh sa Ghàidhlig aig clann agus tha am pàtran caran sgaoilte; tha barrachd cloinne ann a nì beagan leughaidh sa Ghàidhlig na tha de chlann gun chomas sam bith air Gàidhlig a leughadh.

COMAS SGRÌOBHAIDH SA GHÀIDHLIG

Clàr 65: Clann: Sgrìobhadh na Gàidhlig

Clann: Comas Sgrìobhaidh na Gàidhlig: Comasach air...	Aois 4 gu 15		Aois 0 gu 3	
	Àir.	%	Àir.	%
Sgrìobhadh le briathrachas sònraichte co-cheangailte ri obair sgoile	5	14.3	0	
Sgrìobhadh mun mhòr-chuid de chuspairean àbhaisteach gun strì	3	8.6	0	
Sgrìobhadh litir fhada gu caraid	3	8.6	0	
Sgrìobhadh grunnan sheantansan simplidh ann am post-d no brath teagsa	6	17.1	0	
Sgrìobhadh beannachd shìmplidh ann an nòta taingealachd no cairt cho-latha-breith	7	20.0	0	
Gun chomas air Gàidhlig a sgrìobhadh fhathast	11	31.4	8	
Iomlan	35	100.0	8	

NB Ged is ìseal na h-àireamhan, chaidh ceudadan a chleachdadh gus cuideachadh le coimeas a dhèanamh.

Tha Clàr 65 a' sealltainn mar a tha a' mhòr-chuid den chloinn aig na trì ìrean as ìsle a thaobh sgilean sgrìobhaidh sa Ghàidhlig. Cha mhòr nach eil aon phàiste às gach triùir (31%, 11) eu-comasach air rud sam bith a sgrìobhadh; tha aon phàiste às gach còignear (20%, 7) comasach dìreach air beannachd shìmplidh a sgrìobhadh; tha 17% (6) eile comasach dìreach air grunnan sheantansan sìmplidh a sgrìobhadh; tha comas aig 9% air litir a sgrìobhadh agus tha an aon àireamh comasach air sgrìobhadh mun mhòr-chuid de chuspairean. Bha 14% (5) comasach air briathrachas sònraichte ceangailte ri obair-sgoile a chleachdadh. A' coimhead air an dà ìre as àirde a thaobh comais, chan eil ach 8 pàistean, no 23% den chloinn, fileanta.

Tha fileantachd sa Ghàidhlig ìosal, gu h-àraidh nuair a tha cothrom ann clann a chur gu FMG.

3.8.5. Cleachdadh na Gàidhlig ann an Siabost (Clann 0-15)

Chaidh ceistean a chur sna ceisteachain mu mar a tha gach inbheach agus pàiste a' cleachdadh cànan, Gàidhlig is Beurla, ann an diofar shuidheachaidhean san dachaigh, san sgoil, ann an àiteachan poblach, agus aig coinneamhan de dhiofar bhuidhnean.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air 1. pàtranan airson clann a tha fileanta sa Ghàidhlig agus clann nach eil; agus 2. pàtranan airson clann ann an FMG agus clann ann an FMB.

Clàr 66: Clann eadar 4-15

SUIDHEACHAIDHEAN	CÀNANAN AIR AN CLEACHDADH LE CLANN A THA FILEANTA ['Fil.'] AGUS LE CLANN AIG A BHEIL BEAGAN GÀIDHLIG [B.G.]												
	Beurla a-mhàin		Beurla mar as trice		Na dhà co-ionnan		Gàidhlig mar as trice		Gàidhlig a-mhàin		Àireamh iomlan		
	Fil.	B.G.	Fil.	B.G.	Fil.	B.G.	Fil.	B.G.	Fil.	B.G.	Fil.	B.G.	
Ri cèile a' phàrant	1	8	2	5	3	3	2					8	16
Ri inbhich eile		5	2	7	3	2	3	2				8	16
Ri clann eile		5	1	7	4	3	2					7	15
Ri seann-phàrantan		3		3	2	5	6	3		1		8	15
Ri nàbaidhean		4	1	6	5	4	2	2				8	16
Ri càirdean eile		7	1	5	4	3	3	1				8	16
Ri luchd-obrach a' chròileagain													
Ri clann a' chròileagain		1		3	2	1						2	5
Ri pàrantan a' chròileagain		1		3	2	1						2	5
Ri tidsear sgoile		1	1	5			6	4	1	2		8	12
Ri ceannard na sgoile		1		5	1	1	7	4		1		8	12
Ri neach-taice teagaisg		2		3	1	1	2	2	1	1		4	9
Ri luchd-taice sgoile	1	2		5	3	2	4	2				8	11
Ri clann-sgoile		2	4	6	4	3						8	11
Ri pàrantan sgoile		2	1	4	4	5	2					7	11
Aig Club Òigridh	2	5	2	4	4	1						8	10
Aig Sgoil Shàbaid	2	4	2	1	4	1						8	6
Aig Youth Fellowship	2			1								2	1
Aig clubaichean eile	1	2										1	2

nòta: tha figearan a' riochdachadh àireamhan dhaoine

nòta: tha bocsaichean bàna a' riochdachadh

neoni

nòta: aois 4 gu 15 a-mhàin

nòta: Fileanta = 5 no 6 air sgèile comas labhairt

nòta: Beagan Gàidhlig = 3 no 4 air sgèile comas labhairt

nòta: chan eil an fheadhainn gun Ghàidhlig (1 no 2 air sgèile comas labhairt) air an cunntadh

1. Cleachdadh cànan le clann fhileanta sa Ghàidhlig agus clann le beagan Gàidhlig

Tha na h-àireamhan de fhreagairtean dha na ceistean mu chleachdadh cànan ìosal, agus mar sin chan eil ach na h-àireamhan fhèin gan toirt seachad: tha e doirbh co-dhùnidhean farsaing mu àireamhan às a' cheud a tharraing às na h-àireamhan.

Chithear ann an Clàr 66 àireamhan cloinne ann an **gorm** airson clann a tha fileanta, agus àireamhan cloinne ann an **dearg** airson clann aig a bheil beagan Gàidhlig.

Clàr 66: Clann: Cleachdadh agus fileantachd

Tha Clàr 66 ag innse gu bheil clann le Gàidhlig fhileanta a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin no mar as trice no a cheart uiread ri Beurla ri seann-phàrantan gu sònraichte (15), ri pàrantan (8), agus ri luchd-obrach na sgoile. 'S i Beurla mar as trice (4), no Beurla is Gàidhlig chun na h-aon ìre (7) a tha clann le Gàidhlig fhileanta a' cleachdadh ri clann eile. Tha 3 cloinne a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin ris an tidsear.

Tha a' chlann fhileanta seo a' cleachdadh an dà chuid Gàidhlig is Beurla ann an diofar shuidheachaidhean: ri clann eile, ri nàbaidhean, ri càirdean eile a bharrachd air pàrantan agus seann-phàrantan, aig a' chlub òigridh agus aig an Sgoil Shàbaid/Youth Fellowship. A rèir nan toraidhean, chan eil a' chlann a' cleachdadh ach Beurla, no Beurla mar as trice, aig na clubaichean òigridh.

2. Clann aig a bheil beagan comais a' Ghàidhlig a bhruidhinn agus far am bi/nach bi iad ga cleachdadh ann an Siabost

Tha na h-àireamhan de chlann sa bhuidhinn seo a' cleachdadh na Beurla mar as trice no a-mhàin ann an àireamhan nas àirde na dà-chànanas, no a' Ghàidhlig mar as trice no a-mhàin. *Ach far a bheil iad a' cleachdadh na Gàidhlig mar as trice no a cheart uiread ri Beurla*, tha iad nas dualtaiche a' Ghàidhlig aca a bhruidhinn ri seann-phàrantan, agus ris a h-uile seòrsa duine ainmichte sa cheisteachan a tha a' buntainn ris an sgoil.

Bidh iad a' cleachdadh na Beurla mar as trice no a-mhàin ri inbhich agus clann san dachaigh, ri pàrantan, nàbaidhean, a h-uile seòrsa duine ainmichte sa cheisteachan a tha a' buntainn ris an sgoil, ri clann eile, san Sgoil Shàbaid, aig a' Chlub Òigridh agus aig Youth Fellowship.

CLEACHDADH CÀNAIN AGUS CLANN FMG/FMB

Chithear ann an Clàr 67 mar a tha clann ann am FMG an taca ri clann ann am FMB a' cleachdadh an cuid chànanan, Gàidhlig is Beurla. Tha iad uile eadar na h-aoisean 4-15.

Clàr 67: Clann: Cleachdadh cànanain agus foghlam sgoile tron Ghàidhlig/Bheurla

Suidheachaidhean	CÀNANAN AIR AN CLEACHDADH LE SGOILEARAN FMG AGUS FMB											
	Beurla a-mhàin		Beurla mar as trice		Na dhà co-ionnan		Gàidhlig mar as trice		Gàidhlig a-mhàin		Àireamh iomlan	
	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB	FMG	FMB
Ri cèile a' phàrant	5	11	3	5	6		2				16	16
Ri inbhich eile	1	11	5	5	5		5				16	16
Ri clann eile	1	11	4	4	7		2				14	15
Ri seann-phàrantan		7	1	5	6	3	8	1	1		16	16
Ri nàbaidhean	1	10	2	7	9		4				16	17
Ri càirdean eile	1	14	4	3	7		4				16	17
Ri luchd-obrach a' chròileagain		1										1
Ri clann a' chròileagain	1	5		4	3						4	9
Ri pàrantan a' chròileagain		5		3	3						3	8
Ri tidsear sgoile		6	2	6			11		3		16	12
Ri ceannard na sgoile		8	1	5	3		11		1		16	13
Ri neach-taice teagaisg		7	1	4	2		4		2		9	11
Ri luchd-taice sgoile	1	8	3	3	5		6				15	11
Ri clann-sgoile	2	7	6	6	7						15	13
Ri pàrantan sgoile	1	9	2	4	9		2				14	13
Club Òigridh	6	7	5	2	5						16	9
Sgoil Shàbaid	6	3	3	2	5						14	5
Youth Fellowship	2	1		1							2	2
Clubaichean eile	3										3	

nòta: tha figearan a' riochdachadh àireamhan dhaoine
 nòta: tha ceallan bàna a' riochdachadh neoni
 nòta: aois 4 gu 15 a-mhàin
 nòta: tha FMG a' cunntadh aon phàiste a bha cuideachd ann am FMB

Tha Clàr 67 a' sealltainn gu bheil sgoilearan FMG buailteach a' Bheurla a-mhàin no mar as trice a chleachdadh aig a' Chlub Òigridh, Youth Fellowship, clubaichean eile, agus ri clann eile san sgoil agus aig an taigh, agus ri inbhich eile aig an taigh. Tha iad nas dualtaiche a' Ghàidhlig a chleachdadh mar as trice ri ceannard na sgoile, tidsearan, luchd-taice teagaisg agus luchd-taice eile san sgoil, agus ri seann-phàrantan. Cha mhòr gu bheil suidheachadh bitheanta ann far nach eilear a' cleachdadh ach Gàidhlig, ach far a bheil e a' tachairt, is ann an lùib tidsearan sgoile a tha seo.

A thaobh clann FMB, bidh iad a' cleachdadh an dà chànan chun na h-aon ìre ri seann-phàrantan. 'S i a' Bheurla a-mhàin an roghainn as cumanta aig a' chloinn seo ach bidh feadhainn, leth na h-àireimh, glè thric a chleachdas a' Bheurla a-mhàin, a' cleachdadh na Beurla mar as trice ann an suidheachaidhean leithid na sgoile agus ri nàbaidhean agus san teaghlach.

Tha an cuideam a thaobh àireamhan air ‘Beurla a-mhàin’ agus air ‘Beurla mar as trice’ airson clann FMB, ach tha an cuideam nas sgaoilte eadar Beurla a-mhàin, Beurla mar as trice agus Gàidhlig is Beurla co-ionnan, airson clann FMG.

Tha àireamhan inntinneach anns a’ chòlbh ‘Na dhà co-ionnan’ agus chithear gur ann ri seann-phàrantan as motha a bhios clann a’ bruidhinn Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre; tha iad cuideachd a’ bruidhinn Gàidhlig chun an aon ìre ri Beurla san sgoil ris an luchd-obrach. Tha am pàtran cuideachd a’ sealltainn gu bheil àireamhan caran co-ionnan eadar Beurla a-mhàin agus Beurla mar as trice airson tòrr de na suidheachaidhean: san sgoil, aig a’ chlub òigridh, ri nàbaidhean agus càirdean, fiù 's ri pàrant agus peathraichean/bràithrean.

Chithear anns a’ chlàr gu h-àrd nach eil ach ceathrar chloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla a tha a’ cleachdadh mòran Gàidhlig idir taobh a-muigh na sgoile.

Air an làimh eile, tha clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a’ cleachdadh an cuid Gàidhlig gu ìre ann an cuid de shuidheachaidhean taobh a-muigh na sgoile. An-dràsta co-dhiù, tha cothrom aig clann an coimhearsnachd mar Siabost, coimhearsnachd ‘thraidiseanta’ na Gàidhlig, an cuid Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile – suidheachadh a tha eu-coltach, is iongantach, ri clann sna bailtean mar Glaschu agus Dùn Èideann.

3.9: BARAIL CÀNAIN INBHICH

Dh'iarradh air luchd-freagairt Ceisteachain B am beachdan air a' Ghàidhlig a thoirt seachad le bhith a' freagairt 24 ceistean. Air sàillibh is gur e inbhich a lìon Ceisteachan C às leth na cloinne, cha d'fhuair beachdan clann fo 16. Bha CnaG ag obair le clann fo 16 a thaobh am beachdan air Gàidhlig; ach ann an rannsachadh san àm ri teachd, bhiodh e inntinneach coimhead air beachdan clann òga fo 16.


- Ann an 17 dhiubh, chleachdadh Likert Scale, bho *Ag Aontachadh gu Làidir gu A' Dol na Aghaidh gu Làidir*, agus chaidh ceistean taiceil agus neo-thaiceil a mheasgachadh.
- Chuireadh dà cheist a thaobh neart na Gàidhlig ann an Siabost thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh/ri teachd. Cuideachd, chuireadh dà cheist a bha ag iarraidh mholaidhean air na ghabhadh dèanamh gus a' Ghàidhlig ann an Siabost, agus san fharsaingeachd, a neartachadh. Bithear a' sgrùdadh toraidhean na dà cheist seo ann am fo-chaibideil 3.10.
- Dh'iarradh cuideachd air luchd-freagairt, air sgèile eadar 1 gu 10 (glè neo-thaiceil gu glè thaiceil) a bhith a' measadh dhaoine agus bhuidhnean a rèir cho taiceil 's a bha iad dhan Ghàidhlig.

3.9.1. Aonta agus Eus-Aonta ri Barailean air a' Ghàidhlig

Anns an earrainn seo, bithear a' coimhead air beachdan làidir ('aonta agus 'aonta làidir) agus nithear coimeas eadar figearan an rannsachaidh seo ann an Siabost agus fiosrachadh air na h-Eileanan Siar bho Euromosaic (MacKinnon, *Identity, Attitudes and Support for Gaelic Policies* (2000)).

Coimheadar air ceistean far a bheil beachdan làidir ann a tha a' dol leis, no an aghaidh, na ceiste, agus anns na leanas, bithear ag ainmeachadh far a bheil diofar cudromach eadar buidhnean far a bheil an diofar ceangailte ri m.e. seòrsa obrach, aois, gnè, àite-togail).

Clàr 68: Aonta/Eas-aonta mun Ghàidhlig



Sa chlàr seo, chaidh iarraidh air luchd-freagairt taghadh a dhèanamh à sgèile-taice gu dè an ìre a bha iad a' cur taic ri no a' dol an aghaidh bharailean.

Clàr 69: Beachdan air a' Ghàidhlig

Barail	Eas-aonta làidir	Eas-aonta	Coma	Aonta	Aonta làidir	Àir.
	<i>(Ceudad de Luchd-freagairt)</i>					
'S e deagh rud a th' ann gun cùm comhairlean taic ris a' Ghàidhlig	0.4	0.8	8.0	57.4	33.3	237
Gus am fèin-aithne a ghleidheil, feumaidh na h-Eileanan luchd na Gàidhlig	0.4	2.1	8.9	47.3	41.4	237
Tha e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig an cànan ris a' chloinn aig an taigh	0.4	3.4	12.3	41.5	42.4	236
Tha e deatamach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan a' Ghàidhlig	0.4	6.7	15.1	48.5	29.3	239
Bu chòir Gàidhlig a bhith aig daoine a tha ag obair san roinn phoblaich ann an sgìrean Gàidhlig	2.1	11.5	19.2	45.3	21.8	234
Tha e cudromach gum feuch luchd-in-imrich ris a' Ghàidhlig ionnsachadh	2.1	7.6	40.8	41.2	8.4	238
Tha a' Ghàidhlig a' bàsachadh	4.2	27.8	24.9	36.7	6.3	237
Bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith deatamach ann am barrachd obraichean poblach	4.8	24.2	33.8	29.0	8.2	231
Tha cànanan eile nas fheumaile na a' Ghàidhlig airson adhartas a dhèanamh san t-saoghal	6.6	24.5	32.8	29.3	7.0	229
Gheibh thu air adhart nad dhreuchd sna h-Eileanan ma tha a' Ghàidhlig agad	2.6	25.1	39.8	24.2	8.2	231
Tha daoine den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig sean-fhasanta	5.0	41.8	28.9	22.6	1.7	239
Tha a' mhòr-chuid de dhaoine den bheachd gu bheil rud sam bith Gàidhealach sean-fhasanta	6.8	42.8	27.5	19.9	3.0	236
'S e cànan chroitèaran a tha sa Ghàidhlig	11.9	44.5	23.7	16.1	3.8	236
Chan eil a' Ghàidhlig a' freagairt air gnìomhachas is saidheans	13.9	46.1	25.2	13.0	1.7	230
Gheibh thu air adhart nad dhreuchd an Alba ma tha a' Ghàidhlig agad	5.2	37.8	43.3	10.7	3.0	233
Chan eil àite ann an saoghal an latha an-diugh dhan Ghàidhlig	31.8	48.3	14.4	4.7	0.8	236
Cha bhruidhinn ach daoine sa chlas-obrach a' Ghàidhlig	27.2	52.8	14.9	3.8	1.3	235

3.9.2. Far a bheilear ag aontachadh gu làidir

Chithear gun robhar a' faireachdainn gu math làidir mu:

- **Gus am fèin-aithne a ghleidheil, feumaidh na h-Eileanan luchd na Gàidhlig.**

Dh'aontaich 89% de luchd-freagairt ri seo (c.f. Euromosaic: 95.3%).

- **'S e deagh rud a th' ann gun cùm comhairlean taic ris a' Ghàidhlig.**

Dh'aontaich 91% de luchd-freagairt ri seo (c.f. Euromosaic: 83.5%, ach bha a' cheist beagan eadar-dhealaichte: 'it seems a good idea for local authorities to support Gaelic in their administration'). A rèir coltais, tha muinntir Shiaboist nas dualtaiche smaoinichadh gum biodh e math nan cumadh a' Chomhairle barrachd taic ris a' Ghàidhlig.

- **Tha e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig an cànan ris a' chloinn aig an taigh.**

Dh'aontaich 84% de luchd-freagairt ri seo (cha robh fiosrachadh ri fhaighinn air freagairtean Euromosaic).

- **Tha e deatamach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan a' Ghàidhlig.**

Dh'aontaich 78% de luchd-freagairt ri seo (c.f. Euromosaic: 82.3%). Chan eil mòran diofair eadar na beachdan seo, ach tha e inntinneach gun tuirt 15% nach robh iad ag aontachadh no gun robh iad na aghaidh.

- **Bu chòir Gàidhlig a bhith aig daoine a tha ag obair san roinn phoblaich ann an sgìrean Gàidhlig.**

Dh'aontaich 67% de luchd-freagairt ri seo (c.f. Euromosaic: 84.4%). A-rithist, leis a' cheist seo, 's dòcha gu bheilear a' faicinn lagachadh ann an taic dhan chànan.

San fhèar mu dheireadh, bha eileanaich agus fileantaich ag aontachadh ri seo barrachd na daoine nach robh nan eileanaich agus daoine nach robh fileanta sa Ghàidhlig.

A' coimhead air na daoine a thug taic dhan bharrail gum bu chòir dhan chomhairle taic a chumail ris a' Ghàidhlig, bha e na bu choltaiche gun toireadh fileantaich taic dhan bharrail seo.

Cuideachd, bhathar a' faireachdainn gu làidir gum bu chòir do dhaoine Gàidhlig a bhruidhinn mus fhaigheadh iad obair anns an roinn phoblaich ann an sgìrean Gàidhlig. Bhathar cuideachd a' sealltainn taic don bharrail gum bu chòir do luchd-in-imrich feuchainn ris a' Ghàidhlig ionnsachadh.

Cha robh 'proifeiseantaich' cho buailteach aontachadh gum bu chòir do luchd-in-imrich a' Ghàidhlig ionnsachadh ri daoine a bha ag obair le an làmhan.

3.9.3. Barailean Mun Robh Luchd-Freagairt Coma

Bha ceithir barailean ann dha nach robh beachdan làidir taiceil no neo-thaiceil aig an luchd-fhreagairt mar bhuidheann. B' iad seo:

- **Tha a' Ghàidhlig a' bàsachadh.**

Chaidh 32% de luchd-freagairt an aghaidh a' bharrail seo (c.f. Euromosaic: 64.7%). Tha diofar mòr eadar an dà àireimh seo; a rèir coltais, tha muinntir Shiaboist fada nas cinntiche gu bheil a' Ghàidhlig a' bàsachadh. Bha e inntinneach gun robh 25% ann aig nach robh beachd làidir sam bith agus gun robh 37% ag aontachadh.

- **Tha e cudromach gum feuch luchd in-imrich ris a' Ghàidhlig ionnsachadh.**

Cha robh beachd taobh seach taobh aig 40.8%; ach dh'aontaich 41.2% agus dh'aontaich 8.4% eile gu làidir leis a' bheachd seo.

- **Bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith deatamach ann am barrachd obraichean poblach.**

Cha robh beachd taobh seach taobh aig 34% den luchd-fhreagairt air seo; ach bha 29% ag aontachadh, agus 24% na aghaidh.

- **Gheibh thu air adhart nad dhreuchd sna h-Eileanan ma tha a' Ghàidhlig agad.**

Cha robh beachd taobh seach taobh aig dithis às gach còignear (40%); dh'aontaich 24% eile (c.f. Euromosaic: 14%) agus chaidh 25% na aghaidh. Tha e coltach gu bheil daoine an-diugh ann an Siabost a' faicinn gu bheil a' Ghàidhlig na buannachd ann a bhith a' faighinn àrdachadh dreuchd.

- **Tha cànanan eile nas fheumaile na a' Ghàidhlig airson adhartas a dhèanamh san t-saoghal.**

Cha robh beachd taobh seach taobh aig aonar às gach triùir (33%); chaidh 31% na aghaidh (c.f. Euromosaic: 24%); agus dh'aontaich 36% leis. Cha robh mòran mar sin a' dol an aghaidh a' bharrail seo, ma ghabhar 'aonta' agus 'coma' còmhla, ach, air an làimh eile, a rèir coltais tha taic don Ghàidhlig air a dhol suas bho àm Euromosaic.

Bha eileanaich fada na bu bhualtiche aontachadh gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith aig duine airson obair fhaighinn san roinn phoblaich. Ach bha eileanaich fada na bu choltaiche a dhol an aghaidh a' bharrail ma tha Gàidhlig aig duine gu bheil seo na chuideachadh ann a bhith a' faighinn àrdachadh dreuchd. Chaidh an fheadhainn le beachd dòchasach mun Ghàidhlig ann an Siabost anns na deich bliadhnaichean ri tighinn an aghaidh a' bharrail gun robh cànanan eile na b' fheumaile na a' Ghàidhlig airson adhartas a dhèanamh san t-saoghal. Bha a' bhuidheann seo na bu dualtaiche a dhol an aghaidh a' bharrail gu bheil a' Ghàidhlig a' bàsachadh.

A thaobh a' bharrail gu bheil cànanan eile nas fheumaile na a' Ghàidhlig airson adhartas a dhèanamh san t-saoghal, bha proifeiseantaich na bu bhualtiche taobh làidir a ghabhail, an dàrna cuid taiceil no neo-thaiceil dhan bharrail; ach bha daoine a bha ag obair le an làmh na bu bhualtiche beachdan neodrach a thaisbeanadh.

Bha daoine ann an obraichean le an làmh na bu bhualtiche aontachadh ris a' bharrail, ma tha Gàidhlig aig duine sna h-Eileanan gu bheil e nas coltaiche àrdachadh dreuchd fhaighinn.

3.9.4. Barailean Dhan Robh Luchd--Freagairt Neo-thaiceil

Bha seachd barailean ann dhan robh daoine neo-thaiceil. B' iad:

- **Tha daoine den bheachd gu bheil rud sam bith Gàidhealach sean-fhasanta.**

Chaidh 50% an aghaidh a' bharrail seo (c.f. Euromosaic: 88.3%, ach bha na faclan beagan eadar-dhealaichte: 'Gaelic has no place in the modern world') – a rèir coltais, chan eil taic don Ghàidhlig cho làidir a-nis bho rinneadh rannsachadh Euromosaic; ach dh'aontaich 20% ris a' bharrail agus cha robh beachd taobh seach taobh aig 28% - tha 'coma nas cumanta an-diugh ann an Siabost na anns na h-Eileanan Siar aig àm Euromosaic.

- **Gheibh thu air adhart nad dhreuchd an Alba ma tha a' Ghàidhlig agad.**

Bha 43% gun beachd taobh seach taobh, agus chaidh 43% eile an aghaidh a' bharrail. Cha robh ach 11% den bheachd gun robh a' Ghàidhlig na cuideachadh ann a bhith a' faighinn àrdachadh dreuchd. Mar sin, chan eil daoine den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig cuideachail ann a bhith a' faighinn àrdachadh dreuchd ann an Alba.

- **'S e cànan chroitèaran a tha sa Ghàidhlig.**

Chaidh 56% an aghaidh a' bharrail seo; cha robh beachd taobh seach taobh aig 24%; agus dh'aontaich 16%.

- **Cha bhruidhinn ach daoine sa chlas-obrach a' Ghàidhlig.**

Chaidh 80% de luchd-freagairt an aghaidh a' bharrail seo, agus cha robh beachd aig 15%. Cha do dh'aontaich ach 4% ris. Tha seo a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid ann an Siabost a' faicinn na Gàidhlig mar chànan nach eil ceangailte ri aon chlas, clas an luchd-obrach. Bha na faclan ann an Euromosaic beagan eadar-dhealaichte ('speaking Gaelic is low-class') agus chaidh 90.4% na aghaidh.

- **Chan eil àite ann an saoghal an latha an-diugh dhan Ghàidhlig.**


Chaidh 80% an aghaidh seo (Euromosaic: 88.3%); cha robh beachd aig 14%, agus dh'aontaich 5% ris.

- **Chan eil a' Ghàidhlig a' freagairt air gnìomhachas is saidheans.**

Cha do dh'aontaich 60% ris a' bharrail seo (Euromosaic: 57.8%); cha robh beachd taobh seach taobh aig 25%; agus dh'aontaich 15% leis.

3.9.5. Dè cho taiceil dhan Ghàidhlig is a tha diofar dhaoine agus bhuidhnean?

Clàr 70: Taic don Ghàidhlig



Chaidh faighneachd dhan luchd-fhreagairt àireamh a chomharrachadh mu choinneimh cho taiceil 's a tha gach buidheann dhan Ghàidhlig. Bha àireamh 1 a' riochdachadh 'buileach neo-thaiceil', agus an sgèile a' dol suas gu 10, 'taiceil dha-rìribh'.

San fharsaingeachd, bha luchd-freagairt **gam meas fhèin, agus gu h-àraidh fileantaich san sgìre, mar dhaoine taiceil don Ghàidhlig, agus taiceil gu ìrean àrda**, eadar mu 7.7-8.2. (Tha seo beagan eadar-dhealichte bho thoraidhean Euromosaic, far an do chuir daoine iad fhèin na b' àirde a thaobh taice.) Cuideachd, shaoil daoine gun robh a' **Chomhairle gu h-àraidh**, ach cuideachd **an caraidean, na meadhanan agus na h-eaglaisean taiceil don Ghàidhlig** (eadar 7.2-7.5). (Ann an Euromosaic, bha na h-eaglaisean aig an treas ìre a b' àirde, ach an seo bha iad sa cheathramh àite, às dèidh na Comhairle.

A thaobh na Comhairle, ann an Euromosaic bha an taic meadhanach aig 6.600, ach san rannsachadh seo, chaidh an àireamh suas gu 7.5: tha muinntir Shiaboist a' faicinn Comhairle nan Eilean Siar mar bhuidheann a tha glè thaiceil don Ghàidhlig.

Cha robh beachd làidir aig luchd-freagairt air dè cho taiceil dhan Ghàidhlig 's a tha **Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach mar an NHS agus na poilis, gnìomhachasan prìobhaideach no muinntir an àite gun Ghàidhlig**.

Bha an luchd-freagairt sa chumantas den bheachd **nach eil luchd-in-imrich no Riaghaltas Bhreatainn taiceil don Ghàidhlig**; b' iad seo na freagairtean a b' ìsle. Bha toraidhean Euromosaic coltach ris an deilbh an seo a thaobh bheachdan air Riaghaltas Bhreatainn.

Bha na toraidhean a' sealltainn gun robh diofar ann eadar daoine aois 50+ agus daoine nas òige. Mheas daoine 50+ iad fhèin agus an caraidean na b' àirde a thaobh taic don Ghàidhlig.

Rinn eileanaich an aon rud: mheas iad iad fhèin agus an caraidean na b' àirde a thaobh taic don Ghàidhlig.

Cha robh eileanaich cho buailteach smaoinichadh air luchd-in-imrich mar dhaoine taiceil don Ghàidhlig.

Bha an fheadhainn a bha dòchasach mun Ghàidhlig anns an ath dheich bliadhna na bu dualtaiche coimhead air muinntir an àite gun Ghàidhlig mar dhaoine taiceil don Ghàidhlig.

Bha an aon fheadhainn na bu dualtaiche smaoinichadh air na meadhanan, gnìomhachasan prìobhaideach agus Riaghaltas Bhreatainn mar bhuidhnean taiceil don Ghàidhlig; ach ma dh'fhaoidte gun robh buaidh aig baidisichean Comhairle an luchd-tadhail dhachannan a' toirt buaidh air freagairtean.

Bha proifeiseantaich na bu dualtaiche na daoine ann an obraichean le an làmhnan den bheachd gun robh luchd-in-imrich taiceil dhan Ghàidhlig. Bha na proifeiseantaich cuideachd na bu dualtaiche smaoinichadh gu bheil buidhnean poblach gu h-ionadail 's gu nàiseanta taiceil don Ghàidhlig (NHS, na poilis, a' Chomhairle, Riaghaltas na h-Alba, Riaghaltas Bhreatainn).

3.9.6. Fèin-Aithne Gàidhlig ann an Siabost

Clàr 71: A' Ghàidhlig ann am Fèin-Aithne Shiaboist

A bheil sibh den bheachd de bheil fèin-aithne Ghàidhlig làidir aig Siabost?	Àireamh	%
Tha	189	79.7
Chan eil	19	8.0
Chan eil fhios	29	12.2
Iomlan	237	100.0

Tha an clàr a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid a' smaoinichadh gu bheil Gàidhlig cudromach agus den bheachd gu bheil am fèin-aithne aca ceangailte ri fuireach ann an Siabost gu mòr ceangailte ris a' Ghàidhlig.

Clàr 72: Fèin-aithne Ghàidhlig Shiaboist sna deich bliadhna a dh'fhalbh

Air na deich bliadhna a dh'fhalbh tha fèin-aithne Ghàidhlig Shiaboist...	Àireamh	%
Mòran nas treasa	6	2.7
Beagan nas treasa	19	8.6
Mar a bha i	54	24.5
Beagan nas laige	80	36.4
Mòran nas laige	61	27.7
Iomlan	220	100.0

Tha Clàr 71 a' sealltainn gu bheil a' mhòr-chuid (64%) a' smaoinichadh gu bheil a' Ghàidhlig beagan no mòran nas laige; chan eil ach 25% a' smaoinichadh gu bheil i mar a bha i, agus chan eil ach 11% a' smaoinichadh gu bheil i beagan no mòran nas treasa.

Bha boireannaich na bu dualtaiche na fireannaich smaoinachadh gun robh fèin-aithne Ghàidhlig Shiaboist air neartachadh thar nan deich bliadhna mu dheireadh, ach a thaobh nan ath dheich bliadhna, cha robh diofar ann eadar beachdan bhoireannach no fhireannach.

Bha proifeiseantaich na bu bhualtiche smaoinachadh gu bheil fèin-aithne Ghàidhlig Shiaboist air neartachadh anns na deich bliadhnaichean mu dheireadh.

Uile gu lèir, tha e coltach gu bheil muinntir Shiaboist gu math mothachail air an lagachadh sa Ghàidhlig ann an Siabost, ach tha ceist ann a bheilear mothachail air cho mòr is a tha an lagachadh?

Clàr 73: Fèin-aithne Ghàidhlig Shiaboist anns na deich bliadhnaichean ri teachd

Air na deich bliadhna ri teachd bidh fèin-aithne Ghàidhlig Shiaboist...	Àireamh	%
Mòran nas treasa	8	3.7
Beagan nas treasa	20	9.3
Mar a tha i	66	30.7
Beagan nas laige	67	31.2
Mòran nas laige	54	25.1
Iomlan	215	100.0

Tha Clàr 72 a' sealltainn gu bheil còrr is leth an t-sluaigh, 56%, den bheachd gum bi a' Ghàidhlig beagan no mòran nas laige air an ath dheich bliadhna (tha am figear gu h-àrd cha mhòr co-ionnan ri àireamh fileantaich sa Ghàidhlig); tha 30% a' creidsinn gum bi i mar a tha i, agus chan eil ach 11% a' smaoinachadh gum bi i beagan no mòran nas treasa.

Gu h-inntinneach, bha daoine aois 50+ agus a bha fileanta sa Ghàidhlig na bu dubhaiche nam beachd agus na bu dualtaiche smaoinachadh gun do dh'fhàs agus gum fàs fèin-aithne Ghàidhlig Shiaboist beagan no mòran nas laige air na deich bliadhna ri teachd.

A rèir seo, tha e a' coimhead coltach nach eil daoine cho dòchasach gun dèan oidhirpean Comhairle nan Eilean Siar, Bòrd na Gàidhlig, Comann na Gàidhlig msaa mòran diofar. Tha e soilleir gu bheil daoine taiceil don Ghàidhlig agus ga meas cudromach do fhèin-aithne ann an Siabost; mar sin, tha cothrom an seo dha na buidhnean a bhith a' soillearachadh amasan agus gnìomhan.

Clàr 74: Fios mu Bhòrd na Gàidhlig

An cuala sibh mu Bhòrd na Gàidhlig?	Àireamh	%
Chuala	184	79.0
Cha chuala	49	21.0
Iomlan	233	100.0

Tha an clàr a' sealltainn gun cuala a' mhòr-chuid, 79%, mu Bhòrd na Gàidhlig; ach tha 21% ann nach cuala.

3.10 Beachdan air Leasachadh na Gàidhlig sa Choimhearsnachd

3.10.1. Ro-ràdh

Chaidh faighneachd ann an Ceisteachan B, dè ghabhas dèanamh airson a' Ghàidhlig a neartachadh ann an Siabost agus san fharsaingeachd? Bidh an earrann seo a' coimhead air na freagairtean a thugadh seachad.

Chaidh dà cheist ghoirid fhaighneachd air an rud bu chudromaiche a ghabhadh dèanamh airson daoine a bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh no a' cleachdadh na Gàidhlig na bu trice ann an Siabost, agus san fharsaingeachd. Tha na freagairtean uile rim faotainn anns na pàipearan-taice, ach b' iad seo an fheadhainn bu chumanta.

Chithear gu h-ìosal liosta de na prìomh chuspairean agus beagan iomraidhean bho luchd-freagairt.

3.10.2. Prìomh mholaidhean

- **Togail mothachaidh, spèis, urraim agus moit sa chànan agus sa chultar tro fhoghlam sa choimhearsnachd agus san sgoil:**

Gaelic should be promoted more as an important language and should be given the status it deserves.

For children to be educated in the culture of the language & make the growing population aware of the richness of the language & the privileges that it brings.

Inform people about the importance and relevance of Gaelic language to community, life and culture.

Local history lessons to be taught in schools in Gaelic + local Gaelic bardachd and the words explained.

I think that people who have Gaelic would try to speak Gaelic at all times and be proud of their heritage and language.

Develop a primary school story (Gaelic) story-telling workshop and get them to believe that they are the inheritors of a proud tradition.

If young people go to the mainland and beyond, Gaelic is of little or no use. Resolve that problem and you are half way there.

- **Cothroman ionnsachaidh agus cleachdaidh sa choimhearsnachd tro chlasaichean aig diofar amannan, agus tro cho-obrachadh eadar fhileantaich agus neo-fhileantaich:**

More community classes to be available - more immersion opportunities for those who are learning (e.g. possibly coffee club in old school).

Break down the barriers between those who speak Gaelic and those that don't by improving / promoting community participation in "projects" etc. The "community" does not come together often enough! The Garden Project was an excellent example of the community working.

Should be a financial incentive for doing so (community friendship scheme).

If local people want Gaelic to get stronger they need to take some responsibility for encouraging and assisting others to learn.

Gaelic speaking parents + Grandparents/family members [shoul] make Gaelic the home language of choice for all communication. Extend to increase use in school + youth / sport clubs by native speakers + learners.

More needs to be done to support native speakers - they are being ignored and have been for decades.

To speak Gaelic more and to encourage incomers to learn to understand and speak as much as they can.

As an incomer I would love to learn Gaelic, but have difficulty getting on courses because most are a long way or evening classes, as a single mother it is difficult to find sitters for a long period of time to learn.

Gaelic classes locally in the village and in my case classes for both myself and my child to learn together, and help from neighbours and villagers.

Access to classes, local people speaking / teaching vocabulary.

Help given to parents - through relatives + schooling.

Free classes for learners, more learner programmes on BBC Alba.

Local history lessons to be taught in schools in Gaelic + local Gaelic bardachd and the words explained.

Wide ranging community education - it won't happen, it's not media sexy enough...

Help from neighbours + relatives.

To be helpful to those who are making an effort to learn Gaelic and not mock when they mispronounce or make mistakes as people are inclined to do-putting learners off.

To not shut you out and switch to English. Be friendly and talk Gaelic with us. Use it more and not fuss about the different dialects.

- **Foghlam san sgoil, agus òigridh:**

Gaelic should be taught in ALL island PRIMARY schools to everyone as a subject instead of having GMU and mainstream classes.

MAKE GAELIC COMPULSORY IN SCHOOL, Primary 1 - Secondary 6.

Establishing a Gaelic school - would encourage the children to use Gaelic more.

Make the language more fashionable! Last three decades the language in the younger generation is seen to be uncool!! The teens may have a very good grasp of the language, but do not converse in it.

More emphasis should be put on the importance of keeping the language alive in secondary school.

Keep rural schools open.

Children at school while out playing to be encouraged to speak more Gaelic.

Speak Gaelic to the young people.

Try + unpack all the Gaelic organisations which provide children's services in piecemeal fashion, so that there can be a targeted overall strategy beneficial to Gaelic families, with built-in reviews, and an ability to learn from mistakes. We seem to plod-on, bolting on here and there, perpetuating organisations etc etc.

- **Ge b' e na th' aig duine de Ghàidhlig, broснаich iad a' Ghàidhlig a chleachdadh a h-uile cothrom a gheibhear:**

People should try to use Gaelic as their first language if they speak it, even if not sure if the other person has Gaelic.

To go to Gaelic speaking and not have as much English.

Local Shawbost people, old and YOUNG, must speak Gaelic at every opportunity.

- **Cleachd i san dachaigh, gu h-àraidh leis a' chloinn:**

For Gaelic to survive it must be spoken in the home by parents to children

More 'fireside' Gaelic - conversational Gaelic in home.

Those who have Gaelic to use the language more at home.

Always speak Gaelic in the home to your children as was done when we were young. We learned English in school. So now we can speak both languages.

To provide real support to young parents. Gaelic parenting is a lonely task. How to do this in a modern world - I have no idea.

- **Barrachd cuideim air a' Ghàidhlig ann an obraichean:**

Make it accessible to workers.

Create more work where Gaelic is essential.

Employ more Gaelic speakers in shops and supermarkets.

- **Barrachd phrògraman Gàidhlig sna meadhanan:**

Media ie TV, radio and internet.

More programmes on the Gaelic channel.

More Gaelic media that has modern day subjects.

More Gaelic television, with interesting programmes.

Listening to Gaelic radio programmes encourages one to learn Gaelic terms, idioms and stories.

3.11. CO-DHÙNAIDHEAN

3.11.1. Taghadh Coimhearsnachd a tha Riochdachail

Chaidh iarraidh air an sgioba rannsachadh a dhèanamh air a' Ghàidhlig ann an coimhearsnachd far a bheil comas sa Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid (“where facility in Gaelic is dominant”). **Fhuair a-mach gu bheil e a cheart cho doirbh baile ainmeachadh a tha a' riochdachadh na tha a' tachairt ann am bailtean Gàidhlig eile is a tha e a bhith ag ainmeachadh dè th' ann am fileantachd an-diugh agus cò tha fileanta.** Shaoileadh gun robh gach baile eadar-dhealaichte ann an iomadh dòigh (ri linn diofar bhuidhean mar siubhal a dh'obair, foghlam bun-sgoil sa Ghàidhlig agus an ìre de dh'in-imrich), agus gum biodh na toraidhean eadar-dhealaichte gu ìre bheag no mhòr a rèir càite an robhas a' rannsachadh.

Bhathas an eisimeil air eòlas agus beachdan pearsanta eòlaichean cànanain ann an saoghal na Gàidhlig ann an Leòdhas agus aig Bòrd na Gàidhlig, agus rinneadh co-dhùnadh Siabost a thaghadh airson a' phìos rannsachaidh seo. Shaoileadh leis na h-eòlaichean gu bheil Siabost a cheart cho làidir a thaobh bruidhinn na Gàidhlig is a tha baile sam bith eile ann an Leòdhas, ach Nis, ach bha cuid eòlaichean teagmhach a bheil Nis idir cho làidir a thaobh bruidhinn na Gàidhlig ann an 2010 bhon a tha mòran dhaoine gun Gàidhlig air gluasad a-steach aig an aon àm is a tha òigridh air fàgail agus gu bheil seann dhaoine le Gàidhlig air caochladh. Nochd an aon mhì-chinnt ann an dà agallamh ann an Siabost, gun robh daoine am beachd, ged a bha Gàidhlig a' fàs nas laige ann an Siabost, gum feumar gun robh a' Ghàidhlig nas làidire ann an àite eile, **ged nach robhar an còmhnaidh cinnteach càite.** Tha feum air **fiosrachadh fada nas ùire** na an cunntas-sluaigh gach deich bliadhna airson planaichean leasachadh cànanain a staidheachadh; tha feum air **mion-sgrùdadh anns gach baile/sgìre air beachdan, comasan agus cleachdadh na Gàidhlig**, mus tèid aig coimhearsnachdan planaichean-cànanain seasmhach, earbsach a dhèanamh.

<p>Mar a mhol na Dauenhauers (1998), is e a bhith a' faighinn rannsachadh mionaideach, onarach air cleachdadh a' mhion-cànanain am prìomh ceum ann an iomairt ath-bheothachaidh cànanain.</p>
--

Thaghte Siabost. Shaoileadh gu bheil teaghlaichean òga ann an Siabost fhathast, gu bheil sgoil sa bhaile a tha a' tabhann FMG agus foghlam Gàidhlig ann an cuspairean aig ìre àrd-sgoile (S1 & S2), gu bheil obair anns a' mhuileann agus gun do chùm am muileann luchd-labhairt na Gàidhlig agus an teaghlaichean ann an obair roimhe, agus shaoileadh nach robh mòran in-imrich air a bhith ann. Cuideachd, bha Siabost ann an sgìre na h-Iomairt - pròiseact leasachadh cànanain a tha ga ruith le CnaG às leth agus còmhla ri buidhnean Gàidhlig BnG agus HIE. Shaoileadh leotha gur dòcha gum biodh an rannsachadh seo feumail.

Tha gach adhbhar gu h-àrd airson a bhith a' taghadh Shiaboist gu ìre mhòr glè cheart, mar a fhuair an sgioba rannsachaidh a-mach bho na toraidhean. Tha comasan àrda aig an t-sluagh ann an Siabost a thaobh tuigsinn agus bruidhinn na Gàidhlig gu fileanta. Ach tha na toraidhean a' sealltainn gu bheil an àrd-ìre de chomas sa Ghàidhlig fada nas bitheanta am measg dhaoine aois 50+, agus gu bheil sgaradh mòr ann an àireamhan, ìrean fileantachd agus cleachdadh na Gàidhlig eadar na daoine seo agus daoine nas òige; aig a' char as miosa, chan eil ach glè bheag dhen òigridh a' cur an cuid Gàidhlig gu feum, tha glè bheag dhiubh fileanta sa Ghàidhlig, agus le seo, chan eil an t-àm ri teachd a' coimhead ro mhath airson cleachdadh na Gàidhlig. Ged-thà, tha a' Ghàidhlig fhathast beò ann an Siabost, tha daoine ag iarraidh

gum bi Gàidhlig ann an Siabost san àm ri teachd; chan eil a dhith ach deasbad air dè dh'fheumadh atharrachadh agus tachairt gus am bi a' Ghàidhlig beò aig an ath ghinealach.

3.11.2. Dòighean-Obrach

Rinneadh co-dhùnadh cunntas slàn a dhèanamh ann an Siabost gus am biodh an luchd-rannsachaidh cinnteach gum bìte a' riochdachadh bheachdan a h-uile duine. Chuireadh earrannan sa cheisteachan-inbheach mu eachdraidh, comasan agus barail gach neach-labhairt agus chuireadh earrann a bharrachd ris a' cheisteachan mu chleachdadh na Gàidhlig. Dh'aithnich an sgioba, ged a bhiodh comasan agus barail glè mhath aig daoine air no anns a' Ghàidhlig, nach biodh seo ag innse càite a bheil Gàidhlig ga cur gu feum agus cò leis – ceistean a tha feumail do luchd-leasachaidh ionadail mar oifigearan coimhearsnachd agus oifigearan càinain.

Fhuair a-mach gun robh ùidh mhòr sa choimhearsnachd ann an ceisteachan no surbhaidh air Gàidhlig san sgìre. Thilleadh a' mhòr-chuid dhe na ceisteachain, agus thuirt muinntir Shiaboist gun robh e math gun robh ùidh aig na buidhnean Gàidhlig sna comasan agus beachdan aca agus ann an mar a tha iad a' cleachdadh na Gàidhlig. Dh'èirich a' cheist air dè bhathas am beachd dèanamh le na toraidhean, agus thog an rannsachadh ceistean sa choimhearsnachd mu na ghabhadh dèanamh leis na toraidhean. **Tha a' bhuidheann rannsachaidh gu mòr dhen bheachd gu bheil e cho ceart is iomchaidh is a ghabhas gum feuch Bòrd na Gàidhlig ri bruidhinn ris a' choimhearsnachd mu na ghabhadh dèanamh gu h-ionadail le na toraidhean.** Dh'fhaodadh na toraidhean a bhith feumail gus 1. deasbad a thogail air na tha daoine airson dèanamh gus Gàidhlig a neartachadh sa sgìre; 2. plana a thoirt ri chèile air na prìomhachasan leasachaidh agus na goireasan a tha a dhith gus na prìomhachasan leasachaidh a thoirt gu buil.

Thathas a' moladh gun coimhead buidhnean Gàidhlig ri bhith a' brosnachadh rannsachadh mionaideach ann an coimhearsnachdan, agus a bhith a' steidheachadh plana leasachadh càinain air na toraidhean sin. Chaidh planaichean leasachadh càinain sgìreil a mholadh cuideachd ann an aithisg Plana Càinain nan Eilean Siar (2004), ach cha deach na molaidhean a chur an sàs.

Ma thèid tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh ann an coimhearsnachdan eile, thathas a' moladh dòigh-obrach a shoirbhich le Plana Càinain nan Eilean Siar agus a shoirbhich uamhasach math anns an rannsachadh seo: **a' cleachdadh sgioba dhaoine òga le Gàidhlig bho thùs, le buntanas ris an sgìre, a tha math air bruidhinn ri daoine, agus a tha fosgailte gu diofar bheachdan:** is urrainn dhaibh a bhith ag obair mar sgioba luchd-leasachaidh coimhearsnachd/càinain, agus tha seo a' toirt brosnachadh do dhaoine sa bhad; dh'fheumadh iad a bhith ann airson **ùine fhada**, ma tha an obair sin gu bhith seasmhach. Cuideachd, ann an Siabost agus ann an iomadh coimhearsnachd eile sna h-Eileanan Siar, tha dith-dhaoineachadh a' fàgail nan coimhearsnachdan gun òigridh gu leòr sa bhaile gus rudan a dhèanamh gu saor-thoileach don choimhearsnachd; agus gu dearbh, tha an òigridh a th' ann an-dràsta buailteach falbh a Steòrnabhagh airson spòrs, seach a bhith a' fuireach sa choimhearsnachd agus a' dol an sàs ann an neartachadh beatha sòisealta na coimhearsnachd.

Tha e air leth feumail **eòlaiche bhon sgìre** a bhith an sàs sa sgioba, gus an obraichear a-mach ro-làimh ciamar a gheibhear an àireamh-fhreagairtean as fheàrr agus gus am bithear modhail, agus mothachail do mhodh, sa choimhearsnachd.

Chunnacas cuideachd, ged a bhiodh plana cànan aig buidheann phoblach a tha an sàs ann an Siabost, chan eil am plana sin ga chur an gnìomh cho math, gu maith na Gàidhlig, is a dh'fhaodadh. Chunnacas gun gabhadh barrachd a dhèanamh gus taic a chur ri bruidhinn/cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach ann an Siabost.

3.11.3. Feum air sgìrean Gàidhlig a shònrachadh?

Is dòcha gur e pàirt dhen duilgheadas a bhith a' togail structaran agus poileasaidhean agus siostaman-taice nach eil cinnt air càite a bheil na crìochan: dè na crìochan agus mìneachaidhean a bhiodh air 'coimhearsnachd le Gàidhlig' no 'coimhearsnachd Ghàidhlig', mar eisimpleir. Chan eil siostam an Alba a bhith a' sònrachadh coimhearsnachdan Gàidhlig, mar a tha ann an Èirinn, agus mar sin chan eil e cho soilleir don choimhearsnachd no do na buidhnean a dh'fhaodadh a bhith an sàs gu bheil aithneachadh na Gàidhlig ann, no gu bheil structar ann airson togail air le iarrtasan agus taic. Ghabhadh sònrachadh mar seo a chleachdadh airson a bhith a' cur poileasaidhean cànan is taic an sàs, airson a bhith a' dìon àrainneachd Ghàidhlig a tha 'cudromach', anns a bheil neartan prìseil, ach a tha cuideachd 'fragile'.

Nam bìte a' sònrachadh sgìrean Gàidhlig, no a' sònrachadh raointean cleachdaidh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan Gàidhlig, bhiodh cothrom ann cuideam a chur air a' mhion-cànan, gus a dìon agus a leasachadh.

3.11.4. Co-dhùnidhean bho agallamhan

Rinneadh grunn agallamhan le daoine a bha eòlach air Siabost, leasachadh na Gàidhlig agus leasachadh sa sgìre san fharsaingeachd. Sna h-agallamhan, bhathas a' sireadh cùl-eachdraidh airson toraidhean nan ceisteachain, agus airson seallaidhean a chuireadh ris an tuigse air na toraidhean eile. Cha b' urrainnear agallamhan gu leòr a dhèanamh a riochdaicheadh gach taobh dhen t-suidheachadh cànan agus cultair ann an Siabost, ach fhuair sealladh farsaing air suidheachadh na Gàidhlig an Siabost, a chuireas ri na h-àireamhan agus beachdan nas fhaide air adhart.

• Eachdraidh Shiaboist agus an suidheachadh cànan

Tha eachdraidh a' fàgail buaidh air coimhearsnachd agus cànan an-diugh. B' i a' Ghàidhlig am prìomh cànan aig muinntir Shiaboist, taobh a-muigh na sgoile, gus na 1960/70an, nuair a thòisich clann air a bhith a' cleachdadh barrachd Beurla, agus a' cleachdadh Beurla mar am prìomh cànan, gu sònraichte nam measg fhèin. **Mar sin, tha Beurla air a bhith fàs nas bitheanta mar cànan conaltraidh sa choimhearsnachd am measg òigridh airson còrr is 40 bliadhna (aig co-dhiù dà ghinealach de chloinn).** Leis a seo, tha fileantachd sa Ghàidhlig a' crìonadh, agus tha tar-chur cànan (Fishman 1991), bho fhileantachd sa mhion-cànan agus fhileantachd sa mhòr-cànan, a' dol gu fileantachd sa mhòr-cànan agus neo-fhileantachd sa mhion-chànan, gus nach bi Gàidhlig ann idir is dòcha. Bha daoine taiceil don Ghàidhlig sna barail cànan, ach mar a chithear gu h-ìosal, is dòcha aig cùl nam beachdan poblach seo agus am miann a bhith a' cumail Gàidhlig a' dol, tha cion-mhisneachd, eachdraidh de mhagadh agus beag-spèis dhan Ghàidhlig, reality gum feumar Beurla airson

obair is eile, agus mì-chinnt a bheil feum air a' Ghàidhlig an-diugh. Thathas a' bruidhinn air cuid dhe na còmhraidhean seo gu h-ìosal.

- **Obair agus a' Ghàidhlig**

Ann an cuimhne nan daoine as sine, bha muinntir Shiaboist a' tuigsinn gum feumadh iad Beurla a bhruidhinn gus obair fhaighinn air falbh, agus bha dùil aig a' mhòr-chuid gum biodh aca ri falbh airson obair. Mar a thuirt bodach: "Dè feum a bhith ag ionnsachadh sin [Gàidhlig] nuair nach eil daoine a' dol a dh'fhaighinn càil às?" Faodar a ràdh le tomhas de chinnt gu bheil **an aon suidheachadh agus teachdaireachd os-ìosal ann fhathast** don mhòr-chuid dhen òigridh: **feumaidh òigridh Beurla, agus feumaidh a' mhòr-chuid falbh à Siabost airson obair – obair tro mheadhan na Beurla - fhaighinn.** An-diugh, fiù's ma dh'fuiricheas iad ann an Siabost, is iad **sgilean labhairt sa Bheurla a dh'fheumas iad** airson obair fhaighinn aig Consumer Direct, am fastaichear as motha ann an Siabost. Far an robh Gàidhlig làidir san àite-obrach, **chan eil poileasaidhean cànan a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig luchd-fastaidh fhathast** (ach sa Sgoil, an lùib FMG).

Anns na ceisteachain, agus ann an agallamhan, nochd an aon seòrsa beachd, **nach robh feum agad air Gàidhlig airson obair fhaighinn, nach robh e soilleir gum faigheadh tu air adhart sna h-Eileanan nad obair ma tha Gàidhlig agad, agus bha iad am beachd gun robh e mì-laghail a bhith ag ràdh, airson an obair fhaighinn, gun robh comasan sa Ghàidhlig riatanach.** Tha cruaidh fheum air soillearachadh air a' bheachd seo oir chan eil miann aig luchd-fastaidh an lagh a bhriseadh, agus **chan eil luchd-obrach airson a bhith a' putadh na Gàidhlig gun taic bho bheachdan soilleir agus brosnachail bho bhuidhnean taic-eaconomach, gun taic bho structaran, bho poileasaidhean agus bhon lagh, agus gun eisimpleirean agus taic ann a bhith a' cur poileasaidh, trèanadh agus siostam luachaidh an sàs san àite-obrach.**

Cha robh Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach ann an obair duine sam bith ach aig 7% de mhuinntir Shiaboist, ged a sgrìobh 36% gun robh Gàidhlig cudromach san obair aca. **Bu chòir aithne a thoirt do chudromachd na Gàidhlig le bhith ga h-ainmeachadh mar sgil cudromach/riatanach ann an obraichean. Bu chòir bruidhinn ri luchd-fastaidh feuch a bheil dòigh ann air seo a chur an sàs.**

Bha e coltach cuideachd gun robh fileantaich a' faireachdainn mì-chomhairtail a' Ghàidhlig a chleachdadh aig obair, gu h-àraidh ann an obraichean neo-thraidiseanta far am bithear a' cleachdadh fhaclan agus dhòighean-smaoineachaidh spèisealta ann am Beurla; tha feum air trèanadh air faclan agus dòighean air Gàidhlig a chleachdadh ann an dòighean ùra [chaidh seo an aghaidh na shaoil daoine san rannsachadh air barail cànan, far an do chuir iad an aghaidh a' bheachd nach robh Gàidhlig a' buntainn ris an latha an-diugh agus an aghaidh a' bheachd gur e cànan chroitèaran a th'innte]. Bha cuid a' faireachdainn nach robh a' Ghàidhlig aca, le Beurla na measg, math gu leòr, agus bha seo a' toirt air falbh bhon mhisneachd aca a bhith ga cleachdadh. Nochd fiù's mì-chinnt agus cion-mhisneachd am measg fileantaich nach eilear a' tuigsinn a h-uile facal a th'aig fileantach eile à eilean eile. Sna barail cànan ged-thà thuirt daoine gun robh Gàidhlig freagarrach dhan t-saoghal an latha an-diugh agus bha taic ann gum biodh Gàidhlig mar sgil aig luchd-obrach ann an sgìrean Gàidhlig.

Tha feum air togail mothachadh gu comasan sa Ghàidhlig san àite-obrach agus tha feum air trèanadh gus am faighear misneachd ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig anns gach suidheachadh.

Bha cuid ag ràdh nach robh iad cinnteach am b' urrainnear Gàidhlig a bhruidhinn san àite-obrach no cò leis am b' urrainnear Gàidhlig a bhruidhinn. Bhathas cuideachd draghail gun robh e mì-mhodhail a' Ghàidhlig a bhruidhinn san àite-obrach ma bha daoine ann nach robh ga bruidhinn no nach robh comasach air a bruidhinn, agus bhathas a' tuigsinn gun robh seo a' toirt làmh an uachdair do bhruidhinn na Beurla. Le taic agus soillearachadh bhon luchd-fastaidh agus buidhnean Gàidhlig air, bha daoine deònach beachdachadh air barrachd Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach.

Chaidh a ràdh le luchd-fastaidh ann an Steòrnabhagh, aig an robh dleasan airson Gàidhlig a chleachdadh aig obair, gun robh e air leth doirbh daoine le Gàidhlig agus le sgilean leasachaidh a lorg. Ach chaidh a ràdh cuideachd gun gabhadh tòrr a bharrachd sanasachd de chothroman obrach sa Ghàidhlig do m.e. phàrantan le clann a dh'fhaodadh FMG a thaghadh. Chaidh a ràdh cuideachd gun robh feum air Gàidhlig a bhrosnachadh le bhith a' sealltainn do dhaoine gu bheil **buannachdan ann** a bhith ga cleachdadh: gum faighte **cothroman cosnaidh**, cho math ri pròis sa chànan agus sa chultar. Bha cuid am beachd gum bu chòir **cothroman cosnaidh a bhith dlùth-cheangailte ri bhith a' reic FMG** do phàrantan agus don chloinn. Dh'fheumadh an iomairt sin ged-thà a bhith air a staidheachadh air **Gàidhlig a bhith ann an obraichean sa chumantas** sna h-Eileanan, oir cha bhiodh a h-uile duine ag iarraidh a bhith ag obair aig buidheann leasachadh na Gàidhlig. Bha beachd làidir aig muinntir Shiaboist gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig daoine a tha ag obair sa roinn phoblaich ann an sgìrean Gàidhlig. Tha an luchd-rannsachaidh a' moladh gu mòr gum bu biodh e fada nas fheàrr do choimhearsnachdan le Gàidhlig aig nach eil taghadh de dh'obraichean aig an taigh nam biodh obraichean leasachadh na Gàidhlig nas trice sna sgìrean far a bheil Gàidhlig fhathast ga bruidhinn, seach sna bailtean air tìr-mòr no fiù's sna h-eileanan, ach far a bheil Beurla na mòr-cànan.

Chaidh a mholadh cuideachd gun robh feum air **barrachd sanasachd air Gàidhlig mar cànan a tha freagarrach anns a h-uile raon obrach agus dhan a h-uile seòrsa duine**; bha a' mhòr-chuid a' cur taic ris na beachdan seo san rannsachadh air barail cànan. Tha daoine ann an Siabost, agus tha fios sna bailtean eile air an dùthaich sna h-Eileanan fhathast a' faireachdainn nach robh a' Ghàidhlig na bhuanachd a thaobh spèis dhaoine eile sna bailtean, agus thugadh iomradh air daoine a' magadh air 'maws/townies'; ach bha cuid am beachd gu bheil seo ag atharrachadh ri linn margaideachd air an TV.

- **Atharrachadh cleachdaidhean cànan**

Chaidh a ràdh le mòran gun robh an cànan a bha iad a' bruidhinn ri daoine eile mar '**cleachdadh**' agus gu bheil e **doirbh an cleachdadh sin atharrachadh**, agus nach robhar cinnteach **am biodh misneachd** aca seo a dhèanamh, no **ciamar a dhèanadh iad seo**. Bhathas a' faireachdainn gu làidir gur ann aig daoine nas sine a tha a' Ghàidhlig, no a' Ghàidhlig as fheàrr, agus ged a bhiodh na daoine seo nan goireas cànan don òigridh no do dhaoine eile, bhathar am beachd **nach robh na fileantaich as sine seo airson a bhith a' nàireachadh na h-òigridh**; agus gu dearbh, cha robh **seann dhaoine airson a bhith 'seann-fhasanta' agus eu-comasach air cumail suas ri òigridh** a thaobh fasan cànan. Thuirt fileantach, a bha na deich air fhicheadan, bho nach robh dùil aice gum biodh Gàidhlig aig òigridh, cha bhiodh i ga cleachdadh leatha ach leis a' chloinn aice fhèin no le eòlaichean òga eile le Gàidhlig. Dh'fheumte bruidhinn air cleachdaidhean cànan, misneachd, agus

eisimpleirean air atharrachadh cànan pearsanta, agus air atharrachadh cànan coimhearsnachd le daoine dhe gach aoise.

Mar sin, tha dùil aig daoine nach eil e iomchaidh Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach, le òigridh, le daoine nach aithne dhaibh, aig coinneamhan – gu h-àraidh far nach eil Gàidhlig aig a h-uile duine no far nach eil iad eòlach air a h-uile duine. Ach le plana cànan ionadal agus taic bhon t-sluagh no bho bhuidhnean spèisealta mar phàrantan cloinne eile no le co-obraichean, b' urrainnear bruidhinn air dòighean air atharraichean cànan a chur an gnìomh.

- **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig**

Do chuid phàrantan, bha e cudromach dhaibh gum faigheadh a' chlann aca cothrom nach d'fhuair iad fhèin: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a thòisich ann an Siabost o chionn sia air fhicead bliadhna, ann an 1984. Bha iad an dòchas gun cuidicheadh an sgoil a' chlann gu bhith a' ruigsinn fileantachd sa Ghàidhlig, agus gun cleachdadh a' chlann seo Gàidhlig taobh a-muigh a' chlas (rud nach do rinn na pàrantan). Bha na pàrantan ris an deach bruidhinn mothachail agus a' faireachdainn duilich nach eil a' chlann ann am FMG a' bruidhinn na Gàidhlig taobh a-muigh a' chlas. Shaoil aon phàrant nach robh FMG a' dèanamh cron dhan chloinn, agus gun robh iad a' faighinn cothroman a bharrachd mar ceòl. Dh'èirich a' cheist a bheileas a' reic buannachdan FMG – m.e. cothroman obrach – gu pàrantan, agus tha ceist eile ag èirigh: a bheil e math gu leòr dìreach gun smaoinich pàrantan nach dèan foghlam FMG cron air a' chloinn? Tha ceist ann a bheil na h-argamaidean airson FMG làidir gu leòr. Ged a tha tidsearan a' smaoinichadh gun do shoirbhich cùisean le clann FMG agus gun do rinn a' chlann glè mhath dhaibh fhèin, a bheil na teachdaireachdan seo air buannachdan FMG làidir gu leòr agus gan daingneachadh do phàrantan eile a b' urrainn clann a chur gu FMG?

Bha na tidsearan mothachail air mar a tha an àireamh sluaigh a' dol sìos, mar nach eil mòran cloinne gam breith sa sgìre, agus bhathas a' faicinn gur dòcha gum biodh sgoiltean beaga eile timcheall a' dùnadh agus a' cur an cuid chloinne gu Siabost; ach fiù's le sin, aig toiseach 2010 cha robh pàiste sam bith gu bhith ann am Prìomh 1 ann an 2010-11.

Shaoil aon pàrant gur dòcha gu bheil cuid phàrantan draghail nach urrainn dhaibh a' chlann aca a chuideachadh le obair dachaidh.

- **Aig an taigh**

Shaoil an aon phàrant nach robh an suidheachadh cleachdadh cànan san dachaidh soirbh mura bi Gàidhlig aig an dithis phàrant, agus cha robh e soilleir dhan neach seo ciamar a b' urrainn dèiligeadh gu cunbhalach le cleachdaidhean cànan eadar gach pàrant agus am pàiste agus am biodh am pàiste gu tur dà-chànanach. Bha e soilleir gu bheil feum air comhairle agus taic do na pàrantan seo, mar eisimpleir le bhith a' leantainn eisimpleirean bho dhùthchannan eile far a bheil cunbhalachd ann am bruidhinn na mion-cànan eadar pàrant agus pàiste, agus gu sònraichte eadar màthair agus pàiste, fìor chudromach gu tar-chur mion-cànan (Jones & Morris 2008). Sheall Jones agus Morris gu bheil grunn factaran eile a' bualadh air tar-chur mion-cànan eadar pàrant agus pàiste, agus ghabhadh na h-eisimpleirean seo a dheasbad le pàrantan.

Shaoil mòran ann an Siabost gur e seo aon dhe na prìomh rudan a ghabhadh dèanamh airson Gàidhlig a leasachadh ann an Siabost: a' togail cloinne san dachaigh le Gàidhlig. Chunnacas

sna toraidhean gu h-àrd gun do thòisich mòran phàrantan le Gàidhlig mar prìomh cànan an leanaibh, ach chaidh iad gu bhith a' cleachdadh barrachd Beurla, mar a rinn seann-phàrantan, mar a bu shine a dh'fhàs am pàiste. Mar sin, tha beachd agus iarrtas ann an Siabost gun tog pàrantan a' chlann aca tro mheadhan na Gàidhlig; ach tha feum air taic, modalan, agus eisimpleirean air dòighean air dèiligeadh ri atharrachadh cànan nach eileas ag iarraidh, a b' urrainn do luchd-leasachaidh a bhith ag obair air le pàrantan agus teaghlach eile.

Thuirte cuid luchd-agallaimh gun robhas gu mòr ag iarraidh gum bi a' chlann dà-chànanach, nach robhas a' faicinn gun robh e ciallach a bhith ag iarraidh a' chaochladh, agus shaoil an luchd-rannsachaidh gun do thog seo a' cheist ciamar a thathas **a' tuigsinn dà-chànanas**, agus a bheil **modalan** ann a tha a' freagairt cheistean air ciamar a gheibh pàiste gu fileantachd ann am mion-cànan cho math ri anns a' mhòr-chànan? Sheall an rannsachadh ann an Siabost gun robh a' mhòr-chuid de phàrantan a bha air an togail leis an aon uiread de Bheurla ri Gàidhlig air a bhith a' cur an cuid chloinne gu foghlam sa Bheurla. Thog seo a' cheist do luchd-rannsachaidh, an robh na pàrantan air misneachd a chall san luach aig a' Ghàidhlig, le bhith air an togail san dà chànan chun na h-aon ìre? Tha a' cheist eo ag iarraidh rannsachadh mionaideach, oir an-dràsta, chan eil dà-chànanas ag obair am measg cloinne, oir chan eil a' mhòr-chuid dhiubh fileanta ach sa Bheurla.

Airson cuid luchd-agallaimh, thuirte iad gum b' fheàrr leotha gun robh iad air feuchainn nas cruaidhe a' Ghàidhlig a-mhàin/ as trice a chumail ris an cuid chloinne; agus tha seo coltach ri toraidhean rannsachaidh ann an Gaeltachta Òrainn, rannsachadh a chaidh a dhèanamh le pàrantan a bha ag iarraidh gum biodh a' chlann aca dà-chànanach. (O hlfearnain 2010)

Ma dh'fhaoidte gu bheil ceistean a' togail ceann ron bhun-sgoil mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha a' chlann a' faighinn an dà chànan sa chròileagan, bhon a chaidh cròileagan Beurla agus cròileagan Gàidhlig a chur còmhla air sgath àireamhan ìosal sa Bheurla. Ann an suidheachadh mion-cànan agus pàiste ro-sgoil, tha ceist ann **ciamar a chuidicheas bruidhinn an dà chànan sa chròileagan sàr-fhileantachd na cloinne sa Ghàidhlig?** A-rithist, san t-suidheachadh seo, chithear nach eilear sa choimhearsnachd a' faicinn dòigh airson Gàidhlig agus is dòcha mion-sluagh a bhith a' faighinn prìomhachas air meadhan conaltraidh a h-uile duine: Beurla. Aig a' cheart àm, bu chòir ainmeachadh gun do thog cuid fhileantaich ann an còmhradhean gun robhar draghail agus an aghaidh Beurla a bhith air a cleachdadh sa chròileagan Gàidhlig, agus thugadh iomradh air cleasan airson a bhith a' lùghdachadh an uiread de Bheurla a thathas a' cleachdadh.

- **Gàidhlig mar phrìomhachas leasachaidh sa sgìre?**

Thathas am beachd gun do thog an rannsachadh, le bhith a' gnogadh air dorsan, ùidh sa Ghàidhlig agus gun tug e air cuid co-dhiù tòiseachadh air beachdachadh gun gabh coimhead ri an gabh rudan dèanamh fhathast airson Gàidhlig a bhith aig an ath ghinealaich agus Gàidhlig a bhith air a cleachdadh gu tric sa choimhearsnachd. Cha deach ceist na Gàidhlig a thogail mar seo mar uallach agus goireas coimhearsnachd, a tha a' tarraing air a h-uile duine, riamh roimhe. Gus an do thòisich FMG, is dòcha nach robh brosnachadh bruidhinn na Gàidhlig na chuspair leasachaidh làn-coimhearsnachd. Thuirteadh, ged a chaidh deasbad a chumail o chionn beagan bhliadhnaichean air prìomhachasan leasachaidh air an taobh siar, cha do thog duine ceist leasachadh na Gàidhlig. Tha cothrom ann bruidhinn ris a' choimhearsnachd gu lèir mun Ghàidhlig mar chuspair a tha cudromach don sgìre gu lèir,

seach dìreach don òigridh sa sgoil. Dh'fheumte bruidhinn air na ghabhadh dèanamh, air amasan, agus air dòighean air na h-amasan a ruigsinn agus adhartas a mheasadh.

Chaidh agallamhan an cumail cuideachd mu Shiabost agus mun sgìre mar choimhearsnachd a thàinig còmhla gus pròiseactan a thoirt gu buil roimhe; agus chaidh coimhead air mar a bha daoine a' gabhail cothrom air tighinn còmhla airson spòrs, cur-seachadan agus pròiseactan eile (nam measg, am pròiseact Iomairt). Chaidh seo a dhèanamh gus faighinn a-mach mu chomas, no 'capacity', a bhith a' tighinn còmhla gus a bhith a' leasachadh na Gàidhlig. Fhuair a-mach gu bheil Siabost air cliù fhaighinn airson an ìre co-obrachaidh sa sgìre, agus gun robhar air a bhith soirbheachail roimhe ann a bhith a' leasachadh rudan sa choimhearsnachd; gu dearbh, fhad's a bha an rannsachadh a' dol, bha an Horshadder Community Development Project soirbheachail ann a bhith a' faighinn taic-airgid gus leasachaidhean a thoirt air adhart. Mar sin, shaoil daoine gum biodh comasan leasachaidh, agus eòlas air a bhith soirbheachail, ri lorg anns an t-sluagh; agus shaoil iad, eadar eachdraidh co-obrachadh air a' mhòine, air obair croite agus obair an iasgaich, agus leis a' cho-obrachadh ann a bhith a' togail airgid airson cathranais agus airson Ionad na Seann Sgoil is eile, gun robh **fianais gu leòr ann air toil a bhith a' co-obrachadh**. B' e an aon duilgheadas a chunnaic neach-agallaimh **nach robh mòran òigridh ann** airson dleastanasan leasachaidh a ghabhail os làimh, gus leasachaidhean Gàidhlig **a dhèanamh seasmhach** san àm ri teachd.

- **Goireasan a ghabhadh cleachdadh?**

Chaidh coimhead cuideachd air goireasan sa choimhearsnachd a dh'fhaodadh a bhith feumail mar àite coinneachaidh airson buidhnean Gàidhlig, agus bha iad seo nam pailteas, eadar Ionad na Seann Sgoil agus Sgoil Shiaboist.

- **Luchd-iomairt?**

Chaidh bruidhinn ri daoine aig an robh cothrom a bhith a' brosnachadh poileasaidh agus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd, mar eisimpleir chaidh bruidhinn ris a' mhinistear, ri ceannard na sgoile, ris a' mhanaidsear de leasachadh coimhearsnachd san sgìre, ri comhairliche a tha a' fuireach an Siabost, agus ri duine a bha na chomhairliche agus a tha air diofar chomataidhean an-diugh. Bha a h-uile duine deònach tuilleadh smaoinichidh a dhèanamh air leasachadh na Gàidhlig an Siabost, agus mar thoiseach tòiseachaidh, bhiodh iad cuideachail ann a bhith a' brosnachadh iomairt Gàidhlig. Bhiodh e air leth math togail air na tha Iomairt air dèanamh le cuid sgoilearan, ach dh'fheumte plana leasachaidh a bha a' dèiligeadh ri Siabost, agus an sgìre timcheall gu ìre, mar choimhearsnachd shlàn, le diofar dhaoine agus le diofar fheumalachdan.

3.11.5. Toraidhean nan Ceisteachan

Ann an sgrùdadh air toraidhean nan ceisteachan a leanas, bithear a' tarraing air na puingeannan as cudromaiche (faicibh na caiblean fa leth airson mion-sgrùdadh nan toraidhean).

Tha na toraidhean earbsach agus riochdachail

Chaidh **cunntas slàn** a dhèanamh air gach taigh agus leis a h-uile duine a tha a' fuireach an Siabost air comas agus barail cànanain ann an Siabost a Tuath, Siabost a Deas agus Pàirc Shiaboist, Leòdhas. Chaidh trì ceisteachain a sgaoileadh agus fhuair eadh àireamh anabarrach àrd de cheisteachain air ais. Uile gu lèir, fhuair eadh na leanas:

- **Ceisteachan A (gach taigh): 99% (160/161)**
- **Ceisteachan B (gach inbheach): 82% (254/308)**
- **Ceisteachan C (gach pàiste fo 16): 66% (45/68)**

Rinneadh pìorramaid air aoisean agus gnè slugh Shiaboist gu lèir, agus rinneadh pìorramaid eile stèidhichte air freagairtean ceisteachain B agus C; bha iad cha mhòr an aon rud, a' dearbhadh gu bheil toraidhean nan ceisteachain nan sgàthan air an t-sluagh gu lèir.

Ann an co-dhùnadh, bha na toraidhean **riochdachail** dhe na comasan cànanain, profile agus barail cànanain aig muinntir Shiaboist.

Deagh spiorad co-obrachaidh sa choimhearsnachd airson deasbad a thogail air leasachadh na Gàidhlig an Siabost

Tha an sgioba-rannsachaidh am beachd gu bheil an àireamh àrd de fhreagairtean a' sealltainn gun robh ùidh mhòr sa chuspair ann an Siabost, agus gun robh ìre glè àrd de chom-pàirteachas agus de dhèidh ann an Siabost a bhith a' cuideachadh leis a' phròiseact – co-obrachadh a tha a' fàgail Siabost le cliù gu h-ionadal agus le buidhnean poblach airson spiorad co-obrachaidh sa choimhearsnachd. Chaidh am beachd seo a dhaingneachadh le neach-obrach ann an Leasachadh Coimhearsnachd aig CnES agus le eòlaichean leasachaidh sa choimhearsnachd fhèin.

Moladh: Thathas am beachd gu bheil e a' ciallachadh gu bheil 'capacity' ann an Siabost airson leasachaidhean sa choimhearsnachd. Tha cothrom ann a bhith a' togail air na toraidhean bhon rannsachadh seo le deasbadaidh air leasachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd, a' tarraing air an spiorad co-obrachaidh agus an ùidh mhòr ann an ceist na Gàidhlig.

Tha an sluagh a' crìonadh, agus a' fàs nas sine

Tha an sluagh a' fàs nas sine ('an ageing population') agus tha an àireamh sluaigh a' dol sìos:

- bhon Chunntas-Sluaigh 2001, tha an àireamh sluaigh 15% nas ìsle an-diugh; agus tha an àireamh de dhachaighean ('households') 14% nas ìsle (sìos bho 173 gu 161).
- tha 75% os cionn 34 bliadhna a dh'aois, agus is ann am measg an 75% seo a tha fileantachd sa Ghàidhlig as bitheanta.

- tha faisg air 10% (16) dhe na taighean ann an Siabost nan taighean-samhraidh an-diugh.
- chan eil ach 9.5% dhen t-sluagh eadar 16-34 bliadhnaichean a dh'aois, agus mar as trice, is iad seo na h-aoisean aig am bi clann aig daoine. Tha seo coltach ri 'demographic time bomb'.

Moladh: tha feum air coimhead air ciamar as fheàrr as urrainn òigridh Shiaboist a bhrosnachadh gus fuireach ann, agus òigridh eile le Gàidhlig a thàladh ann, gus am bi Siabost 'seasmhach' san àm ri teachd – is e sin, ciamar as urrainn an cumail ann an obraichean, dachaighean agus coimhearsnachdan cànan sa choimhearsnachd a neartaicheas Siabost san àm ri teachd.

Buinidh a' mhòr-chuid de mhuinntir Shiaboist, 86%, do Shiabost fhèin no do Leòdhas

Chan eil in-imrich bho àiteachan eile taobh a-muigh nan Eilean Siar air a bhith cumanta ann an Siabost: buinidh 86% dhen t-sluagh gu lèir ann an Siabost gu Siabost fhèin, no gu àiteachan eile ann an Leòdhas [faicibh tuilleadh toraidhean airson Inbhich, fodha, airson mion-sgrùdadh air cò às a thàinig in-imrichean taobh a-mach nan eilean].

Ann an còmhraidhean agus ann an aon agallamh, bha daoine a' saoilinn gun robh mòran 'incomers' air a bhith ann, agus gun robh buaidh aig na daoine ùra air gluasad cànan bho Ghàidhlig gu Beurla; ach is dòcha nach eil am mothachadh seo buileach ceart bhon is ann à Leòdhas fhèin a thàinig a' mhòr-chuid de dh'in-imrichean.

Chithear sna toraidhean fo **Inbhich**, fodha, gu bheil beagan sgilean cànan sa Ghàidhlig aig an dàrna leth dhe na daoine a ghluais a Shiabost.

Molaidhean: tha feum air deasbad an Siabost air na figearan seo agus air beachdan dhaoine air na sgilean cànan aig daoine a chaidh a dh'fhuireach ann an Siabost. Chitheadh muinntir Shiaboist nach e dìreach atharrachadh sluaigh agus atharrachadh cànan bho muigh, air nach eil smachd aca, a th'air a bhith a' tachairt, agus gu bheil an smachd airson a bhith ag atharrachadh rudan, mar cànan, nan làmhan fhèin, gu pearsanta agus mar baile Shiaboist.

Cuideachd, tha feum air prògram de chlasaichean/dòighean ionnsachaidh, agus air brosnachadh a bhith ag ionnsachadh, airson daoine a bhuineas do Shiabost, agus cuideachd do dhaoine a ghluais a Shiabost.

Chan i a' Ghàidhlig prìomh cànan an dachaigh tuilleadh airson daoine nas òige na 50 bliadhna a dh'aois

- Tha 57% dhe na dachaighean ('households') a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin no a' Ghàidhlig mar as trice mar cànan an dachaigh; ach nuair a rinneadh tuilleadh sgrùdaidh air seo, cha robh ach aon duine no dithis anns na dachaighean seo (le Gàidhlig mar prìomh cànan an dachaigh); agus is e daoine nas sine a tha sa mhòr-chuid dhiubh.
- Far a bheil triùir san dachaigh, tha barrachd seans ann gun cleachd iad Gàidhlig a-mhàin/mar as trice na ann an dachaighean le ceathrar, còignear no sianar; ach fhathast, ann an dachaighean le triùir, tha barrachd a' cleachdadh na Beurla mar as trice/a-mhàin na tha a' cleachdadh na Gàidhlig as trice/a-mhàin.

Moladh: bhiodh e cudromach na toraidhean seo a thaisbeanadh do mhuinntir Shiaboist, gum bithear a' togail mothachadh, le dearbhadh bhon rannsachadh, air na tha a' tachairt; dh'fhaodadh seo a bhith mar toiseach tòiseachaidh air meòrachadh agus brosnachadh/taic do dhachaighean air a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice.

Bhiodh feum air, mar eisimpleir, fiosrachadh, eisimpleirean, agus fòraman deasbaid air loidhne/fòn air duilgheadasan iomairtean cànan teaghlaich/pearsanta, agus fuasglaidhean.

Dh'fhaodar coimhead air ciamar a chuireadh fhileantaich ann an dachaighean aon duine no dithis barrachd taic do dhachaighean le teaghlaichean tro sgeamaichean-taice, mar 'caraidean-cànain'. Dh'fhaodar bruidhinn, agus eisimpleirean a thoirt seachad, air sgeamaichean cànan teaghlaich.

Bhiodh e inntinneach agus feumail barrachd rannsachaidh a dhèanamh air carson a tha barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an dachaighean le triùir seach le àireamh nas àirde. Ma dh'fhaoidte gu bheil diofar aoisean agus barrachd bheachdan san dachaigh a' dol an aghaidh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice.

Tha fileantachd sa Ghàidhlig, aig a' mhòr-chuid dhen bhuidhinn-aoise, ri lorg, san fharsaingeachd, am measg dhaoine a tha nas sine na 50

Rinneadh sgrùdadh air na buidhnean aoise far a bheil Ghàidhlig fhileanta aig còrr is 50% dhen bhuidhinn sin, agus bha seo ri lorg am measg dhaoine aois 50 agus nas sine. Ged-thà, tha Gàidhlig fhileanta ri lorg aig 49% de dhaoine aois 35-49, aig 38% de dhaoine aois 25-34, aig 45% de dh' òigridh aois 6-11, agus aig 50% de chlann eadar 4-5.

Tha a' Ghàidhlig lag aig na buidhnean aoise seo: 0-3 (22.2%); 12-15 (23%), agus 16-24 (13%) [bu chòir cuimhneachadh nach bu chòir a bhith an dùil ri àrd-chomasan ann an cànan sam bith airson clann aois 0-3].

San fharsaingeachd, tha clann a' bruidhinn Beurla nas cumanta na tha iad a' bruidhinn Gàidhlig fhileanta.

*Molaidhean: Tha feum air coimhead air ciamar a b' urrainn taic a chumail ri daoine le sgilean cànan sa Ghàidhlig aig gach buidheann aoise, le bhith a' brosnachadh chothroman a bhith a' cleachdadh Gàidhlig nam measg fhèin (a' leudachadh air na tha **Iomairt** a' dèanamh le buidheann aois bheag, dhan a h-uile aois, ach is dòcha gu sònraichte daoine nas òige na 50).*

Dh'fheumadh iomairtean mar seo a bhith a' togail cheanglaichean-cànain agus -comais eadar nam buidhnean aoise cuideachd: dh'fhaodar coimhead air sgeama 'caraid cànan' ann an dachaighean san teaghlach, agus taobh a-muigh an teaghlaich, agus a bhith a' coimhead air sgeama taic le airgead.

Chan eil tar-chur cànan (a' Ghàidhlig) a' soirbheachadh am measg na h-òigridh
--

A' cleachdadh nan slatan-tomhais fileantachd cànan aig a' bhuidhinn rannsachaidh, chan eil ach 23% (cha mhòr aon duine às gach ceathrar) de chlann eadar 12-15 fhileanta ann an Gàidhlig, agus chan eil ach 13%, aon duine às gach seachdnar, fhileanta a tha aois 16-24. Chan eil tar-chur cànan eadar nan ginealachdan air a bhith soirbheachail leis a' chloinn seo. Agus

nì seo tar-chur cànan eadar nan ginealachdan dhen Ghàidhlig san àm ri teachd air leth doirbh.

Molaidhean: Le clann aois 0-3, dh'fhaodadh luchd-tadhal dhachannan le eòlas air m.e. foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus daoine san teaghlach le Gàidhlig fhileanta, a bhith a' cur taic ri pàrantan na cloinne seo.

*Le clann aoisean 12-15, dh'fhaodar taic a chumail ri pròiseact **Iomairt** le cur-seachdan sa Ghàidhlig airson clann; ach cuideachd tha feum air coimhead a-rithist air carson a thathas am beachd clann S1 agus S2 ann an Sgoil Shiaboist, a tha a' faighinn còig cuspairean sa Ghàidhlig, a chur a Steòrnabagh, far nach Gàidhlig làidir sa sgoil no sa choimhearsnachd.*

Tha a' Bheurla fada nas bitheanta na a' Ghàidhlig am measg dhaoine fo 35 bliadhna a dh'aois

Tha an rannsachadh a' sealltainn gu bheil barrachd Beurla na fileantachd sa Ghàidhlig aig òigridh fo 35 bliadhna a dh'aois.

Molaidhean: Dh'fheumadh barrachd chothroman cleachdaidh agus ionnsachaidh, agus soillearachadh ideòlach a thaobh cleachdadh cànan, a bhith ann airson cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, agus sa choimhearsnachd.

B' urrainn, a' cleachdadh nan toraidhean air cleachdadh Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean ann an Siabost, barrachd mothachaidh, barrachd brosnachaidh, agus barrachd daingneachaidh a dhèanamh le Gàidhlig mar am prìomh cànan a bu chòir a bhith a' cleachdadh agus a bhrosnachadh, san dachaigh agus gu poblach.

Toraidhean airson Inbhich aois 16+

Buntanas agus àite-togail

Buinidh 84% de dh'inbhich gu Siabost no dha na h-Eileanan Siar

Buinidh 55.5% de dh'inbhich ann an Siabost ri Siabost fhèin; buinidh an còrr, 45%, dha àiteachan eile, ach dhiubh seo, buinidh a' mhòr-chuid do Leòdhas. [N.B. Rugadh agus thogadh cha mhòr a h-uile pàiste ri Siabost, agus tha seo ag àrdachadh an ceudad fo Chodhùnadh 4, gu h-àrd].

Mar sin, ann an Siabost, **buinidh 84% de dh'inbhich gu Siabost, no dha na h-Eileanan Siar**. Buinidh an còrr do na leanas:

10% = àiteachan eile ann an Alba; 5% = Sasainn; 1% = àiteachan eile.

Dhe na daoine a bha air gluasad a Shiabost, rinn **aon duine às gach triùir imrich ann eadar 2000-10**. Anns na trì deicheadan ron seo, rinn nas lugha na 20 inbhich gach deich bliadhna imrich a Shiabost. Buinidh a' mhòr-chuid dhe na h-in-imrichean a Leòdhas.

Comasan Cànan aig Inbhich Shiaboist

Dh'iarradh air inbhich Shiaboist **iad fhèin a mheasadh**, a thaobh fileantachd sa Ghàidhlig ann an tuigsinn, bruidhinn, sgrìobhaidh agus leughaidh.

- **Tuigsinn na Gàidhlig gu fileanta**

Tha 73% de dh'inbhich a' tuigsinn na Gàidhlig gu fileanta

- **Bruidhinn na Gàidhlig gu fileanta**

Tha 66% de dh'inbhich a' bruidhinn na Gàidhlig gu fileanta, ach tha an fhileantachd am measg dhaoine aois 50+ cha mhòr dà uiread nas motha na am measg dhaoine aois 16-49

Bha 66% de dh'fhileantaich fileanta (cf. sa chunntas-sluaigh ann an 2001, bha 72% fileanta, ach air an làimh eile, cha deach an aon cheist air fileantachd a chleachdadh ann an 2001 is a chaidh a chleachdadh san rannsachadh seo).

Nuair a rinneadh coimeas eadar aois agus fileantachd, fhuaras a-mach gun robh

Aoisean 16-49: 42% fileanta

Aoisean 50+: 75% fileanta.

Chunnacas pàtran eile:

Tha gluasad cànan ri fhaicinn, bho fhileantachd sa Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid de dhaoine aois 50+, gu suidheachadh far a bheil e nas cumanta am measg dhaoine eadar 16-49 gu bheil 'beagan Gàidhlig' aca.

Bha an àireamh de dhaoine os cionn 50 agus eadar 16-49 gun Ghàidhlig idir no le glè bheag dhi cha mhòr an aon rud.

- **Leughadh na Gàidhlig gu fileanta**

Bha 64% fileanta ann a bhith a' leughadh na Gàidhlig

- **Sgrìobhadh na Gàidhlig gu fileanta**

Bha fileantachd ann an sgrìobhadh na Gàidhlig ìosal, aig dìreach 21% de dh'inbhich

Bha 21% fileanta gu sgrìobhadh na Gàidhlig.

Bha 32% gun comas sam bith ann an sgrìobhadh na Gàidhlig.

Molaidhean: Ged a tha sgilean ‘passive’ mar tuigsinn, leughadh agus sgrìobhadh cudromach ann an ath-bheòthachadh cànan, is dòcha gur e bruidhinn an rud as cudromaiche, gus am bi Gàidhlig fhathast air bilean an t-sluaigh san àm ri teachd, seach dìreach air clàran is ann an leabhraichean.

Dh’fheumadh plana cànan airson Siabost a bhith a’ sònrachadh gach sgìl agus a’ dèanamh plana leasachaidh airson gach cuid. Dh’fheumar a bhith a’ coimhead air mar a tha fileantachd anns gach cuid a’ ceangal agus a’ cur ri neartan a chèile.

Ach tha an luchd-rannsachaidh a’ moladh gum feum prìomhachas a chur air ro-innleachd gus cothroman bruidhinn agus ionnsachaidh a bhrosnachadh, tro, mar eisimpleir, a bhith ag atharrachadh prìomh cànan an dachaidh, agus prìomh cànan-obrach diofar bhuidhnean, agus le bhith a’ cur clasaichean cànan agus siostaman taice air dòigh.

Factaran a tha a’ toirt buaidh air fileantachd sa Ghàidhlig?

Buaidh àireamh de phàrantan le Gàidhlig air fileantachd luchd-fhreagairt

Bha a’ mhòr-chuid de dh’inhich aig an robh aon/dà phàrant le Gàidhlig fileanta sa Ghàidhlig

Am measg na feadhna aig nach robh pàrant le Gàidhlig idir, cha robh ach mu chairteal dhiubh fileanta sa Ghàidhlig

Cha robh aois a’ toirt buaidh air na toraidhean seo. Mar sin, tha coltas ann gu bheil fileantachd gu mòr ceangailte ri pàrant le Gàidhlig a bhith aig duine.

Buntanas nam pàrant aig luchd-fhreagairt

Bhuineadh timcheall air 80% de mhàthraichean agus athraichean an luchd-fhreagairt do Shiabost/Leòdhas; tha an àireamh a’ dol suas gu timcheall air 83% le bhith a’ cunntadh pàrantan à àiteachan eile sna h-Eileanan Siar

Ma nithear coimeas eadar buntanas am pàrantan agus an luchd-fhreagairt fhèin, chan eil diofar eatorra.

Na prìomh cànan aig pàrantan an luchd-fhreagairt

Bha a’ Ghàidhlig ga cleachdadh gu làidir le pàrantan an luchd-fhreagairt: bhruidhinn 60% dhiubh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice

Dhe na pàrantan aig luchd-fhreagairt, bhruidhinn cha mhòr 60% dhiubh Gàidhlig a-mhàin no Gàidhlig mar bu trice mar am prìomh chànan aca. Bhruidhinn cha mhòr 20% eile dhe na pàrantan aig luchd-fhreagairt Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre mar na prìomh cànan aca. Is iongantach mur an e seo a dh'fhàg Gàidhlig cho fileanta a bhith aig luchd-fhreagairt Ceisteachain B, gu sònraichte airson an luchd-fhreagairt as sine ann an Siabost.

Pàrantan an luchd-fhreagairt agus na cànan a bhruidhinn iad ri luchd-freagairt

Bhruidhinn 65% dhe na màthraichean agus 68% de dh'athraichean aig luchd-fhreagairt Gàidhlig a-mhàin no Gàidhlig mar bu trice riutha

Bhruidhinn còrr is cairteal nam pàrantan Beurla a-mhàin no Beurla mar bu trice ri luchd-fhreagairt

Thuit an àireamh de phàrantan a chleachd a' Ghàidhlig ri luchd-fhreagairt gu mòr am measg an luchd-fhreagairt as òige, gu sònraichte am measg luchd-fhreagairt aoisean 16-24, ach cuideachd am measg luchd-fhreagairt aoisean 25-34 – na ginealachdan a tha an-dràsta a' togail cloinne/aig aoisean gum faod clann a bhith aca. San fharsaingeachd, tha an stad ann an tar-chur cànan tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaicinn an seo, eadar pàrantan agus an luchd-fhreagairt a tha eadar 16-34 bliadhna a dh'aois.

Na cànan a bhruidhinn luchd-fhreagairt ri am pàrantan

Bhruidhinn an luchd-fhreagairt Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice ri màthraichean (62%) agus ri athraichean (65%)

Bhruidhinn timcheall air 63% dhen luchd-fhreagairt ri am pàrantan ann an Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice.

Ma nithear coimeas eadar na cànan a bhruidhinn iad ri chèile, chithear gun robh diofar, ach diofar beag ann eadar na bhruidhinn pàrantan ri luchd-freagairt, agus na bhruidhinn luchd-freagairt ri pàrantan. Bha pàrantan na bu bhuailtiche a' Ghàidhlig a chleachdadh na bha a' chlann aca.

Cleachdadh na Beurla: bha luchd-freagairt beagan na bu dualtaiche Beurla a-mhàin/mar bu trice a chleachdadh le am pàrantan na bha na pàrantan leothasan.

Bha an luchd-fhreagairt aois 50+ na bu bhuailtiche Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice a bhruidhinn na daoine na b'òige.

Buaidh aoise air na cànan a chaidh cleachdadh eadar pàrantan agus luchd-fhreagairt

Bha diofar mòr ann, eadar buidhnean aoise, air cho tric is a chaidh Gàidhlig a chleachdadh eadar luchd-fhreagairt agus am pàrantan. Mar a b'òige an luchd-

fhreagairt, is ann a b'airde a bha cleachdadh na Beurla

Nuair a chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na toraidhean gu h-àrd a thaobh aoise agus pàtran eadar pàrantan agus an luchd-fhreagairt, bha na cànain a chleachd luchd-fhreagairt, aois 50+, le an cuid phàrantan, agus na chleachd pàrantan le luchd-fhreagairt, buileach an aon rud.

Mar a b'òige a bha luchd-fhreagairt, is ann a b'isle a bha cleachdadh na Gàidhlig: mar eisimpleir, le daoine aois 65+, bha eadar 85-90% a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice; tha seo air a dhol sìos an-diugh am measg luchd-fhreagairt aois 16-24 gu aon duine às gach ochdnar, aig a' char as fheàrr.

Mar sin, chithear gur ann le luchd-fhreagairt nas òige na 50 bliadhna a dh'aois, **ach gu h-àraidh luchd-fhreagairt nas òige na 35**, a thòisich am pàtran gun robh iad a' cleachdadh barrachd Beurla le am pàrantan nuair a bha am pàrantan a' cleachdadh barrachd Gàidhlig.

Thòisich crìonadh mòr ann an cleachdadh Gàidhlig eadar pàrantan agus clann sna 1960an

Bho na 1980an, b' e dà-chànanas/Beurla mar is trice no a-mhàin am pàtran a bu chumanta eadar pàrantan agus luchd-fhreagairt

Buaidh phàrantan nach robh nan eileanaich air fileantachd an luchd-fhreagairt

Cha robh duine fileanta sa Ghàidhlig aig an robh dìthis phàrant nach robh nan eileanaich

Bha Gàidhlig aig fìor bheagan dhen luchd-fhreagairt aig an robh aon pàrant às na h-eileanan

Bha 75% dhen luchd-fhreagairt aig an robh pàrantan às na h-eileanan fileanta.

A rèir nan toraidhean, bha ceangal soilleir ann eadar fileantachd an neach-fhreagairt sa Ghàidhlig agus an àireamh de phàrantan le Gàidhlig: le aon pàrant bha cothrom beag ann gum biodh Gàidhlig fhileanta aig an neach-fhreagairt; ach cha robh duine gun seann-phàrant idir bho na h-eileanan fileanta sa Ghàidhlig.

Luchd-imrich agus fileantachd sa Ghàidhlig

**Cha robh ach aon duine a-mach à 32 a rinn imrich a Shiabost fileanta sa Ghàidhlig
Ach bha beagan Gàidhlig aig an dàrna leth, 14 daoine às an 32, a rinn imrich a Shiabost**

Dhe na 32 luchd-fhreagairt a bha air imrich a dhèanamh do Shiabost, cha robh ach aon duine fileanta sa Ghàidhlig (bha Gàidhlig aig an dìthis phàrant).

Dhe na 32 luchd-fhreagairt a bha air imrich a dhèanamh do Shiabost, bha beagan Gàidhlig aig 14 dhiubh – cha mhòr an dàrna leth de luchd-imrich.

Moladh: tha cothrom ann barrachd chlasaichean agus taic a thoirt dha daoine le beagan Gàidhlig.

Buntanas nan seann-phàrantan aig luchd-fhreagairt

B' ann à Siabost no à Leòdhas a bha 80% de sheann-phàrantan an luchd-fhreagairt

Na cànan a bhruidhinn na seann-phàrantan ri luchd-fhreagairt nan òige

Bha seann-phàrantan seach pàrantan an luchd-fhreagairt na bu dualtaiche Gàidhlig a bhruidhinn ris an luchd-fhreagairt nuair a bha iad òg

Is ann à Siabost no à Leòdhas a bha 80% de na seann-phàrantan aig luchd-fhreagairt.

Nuair a bha 55% dhen luchd-fhreagairt òg, cha do bhruidhinn na seann-phàrantan aca ach Gàidhlig a-mhàin riutha. Dh'fhreagair 69% de luchd-fhreagairt gur i a' Ghàidhlig a-mhàin/mar bu trice a bhruidhinn seann-phàrantan riutha.

Rud a tha is dòcha iongantach, bhruidhinn 24% dhe na seann-phàrantan aig luchd-fhreagairt Beurla a-mhàin/mar bu trice riutha. Ach tha an àireamh seo an aon rud ris an àireimh de phàrantan a bhruidhinn Beurla a-mhàin/mar bu trice ri luchd-fhreagairt.

Buaidh aois an neach-fhreagairt agus cànan a chleachd na seann-phàrantan le luchd-fhreagairt

Tha e dà uiread nas coltaiche gum bruidhinn òigridh aois 16-24 Gàidhlig a-mhàin/mar as trice ri seann-phàrantan na tha e gum bruidhinn iad Gàidhlig a-mhàin/mar as trice ri am pàrantan

Bhruidhinn 90% de dhaoine aois 65+ Gàidhlig a-mhàin/mar bu tric ri seann-phàrantan; ach tha an àireamh seo air tighinn a-nuas gu figearan eadar 17-25% airson inbhich aois 16-24

Dhen luchd-fhreagairt a tha aois 65+, bhruidhinn 90% dhe an seann-phàrantan Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice riutha.

Tha an àireamh seo a' tuiteam gu mòr gu h-àraidh airson luchd-fhreagairt nas òige na 50 (bho 90% gu c.50%).

Tha an àireamh fhathast àrd gu leòr airson òigridh aois 25-34, ach tha an àireamh a' tuiteam gu mòr a-rithist gu figearan eadar 17%-25%.

Tha e cha mhòr dà uiread nas coltaiche gum bruidhinn daoine aois 16-24 Gàidhlig a-mhàin/mar as trice ri an seann-phàrantan na bhruidhneas iad ri am pàrantan.

Seann-phàrantan le Gàidhlig agus fileantachd an luchd-fhreagairt

Tha ceangal làidir ann eadar Gàidhlig a bhith aig seann-phàrant agus an coltas gum bi Gàidhlig gu fileanta aig ogha

Far nach robh fiù's aon seann-phàrant le Gàidhlig aig luchd-fhreagairt, cha robh ach aon neach-fhreagairt anns gach deichnear fileanta sa Ghàidhlig.

Ach fiù's nuair nach robh ach aon seann-phàrant le Gàidhlig aig luchd-fhreagairt, bha a' mhòr-chuid de luchd-fhreagairt fileanta sa Ghàidhlig.

Far an robh dithis seann-phàrant aig luchd-fhreagairt, bha a' mhòr, mhòr-chuid de luchd-fhreagairt fileanta sa Ghàidhlig.

Ceanglaichean eadar 'eileanachd' nan seann-phàrantan agus fileantachd luchd-freagairt

Tha ceangal làidir ann eadar seann-phàrantan a bha nan eileanaich agus an coltas gum biodh fileantachd sa Ghàidhlig aig luchd-freagairt

Dhen luchd-fhreagairt aig an robh seann-phàrantan a bha uile nan eileanaich, bha cha mhòr trì cairtealan dhiubh (na h-oghaichean), 74%, fileanta sa Ghàidhlig.

Cha robh ach 5% de luchd-fhreagairt aig nach robh seann-phàrantan a bha nan eileanach, fileanta sa Ghàidhlig.

Fileantachd in-imrichean agus àireamh de sheann-phàrantan le Gàidhlig

Ged nach robh Gàidhlig idir aig seann-phàrantan cuid luchd-imrich, bha an dàrna leth dhiubh air beagan Gàidhlig ionnsachadh

Tha an rannsachadh a' sealltainn, ged nach robh seann-phàrant le Gàidhlig idir aig cuid in-imrichean, bha iad air oidhirp a dhèanamh Gàidhlig ionnsachadh oir bha beagan Gàidhlig aca.

Moladh: tha an àireamh de dhaoine nach robh nan eileanaich agus aig an robh beagan Gàidhlig àrd agus tha cothrom ann a bhith a' togail air na sgilean cànan aca le cothroman ionnsachaidh agus togail mothachadh cànan, agus/no a bhith a' togail air an ùidh/taic seo do dh'iomairtean cànan a tha ann an-dràsta agus a thigeadh; agus b' fhiach e an ùidh/taic seo a thaisbeanadh don mhòr-shluagh.

Gàidhlig anns a' bheatha làitheil aig daoine ann an Siabost

Obair agus cudromachd na Gàidhlig

Bha Gàidhlig air a meas ‘cudromach’ anns na h-obraichean aig 36% den luchd-fhreagairt a bha ag obair

Ach cha robh Gàidhlig air ainmeachadh sna tuairisgeulan-obrach ach aig 7% dhen luchd-fhreagairt a bha ag obair

Dhen luchd-fhreagairt a bha ag obair, bha Gàidhlig cudromach sna h-obraichean aig 36% dhen luchd-fhreagairt.

Dhen luchd-fhreagairt a bha ag obair, cha robh Gàidhlig sna tuairisgeulan obrach ach aig 7% de luchd-fhreagairt [feumar cuimhneachadh ged-thà nach biodh tuairisgeul obrach aig a h-uile duine].

Moladh: bu chòir luchd-fastaidh a bhrosnachadh a bhith ag ainmeachadh sgilean cànanain sna tuairisgeulan obrach.

Luchd-fhreagairt agus ionnsachadh na Gàidhlig

Ged a sgrìobh mòran sna ceisteachain gun robh feum air cothroman ionnsachaidh, agus ged nach d’fhuair mòran fhreagairtean dha na ceistean air ionnsachadh na Gàidhlig, cha tuirt ach naodhnar gun robh iad ag ionnsachadh na Gàidhlig

Cha robh pàtran soilleir ann air ciamar a tha daoine ag ionnsachadh na Gàidhlig

Cha d’fhuair ach glè bheag de fhreagairtean dha na ceistean air ionnsachadh na Gàidhlig. Dh’fhreagair naodhnar gu bheil iad ag ionnsachadh; dh’fhreagair sianar gun robh iad ag ionnsachadh aig aon àm; agus dh’fhreagair naodhnar gun robh Gàidhlig aca bho thùs ach nach eil iad ga cleachdadh (‘lapsed native speakers’).

Chaidh faighneachd mu mar a tha daoine ag ionnsachadh na Gàidhlig ach cha d’fhuair mòran fhreagairtean, agus dhe na freagairtean a fhuair, cha robh pàtran soilleir ann ach gun robh gach duine a’ cleachdadh dòigh eadar-dhealaichte.

Moladh: ged a tha clas a’ ruith ann am Breascleat, agus ged a chaidh feuchainn ri clas Gàidhlig a steidheachadh ann an Siabost o chionn ghoirid, bu chòir coimhead air cothroman ionnsachaidh a tha gu tur freagarrach, agus air an dèanamh a rèir feumalachdan sònraichte, m.e. cothrom airson pàrantan clann FMG no a’ chròileagain, agus clasaichean spòrs/cur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig.

Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig

Bha luchd-fhreagairt aois 50+ ceithir uiread nas dualtaiche coimhead air TV agus radio ‘sa Ghàidhlig mar as trice’ na bha inbhich aois 16-44

Is ann tro mheadhan na Beurla mar as trice a bhios daoine eadar 16-44 a’ cleachdadh an radio, TV, DVDan is nobhailean; ach tha cuid mhath dhiubh a’ cleachdadh an TV

agus radio san dà chànan chun na h-aon ìre

B' iad luchd-fhreagairt aois 50+ a' bhuidheann aoise as dualtaiche na meadhanan Gàidhlig a chleachdadh (radio, TV, leabhraichean, DVDan).

Bha an luchd-fhreagairt eadar aois 16-44 a' cleachdadh nam meadhanan tron Bheurla mar bu trice, ach tha mu aon duine às gach 5nar a' cleachdadh an TV agus rèidio tron dà chànan.

A rèir nan toraidhean, tha e coltach gu bheil daoine a' coimhead prògraman TV sa Ghàidhlig nas trice ann an 2010 na bha an sluagh san rannsachadh aig Plana Cànan nan Eilean Siar ann an 2005 [chaidh an t-sianal ùr a chur air bhog ann an 2008].

Cleachdadh sa Choimhearsnachd

Dhen luchd-fhreagairt a tha fileanta sa Ghàidhlig, bidh iad a' cleachdadh na Gàidhlig sna suidheachaidhean seo barrachd na ann an suidheachaidhean eile:

le nàbaidhean, san eaglais, san dachaidh agus le teaghlach (air a' fòn), le cèile, le seann-phàrantan agus oghaichean, sa phost-oifis, le nursaichean agus eu-slaintich eile san ionad-slàinte.

Bidh iad a' cleachdadh na Gàidhlig cuideachd anns na suidheachaidhean beaga sòisealta seo:

aig an fhaing, aig a' Chomann Eachdraidh, leis a' cheannard-sgoile agus tidsearan, le clann sa sgoil, le luchd-ceannachd agus luchd-frithealaidh ann am Butt View Stores (bùth le biadh), aig a' Chròileagan le luchd-obrach agus clann, leis an neach-taic san dachaidh (homehelp), agus le comataidh na Seann Sgoil.

Bha an luchd-fhreagairt a bha fileanta sa Ghàidhlig buailteach a' Bheurla a chleachdadh anns na suidheachaidhean seo:

le pàrantan eile aig a' Chròileagan; aig clas Dannsa Albannach, anns na h-àiteachan obrach aca le customers, le daoine a tha iad a' stiùireadh aig obair, aig an ionad-fàilte agus le na dotairean aig na h-ionadan slàinte, sa sgoil, aig an taigh-òsta *The Inn Between*, agus aig a' phost-oifis.

Moladh: ghabhadh poileasaidh cànan agus cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh anns na suidheachaidhean seo: aig obair le manaidshearan [feum air brosnachadh agus poileasaidh cànan a bhith aig luchd-fastaidh], aig a' Chròilagan [feum air soillearachadh ideòlach air buaidh bruidhinn Beurla air fileantachd na cloinne agus ìomhaigh na Gàidhlig am measg cloinne agus am measg phàrantan, agus sa choimhearsnachd].

Toraidhean airson clann, aois 0-15

Tha na toraidhean air am bonntachadh air freagairtean gu Ceisteachan C – ceisteachan a lìon pàrant às leth pàiste.

Aoisean

Chan eil ach 64 clann ann an Siabost eadar 0-15: tha seo a' riochdachadh 18% dhen t-sluagh gu lèir

Fhuair 66% de na ceisteachain air ais agus bha an sampall seo riochdachail air gnè, aoisean agus àireamhan san fharsaingeachd

Aig a' cheart àm, tha na h-àireamhan beag, agus uaireannan chan eil e iomchaidh bruidhinn air àireamhan às a' cheud no air pàtranan cinnteach

A rèir an rannsachaidh, bha 64 clann ann an Siabost eadar aois 0-15, agus bha na h-àireamhan a thaobh balaich agus clann-nighean cha mhòr an aon rud (51:49). Bha cha mhòr an dàrna leth dhiubh eadar 6-11 bliadhna a dh'aois.

Bha na h-àireamhan de chlann dhe gach bliadhna a dh'aois eadar 0-5 nas ìsle na an na h-àireamhan de gach bliadhna sa chumantas airson aoisean 6-11.

Ann an cuid dhe na toraidhean fodha, thathas a' dèanamh sgaradh eadar clann aois 0-3, agus clann nas sine, air sgath agus nach eil e ciallach ann an cuid de shuidheachaidhean a bhith a' dèanamh co-dhùnaidhean air, mar eisimpleir, comasan cànanain pàiste, mar leughadh, nuair nach eilear ach fo 3 bliadhna a dh'aois.

Àite togail na cloinne agus buntanas am pàrantan

Buinidh cha mhòr a h-uile pàiste ri Siabost/Steòrnabhagh

Buinidh a' mhòr-chuid dhe na pàrantan aca ri Siabost no Leòdhas:

Chaidh 95% dhen chloinn an togail ann an Siabost/Steòrnabhagh. Airson a' mhòr-chuid dhen chloinn, b' ann à Siabost no Leòdhas a bha na pàrantan aca: màthraichean (71%) agus athraichean (76%). B' iad Albannaich a bha sa mhòr-chuid dhen fheadhainn eile.

Na cànanain aig am pàrantan

Is i a' Bheurla an cànan as motha aig pàrantan ann an Siabost

Bha Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre aig 39% de phàrantan

Cha robh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice mar cànanain ach aig 16% de phàrantan

Bha cha mhòr an dàrna leth dhe na pàrantan, 45%, a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar bu trice. Cha robh ach 16% de phàrantan a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin/mar as trice. Bha 39% dhe na pàrantan a' bruidhinn an dà chànan chun na h-aon ìre. B' i a' Bheurla an cànan as motha a bha aig pàrantan ann an Siabost.

Na cànan a tha pàrantan a' bruidhinn ris a' chloinn

Is i a' Bheurla am mòr-cànan aig pàrantan ann an Siabost leis an cuid cloinne, le 62% a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ris a' chloinn

Chan eil ach aon phàrant às gach còignear a' cleachdadh na Gàidhlig mar as trice/a-mhàin leis a' chloinn

Tha màthraichean (27%) dà uiread nas dualtaiche na athraichean (14%) Gàidhlig a-mhàin/mar as tric a bhruidhinn ris a' chloinn

Tha athraichean (21%) mòran nas dualtaiche na màthraichean (13%) an dà chànan chun na h-aon ìre a chleachdadh leis a' chloinn

Tha 62% de phàrantan ann an Siabost a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ris an cuid cloinne.

Tha 17% de phàrantan a' bruidhinn an dà chuid Beurla agus Gàidhlig chun na h-aon ìre ris an cuid cloinne.

Mar sin, is i a' Bheurla am mòr-cànan aig pàrantan ann an Siabost leis an cuid cloinne. Agus is iad màthraichean a tha nas dualtaiche barrachd Gàidhlig a chleachdadh leis a' chloinn.

Togail/prìomh cànan aig pàrantan ann an Siabost, agus na chleachdas iad le an cuid cloinne

Tha pàrantan a fhuair an togail le Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre a' bruidhinn Beurla mar as trice ris an cuid cloinne

Bha na pàrantan a fhuair an togail le Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre a' bruidhinn Beurla mar as trice ris an cuid cloinne.

Bha àireamh glè bheag ged-thà a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin ri an cuid cloinne, ged nach deach iad fhèin an togail le Gàidhlig a-mhàin. Mar sin, is dòcha gu bheil an cleachdadh a thaobh cleachdadh cànan le clann air atharrachadh am measg cuid sa ghinealach seo.

Na cànan a tha clann a' bruidhinn ri am pàrantan

Tha c.73% dhen chloinn a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ri am pàrantan

Cha robh pàiste sam bith a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin ri pàrantan (eu-coltach gu h-àraidh ri màthraichean nam pàistean a' bruidhinn ris a' chloinn)

Cha robh ach aon pàiste às gach deichnear a' bruidhinn Gàidhlig mar bu trice ri pàrantan

Bha aon pàiste às gach sianar a' bruidhinn Beurla agus Gàidhlig chun na h-aon ìre ri pàrantan

Chan eil pàiste sam bith a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin ri pàrantan.

Chan eil ach 8% a' cleachdadh Gàidhlig mar as trice le am pàrantan.

Tha timcheall air 75% de chlann a' cleachdadh Beurla a-mhàin/mar as trice le pàrantan.

Tha nas lugha na aon pàiste às gach sianar a' cleachdadh Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre le pàrantan.

Na cànan a chleachdas clann le peathraichean/bràithrean

Tha naodhnar às gach deichnear, 88%, dhen chloinn a' cleachdadh Beurla a-mhàin no Beurla mar as trice le peathraichean/bràithrean

Tha 49% dhen chloinn a' cleachdadh Beurla a-mhàin le peathraichean/bràithrean.

Tha 39% dhen chloinn a' cleachdadh Beurla mar as trice le peathraichean/bràithrean,

Uile gu lèir, tha seo a' ciallachadh gu bheil 88% dhen chloinn a' cleachdadh Beurla a-mhàin/mar as trice le peathraichean/bràithrean. Tha seo co-ionnan ri cha mhòr naodhnar às gach deichnear a' cleachdadh Beurla a-mhàin/mar as trice.

A' chiad chànan a fhuair a' chlann

Rinn cuid phàrantan oidhirp mhòr a bhith a' toirt Gàidhlig don chloinn: bhruidhinn 30% dhiubh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice ris a' chloinn; bhruidhinn 14% eile Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre

Bhruidhinn 57% de phàrantan Beurla a-mhàin/mar bu trice ris a' chloinn

Tha cuid bheag dhe na pàrantan air oidhirp mhòr a dhèanamh gus Gàidhlig a thoirt don chloinn mar an ciad cànan: bhruidhinn 30% dhe na pàrantan Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice ris a' chloinn.

Ach bhruidhinn 57% de phàrantan Beurla a-mhàin/Beurla mar bu trice ris a' chloinn aca mar an ciad cànan.

Bhruidhinn 14% de phàrantan an dà chànan chun na h-aon ìre.

Comasan cànan na cloinne a thaobh tuigsinn, bruidhinn, leughaidh agus sgrìobhaidh

Clann agus tuigsinn na Gàidhlig

Clann aois 4-15

Tha còrr is aon pàiste às gach triùir a' tuigsinn na Gàidhlig gu fileanta

Tha an aon àireamh a' tuigsinn còmhraidhean slaodach, sìmplidh

Tha aon às gach còignear a' tuigsinn beannachdan sìmplidh a-mhàin

Cha robh ach dithis ann (à 35 cloinne) a bha gun Gàidhlig sam bith

Clann agus bruidhinn na Gàidhlig

Clann aois 4-15

Tha cha mhòr aon pàiste às gach ceathrar a' bruidhinn Gàidhlig aig an dà ìre comais as àirde

Cuideachd, tha cha mhòr aon pàiste às gach còignear comasach air bruidhinn air a' mhòr-chuid de chuspairean àbhaisteach

Tha cha mhòr aon pàiste às gach triùir comasach air bruidhinn ann an còmhraidhean sìmplidh mu chuspairean àbhaisteach

Tha aon pàiste às gach ceathrar comasach air dìreach beannachdan sìmplidh a labhairt

Chan eil Gàidhlig sam bith aig dithis cloinne (à 35)

Clann agus leughadh na Gàidhlig

Clann aois 4-15

Tha aon pàiste às gach deichnear comasach air leughadh gu fileanta sa Ghàidhlig; ach feumas cuimhneachadh nach biodh na h-aon comasan leughaidh aig gach pàiste co-dhiù air sàilleimh aois

Clann agus sgrìobhadh na Gàidhlig

Clann aois 4-15

Tha cha mhòr cairteal dhen chloinn fileanta ann an sgrìobhadh sa Ghàidhlig

Tha cha mhòr dà thrian dhen chloinn aig na trì ìrean as ìsle a thaobh sgilean sgrìobhaidh sa Ghàidhlig (ach feumas cuimhneachadh air buaidh aoise air sgilean)

Factaran a dh'fhaodadh a bhith a' toirt buaidh air fileantachd cloinne sa Ghàidhlig an Siabost

An àireamh de phàrantan le Gàidhlig agus cànan na cloinne

Cha robh ach aon pàiste às gach seachdnar fileanta sa Ghàidhlig nuair nach robh fiù's aon pàrant le Gàidhlig aca

Bha an dàrna leth de chloinn fileanta nuair a bha aon/dithis phàrant le Gàidhlig aca

Rinn fiù's dìreach aon phàrant le Gàidhlig diofar mòr a thaobh Gàidhlig gu fileanta a bhith aig pàiste.

Far nach robh pàrant sam bith le Gàidhlig aig pàiste, cha robh ach aon phàiste às gach seachdnar fileanta sa Ghàidhlig.

Buaidh 'eileanachd' nam pàrant air fileantachd na cloinne

Cha robh pàiste sam bith fileanta sa Ghàidhlig aig nach robh pàrant(an) bho na h-eileanan

Bha timcheall air 25% dhen chloinn fileanta sa Ghàidhlig nuair a bha aon/dithis phàrant aca bho na h-eileanan

Le clann aig nach robh pàrant sam bith às na h-eileanan, cha robh duine dhen chloinn fileanta sa Ghàidhlig.

Nuair a bha fiù's dìreach aon phàrant às na h-eileanan aig pàistean, bha aon phàiste anns gach ceathrar fileanta, bha aon pàiste às gach ceathrar le beagan Gàidhlig, agus bha an dàrna leth de phàistean gun Gàidhlig sam bith.

Buntanas sheann-phàrantan na cloinne, agus fileantachd na cloinne sa Ghàidhlig

Ged a b' ann à Siabost no Leòdhas a bha 72% de sheann-phàrantan aig luchd-freagairt chan eil tar-chur cànan air a bhith a' tachairt ro thrì idir eadar oghaichean agus seann-phàrantan

Bha còrr is 50% de sheann-phàrantan a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ri oghaichean

Cha robh ach 25% de sheann-phàrantan a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin/mar as trice ri oghaichean

Bhuineadh c. 72% dhe na seann-phàrantan aig luchd-fhreagairt ri Siabost no Leòdhas.

Bha còrr is 50% de sheann-phàrantan a' bruidhinn Beurla a-mhàin no Beurla mar as trice ri oghaichean.

Bha timcheall air 25% de sheann-phàrantan a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin/mar as trice ri oghaichean.

Àireamh de sheann-phàrantan le Gàidhlig agus fileantachd na cloinne

Nuair nach robh seann-phàrant le Gàidhlig fhileanta aig ogha, cha robh cha mhòr seans sam bith ann gum biodh an ogha fileanta

Nuair a bha aon seann-phàrant le Gàidhlig aig ogha bha mòran a bharrachd chothrom ann gum biodh an ogha fileanta sa Ghàidhlig

Nuair a bhiodh dithis seann-phàrant le Gàidhlig fhileanta aig ogha, bha cha mhòr gach ogha fileanta

Anns an t-suidheachadh far nach robh seann-phàrant le Gàidhlig fhileanta aig ogha, cha mhòr gun robh gin dhen chloinn seo fileanta sa Ghàidhlig.

Ach bha barrachd chothrom aig ogha a bhith fileanta nuair a bha fiù's dìreach aon seann-phàrant le Gàidhlig aca.

Far an robh dithis seann-phàrant le Gàidhlig aig oghaichean, bha cha mhòr gach pàiste fileanta.

Buaidh eileanachd nan seann-phàrant agus oghaichean

Clann 4-15

Am measg na cloinne le triùir no ceathrar sheann-phàrantan a bha nan eileanaich, cha robh ach c.25% dhen chloinn fileanta sa Ghàidhlig

Cha robh gin dhen chloinn fileanta aig an robh dithis no barrachd seann-phàrantan nach robh nan eileanaich

Clann agus cleachdadh nam meadhanan tro mheadhan na Gàidhlig

Clann 0-3

Tha cha mhòr a h-uile duine dhe na naodh phàistean a' faighinn nam meadhanan (TV, leabhraichean, DVDan) tron Bheurla mar as trice

Clann 4-15

Tha a' mhòr-chuid dhen chloinn aois 4-15 a' cleachdadh nam meadhanan tro mheadhan na Beurla mar as trice; ach tha mion-cuid, aon duine às gach seachdnar, a' coimhead telebhisean ann an Gàidhlig agus Beurla, agus tha cha mhòr cairteal a' leughadh nobhailean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla

Is ann tro mheadhan na Beurla a bha a' mhòr-chuid dhen chloinn gu lèir, aoisean 0-15, a' cleachdadh nam meadhanan, agus bha seo gu sònraichte fìor airson an naodhnar phàistean eadar 0-3.

Clann agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig/Beurla

Clann 0-15

Tha an dàrna leth dhen chloinn air a bhith aig a' Chròileagan

Tha cha mhòr an dàrna leth dhen chloinn a' dol/air a dhol gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Tha cha mhòr an dàrna leth dhen chloinn a' dol dhan chròileagan, a tha ga ruith tro mheadhan na Gàidhlig agus Beurla.

Tha còrr is leth dhen chloinn a' dol tro Fhoghlam tro Mheadhan na Beurla, agus an leth eile gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (tha seo a' buntainn ris an t-suidheachadh san Òg Mhìos, 2010).

Bha am figear seo airson FMG nas àirde ann an Siabost na bha am figear airson nan Eilean Siar ann am Plana Cànan nan Eilean Siar (2005), ach aig a' cheart àm tha sgoil agus FMG ri fhaighinn ann an Siabost fhèin – rud nach eil fìor anns a h-uile coimhearsnachd sna h-Eileanan Siar.

Am prìomh cànan aig pàrantan agus taghaidhean FMG/FMB don chloinn aca

Bha a' mhòr-chuid de phàrantan a chaidh an togail a' bruidhinn na Gàidhlig a-mhàin/mar as trice air a' chlann aca a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Bha a' mhòr-chuid de phàrantan a chaidh an togail leis an dà chànan chun na h-aon ìre, no le Beurla mar as trice/a-mhàin, air a' chlann aca a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Beurla

Cleachdadh na Gàidhlig le Clann fo 16 an Siabost

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air càite am bi clann a' cleachdadh an cuid Gàidhlig.

Clann fhileanta

Tha clann a tha fileanta a' cleachdadh na Gàidhlig mar as trice còmhla ri seann-phàrantan, pàrantan agus le luchd-obrach sa sgoil

Bidh clann a tha fileanta sa Ghàidhlig a' cleachdadh Beurla mar as trice, no an dà chànan chun na h-aon ìre, le clann eile, le nàbaidean, càirdean eile, agus aig buidhnean òigridh (Club Òigridh agus Youth Fellowship)

Clann le beagan Gàidhlig

Tha clann le beagan Gàidhlig ga cleachdadh as trice le seann-phàrantan, le pàrant, ri pàrantan sa sgoil, agus sa sgoil le tidsearan agus ceannard na sgoile.

Tha clann le beagan Gàidhlig a' cleachdadh Beurla mar as trice/a-mhàin anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean eile

Cànan am foghlaim sa sgoil agus cleachdadh na Gàidhlig sa sgoil agus air an taobh a-muigh dhi

Clann FMG

Bidh clann FMG a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/mar as trice gu h-àraid le luchd-obrach sa sgoil, ach cuideachd le seann-phàrantan

Bidh àireamh mhath a' cleachdadh Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre anns cha mhòr a h-uile suidheachadh eile

Bidh co-dhiù an dàrna leth a' cleachdadh barrachd Beurla (Beural a-mhàin/mar as trice) le clann-sgoile eile, le cèile a' phàrant, agus gu sònraichte aig a' Chlub Òigridh, is aig an Sgoil Shàbaid

Clann FMB

Is ann tro mheadhan na Beurla mar as tric/a-mhàin a tha clann FMB a' conaltradh ris a h-uile duine, ach airson cuid bheag, le seann-phàrantan

Is ann còmhla ri seann-phàrantan a-mhàin a chleachdas clann FMB Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre; is i a' Bheurla as motha a tha iad a' cleachdadh anns a h-uile suidheachadh eile

Bidh còrr is an dàrna leth dhiubh a' cleachadh Beurla a-mhàin còmhla ri cèile a' phàrant, le inbhich, ri clann sgoile agus le clann eile, le nàbaidhean, ri càirdean eile, ri pàrantan sa sgoil agus ri luchd-obrach sa sgoil

Coimeas: Tha a' chlann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' cleachdadh an cuid Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean taobh a-muigh na sgoile, ach chan eil seo fìor airson clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla.

Tha e na bhuannachd don chloinn ann an Siabost gu bheil cothrom aca Gàidhlig a bhruidhinn sa choimhearsnachd, taobh a-muigh na sgoile.

Barailean Cànain aig Inbhidh ann an Siabost

San rannsachadh seo, leanadh na ceistean mu bharailean cànain a chaidh an cur ann am Pròiseact Plana Cànain nan Eilean Siar. Bha na freagairtean a fhuair ann an Siabost sia bliadhna nas fhaide air adhart cha mhòr an aon rud.

Beachdan dhan robh daoine taiceil

Sa chumantas, bha daoine a' cur luach mòr air Gàidhlig agus shaoil iad gu bheil Gàidhlig ceangailte ri fèin-aithne nan Eilean san àm ri teachd, gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig an ath ghinealaich tro phàrantan a bhith ga bruidhinn ris a' chloinn agus gum bu chòir clann Gàidhlig ionnsachadh, gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig luchd-obrach sa roinn phoblaich far a bheil iad ag obair ann an sgìrean Gàidhlig, agus gum bu chòir dhan chomhairle taic a chur ris a' Ghàidhlig.

Beachdan mun robh daoine gun bheachd làidir, taobh seach taobh

Tha muinntir Shiaboist fada na cinntiche (dà uiread) na bha daoine ann an rannsachadh a' Phlana Cànain gu bheil Gàidhlig a' bàsachadh; bha iad gun bheachd làidir mu dheidhinn Gàidhlig a bhith 'deatamach' ann am barrachd obraichean poblach agus mu dheidhinn a bhith ag ràdh gu bheil e cudromach gum feum luchd in-imrich ris a' Ghàidhlig ionnsachadh, agus bha iad gun bheachd làidir a thaobh gum faigh thu air adhart nad dhreuchd sna h-Eileanan ma tha Gàidhlig agad; agus bha daoine gun bheachd làidir a thaobh gu bheil cànanan eile ann a tha nas fheumaile dhut na a' Ghàidhlig airson adhartas a dhèanamh san t-saoghal.

Bha eileanaich tòrr na bu bhuailtiche a ràdh gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith aig duine airson obair fhaighinn sa roinn phoblaich, agus aig a' cheart àm bha iad fada na bu choltaiche a bhith a' smaoinichadh nach eil Gàidhlig na chuideachadh ann an bhith a' faighinn àrdachadh dreuchd.

Barailean dhan robh daoine neo-thaiceil

Sa chumantas, bha daoine a' dol an aghaidh beachdan mun Ghàidhlig a bhith seann-fhasanta agus gu fheum, ach mar cànán croite, no mar clas a' chlas-obrach; mar sin bha iad a' faicinn na Gàidhlig mar cànán a tha a' buntainn ris an latha an-diugh agus nach eil ceangailte ri aon seòrsa dòigh-beatha no obrach.

Gu mionaideach, bha iad neo-thaiceil dha na beachdan a leanas: gu bheil daoine am beachd gu bheil rud sam bith Gàidhealach seann-fhasanta, gur e cànán chroitèaran a tha sa Ghàidhlig, nach bruidhinn ach an clas-obrach a' Ghàidhlig, agus nach eil àite aig a' Ghàidhlig san t-saoghal an latha an-diugh. Bha daoine cuideachd neo-thaiceil dhan bheachd gum faigh thu air adhart nad obair ann an Alba ma tha a' Ghàidhlig agad.

Barail air daoine agus buidhnean a tha taiceil don Ghàidhlig

Dh'iarradh na barail aig daoine air sgèile 1-10 (1=buileach neo-thaiceil, 10=buileach taiceil) air cò tha taiceil don Ghàidhlig.

Sa chumantas, shaoil daoine, gu h-àraidh fileantaich, gun robh iad fhèin gu **math taiceil** don Ghàidhlig (timcheall air 7.7-8.2), ach bha a' chomharra seo na b' ìsle na toraidhean PCES, a' togail ceist a bheil daoine ann an Siabost, gu h-àraidh na fileantaich, air misneachd a chall annta fhèin, no a bheil iad nas draghaile/a' faireachdainn nas ciontaiche mun t-suidheachadh aig a' Ghàidhlig.

Shaoil daoine cuideachd gu bheil na leanas **gu math taiceil** don Ghàidhlig: a' Chomhairle (ach faicibh a' bheachd gu h-àrd gum bu chòir dhan Chomhairle barrachd a dhèanamh don Ghàidhlig), caraidean, na meadhanan agus na h-eaglaisean (gach buidheann aig timcheall air 7.2-7.5). Bha na toraidhean a' sealltainn gu bheil muinntir Shiaboist a' smaoinichadh gu bheil a' Chomhairle nas taiceile don Ghàidhlig nab ha muinntir nan Eilean Siar ann am PCES.

Sa chumantas, shaoil daoine **nach eil** in-imrichean no Riaghaltas Bhreatainn taiceil don Ghàidhlig.

Cha robh beachdan taobh làidir **taobh seach taobh** aig daoine air na buidhnean a leanas: Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach mar an NHS, am poileas, gnìomhachasan prìobhaiteach no muinntir an àite a tha gun Ghàidhlig.

Rinn aois diofar a thaobh nam freagairtean. Mheas daoine a bha 50+ bliadhna a dh'aois iad fhèin nas taiceile don Ghàidhlig na mheas an òigridh iad fhèin.

Cuideachd, mheas eileanaich iad fhèin agus an caraidean nas taiceile na daoine eile. Bha proifeiseantaich na bu dualtaiche na daoine ann an obraichean le an làmhnan smaoinichadh gu bheil buidhnean poblach gu h-ionadal is gu nàiseanta, agus in-imrichean, taiceil don Ghàidhlig.

Bha daoine a bha dòchasach mun Ghàidhlig san ath dheich bliadhna na bu dualtaiche coimhead air muinntir an àite gun Ghàidhlig mar dhaoine a tha taiceil don Ghàidhlig.

Fèin-aithne Shiaboist

Chaidh trì ceistean an cur air muinntir Shiaboist a thaobh Gàidhlig ann an Siabost. San fharsaingeachd shaoil a' mhòr, mhòr-chuid gu bheil Gàidhlig glè chudromach gu fèin-aithne Shiaboist. Shaoil a' mhòr-chuid gu bheil Gàidhlig air fàs beagan/mòran nas laige thar na deich bliadhna a dh'fhalbh, agus shaoil a' mhòr-chuid gum bi i beagan/mòran nas laige an ceann deich bliadhna eile.

Gu mionaideach, shaoil 80% dhen t-sluagh gu bheil Gàidhlig cudromach gu fèin-aithne Shiaboist. Cuideachd, shaoil 64% gun do lagaich a' Ghàidhlig beagan/mòran thar nan deich bliadhna mu dheireadh, agus shaoil 25% gun robh i an aon rud. Mu dheireadh, shaoil 56% gum bi a' Ghàidhlig beagan no mòran nas laige ann an deich bliadhna eile, agus shaoil 31% gum biodh i an aon rud.

Beachdan air rudan a tha a dhith ann an Siabost

Fhuair eadh mòran bheachdan air na rudan a tha a dhith gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh ann an Siabost agus anns an sgìre. Chuireadh fo chòig fo-chinn iad, agus b' iad:

- A bhith ag àrdachadh inbhe a' chànan agus don chultar, a' togail mothachadh agus spèis orra, agus a' togail moit annta, anns a' choimhearsnachd agus sa sgoil.

- A' cleachdadh agus a' leasachadh cothroman ionnsachaidh mun chànan agus mun chultar. Am measg nam molaidhean, bha: a' cur fileantaich agus neo-fhileantaich an aithne a chèile; sgeama taic-airgid airson sgilean cànan a thoirt seachad/fhàs ann an clann/daoine eile, tro, m.e. sgeama caraidean cànan; cothroman ionnsachaidh gu h-ionadail aig diofar amannan agus le diofar dhòighean-teagaisg; a' brosnachadh seann-phàrantan agus daoine san teaghlach a bhith a' brosnachadh bruidhinn na Gàidhlig san dachaigh le clann agus òigridh, agus, mar phàirt dhe seo, a bhith a' brosnachadh agus a' cuideachadh phàrantan; a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le òigridh aig clubaichean is cur seachadan; a bhith positive agus brosnachail dha daoine a tha a' feuchainn ri Gàidhlig a chleachdadh.
- A' leudachadh cothroman sa sgoil agus airson òigridh san fharsaingeachd. Bha molaidhean ann gum biodh a h-uile pàiste sa bhun-sgoil a' faighinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig/a' dèanamh clasaichean Gàidhlig; gum broснаichear Gàidhlig san raon-cluiche gus nach bi Gàidhlig ga faicinn mar cànan-clas a-mhàin, gun togte ìomhaigh na Gàidhlig gum bi òigridh moiteil às a' Ghàidhlig, agus gu bheil sgoil Ghàidhlig a dhith.
- Ga cleachdadh san dachaigh le clann agus òigridh.
- A bhith a' gabhail a h-uile cothrom gus Gàidhlig a chleachdadh – a bhith a' putadh barrachd.

Gu soilleir, tha pailteas bheachdan aig muinntir Shiaboist air na ghabhadh dèanamh gus Gàidhlig a neartachadh ann an Siabost. Ghabhadh iad seo cur còmhla ri na toraidhean air cleachdadh, comas agus barail cànan, gus an suidheachadh slàn a thuigsinn, agus gus planaichean a dhèanamh airson neartachadh na coimhearsnachd tro bhith a' cleachdadh na Gàidhlig barrachd ann an Siabost. Le soilleireachadh air mar a tha an suidheachadh aig Gàidhlig, agus le soilleireachadh air na thathas ag iarraidh agus ciamar, thèid co-dhùnadh a dhèanamh air an dèanar oidhirp gum bi Gàidhlig gu cinnteach aig an ath ghinealach.



Òigridh ann an Siabost: an rathad air adhart

Ceann nòtaichean:

(1) Thòisich Marsaili NicLeòid bhon Cholaiste Àiteachais na h-Alba mar neach-rannsachaidh aig an toiseach; nuair a dh'fhàg i, chaidh an obair a thoirt air adhart le Dr Tim Armstrong, à Sabhal Mòr Ostaig.

(2) Fhuair eadh am fiosrachadh seo bhon eòlaiche san sgìre

(3) Seo na còdan-puist a chaidh a chleachdadh le cunntas-sluaigh 2001:

HS2 9BJ	Siabost bho Dheas
HS2 9BL	Rd Ghrinneabhat
HS2 9BQ	Siabost bho Thuath
HS2 9BG	Pàirc Shiaboist
HS2 9BD	Siabost bho Thuath
HS2 9BE	Sràid na h-Eaglais
HS2 9BP	Fìbhig
HS2 9BW	Pàirc a' Chàrnain

Census Output Areas

60RJ000076	HS2 9BJ, HS2 9BL
60RJ000177	HS2 9BQ
60RJ000205	HS2 9BG
60RJ000206	HS2 9BD, HS2 9BE, HS2 9BP, HS2 9BW

Tùsan

- Armstrong, Timothy C. (2010) 'Bilingualism, Restoration and Language Norms'. Pàipear a thugadh seachad aig a' 10th *Language and Politics Symposium on the Gaeltacht and Scotstacht*, Beal Feairt: Oilthigh na Banrigh, 20-21 an t-Sultain, 2010.
- Basham, Charlotte agus Fathman, Ann K. (2008) "The Latent Speaker: Attaining Adult Fluency in an Endangered Language." *The International Journal of Bilingual Education and Bilingualism* 11(5), 577-597.
- Bialystok, Ellen (2001) *Bilingualism in Development; Language, Literacy and Cognition*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Chambers, Francine (1997) "What do we mean by fluency?" *System* 25(4), 535-544.
- Comhairle na Roinn-Eòrpa (2001) *The Common European Framework of Reference for Languages, Learning, Teaching, Assessment*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Cook, Vivian (1999) "Going beyond the Native Speaker in Language Teaching." *TESOL Quarterly* 33(2), 185-209.
- Cooper, R.L. (1980) 'Sociolinguistic Surveys: the State of the Art' in *Applied Linguistics*, Vol.1 (2), pp.113-128.
- Coppieters, René (1987) "Competence Differences Between Native and Near-Native Speakers." *Language* 63(3), 544-573.
- Dauenhauer, Nora Marks & Dauenhauer, Richard (1998) 'Technical, emotional, and ideological issues in reversing language shift: examples from Southeast Alaska', ann an Lenore A. Grenoble & Lindsay J. Whaley (l-deas.) *Endangered Languages: language loss and community response*. Cambridge: Cambridge University Press, 57-98.
- Dorian, Nancy C. (1981) *Language Death, the Lifecycle of a Scottish Gaelic Dialect*. Philadelphia: University of Pennsylvania Press.
- Dorian, Nancy C. (1982) "Defining the speech community to include its working margins." Ann an: *Sociolinguistic Variation in Speech Communities*, Suzanne Romaine (deas.), London: Edward Arnold.
- Euromosaic Project: Language Use Survey* (1994).
- Fishman, Joshua A. (1991) *Reversing language shift: theoretical and empirical foundations of assistance to threatened languages*. Bristol, PA: Multilingual Matters Ltd.
- Ginealach Ùr na Gàidhlig: Plana Gnìomha gus luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh*. (aithisg ri fhaighinn aig <http://www.gaidhlig.org>)
- Grenoble, Lenore A. agus Whaley, Lindsay J. (2006) *Saving Languages, an introduction to language revitalization*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Grosjean, François (1989) "Neurolinguists, beware! The bilingual is not two monolinguals in one person." *Brain and Language* 36(1), 3-15.
- Jones, Kathryn & Morris, Delyth (Nov. 2005) 'Welsh Language Socialization within the Family'.
- Mac an Tàilleir, I.S. (2008) *Where do people speak Gaelic? - Skye and the Western Isles? in Crossing the Minch: Exploring the Links Between Skye and the Outer Hebrides*. Steòrnabhagh: Islands Book Trust.

Mac an Tàilleir, I.S. (2009) Pàipear-fiosrachaidh air taghadh sgìre ann an Leòdhas (neo-fhoillsichte).

MacKinnon, Kenneth (1971) *Gaelic in Scotland 1971: some sociological and demographic considerations of the census report for Gaelic*. Hatfield Polytechnic.

MacKinnon, Kenneth (1977) *Language, Education and Social Processes in a Gaelic Community*. London: Routledge & Kegan Paul.

MacKinnon, Kenneth (1987) *Occupation, migration and language-maintenance in Gaelic communities*. Hatfield: School of Business and Social Sciences, Hatfield Polytechnic.

MacKinnon, Kenneth (1991) *Gaelic: a past and future prospect*. Dùn Èideann: Saltire Society.

MacKinnon, Kenneth (2000) 'Identity, Attitudes and Support for Gaelic Policies: Gaelic Speakers in the Euromosaic Survey 1994/95'. Pàipear air a thoirt seachad aig an 6mh co-labhairt eadar-nàiseanta air cànanan Albainn agus Ulaidh, Beal Feairt, 9-13 an Lùnastal, 2000.

McLeod, Wilson (am Màrt 2005) *Gàidhlig ann an Dùn Èideann: Cleachdadh agus Beachdan*, ri fhaighinn aig <http://www.arts.ed.ac.uk/celtic/poileasaidh/>

Müller, Martina (2006) "Language use, language attitudes and Gaelic writing ability among secondary pupils in the Isle of Skye." Ann an: Wilson McLeod (deas.), *Revitalising Gaelic in Scotland*, Edinburgh: Dunedin Academic Press, 119-38.

Ó Giollagáin, C., Mac Donnacha, S. *et al* (2007) *Comprehensive Linguistic Study of the Use of Irish in the Gaeltacht: Principal Findings and Recommendations*. A Research Report for the Department of Community, Rural and Gaeltacht Affairs. Baile Àth Cliath: Stationery Office.

O hIfearnain, Tadhg, 'Institutionalising Language Policy: Mismatches in Community and National Goals', ann am Munro, G. & Mac an Tàilleir, I. (2010) *Coimhearsnachd na Gàidhlig an-Diugh*. Edinburgh: Dunedin Academic Press, 35-48.

Parman, Susan. (1990) *Scottish Crofters. A Historical Ethnography of a Celtic Village*. Lunnainn: Holt, Rinehart and Winston Inc.

Paulston, Christina Bratt (1974) "Linguistic and Communicative Competence." *TESOL Quarterly* 8(4), 347-362

Piller, Ingrid (2002) "Passing for a native speaker: Identity and success in second language learning." *Journal of Sociolinguistics* 6(2), 179-206.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2007-12. Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig.

Putnam, R., Leonardi, R. agus Nanetti, R.Y. (1993) *Making Democracy Work: Civic Traditions in Modern Italy*. Princeton N.J.: Princeton University Press.

Welsh Language Use Survey (2006) Bwrdd yr Iaith. Cardiff: Welsh Language Board.

West Highland Free Press. WHFP Ltd: An t-Àth Leathann, An t-Eilean Sgitheanach. (11.6.10)

Làraichean-lìn

Cunntas-Sluaigh 2001 (ri fhaighinn aig <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/index.html>)

<http://www.cne-siar.gov.uk/development>

Ginealach Ùr na Gàidhlig: Plana Gnìomha gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh (an Giblean, 2010) Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig.

The Common European Framework of Reference for Languages, Learning, Teaching, Assessment: ri fhaighinn aig

http://www.coe.int/T/DG4/Portfolio/?M=/main_pages/levels.html

MacKinnon, K. *Identity, Attitudes and Support for Gaelic Policies*, air www.sgrud.org.uk/anyfy/gaelic_articles/euromosaic_identity_belf.html, leughte 4.6.10.

Pròiseact Plana Cànain nan Eilean Siar: Rannsachadh agus Toraidhean Ìre 1 dhen Phròiseact, Aithisg Dheireannach (2004) (ri fhaighinn aig www.linguae-celticae.org/dateien/planaire1.pdf)

Pàipearan-taice (ri fhaighinn bho td. 276)

5.4: Geàrr-chunntas sa Bheurla air Caibideil 3

5.5: Na Trì Ceisteachain Coimhearsnachd

4. Sgrùdadh Cànanain ann am Buidheann

Geàrr-chunntas/Summary

Chuireadh in-sgrùdadh cànanach an sàs ann an Oifis an Àrd-oifigeir aig Comhairle nan Eilean Siar ann an Steòrnabhagh, anns a' Ghearran, 2010, gus dàta a thogail air barail, comas agus cleachdadh na Gàidhlig ann an roinn de bhuidheann phoblach ann an Leòdhas, agus gus cumadh in-sgrùdadh cànanach ùr a dhearbhadh ann an gnìomh. Anns a' chùl-rannsachadh ron in-sgrùdadh, chaidh lorg gu bheil mòran dhe na ceisteachan a chaidh moladh airson cleachdadh ann an in-sgrùdaidhean cànanach gu ruige seo bonntaichte air ceistean neo-dheimhinn mì-shoilleir, nach buaineadh dàta tàbhachdach no earbsach, agus mar sin, rinn sinn co-dhùnadh gun dealbhaicheamaid ceisteachan dhan in-sgrùdadh seo as ùr. Chaidh ceistean air comas-cànanain sgrìobhadh ann an cruth '*can-do*' mar a chaidh moladh le Comhairle na Roinn-Eòrpa, agus chaidh ceistean air cleachdadh cànan sgrìobhadh le freagairtean a shònraicheadh ìrean deimhinn de thricead. Molaidh sinn gur ann as fhèarr gun tèid in-sgrùdaidhean cànanach a thuigsinn mar chothrom air soilleireachadh ideòlach ann am buidheann cho math ri tùs dàta, agus mar sin, dhealbhaich sinn cumadh agus gnìomh an in-sgrùdaidh gu cùramach agus le sùil air a' bhuidheann a bheireadh e air a' mhothachadh anns a' bhuidhinn air ròl agus cudromachd na Gàidhlig.

Chaidh Oifis an Àrd-oifigeir a thaghadh dhan in-sgrùdadh a chionn 's gun robh sinn a' sireadh buidheann a bhiodh a' tachairt ris a' phoball tric, agus a chionn 's gun robh sinn cuideachd a' sireadh buidheann a bha reusanta beag agus stèidhichte air an aon làrach. Air adhbharan staitistigeach, ann am buidheann bheag (nas lugha na beagan cheudan), is fhèarr gun dèanar cunntas slàn dhen bhuidhinn seach sampall, agus mar sin, bha sinn ag amas air cunntas slàn dhen roinn. Chaidh ceisteachan a sgaoileadh dhan roinn air fad agus chaidh 58% dhe na ceisteachan a thilleadh. Anns an fharsaingeachd, dh'aithris luchd obrach Oifis an Àrd-oifigeir gun robh cultar-obrach dà-chànanach aca anns an oifis, gun robh an oifis na h-àite fosgailte do chleachdadh na Gàidhlig, agus gun robh iarrtas nam measg airson cothroman-ionnsachaidh Gàidhlig. Ach aig a' cheart àm, bha eas-aonta air aithris air cleachdadh na Gàidhlig mi-fhoirmeil anns an oifis agus air na dreuchdan a bhiodh air an sònrachadh mar 'Gàidhlig Riatanach,' agus mi-thuigse air a h-aithris air Poileasaidh agus Plana Gàidhlig na Comhairle. Stèidhichte air an eòlas a choisinn sinn tron in-sgrùdadh, molaidh sinn anns a' chumantas gur ann as fhèarr gun tèid in-sgrùdaidhean cànanach fhisge a-steach do chlàr-ama nam measaidhean bliadhna aig luchd-obrach, gun tèid dàta leantainneachd coileanta a thogail leotha, agus gun tèid in-sgrùdaidhean cànanach àbhaisteachadh ann an cultar na buidhne agus iad a' daingneachadh cudromachd na Gàidhlig ann an obair na buidhne mar sin.

A language audit was conducted in the Executive Office of Comhairle nan Eilean Siar in Stornoway, in February, 2010, in order to measure attitudes, ability and use of Scottish Gaelic in a department of a public body in Lewis, and to assess a new language audit instrument in practice. In the course of our background research prior to the audit, we found that many of the language audit instruments recommended in the literature were founded on unclear non-specific questions that were unlikely to yield valid reliable data, and therefore, we resolved to design the questionnaire for this audit from scratch. We measured Gaelic ability with 'can-do' questions as recommended by the Council of Europe and we measured language use with questions and answers indicating concrete intervals of time. We recommend that language audits should be understood as an opportunity for ideological clarification in an organization, as well as a source of data, and therefore, we designed the

form and implementation of this audit carefully and with an eye to the impact it would have on how the role and the importance of Gaelic is understood within the organization.

The Executive Office was chosen for this audit because we were seeking a body that would be interacting with the public frequently, that was not too large, and that was located together on the one physical site. For statistical purposes, in a small group (under a few hundred members), it is usually better to attempt a complete census rather than make a sample, and therefore, we aimed at a complete census of all the members of the department. We distributed the questionnaire to everyone working in the Executive's Office and 58% of the questionnaires were returned. In general, the staff reported that a bilingual work-culture obtained in the Executive Office, that the office was supportive of Gaelic use, and that there was a demand for Gaelic training amongst the staff. At the same time, there was disagreement reported concerning informal use of Gaelic in the office, disagreement reported about posts that had be designated as "Gaelic-Essential," and it was also reported that the Comhairle's Gaelic Policy and Gaelic Plan were not clear to all the staff. Based on our experience conducting this audit, we recommend that best practice would be to establish language audits as part of the employees' annual review process in an organization, thereby gathering longitudinal data, normalizing the audit in the culture of the organization, and reinforcing the importance of Gaelic in the work of the organization.

4.1. Co-theacsa

- Chuireadh in-sgrùdadh cànanach an sàs ann an roinn de bhuidheann phoblach ann an Leòdhas gus dàta a thogail air barail, comas agus cleachdadh, agus gus cumadh ùr in-sgrùdaidh a dhearbhadh ann an gnìomh.

Ged a chaidh còig prìomh thoraidhean iarraidh oirnn anns an tairgse-rannsachaidh, ann an gnìomh, chaidh an tionnsgnadh air adhart ann an dà làrach-rannsachaidh eadar-dhealaichte: ann an aon choimhearsnachd, Siabost, Leòdhas, agus ann am buidheann phoballach, Oifis an Àrd-oifigeir aig Comhairle nan Eilean Siar ann an Steòrnabhagh, Leòdhas, agus bhiodh a dhà dhe na prìomh thoraidhean no prìomh amasan anns an tairgse-rannsachaidh a' buntainn gu sònraichte ris an rannsachadh a chaidh air adhart anns a' bhuidhinn. Dh'iarradh oirnn gun dèanamaid in-sgrùdadh cànanach ann am buidheann phoballach ann an Leòdhas agus gum molamaid cumadh ginearalta dhan t-seòrsa in-sgrùdadh cànanach a rachadh cleachdadh ann am buidhnean poballach eile ann an àite sam bith ann an Alba. Thuig sinn gun robh an dà amas seo ag obair ri chèile, agus gun dèanamaid an rannsachadh anns a' bhuidhinn gus dàta a thogail air barail, comas agus cleachdadh anns a' bhuidhinn sin gu sònraichte, ach cuideachd, gus cumadh an in-sgrùdaidh a dhearbhadh ann an gnìomh.

- Chaidh an t-in-sgrùdadh cànanach air adhart ann an Oifis an Àrd-oifigeir aig Comhairle nan Eilean Siar ann an Steòrnabhagh anns a' Ghearran, 2010.

An dèidh co-chomhairleachadh agus còmhradh eadar an sgioba-rannsachaidh, Comataidh-rannsachaidh Bhòrd na Gàidhlig agus diofar bhuidhnean poballach ann an Leòdhas, rinneadh an co-dhùnadh gun rachadh an t-in-sgrùdadh cànanach air adhart ann an Oifis an Àrd-oifigeir

aig Comhairle nan Eilean Siar ann an Steòrnabhagh anns a' Ghearran, 2010. Chaidh Oifis an Àrd-oifigeir a thaghadh dhan in-sgrùdadh air adhbharan teòiridheil agus air adhbharan goireasach. Bha sinn a' sireadh buidheann dhan sgrùdadh a bhiodh a' tachairt ris a' phoball tric, agus bha sinn cuideachd ag sireadh buidheann a bha reusanta beag agus stèidhichte air an aon làrach. Bha e cudromach do fhreagarrachd an in-sgrùdaidh gun robh a' bhuidheann fo cheist ann an conaltradh ris a' phoball ann an Leòdhas mar phàirt dhen obair làitheil aice, ach a bharrachd air sin, a chionn 's gu bheil cuid dhe na ceistean a-mach air conaltradh ris a' phoball ann an Gàidhlig, bha sin a' sireadh buidheann a bheireadh cothrom dhuinn na ceistean seo a chur. Bha sinn ag amas air cunntas slàn de luchd-obrach ann am buidheann seach sampall, agus mar sin, cha bhiodh buidheann a bha tuilleadh 's mòr freagarrach, agus a chionn 's gun robh cuid dhe na ceistean fosgailte a-mach air pàtran de chleachdadh na Gàidhlig ann am buidheann ann an diofar àiteachan fiosaigeach anns an àite-obrach, bha sinn a' sireadh buidheann a bha gu h-ìre mhòr cruinn ri chèile anns an aon togalach seach buidheann a bha sgapte eadar mòran diofar làraichean. Rinneadh co-dhùnadh nach dèanamaid rannsachadh air tè dhe na buidhnean a tha ag obair gu sònraichte air leasachadh na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar, ach buidheann a bhios a' tabhainn caochladh sheirbheisean dhan phoball. Ach aig a' cheart àm, bha e na bhuannachd gu bheil Sgioba na Gàidhlig stèidhichte ann an Oifis an Àrd-oifigeir, agus mar sin, bha solar sheirbheisean Gàidhlig am measg dhleasdanasan luchd-obrach na h-oifis.

Tha Oifis an Àrd-oifigeir suidhichte air a' chiad làr ann an Oifisean na Comhairle air Rathad Shanndabhaig ann an Steòrnabhagh. Tha 59 luchd-obrach ag obair anns an roinn agus iad sgapte eadar diofar fo-roinnean: *External Strategy, Human Resources (Personnel, Occupational Health, Single Status, Health & Safety, Organisational Development), Devolved Services Uist & Barra, Executive Office* (Sgioba na Gàidhlig, *Members Services, Legal Section, Democratic Services, Corporate Policy*). Tha a' mhòr-chuid anns an roinn ag obair cruinn còmhla air an aon làr anns a' phrìomh togalach, ach tha mu 12 daoine ag obair ann am bothanan ('*the huts*') suidhichte làimh ris a' phrìomh togalach. Mar a chìthear ann an toraidhean an in-sgrùdaidh gu h-ìosail, bhiodh mòran anns an oifis a' tachairt ris a' phoball agus iad a' toirt seachad seirbheisean riatanach do mhuinntir nan Eilean Siar. Tha poileasaidh agus plana Gàidhlig aig a' Chomhairle a chaidh deasachadh a rèir riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dà phrìomh amas ann am Poileasaidh Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar a' buntainn ri cànan-obrach na Comhairle gu sònraichte:

- A' Ghàidhlig a stèidheachadh mar an cànan rianachail airson na Comhairle, le bhith a' solarachadh ghoireasan airson trèanadh ann-an-dreuchd agus gus leigeil le luchd-obrach na sgìlean cànan aca a leasachadh;
- Dèanamh cinnteach gu bheil seirbheis tron Ghàidhlig ri faotainn mar chòir, gun an fheum a bhith ga sireadh gu sònraichte;

(Plana Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2007-2012, td. 6)

Cuideachd, anns na h-amasan mionaideach anns a' phlana Ghàidhlig aig a' Chomhairle, chaidh moladh gun "comharraich an t-iarrtas airson cùrsaichean" am measg luchd-obrach na Comhairle nach eil dà-chànanach. (Plana Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2007-2012, td. 16) Chaidh an t-in-sgrùdadh a dhealbhadh anns an dùil gum biodh na toraidhean a thigeadh às cuideachail dhan Chomhairle agus iad a' coileanadh nan amasan seo.

4.2. Dòighean-obrach

- Chaidh lorg gu bheil mòran dhe na ceisteachan a chaidh cleachdadh ann an in-sgrùdaidhean cànanach gu ruige seo bonntaichte air ceistean neo-dheimhinn mì-shoilleir.

Chaidh moladh le Bòrd na Cuimris agus le Bòrd na Gàidhlig gu bheil in-sgrùdaidhean cànanach nam buannachd ann an ruith dealbhadh agus leasachadh phlanaichean-cànain (Bòrd na Gàidhlig 2007: 11, Bwrdd Yr Iaith Gymraeg 1996: 11, 36-37), agus dh'ainmich buidhnean poballach, an dà chuid, anns a' Chuimrigh agus ann an Alba, in-sgrùdaidhean cànanach mar phàirt dhen deasachadh a rinn iad dha na planaichean-cànain aca. Mhol Bòrd na Cuimris feallsanachd, cainnt agus cruth dha na ceistean a thèid cleachdadh ann an in-sgrùdaidhean cànanach ann an trì foillsichidhean: *Guidelines for organising Welsh language training in the workplace* (Bwrdd Yr Iaith Gymraeg 2009: 26-31), *As good as our words: Good practice guidelines for developing the use of Welsh language in the voluntary sector* (Bwrdd Yr Iaith Gymraeg agus Cyngor Gweithredu Gwirfoddol Cymru 2008: 42), *Welsh Language Training in the Workplace Guidelines* (Bwrdd Yr Iaith Gymraeg 2001: 26-35). Ach gu ruige seo, cha do rinneadh mòran rannsachaidh air ciamar a mheasar comasan-cànain, cleachdadh-cànain agus feumalachdan-trèanaidh cànanach anns an àite-obrach ann an dòigh a bhios tàbhachdach agus earbsach. (cf. Anita agus Fankep 2004, Greensmith 1994, Huhta 2002, Reeves and Write 1996, Shotlekov et al. 2003) Mus do sgrìobh sinn an ceisteachan in-sgrùdail a chaidh cleachdadh anns an rannsachadh seo, thug sinn suil air ceisteachain a chaidh moladh mar-thà, agus lorg sinn gun robh a' chainnt a chaidh cleachdadh ann an cuid dhe na ceisteachan neo-dheimhinn, mì-shoilleir agus doirbh a mheasadh. Mar eisimpleir, nuair a thèid faighneachd, dè cho math 's a thuigear cànan, leughar abairtean mar *a little no quite well* anns an taghadh de fhreagairtean. No, nuair a thèid faighneachd, dè cho tric 's a chleachdar cànan, leughar buadhairean neo-dheimhinn mar *occasionally no frequently* anns an taghadh de fhreagairtean. Chan eil e idir soilleir dè bhiodh e a' ciallachadh nam biodh cuideigin a' cur an cèill, "*I can speak a little Gaelic,*" no dè bhiodh e a' ciallachadh nam biodh cuideigin a' sònrachadh gu bheil iad a' cleachdadh na Gàidhlig "*occasionally.*" Mar sin, nuair a thàinig oirnn ceisteachan a sgrìobhadh dhan in-sgrùdadh chànanach airson an rannsachadh seo, rinn sinn an co-dhùnadh tràth gun sgrìobhamaid ceisteachan às ùr a bhiodh mionaideach, cruthach agus soilleir, agus a bhiodh bonntaichte air rannsachadh agus air molaidhean eadar-nàiseanta.

- Chaidh na ceistean air comas-cànain a chleachdadh an seo sgrìobhte ann an cruth '*can-do*' mar a chaidh moladh le Comhairle na Roinn-Eòrpa.

Chìthear cumadh an in-sgrùdaidh ann an èarr-ràdh 5.6 agus chìthear na ceisteachain sònraichte a chaidh a chleachdadh anns a' Chomhairle ann an èarr-ràdh 5.8. Sgrìobhadh na ceistean fo chòig cinn: comas Gàidhlig, cleachdadh na Gàidhlig aig obair, miann agus feum air trèanadh ann an Gàidhlig, adhartas ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus misneachd ann an cleachdadh na Gàidhlig. Cuideachd, chuireadh còig ceistean fosgailte ris a' cheisteachan a mheasas càit agus ciamar a thèid Gàidhlig a chleachdadh air làrach an àite-obrach agus càit a bheil na cnapan-starra a chuireas bacadh air barrachd cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach. A thaobh comas Gàidhlig, tuigear gu bheil e cudromach gu bheil na ceistean cruthach seach mì-shoilleir, gum bi barrachd earbsa anns na freagairtean mar sin, agus gum

meas iad comas Gàidhlig mar a bhite an dùil. Air an los sin, sgrìobhadh ceistean stèidhichte air na molaidhean aig Comhairle na Roinn-Eòrpa anns an stiùireadh aca, *The Common European Framework of Reference for Languages, Learning, Teaching, Assessment*. Anns an stiùireadh, thathar a' moladh cheistean ann an cruth, *can-do*, mar cheistean cruthach a mheasas comas-cànain ann an dòigh nas earbsaich na ceistean neo-dheimhinn. (Comhairle na Roinn-Eòrpa 2001: 205-216, faicibh cuideachd: The Association of Language Testers in Europe 2002, Shotlekov et al. 2003: 3-4). Mhìnich Kiyomi Yoshizawa cruth ràdhan *can-do* mar a leanas:

Can-do statements:

- (1) *describe concrete tasks;*
- (2) *describe tasks familiar to a targeted group [...];*
- (3) *describe the tasks which vary conceptually in terms of the amount of language processing [...]*

(Yoshizawa 2009: 69)

Chaidh ceistean *can-do* a sgrùdadh agus chaidh lorg gu bheil co-dhàimh brìgheil eadar fèin-mheasadh comas-cànain mar a thèid tomhas le ceistean dhen t-seòrsa seo, agus comas-cànain mar a thèid measadh le luchd-sgrùdaidh neo-eisimeileach. (MacIntyre et al. 1997: 274, faicibh cuideachd: Bachman agus Palmer 1989, Heilenman 1990) Anns a' cheisteachan, chleachdadh ceistean *can-do* ann am measadh chomasan Gàidhlig, ach cuideachd anns a' cheist a-mach air misneachd. Thathar a' moladh anns *The Common European Framework* gum bu chòir ceistean a sgrìobhadh ann an cruth deimhinneach seach àicheil, *can-do* seach *can't-do*, mar gum biodh. (Comhairle na Roinn-Eòrpa 2001: 205-206) Gu riatanach, bha a' chiad ràdh anns gach sreath àicheil a chionn 's gum biodh e a' sònrachadh nan daoine gun chomas Gàidhlig sam bith, ach leanadh an stiùireadh air na ràdhan eile agus chuireadh ann an cruth *can-do* deimhinneach iad.

- Bha na freagairtean dha na ceistean a-mach air cleachdadh-cànain a' sònrachadh ìrean deimhinn de thricead.

A thaobh cleachdadh na Gàidhlig, sgrìobhadh ceistean le freagairtean a shònraicheadh diofar ìrean deimhinn de thricead: *never, yearly, monthly, daily, hourly*, ann an dùil gum bi na freagairtean seo nas seaghaich na freagairtean neo-dheimhinn mar *occasionally* agus *frequently*, an dà chuid dhan luchd-obrach a bhios a' freagairt nan ceistean, agus dha na manaidsearan a bhios gan sgrùdadh. Tuigear bho chuid dhe na planaichean-cànain aig diofar bhuidhnean poballach anns a' Chuimrigh agus ann an Alba gun robh e fainear gun dèante in-sgrùdadh cànanaich aon uair aig toiseach na cùise, fhad 's a bha iad a' dealbhadh nam planaichean aca, ach is cinnteach gum bi in-sgrùdaidhean cànanaich nas fheumaile ma thèid an dèanamh iomadh uair (gach bliadhna, gach dà bhliadhna, gach uair a thèid am plana-cànain ùrachadh) mar thomhas air an adhartas a nì a' bhuidheann a dh'ionnsaidh dà-chànanaich. Mar sin, sgrìobhadh na ceistean uile ann an dùil gum bi an ceisteachan ga chleachdadh iomadh uair le buidhnean agus gun tèid dàta leantainneach a thogail leis.

Rinneadh co-chomhairleachadh ri buill Chomataidh-rannsachaidh Bhòrd na Gàidhlig air cruth nan ceistean anns an fharsaingeachd agus ann an cumadh an in-sgrùdaidh chànanaich, agus an uair sin, rinneadh co-chomhairleachadh ri buill Sgioba na Gàidhlig nuair a chaidh cumadh an in-sgrùdaidh a thionndadh dha na ceisteachain sònraichte a rachadh cleachdadh anns a' Chomhairle. Chaidh na briathran ginearalta mar '*customers/clients*' atharrachadh gu briathran a thèid cleachdadh anns a' bhriathrachas-obrach shònraichte aig a' Chomhairle, agus anns an eisimpleir seo, gu '*public*.' Cuideachd, chuireadh na cothroman-ionnsachaidh sònraichte a bha rim faighinn anns a' Chomhairle aig àm an rannsachaidh ri ceist 25, m.e.: Ùlpan agus Gaelic with Confidence. Chithear ann an eàrr-ràdh 5.8 gun do sgrìobh sinn ro-ràdh aig toiseach cumadh an in-sgrùdaidh, ro-ràdh a bheireadh co-theacsa agus soilleireachadh dhan in-sgrùdadh agus nì sinn meòrachadh air adhbhar an ro-ràidh seo ann an earrann 4.4, ach a chionn 's gum biodh an t-Àrd-oifigear fhèin aig a' Chomhairle, Malcolm Burr, a' cur an in-sgrùdaidh an aithne dhan roinn aige le post-d, cha do chleachd sinn an ro-ràdh againne anns na ceisteachain a chaidh a sgaoleadh anns a' Chomhairle.

- Bha sinn ag amas air cunntas slàn dhen roinn seach sampall.

Ann an dealbhadh a' chlàir-rannsachaidh, chuir sinn romhainn gum bitheamaid ag amas air cunntas slàn dhen luchd-obrach ann an aon roinn, seach sampall. Nuair a thèid sluagh beag a thomhas (beagan cheudan no nas lugha), 's e an fhìrinn staitistigeach a th' ann gu bheil àireamh an t-sampail riochdachail cho faisg air an àireamh iomlan gu bheil e a' cheart cho math feuchainn ri cunntas slàn a dhèanamh air an t-sluagh. Mar bhuidheann-rannsachaidh bho thaobh a-muigh na Comhairle, chan fhaodamaid iarraidh air a h-uile neach-obrach an ceisteachan a lìonadh mar riatanas-obrach, agus dh'fheumamaid faighneachd air an luchd-obrach na Comhairle gun lìonadh iad gu saor-thoileach e. Mar sin, bha sinn an dùil gum biodh uiread ann nam measg nach cuireadh an ceisteachan air ais thugainn, agus le amas air cunntas slàn, bha an cothrom a b' fheàrr againn gun togamaid dealbh reusanta coileanta anns an in-sgrùdadh. Ron in-sgrùdadh, sgaoil an t-Àrd-oifigear post-d dhan roinn a mhìnich amas agus cudromach an rannsachaidh agus a chuir a thaic-san ris an tionnsgnadh. Sgaoil Sgioba na Gàidhlig na ceisteachain do gach neach-obrach anns an roinn ann an cèisean, am fear Gàidhlig agus am fear Beurla ann an gach cèis, agus thèid na ceisteachain a thilleadh gun urra do dh'oifis Sgioba na Gàidhlig. Anns a' chiad seachdain, chuireadh 31 ceisteachain air ais. Chuir Alasdair MacLeòid, Oifigear Leasachadh Poileasaidh aig Sgioba na Gàidhlig, post-d eile dhan roinn a thug gu cuimhne gun robh sinn fhathast a' feitheamh air cuid dhe na ceisteachain, agus fhuair sinn trì ceisteachain a bharrachd an dèidh sin.

- Chaidh na dàta a thrusadh ann an SPSS, ged a bhiodh e a cheart cho freagarrach a bhith a' cleachdadh prògram mar Excel no a leithid.

Chaidh na dàta a thrusadh agus a sgrùdadh ann an SPSS v14.0, ged a chaidh cuid dhe na figearan a sgrùdadh ann am Microsoft Office Excel 2007. Chleachdadh SPSS a chionn 's gu bheil sgrùdadh staitistigeach agus coimeas eadar tomhaisean nas fhasa ann an SPSS, ach 's e pàirt dhen luach a th' ann an cumadh an in-sgrùdaidh a sgrìobh sinn gu bheil na ceistean sìmplidh gu leòr gun gabh an t-in-sgrùdadh air fad a thrusadh ann an Excel mas miann. Nuair a dhealbhaich sinn an t-in-sgrùdadh, bha sinn mothachail nach biodh SPSS aig a h-uile buidheann a chleachdadh an ceisteachan, ach gum biodh Excel no prògram eile dhen leithid

ann an gach oifis, agus mòran daoine eòlach air. 'S e an fhìrinn a th' ann gu bheil Excel nas fhasa agus nas goireasaich na SPSS ann an iomadach dòigh, agus chan eil adhbhar ann nach biodh na toraidhean a thruiseadh agus a sgrùdadh ann an Excel a cheart cho feumail do bhuidheann ann an dòigh phrataigeach na na toraidhean a chruthaich sinne ann an SPSS.

4.3. Toraidhean

- Chaidh 58% dhe na ceisteachan a thilleadh.

Chaidh 34 ceisteachain a thilleadh bho na 59 daoine a bha ag obair ann an Oifis an Àrd-oifigeir aig àm ann rannsachaidh, agus tha seo a' ciallachadh gun deach 58% dhe na ceisteachain a thilleadh. 'S e ìre reusanta àrd de dh'ath-thilleadh a th' ann an sin, gu sònraichte ann an suirbhidh saor-thoileach, ach fhathast, feumaidh sinn a bhith faiceallach anns an eadar-mhìneachadh a nì sinn air na dàta seo a chionn 's nach eil dòigh neo-eisimeileach againn tomhas a dhèanamh air a' chuid nach do chuir an ceisteachan air ais, agus tha an cunnart ann gu bheil na dàta air an claonadh leis a' mheud de cheisteachan nach tàinig air ais thugainn. Mar sin, cha bhì sinn a' mìneachadh nan dàta seo mar sampall riochdachail dhen luchd-obrach ann an Oifis an Àrd-oifigeir ann an dòigh staitistigeach, ach mar dhealbh shìmplidh dhen luchd-obrach a fhreagair na ceistean a chuir sinn. Tha sinn misneachail gu bheil na dàta a leanas brìgheil ann an dòigh phractaigeach, fiù 's mur eil na dàta brìgheil ann an dòigh staitistigeach, gum bi an dealbh a thèid tarraing inntinneach, agus tha sin an dòchas, gum bi na dàta feumail do luchd-obrach na Comhairle fhad 's a chuireas iad Poileasaidh agus Plana Gàidhlig na Comhairle an gnìomh.

- Tha fianais ann gun do thomhais na ceisteach 'can-do' comas-cànain mar a bhathar an dùil.

Chaidh sia dhe na ceisteachain a lìonadh ann an Gàidhlig, agus tha seo a' toirt cothrom dhuinn tomhas beag a dhèanamh air tàbhachd an inneil-sgrùdaidh.¹ Chithear ann an Figear 4.1 coimeas eadar cànan a' cheisteachain a chaidh a lìonadh agus fèin-mheasadh air comas-sgrìobhaidh ann an Gàidhlig. Lìon gach neach aig an ìre de dh'fhèin-mheasaidh a b' àirde ceisteachan ann an Gàidhlig ach cha do lìon duine sam bi aig na h-ìrean eile ach ceisteachain Bheurla. Rinneadh deuchainn chi-square agus mar a bhite an dùil bho choltas a' ghraif, tha co-dhàimh brìgheil (os cionn ìre-mhisneachd 95%) eadar cleachdadh na Gàidhlig anns an in-sgrùdadh agus am fèin-mheasadh as àirde air comas-sgrìobhaidh. 'S e tomhas beag a th' ann an seo gu cinnteach ach còmhla ris an dearbhadh ann an sgrùdaidhean eile (faicibh 4.2), tha e a' toirt misneachd dhuinn gu bheil na ceistean 'can-do' seo a' measadh comas-cànain ann an dha rìreabh.

- Bha cultar-obrach dà-chànanach ri lorg ann an Oifis an Àrd-oifigeir.


¹ the construct validity

Tha na freagairtean dha na ceithir ceistean air comas-cànain (Figearan 4.2-4.5) a' taisbeanadh gun robh caochladh farsaing de chomasan Gàidhlig ri aithris aig àm an rannsachaidh am measg an luchd-obrach ann an Oifis an Àrd-oifigeir. Tha e inntinneach faicinn gun do dh'aithris a' mhòr-chuid gun robh comas-tuigsinn Gàidhlig aca agus comas-bruidhinn Gàidhlig aca, gu h-ìre no eile, ach chithear gu bheil am fèin-mheasadh air comas-leughaidh agus comas-sgrìobhaidh nas dà-thaobhaich, agus a' mhòr-chuid ag aithris gu bheil na comasan aca air taobh seach taobh dhen sgèile agus glè bheag anns a' mheadhan. Dh'aithris a' mhòr-chuid nach do chleachd iad Gàidhlig idir ris a' phoball no ri chèile (Figearan 4.6-4.22), ach chithear beagan fianais fhathast gun robh cultar dà-chànanach na ghnàths anns a' Chomhairle agus gun cleachdadh mion-sluagh reusanta mòr a' Ghàidhlig anns an oifis agus ann an conaltradh ris a' phoball agus thathar an dùil gum b' e seo bunait air am b' urrainn don Chomhairle a thogail. Dh'aithris 12 gun tòisicheadh am poball còmhraidhean Gàidhlig air a' fòn (Figear 4.7) agus seachnar gum faigheadh iad puist-d Gàidhlig bhon phoball (Figear 4.10) a sheallas gun robh miann aig a' phoball air seirbheisean Gàidhlig agus gun robh cuid dhen phoball gan cleachdadh gu spreigeach.


- Bha iarrtas air aithris airson cothroman-ionnsachaidh Gàidhlig subailte.

Thàinig toradh brosnachail às a' cheist a-mach air am miann air ionnsachadh na Gàidhlig cuideachd (Figear 4.23). Ged a dh'aithris sianar nach robh ùidh aca ann an ionnsachadh, dh'aithris 14 gun robh iad ag iarraidh an cuid Gàidhlig a leasachadh no Gàidhlig ionnsachadh, agus dh'aithris dithis gun robh iad air cùrsaichean Gàidhlig (Ùlpan) aig àm an rannsachaidh. Chithear ann am Figear 4.24 gun robh an luchd-obrach ag iarraidh mòran sgilean Gàidhlig eadar-dhealaichte bhuannachadh agus gu bheil cuid mhòr (sianar) ag iarraidh fileantachd a choisinn anns a' chànan, ach cuideachd gun robh duilgheadas le misneachd ann an labhairt aig deichnear aig an robh a' Ghàidhlig mar thà (Figear 4.26). Bha an ùidh as motha ann an clasaichean pàighte leis a' Chomhairle tron latha mar phàirt de chlàr-ama na h-obrach, ach anns a' chumantas, bha farsaingeachd de chothroman-ionnsachaidh air iarraidh, agus stèidhichte air fianais an in-sgrùdaidh, cha b' urrainnear ràdh gum biodh an t-aon seòrsa chùrsa freagarrach dhan luchd-obrach air fad, ach prògram-ionnsachaidh subailte (Figear 4.27).

Figear 1: Fèin-mheasadh air Comas-sgrìobhaidh an aghaidh Cànan a' Cheisteachain




Figear 4.2 Comas-tuigsinn Gàidhlig - Understanding Gaelic




- **Chan eil mi a' tuigsinn na Gàidhlig fhathast.**
I do not yet understand any Gaelic.
- **Tuigidh mi daoine a' cur fàilte orm ma bhruidhneas iad gu slaodach soilleir.**
I can understand simple greetings when someone is speaking slowly and clearly.
- **Tuigidh mi còmhraidh sìmplidh Gàidhlig ma bhruidhneas daoine gu slaodach soilleir.**
I can pick up the general meaning of simple conversations if someone is speaking slowly and clearly.
- **Tuigidh mi còmhraidh àbhaisteach ma bhruidhneas daoine gu slaodach soilleir.**
I can understand most normal, daily conversations if someone is speaking slowly and clearly.
- **Tuigidh mi fileantaich inbheach a' bruidhinn ann an Gàidhlig mu dheidhinn chuspairean àbhaisteach aig astar àbhaisteach.**
I can understand fluent Gaelic speakers talking about every-day subjects at normal speed.
- **Thuiginn fileantaich a' bruidhinn ann an Gàidhlig ann an coinneamhan mu dheidhinn chuspairean sònraichte ceangailte ri m' obair.**
I would be able to understand fluent Gaelic speakers in meetings talking about specialised subjects connected to my work.

Figear 4.3 Comas-bruidhinn Gàidhlig - Gaelic Speaking Ability




- **Chan urrainn dhomh Gàidhlig a bhruidhinn fhathast.**
I do not yet speak any Gaelic.
- **'S urrainn dhomh fàilte shìmplidh a chur air daoine ann an Gàidhlig.**
I can exchange simple greetings in Gaelic.
- **'S urrainn dhomh còmhradh sìmplidh a chumail ann an Gàidhlig mu dheidhinn chuspairean àbhaisteach ma chleachdas mi beagan fhaclan Beurla an siud agus an seo.**
I can take part in basic conversations about every-day subjects if I fill in the gaps in my Gaelic with some English words.
- **'S urrainn dhomh còmhradh a chumail ann an Gàidhlig air cuspairean àbhaisteach ma ghabhas mi air mo shocair.**
I can take part in daily conversations on most subjects if I take my time.
- **'S urrainn dhomh còmhradh a chumail air cuspairean àbhaisteach aig astar àbhaisteach.**
I can comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers at normal speed.
- **B' urrainn dhomh bruidhinn gu cofhurtail ann an Gàidhlig ann an coinneamhan le fileantaich air cuspairean sònraichte ceangailte ri m' obair.**
I would be able to comfortably discuss specialised subjects connected to my work in meetings with fluent Gaelic speakers.

Figear 4.4 Comas-leughaidh Gàidhlig - Gaelic Reading Ability



Figear 4.5 Comas-sgrìobhaidh Gàidhlig - Gaelic Writing Ability



■ **Chan urrainn dhomh sgrìobhadh ann an Gàidhlig fhathast.**

I cannot yet write anything in Gaelic.

■ **'S urrainn dhomh fàilte shìmplidh a sgrìobhadh air nota no air cairt co-là-breith.**

I can write a simple greeting in a thankyou note or birthday card.

■ **'S urrainn dhomh beagan seantansan Gàidhlig a sgrìobhadh ann am post-d do charaid le cuideachadh bho fhaclair.**

I can write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary.

■ **'S urrainn dhomh litir fhada Ghàidhlig a sgrìobhadh do charaid le cuideachadh bho fhaclair.**

I can write an extended letter to a friend with the help of a dictionary.


■ **'S urrainn dhomh litreachan, aithisgean no puist-d a sgrìobhadh air mòran chuspairean àbhaisteach ann an Gàidhlig gun dragh.**

I can write about most every-day subjects without difficulty (letters, reports, emails).


■ **B' urrainn dhomh aithisg a sgrìobhadh ann an Gàidhlig air cuspairean àraid ceangailte ri m' obair gun dragh.**

I would be able to write a report in Gaelic on specialised subjects connected to my work without difficulty.


Figear 4.6 Bruidhnidh mi Gàidhlig ris a' phoball aghaidh-ri-aghaidh:
I speak Gaelic with the public in person:




Figear 4.7 Tòisichidh cuideigin bhon phoball còmhraidh Gàidhlig rium air a' fòn:
Members of the public initiate conversations on the phone in Gaelic:



Figear 4.8 Tòisichidh mi fhìn còmhradh Gàidhlig ri cuideigin bhon phoball air a' fòn:
I initiate conversations with members of the public on the phone in Gaelic:




Figear 4.9 Freagraidh mi cuideigin bhon phoball ann an Gàidhlig air a' fòn :
I reply to members of the public on the phone in Gaelic:




Figear 4.10 Gheibh mi post-d ann an Gàidhlig bhon phoball:

I receive written correspondence by email from members of the public in Gaelic:




Figear 4.11 Sgrìobhaidh mi puist-d chun a' phobail ann an Gàidhlig:
I write emails to members of the public in Gaelic:




Figear 4.12 Gheibh mi post ann an Gàidhlig bhon phoball:

I receive written correspondence through the post from members of the public in Gaelic:




Figear 4.13 Sgrìobhaidh mi chun a' phobaill tron phost ann an Gàidhlig:

I write to members of the public in Gaelic through the post:




**Figear 4.14 Bruidhnidh mi ann an Gàidhlig gu mì-fhoirmeil
ri luchd-obrach Oifis an Àrd-oifigeir:**

I speak Gaelic with other Chief Executive's Office staff informally at work:




**Figear 4.15 Cleachdaidh mi a' Ghàidhlig ann an coinneamhan
ri luchd-obrach Oifis an Àrd-oifigeir:**

I use Gaelic with other Chief Executive's Office staff at meetings:




Figear 4.16 Bruidhnidh mi ann an Gàidhlig gu mì-fhoirmeil ri luchd-obrach bho roinnean eile dhen Chomhairle:

I speak Gaelic with Comhairle staff from other departments informally at work:




**Figear 4.17 Cleachdaidh mi a' Ghàidhlig ann an coinneamhan ri luchd-obrach
bho roinnean eile dhen Chomhairle:**

I use Gaelic with Comhairle staff from other departments at meetings:




Figear 4.18 Bruidhnidh mi ann an Gàidhlig ris a' mhanaidsear agam:
I speak Gaelic with my manager:




Figear 4.19 Bruidhnidh mi ann an Gàidhlig ris an luchd-obrach a bhios mi a' manaidseachadh:

I speak Gaelic with employees I manage:




Figear 4.20 Sgrìobhaidh mi puist-d air taobh a-staigh na Comhairle ann an Gàidhlig:

I write internal emails in Gaelic:




Figear 4.21 Sgrìobhaidh mi meòrachan taobh a-staigh na Comhairle ann an Gàidhlig:

I write internal memos in Gaelic:




Figear 4.22 Sgrìobhaidh mi aithisg taobh a-staigh na Comhairle ann an Gàidhlig:

I write internal reports in Gaelic:




Figear 4.23 Ciamar a mhìnich sibh an ùidh agaibh ann an ionnsachadh na Gàidhlig?
How would you describe your current interest in learning Gaelic?




Figear 4.24 Mas miann leibh Gàidhlig ionnsachadh no ur cuid Gàidhlig a leasachadh, dè na cothroman-ionnsachaidh as fheumail dhuibh?

If you would like to learn Gaelic or improve your Gaelic, what training opportunities would be of most use to you?




Figear 4.25 Nan robh sibh ag ionnsachadh na Gàidhlig no ma tha sibh ga h-ionnsachadh, ciamar a tha sibh a' tighinn air adhart?

If you are learning Gaelic or have been learning Gaelic, how would you describe your progress?




Figear 4.26 Ma tha Gàidhlig agaibh, ciamar a tha am misneachd agaibh?
If you have Gaelic, how would you describe your current confidence?




Figear 4.27 Ma tha sibh ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh, dè na cothroman-ionnsachaidh as fhreagarraiche dhuibh?

If you would like to learn more Gaelic, what kind of training opportunities would be most appropriate for you?



Figear 4.28 A bheil am post no an dreuchd agad air a shònrachadh mar:
Is your current post classified as?



- Bha an luchd-obrach dhen bheachd gun robh an oifis na h-àite fosgailte do chleachdadh na Gàidhlig.

Tha na freagairtean dha na ceistean fosgailte gu sònraichte inntinneach agus làn fhiosrachaidh, agus ghabh mòran dhen luchd-obrach ris a' chothrom beachdachadh air leasachadh na Gàidhlig ann an obair na Comhairle. Thug deichnear iomradh air suidheachaidhean eadar-dhealaichte, oifigeil agus mì-fhoirmeil, far an robh iad soirbheachail ann an cleachdadh na Gàidhlig (Clàr-freagairt 1) agus cha do dh'ainmich ach ceathrar suidheachaidhean far an robh e na dhuilgheadas Gàidhlig a chleachdadh. (Clàr-freagairt 2) Mhìnich dithis gun do chuir luchd-obrach aon-chànanach anns a' Bheurla bacadh air a' Ghàidhlig aig amannan, agus fear/tè eile gun do chuir cion misneachd bacadh air/oirre fhèin. Bha ìre àrd de dh'aonta anns na freagairtean don cheist a-mach air pàtran de chleachdadh-cànain ann an diofar àiteachan anns a' Chomhairle (Clàr-freagairt 3), gun robh oifis Sgioba na Gàidhlig gu sònraichte taiceil do chleachdadh na Gàidhlig, agus cha do dh'aithris duine sam bith gun robh àite ann far nach robh e cofhurtail a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig (Clàr-freagairt 4).

- Bha eas-aonta air aithris air cleachdadh na Gàidhlig mi-fhoirmeil anns an oifis agus mi-thuigse air a h-aithris air Poileasaidh agus Plana Gàidhlig na Comhairle.

Bha cuid dhe na freagairtean a-mach air modh ann an suidheachadh dà-chànanach, no a-mach air gnàthan-cànain aig a' Chomhairle, agus 's ann air a' chuspair seo a chithear an uiread as motha de dh'eas-aonta am measg an luchd-obrach. Leughar freagairt a mholadh gnàthas-cànain Gàidhlig làidir, "*I do not understand why it would be 'uncomfortable' to use our native language in any situation. Use it with pride.*" (Clàr-freagairt 4) taobh ri freagairtean a mholadh gun robh cleachdadh na Gàidhlig mì-fhoirmeil "*excluding*" anns a' Chomhairle (Clàr-freagairt 4, 7). Leughar ann an Clàr-freagairt 5 agus 6 gun robh cuid dhen luchd-obrach dhen bheachd nach robh Plana agus Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle soilleir gu leòr, an dà chuid dhan luchd-obrach fhèin agus dhan phoball. Gu h-inntinneach, chuir cuid a' bharail an cèill gum bu chòir am Poileasaidh agus am Plana Gàidhlig nochdadh air làrach-lìn na Comhairle ann am Beurla cho math ris a' Ghàidhlig, ged a bha an dà sgrìobhainn rim faighinn air an làrach-lìn anns an dà chànan mar thà aig àm an rannsachaidh. Is cinnteach gur e seo an fhianais as fheàrr nach robh Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle idir soilleir do chuid dhen luchd-obrach.

- Bha eas-aonta air aithris air na dreuchdan a bhiodh air an sònrachadh mar 'Gàidhlig Riatanach.'

Chuireadh caochladh bheachdan an cèill air na dreuchdan aig a' Chomhairle a bha air an sònrachadh mar 'Gàidhlig Riatanach.' Bheachdaich triùir gum bu chòir barrachd phost a bhith air a sònrachadh mar Gàidhlig Riatanach anns an àm ri teachd (Clàr-freagairt 7), ach bheachdaich aon neach eile nach bu chòir (Clàr-freagairt 5, 6, 7), agus e/i an dùil gum biodh an sònrachadh mì-laghail a thaobh reachdan co-ionannachd, "*[I k]now there is a plan but some of the practical issues have to be subjected to an Equality Impact Assessment eg. the*

use of Gaelic essential in some areas may discriminate [...]" (Clàr-freagairt 5) Tha e coltach gum b' e adhbhar deasbaid a bh' anns a' cheist seo anns a' Chomhairle aig àm an rannsachaidh a chionn 's gun do fhreagair cuideigin an dearbh argamaid ann am fear dhe na beachdan aige/aice, "Frontline staff throughout the Comhairle should have Gaelic [...] This would probably be seen as discrimination, but if we are serious about keeping our language alive, we must strive to encourage people to value it." (Clàr-freagairt 7) Chuireadh ceist anns a' cheisteachan air sònrachadh nan dreuchdan agus rinn sinn coimeas eadar a' cheist seo agus a' cheist a-mach air comas-labhairt ann an Gàidhlig (Figear 28). Dh'aithris a h-uile neach-obrach ann an dreuchd Gàidhlig-riatanach gun robh iad aig an ìre a b' àirde de chomas-labhairt ann an Gàidhlig, ach dh'aithris a' chuid ann an dreuchdan Gàidhlig-air-iarraidh gun robh mòran diofar chomasan aca bho dhaoine os-chomasach air an darna làimh gu daoine gun Ghàidhlig sam bith air an làimh eile. Cuideachd, tha e inntinneach faicinn gun do dh'aithris mòran dhen luchd-obrach ann an dreuchdan nach robh air an sònrachadh mar Gàidhlig Riatanach no Gàidhlig air Iarraidh gun robh comasan Gàidhlig aca aig ìre no eile co-dhiù, agus thathar an dùil gum b' urrainn dhan Chomhairle na comasan Gàidhlig seo a chur gu feum ann an leudachadh sheirbheisean Gàidhlig anns an àm ri teachd agus leis an luchd-obrach a th' aca mar thà.

Clàr-freagairt 4.1

Ma tha Gàidhlig agaibh, càit an tèid agaibh air a cleachdadh na Gàidhlig aig ur n-obair? An innseadh sibh barrachd mu dheidhinn sin?

If you have Gaelic, in what sorts of situations have you been successful in using the language at work? Please describe.

Tha mi ag obair ann an Sgioba na Gàidhlig mar eadar-theangadair. Bidh mi a' cleachdadh na Gàidhlig fad an là, a h-uile là san oifis. Tha mi a' dèanamh eadar-theangachadh beò aig coinneamhan agus eadar-theangachadh sgrìobhte. [I work in Sgioba na Gàidhlig as a translator. I use Gaelic all day, every day in the office. I do live translation and written translations.]

Anns a h-uile meur dem obair-latha. [In every facet of my daily work.]

All situations, with clients, colleagues, media.

Taking minutes at meetings conducted in Gaelic.

Can greet people in Gaelic.

Le Comhairlichean agus le luchd-obrach ann an roinnean eile den Chomhairle, cuide ri aig coinneamhan na Comhairle. [With councillors and staff of other departments of the Comhairle, as well as at Comhairle meetings.]

Informally.

Communication with members. Communication in writing.

Contact with public whose preference is to use Gaelic.

Taobh a-staigh an oifis, le comhairlichean anns a' chanteen. Bruidhnidh mi Gàidhlig ris a h-uile neach aig a bheil a' chànan. Tha mi cuideachd ga bruidhinn ri buidhnean taobh a-muigh na Comhairle. [In the office and with councillors in the canteen. I speak Gaelic with everyone who has the language. I also use it with groups outside of the Comhairle.]

Dealing with difficult/annoyed members of the public/staff.

None.

Clàr-freagairt 4.2

Ma tha Gàidhlig agaibh, a bheil suidheachaidhean aig ur n-obair far nach tèid agaibh air a' Ghàidhlig a chleachdadh? An innseadh sibh barrachd mu dheidhinn sin?
If you have Gaelic, have there been situations where you have been frustrated in your attempts to use the language at work? Please describe.

No.

No.

I wouldn't use my poor Gaelic greetings if someone said something first to me as I don't think people would understand me.

Taobh a-staigh an sgioba agus an roinn agam fhìn oir chan eil a' Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid.
[Inside my own team and department because most don't have Gaelic.]

With Gaelic learners [unreadable word].

None.

Ma tha cuideigin nach eil a' chànan - feumaidh sinn an uair sin atharrachadh gu Beurla. [If someone doesn't have the language – we have to then switch to English.]

No.

Clàr-freagairt 4.3

A bheil àiteachan aig obair far a bheil e gu sònraichte cofhurtail do luchd-obrach agus don phoball a bith a' cleachdadh na Gàidhlig? Agus mìnichibh mas e ur toil e.

Are there spaces in our workplace that feel particularly "Gaelic friendly" to staff or the public? Please describe.

Sgioba na Gàidhlig

Most/all areas.

Reception.

Everywhere feels Gaelic-friendly. The chamber seems to be particularly Gaelic-friendly.

No.

Entire Comhairle is "Gaelic Friendly." Very large proportion of staff speak Gaelic day-to-day.

Ri Sgioba na Gàidhlig, a bharrachd air sin, chan eil. Aig coinneamhan comataidhean na Comhairle, tha a' Ghàidhlig air a' chleachdadh. [With Sgioba na Gàidhlig, but other than that, no. At meetings of Comhairle committees, Gaelic is used.]

Not that I am aware of.

Reception areas should be Gaelic friendly.

Unaware, aside from sgioba, of course.

Sgioba na Gàidhlig always speak Gaelic.

Yes, the Sgioba na Gàidhlig team.

Sgioba na Gàidhlig.

Chanainn gur an oifis againn fhìn as làidire taobh a-staigh. [I would say our own office is the strongest.]

Reception staff. Res. homes.

No.

Clàr-freagairt 4.4

A bheil àiteachan aig obair far am biodh e gu sònraichte mì-chofhurteil do luchd-obrach agus don phoball a bith a' cleachdadh na Gàidhlig? Mìnichibh mas e ur toil e.
Are there spaces in our workplace where it might be uncomfortable for staff or the public to use Gaelic? Please describe.

Chan eil. [No.]

No.

I don't think so, but not a Gaelic speaker, so might not have the same perspective.

I find it quite excluding when I'm in a room and people are laughing and conversing in Gaelic. This probably reduces my confidence in interacting with Gaelic speakers.

No.

No.

Chan eil - cho fad 's a tha fios agamsa. [No, as far as I can tell.]

Not that I am aware of.

Unaware.

No.

Ma tha, chan eil eòlas sam bith agam air na àitean sin. [If there are, I am not aware of them.]

I do not understand why it would be "uncomfortable" to use our native language in any situation. Use it with pride.

No.

Clàr-freagairt 4.5

A bheil fios agaibh gu bheil plana Gàidhlig aig Comhairle nan Eilean Siar agus a bheil na dleastanasan agaibh a thaobh a' phlana soilleir dhuibh? Mìnichibh mas e ur toil e.
Are you aware that Comhairle nan Eilean Siar has a Gaelic language plan and are your responsibilities regarding our plan clear to you? Please explain.

Tha mi uabhasach eòlach air. [I am very familiar with it.]

Aware of the plan but not my responsibilities.

Aware but not of the responsibilities.

Yes, aware of plan. Not aware of my responsibilities.

No.

No, I didn't know there was a plan and I certainly didn't know I had responsibilities!

I am aware of the plan but I am unsure of my responsibilities regarding the plan.

Yes/No

I am aware that CNES have a Gaelic language plan.

Aware of the plan's existence but not the responsibilities.

Tha feum air na dleastanasan a dhèanamh nas fhollaisiche ge-tà. [Responsibilities need to be made clearer.]

I am aware that there is a plan but not of any responsibilities which it gives me personally.

Know there is a plan but some of the practical issues have to be subjected to an Equality Impact Assessment eg. the use of Gaelic essential in some areas may discriminate against the incoming [?]akers.

Aware that there is a plan - unaware of own responsibilities - only version I've seen is in Gaelic and way above my abilities to read!

No.

Yes.

Yes.

No.

Yes, via internet.

Tha. Chanainn gu bheil feum air beagan soilleireachadh a thoirt seachad air na dleastanasan a tha air gach roinn - feumaidh seo a thighinn bho na Ceannardan. [Yes. I would say that there is the need for some clarification on the different responsibilities in each department – this would have to come from the department heads.]

Yes.

Clàr-freagairt 4.6

A bheil am poileasaidh-cànain againn soilleir dhan luchd-obrach agus dhan phoball agus am moladh sibh dad a dhèanamaid gus am poileasaidh a shoilleireachadh na b' fheàrr.

Do you feel that our language policy is clear to staff and the public, and can suggest anything that we might do to make our policy clearer?

Yes.

No, I don't think it is clear. Having English translation on intranet would help non-Gaelic speakers to understand your aims.

Make staff more aware of it.

Policy clear to staff; unsure if clear to the public.

Yes.

I didn't know there was a language policy. Incorporate it into the induction process if it is for the public - notices that share the bullet points.

No.

Policy is very clear to me. Gaelic is very much encouraged. Using more English may make it clearer to non-Gaelic speakers.

Tha e soilleir gu h-ìre. Cha dèan càil poileasaidh nas soilleire dhen phoball ach a bhith ga chur an gnìomh! [It is clear to a degree. Nothing would make the policy clearer to the public than putting it into practice!]

As a member of staff, I am not clear as to the detail of the policy. Emails/press promotion could be used.

The image of Gaelic is linked to the use of Gaelic at committees which is not perhaps an encouraging example to persuade employees to use it in a day to day 'normal' setting.

Again, any version I can see, on Comhairle website, is entirely written in Gaelic, no translation. Catch-22!

None, quite adequate.

Yes.

Tha e soilleir gu h-ìre. Tha e na dhùbhlain am plana a shoilleireachadh don phoball. [It is clear to a degree. It is a challenge to make the plan clear to the public.]

Yes.

No opinion.

Clàr-freagairt 4.7

Am b' urrainn dhuibh moladh sam bith a dhèanamh air rud sam bith a dhèanamaid gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh anns an obair againn?

Can you suggest anything else we might do to increase the use of Gaelic in our work?

I think encouraging non-Gaelic speakers to learn at work, as well as courses for those who wish to increase their technical knowledge. Gaelic used informally in the workplace can be quite excluding to non-Gaelic speaking staff members. This doesn't encourage a positive attitude towards the use of Gaelic in the workplace. Direction of the use of translation equipment in the chamber should be more visible. I sat through three meetings and had no idea translation equipment was available to the public.

Given how excluding it can be, I'm not sure this is such a good idea, especially informally. It's quite apparent that those that can speak it do.

No.

Not sure that is possible, due to the level of Gaelic already in place.

Gàidhlig a bhith riatanach ann am barrachd de dhreuchdan. Buannachd a bhith ann dha luchd-obrach a' Ghàidhlig ionnsachadh agus cothroman taobh a-staigh na h-obrach a cleachdadh.

[Gaelic should be essential in more posts. It should be rewarded for learning Gaelic and given opportunities to use it in their work.]

Recognise the skills in Gaelic speakers and encourage Gaelic speakers to speak Gaelic to non-Gaelic speakers/learners.

Do not link the use of Gaelic with committees and gaining promoted posts.

More Ùlpan courses.


Encouraging people to speak the language by insisting the chamber implements it from the Convener down. Make it a requirement in job descriptions.

Barrachd cothroman an cànan a chleachdadh nad obair làitheil. [More opportunities to use Gaelic in your daily work.]

Certainly in the res. homes Gaelic should be mandatory. The elderly are more comfortable speaking in their first language. Frontline staff throughout the Comhairle should have Gaelic - it should be stated in the advert. This would probably be seen as discrimination, but if we are serious about keeping our language alive, we must strive to encourage people to value it.

No.

Figear 29: Sònrachadh nan Dreuchdan an aghaidh Comas-labhairt Gàidhlig



4.4. Deasbad

- Is fhèarr gun tèid in-sgrùdadh cànanaich a thuigsinn mar chothrom air soilleireachadh ideòlach ann am buidheann cho math ri tùs dàta.

Bidh an èifeachd as motha ann an in-sgrùdadh cànanaich ma thuigeas sinn ann an dà dhòigh eadar-dhealaichte e: mar thùs dàta air an dàrna làimh agus mar shoilleireachadh ideòlach air an làimh eile. 'S e inneal-tomhais a th' ann an in-sgrùdadh cànanaich gu cinnteach, ach tha sinn a' moladh gun cuir e ri èifeachd an in-sgrùdadh chànanaich ma thuigeas sinn gur e conaltradh a th' ann cuideachd; conaltradh eadar am fastaiche agus a luchd-obrach mu dheidhinn cudromachd dà-chànanaich agus luach na Gàidhlig ann an obair na buidhne aca. Ma thèid in-sgrùdadh cànanaich a sgrìobhadh agus a chur an gnìomh gu faiceallach, thathar an dòchas gun cuir e ris an t-soilleireachadh ideòlach anns a' bhuidhinn (Fishman 2001: 451-460, Dauenhauer agus Dauenhauer 1998: 62-3) agus a' bhuidheann a' gluasad air falbh bho chultar-obrach aon-chànanaich (McLeod 2006: 31) agus a dh'ionnsaidh cultar-obrach ioma-chànanaich, gun tog an t-in-sgrùdadh cànanaich aire agus spèis dhan Ghàidhlig am measg an luchd-obrach agus nach adhbhraich e droch rùn no mì-thuigse.

Tha seo a' ciallachadh, anns a' chiad dol-a-mach, gun tagh sinn cainnt a' cheisteachain gu faiceallach, gun sgrìobh sinn gach ceist le sùil air na dàta a tha sinn ag iarraidh trusadh, ach cuideachd, le sùil air a' bhuidhinn a bheir na ceistean air an luchd-obrach a bhios gam freagairt. 'S teacsa a th' anns a' cheisteachan a nì taisbeanadh air an dòigh a thuigeas am fastaiche ròl na Beurla agus ròl na Gàidhlig ann an obair na buidhne agus teacsa a shoilleiricheas poileasaidh-cànain na buidhne dhan luchd-obrach. Agus cuideachd, 's e teacsa a th' ann an ceisteachan mar seo a bheir air luchd-obrach cnuasachadh, cnuasachadh air an dòigh a chleachdas iad fhèin na cànanaich aca aig obair, cnuasachadh air na feumalachdan-ionnsachaidh aca agus cnuasachadh air na dleastanasan a th' orra a thaobh poileasaidh-cànain na buidhne. Mar aon eisimpleir bhon in-sgrùdadh seo, chuir sinn ceist a bha a-mach air mothachadh an luchd-obrach air Plana Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2007-2012 agus i a' faighneachd, "A bheil fios agaibh gu bheil plana Gàidhlig aig Comhairle nan Eilean Siar agus a bheil na dleastanasan agaibh a thaobh a' phlana soilleir dhuibh?" (Eàrr-ràdh 7.7.1) Sheall freagairtean na ceist seo gu bheil mì-chinnt am measg cuid dhen luchd-obrach mu bhrìgh a' Phlana Ghàidhlig, ach cuideachd, chuir seachdnar an cèill nach robh iad cinnteach dè na dleastanasan a bh' orra a thaobh a' phoileasaidh, "[...] *I didn't know there was a [Gaelic] plan and I certainly didn't know I had responsibilities!*" (Liosta 5). Mholamaid gu bheil an soilleireachadh a rinn a' cheist seo (gu bheil plana ann agus gu bheil e a' cur dleastanasan air an luchd-obrach) a cheart cho cudromach ris na dàta a chaidh a thrusadh leis a' cheist.

Ann an còmhraidhean ri Katherine MacKinnon, Ceannard Ghoireasan Daonna aig a' Chomhairle, agus ise a' beachdachadh air an dàta a thàinig às an in-sgrùdadh, chaidh a mholadh gum biodh seòrsa ceist eadar-dhealaichte feumail, ceistean mu chleachdadh na Gàidhlig a dh'fhaodadh tachairt le barrachd ionnsachadh, m.e.: "Nam biodh Gàidhlig agaibh, ciamar a chleachdadh sibh nur h-obair i, no ciamar a bhiodh i feumail dhuibh?" Bha i dhen bheachd gum biodh ceistean dhen leithid seo feumail ann am measadh na dedìn no a' mhiann aig a' chuid gun Ghàidhlig ann a bhith ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig anns an àm ri teachd, agus nach robh na ceistean a-mach air cleachdadh-cànain an-dràsta cho

feumail anns an t-seagh sin a chionn 's gun do fhreagair a' mhòr-chuid "*never*" dha na ceistean-cleachdaidh seo agus chan eil cus fiosrachaidh ann am mòran fhreagairtean àicheil. Thathar an dùil gu bheil i ceart agus gun tigeadh dàta feumail a cheistean coltach ri seo, ach cuideachd, tha na beachdan aig Katherine MacKinnon inntinneach a chionn 's gum b' urrainn dhuinn na ceistean a mhol i a thuigsinn mar dhòigh eile a bhith a' brosnachadh dhaoine agus a' soilleireachadh luach na Gàidhlig anns an àite-obrach. Ann a bhith a' cur cheistean air luchd-obrach a bhiodh a' faighneachd ciamar a chleachdadh iad a' Ghàidhlig nam biodh i aca, thathar a' toirt air an luchd-obrach a bhith a' smaoinichadh orra fhèin mar luchd-labhairt na Gàidhlig ri teachd an àite mar dhaoine gun Ghàidhlig an-dràsta.

- Ann am buidheann bheag (nas lugha na beagan cheudan), is fhèarr gun dèanar cunntas slàn dhen bhuidhinn seach sampall.

Tha sinn a' moladh gun tèid an ceisteachan a lìonadh leis an luchd-obrach air fad ann am buidheann no ann an roinn, gun tèid a chleachdadh gus cunntas slàn a thogail seach sampall staitistigeach. Nuair a rinn sinn cùl-rannsachadh air in-sgrùdaidhean cànanach eile, nochd eisimpleirean far an deach luchd-obrach a bhrosnachadh gus ceisteachan a lìonadh gu saor-thoileach, agus mar a bhite an dùil, bha an ìre de ghabhail-pàirt gu math ìosal. Bhiodh e doirbh toraidhean bho in-sgrùdadh cànanach saor-thoileach a mheasadh, agus cuid bheag dhen luchd-obrach a' gabhail pàirt ann. Bhiodh e glè choltach gum biodh meud an t-sampaill ro bheag agus nach biodh an dealbh a rachadh togail brìgheil gu staitistigeach, agus bhiodh an t-amharas ann gum biodh an sampall air a chlaonadh le fèin-taghadh a rèir feart air choireigin, m.e. gum b' e a' chuid a bu mhotha a ghabhadh pàirt anns an in-sgrùdadh a' chuid aig an robh na beachdan a bu treasa mun Ghàidhlig (math no dona), agus nach gabhadh a' chuid choma-co-dhiù pàirt anns an in-sgrùdadh chun na h-aon ìre. Tha an t-eòlas againn bhon in-sgrùdadh seo a' cur ris a' bheachd sin, agus ged a bha sinn gu math toilichte leis an uiread de dhaoine a thill an ceisteachan thugainn gu saor-thoileach, fhathast, 's e àireamh ro bheag a bh' ann a bhith a' dèanamh mòran sgrùdadh staitistigeach, agus bha cuid mhòr ann (25) nach do thill an ceisteachan, agus mar sin, thog sinn dealbh neo-choileanta agus feumaidh sinn a bhith faiceallach mu na co-dhùnaidhean a nì sinn bho na dàta seo.

- Is fhèarr gun tèid in-sgrùdadh cànanach fhisge a-steach dhan mheasadh-obrach bhliadhnail aig an luchd-obrach ann am buidheann.

Cuideachd, tha amharas oirnn mun teachdaireachd a rachadh sgaoileadh le in-sgrùdadh saor-thoileach. Mar a mhìnichheadh gu h-àrd, 's e conaltradh a th' ann an in-sgrùdadh cànanach, a bharrachd air tùs-dàta. Agus tha luchd-obrach glic. Tuigidh iad, ma tha obair air choireigin cudromach do ghnìomhachas no do bhuidheann, bidh e deatamach dhan cuid luchd-obrach. Mur eil an t-in-sgrùdadh ga chur an gnìomh mar riatanas-obrach, bhite fo amharas gun tuigeadh an luchd-obrach nach robh mòran suim aig an luchd-fastaidh aca anns a' ghnòthach, agus às a sin, nach robh mòran spèis aig a' bhuidhinn dhan Ghàidhlig agus do dh'iomachànanachas anns an fharsaingeachd. Anns an ro-fheuchainn a rinn sinn air a' cheisteachan, lorg sinn gun do chosg neach-freagairt mu 15 mionaidean ga lìonadh, agus mar sin, thathar an dòchas nach biodh e a' cur cus uallaich air buidheann ceisteachan dhen fhaide seo a chur an gnìomh gach bliadhna mar riatanas dhan luchd-obrach. Nan rachadh in-sgrùdadh cànanach fhisge a-steach dhan mheasadh-obrach bhliadhnail aig bhuidheann, bhiodh e a' togail dàta-

leantainneach a bhiodh feumail ann an dealbhadh-cànain anns a' bhuidhinn agus bhiodh e a' daingneachadh cudromach na Gàidhlig ann an obair na buidhne leis a bhith ga àbhaisteachadh ann an cultar-obrach na buidhne. Nan rachadh in-sgrùdadh cànanach na phàirt dhen mheasadh bhliadhnail, b' urrainn do bhuidheann na feumalachdan-ionnsachaidh sònraichte aig gach diofar neach-obrach aithneachadh agus an stiùireadh do ghoireasan-ionnsachaidh freagarrach.

Ann an còmhradh ri Alasdair MacLeòid, Oifigear Leasachaidh Poileasaidh air Sgioba na Gàidhlig, chaidh moladh dhuinn gu bheil buannachd ann an in-sgrùdadh gun urra, gum biodh an luchd-obrach a' faireachdainn na bu shaora na beachdan aca a chur an cèill anns na ceistean fosgailte mar sin. Tha am moladh aig Mr. MacLeòid a' sealltainn cho iomath-obhach 's a tha an gnìomh seo, agus nach eil aon dòigh cheart ann in-sgrùdadh cànanach a dhèanamh, ach gur e ceist mu dheidhinn freagarrachd a th' ann: ciamar a tha gnìomh an in-sgrùdaidh a' freagairt air leasachadh-cànain anns a' bhuidhinn aig diofar ìrean. Bhiodh trusadh dàta bunaiteach agus beachdan an luchd-obrach na chiad ceum ann an dealbhadh poileasaidh-cànain do bhuidheann gu cinnteach, agus mar sin, is coltach gum biodh in-sgrùdadh cuingichte agus gun urra freagarrach aig an ìre sin, ach an uair sin, mholamaid gum bite ag iarraidh luchd-obrach sònraichte agus cothroman-ionnsachaidh freagarrach a cheangal ri chèile, agus dàta leantainneach air leasachaidhean ann am buannachadh-cànain agus ann an cleachdadh-cànain a thogail. Cha ghabh na dàta mionaideach sònraichte seo a thrusadh le in-sgrùdadh saor-thoileach gun urra. Ach aig a' cheart uair, tha am moladh aig Mr. MacLeòid a' fosgladh deagh cheist: ann an corra shuidheachadh, am biodh in-sgrùdadh freagarrach ag ciallachadh gun cuirte dà cheisteachan an sàs, fear a rachadh sgaoileadh tro mheasaidhean bliadhnail, agus fear eile airson trusadh nam beachdan aig an luchd-obrach gun urra? Ged a tha sinn a' moladh cumadh agus gnìomh sònraichte dhan in-sgrùdadh cànanach anns an aithisg seo, is fhiach e cuimhneachadh gum bi suidheachadh gach buidheann eadar-dhealaichte agus feumar na molaidhean againn a mheasadh a rèir feumalachdan na buidhne fo cheist.

4.5. Molaidhean

1. Gun tèid in-sgrùdaidhean cànanach a thuigsinn mar chothrom air soilleireachadh ideòlach ann am buidheann cho math ri tùs dàta, agus gun tèid an sgrìobhadh agus an cur an gnìomh fo iùl na tuigse sin.
2. Gun tèid ceistean fèin-mheasaidh a-mach air comas-cànain a sgrìobhadh mar cheistean soilleir deimhinn ann an cruth, *can-do*.
3. Gun tèid ceistean fèin-mheasaidh a-mach air cleachdadh-cànain a sgrìobhadh le taghadh de fhreagairtean a shònraicheas diofar ìrean deimhinn de thricead, m.e.: *never, yearly, monthly, daily, hourly*.
4. Gur ann as fheàrr ma bhios an t-in-sgrùdadh cànanach na chunntas slàn dhen luchd-obrach ann am buidheann no ann an roinn seach sampall.
5. Gur ann as fheàrr ma bhios gabhail pàirt anns an in-sgrùdadh na riatanas-obrach seach obair shaor-thoileach.

6. Gur ann as fheàrr gun tèid in-sgrùdaidhean cànanach a chumail aig amannan cunbhalach, a' togail dàta leantainneach agus a' daingneachadh cudromach na Gàidhlig ann an obair na buidhne mar sin.
7. Gur ann as fheàrr gun tèid in-sgrùdaidhean cànanach fhighhe a-steach do chlàr-ama nam measaidhean bliadhnaile aig luchd-obrach, gam àbhaisteachadh ann an cultar-obrach na buidhne agus a' daingneachadh cudromach na Gàidhlig ann an obair na buidhne mar sin.

4.6. Tùsain

- The Association of Language Testers in Europe (2002) *The ALTE Can Do Project*. [Faighte air loidhne, 29-10-2009, www.alte.org].
- Antia, Bassey E. agus Fankep D. A. Bertin, Fankep D. A. (2004) "Multilingualism and healthcare in Nigeria: A management perspective." *Communication & Medicine* 1(2), tdd. 107–117.
- Bachman, Lyle F. agus Palmer, Adrian S. (1989) "The construct validation of self-ratings of communicative language ability." *Language Testing* 6(1), tdd. 14-29.
- Bòrd na Gàidhlig (2007) *Sìùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*, [Faighte air loidhne, 22-10-2009, www.bord-na-gaidhlig.org.uk].
- Bwrdd Yr Iaith Gymraeg (1996) *Welsh Language Schemes; Their preparation and approval in accordance with the Welsh Language Act 1993*, [Faighte air loidhne, 5-11-2009, www.byig-wlb.org.uk].
- Bwrdd Yr Iaith Gymraeg (2001) *Welsh Language Training in the Workplace Guidelines*. [Faighte air loidhne, 22-10-2009, www.byig-wlb.org.uk].
- Bwrdd Yr Iaith Gymraeg (2009) *Guidelines for organising Welsh language training in the workplace*. [Faighte air loidhne, 30-10-2009, wales.gov.uk].
- Bwrdd Yr Iaith Gymraeg agus Cyngor Gweithredu Gwirfoddol Cymru (2008) *As good as our words: Good practice guidelines for developing the use of Welsh language in the voluntary sector*. [Faighte air loidhne, 22-10-2009, www.byig-wlb.org.uk].
- Comhairle na Roinn-Eòrpa (2001) *The Common European Framework of Reference for Languages, Learning, Teaching, Assessment*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Dauenhauer, Nora Marks agus Dauenhauer, Richard (1998) "Technical, emotional, and ideological issues in reversing language shift: examples from Southeast Alaska." Ann an: Lenore A. Grenoble agus Lindsay J. Whaley (deas.), *Endangered Languages, Current issues and future prospect.*, Cambridge: Cambridge University Press, tdd. 57-98.
- Fishman, Joshua A. (2001) "From Theory to Practice (and Vice Versa): Review, Reconsideration and Reiteration." Ann an: Joshua A. Fishman (deas.), *Can Threatened Languages Be Saved?* Clevedon: Multilingual Matters Ltd., tdd. 451-483.
- Greensmith, Catherine (1994) *Setting the Standards: The Importance of the Language Audit. 13th Annual Conference on Languages and Communication for World business and Professions*. [Faighte air loidhne, 19-8-2009, eric.ed.gov].
- Heilenman, L. Kathy (1990) "Self-assessment of second language ability: the role of response effects." *Language Testing* 7(2), tdd. 174-201.
- Huhta, Marhatta (2002) *Tools for Planning Language Training*. Strasbourg: Council of Europe Language Policy Division.
- MacIntyre, Peter D., Noels, Kimberly A. agus Clement, Richard (1997) "Biases in Self-Ratings of Second Language Proficiency: The Role of Language Anxiety." *Language Learning* 47(2), tdd.265 287.
- McLeod, Wilson (2006) "Securing the Status of Gaelic? Implementing the Gaelic Language (Scotland) Act 2005." *Scottish Affairs* 57, tdd. 19-38.

Plana Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2007-2012 [faighte air loidhne, www.cne-siar.gov.uk, 25-2-2010].

Reeves, Nigel agus Wright, Colin (1996) *Linguistic Auditing: Guide to Identifying Foreign Language Communication Needs in Corporations*. Clevedon: Multilingual Matters.

Shotlekov, Ivan, Ivanova, Vanya agus Koster, Cor (2003) Language Auditing: self-assessment in five countries. *12th Bulgarian English Teachers Association Annual Meeting*. [Faighte air loidhne, 22-10-2009, www.beta-iatefl.org].

Yoshizawa, Kiyomi (2009) "To what extent can self-assessment of language skills predict language proficiency of EFL learners in school context in Japan?" *The Journal of Foreign Language Education and Research* 17, tdd. 65-82.

Pàipearan-Taice (ri fhaighinn bho td. 322)

5.6: In-sgrùdadh Cànanach Comhairle nan Eilean Siar (Gàidhlig)

5.7: In--sgrùdadh Cànanach Comhairle nan Eilean Siar (Beurla)

5.8: Cumadh an In-sgrùdaidh Chànanaich (Gàidhlig)

5.9: Cumadh an In-sgrùdaidh Chànanaich (Beurla)

5.10: Liosta briathrachais

5. Pàipearan-Taic

5.1: Common European Framework of Reference for Languages: Learning, teaching, assessment

5.2: Self-assessment checklists from the Swiss version of the European Language Portfolio

5.3: Minority Languages Skills Scale

5.4: English translation of Summary: Language Attitudes and Abilities: Shawbost

5.5: Na Trì Ceisteachain Coimhearsnachd

5.6: In-sgrùdadh Cànanach Comhairle nan Eilean Siar (Gàidhlig)

5.7: In--sgrùdadh Cànanach Comhairle nan Eilean Siar (Beurla)

5.8: Cumadh an In-sgrùdaidh Chànanaich (Gàidhlig)

5.9: Cumadh an In-sgrùdaidh Chànanaich (Beurla)

5.10: Liosta briathrachais

**5.1 Common European Framework of Reference for Languages
(CEFR Scales)**



***Common European Framework
of Reference for Languages:
Learning, teaching, assessment***

Structured overview of all CEFR scales

© The copyright of the descriptive scales and the illustrative scales (in all languages) reproduced in this document belongs to the Council of Europe. Publishers should ask permission prior to using these instruments, and they must mention the copyright.

Table of contents

1 Common Reference Levels

1.1 Global scale	5
1.2 Self-assessment grid	6
1.3 Qualitative aspects of spoken language use	7

2 Illustrative scales

2.1 Communicative Activities:

Reception	Spoken	Overall Listening Comprehension	8
		Understanding Interaction between Native Speakers.	8
		Listening as a Member of a Live Audience	9
		Listening to Announcements & Instructions	9
		Listening to Radio & Audio Recordings	9
